

Blair 132.

1/6



FICHEAD SEARMOIN TAGHTA,
A SHEARMOINICHEADH
LE
SEIRBHEISEACH URRAMACH AGUS DILEAS IOSA CRIOSD,

MR EOIN UELSH,

'BHA AON UAIR NA MHNISTEAR AN T-SOISGEIL ANN AN EITHIR,

BIS AN BHEIL A'B AN CUIR,

DA SHEARMOIN TAGHTA AIR LETH EILE.

AN TREAS PAIRT.

EADAR-THEANGAICHTE GU GAELIC,

LE

DAIBHIDH MUNRO,

MAIGHSTIR SGOILE BO'N CHEIDEACHD URRAMACH A' TA ANN
AN DUNEIDIN, A THA CUMAIL SUAS SGOILEAN GAELIC AIR FEADE GAELTACHD
AGUS EILEANA' NA H-AIBA.

—00—000—00—

Tha a Cheud Da Phairt de Shearmoinean Mhr. Eoin Uelsh, air an
Clòdh-bhualadh a cheana, agus ri'n Reic leis an Eadar-Theang'ear, &c.

INVERNESS:

PRINTED FOR THE TRANSLATOR, AND SOLD BY BOOKSELLERS
IN INVERNESS, TAIN, DINGWALL, THURSO,
STORNOWAY, &c. &c.

MDCCCXLVI.

INVERNESS:
PRINTED BY DUNCAN DAVIDSON,
CASTLE STREET

CLAR-INNSIDH AN TREAS PAIRT DO
SHEARMOINEAN MHR. EOIN UELSH.

SEARMON XXIX.

Mata xxvi. 40.—“ Agus thainig e chum na'n deisciobuil,
agus fhuair e 'nan codal iad.” 3

SEARMON XXX.

2 Cor. v. 14, 15.—“ Oir a ta gradh Chrìosd 'gar co-
eigneachadh, air dhuinne breithneachadh mar so, ma
fhuair a h-aon bàs air son na'n uile, gu'n robh na h-uile
marbh: Agus gu'n d'fhuair e bàs air son na'n uile,
chum iad-san a ta beò, nach biodh iad a so suas beò
dhoibh fein, ach dha-san a dh'fhuiling am bàs air an
son, agus a dh'eirich a ris.” 9

SEARMON XXXI.

Ecsod. xx. 4, 5, 6.—“ Na dean dhuit fein dealbh
snaidhte, no coslas sam bith a dh'aon ni, a ta 'sna
neamhaibh shuas, no air an talamh shios, no 'sna
h-uisgeachaibh fuidh an talamh,” &c. 18

SEARMON XXXII.

Ecsod. xx. 4, 5, 6.—“ Na dean dhuit fein dealbh
snaidhte, no coslas sam bith a dh'aon ni a ta 'sna
neamhaibh shuas, no air an talamh shios, &c. }
Deut. xii. 18. } 27

SEARMON XXXIII.

Lucas i. 74, 75.—“ Gu'n tugadh e dhuinn, air dhuinn a
bhi air ar saoradh o lamh ar naimhde, gu'n deanamaid
seirbhis dha as eugmhais eagail, ann an naombachd
agus ann am fireantachd 'na lathair fein, uile laithean
ar beatha.” 33

SEARMON XXXIV.

Lucas i. 74, 75.—‘ Gu’n tugadh e dhuinn, air dhuinn a bli air ar saoradh o lamh ar naimhde, gu’n deanamaid seirbhis dha as eugmhais eagail,’ &c. - 46

SEARMON XXXV.

Lucas i. 74, 75, &c. 54

SEARMON XXXVI.

2 Corint. iv. 3, 4.—“ Ach ma tha ar soisgeil-ne fol-aichte is ann dhoibh-san a ta caillte a tha e fol-aichte ; Anns an do dhall dia ant-saoghail so inntinn na dream nach ’eil ’nan creidmhidh, air eagal gu’n dealraicheadh orra solus soisgeil glormhoir Chrìosd, neach a’s e iomhaidh Dhe.” 60

SEARMON XXXVII.

1 Thes. ii. 18.—“ Uime sin bu mhiann leinn teachd do ’ur n-ionnsuidh, (eadhon leamsa Pòl) uair no dha ; ach bhac satan sinn.” 68

SEARMON XXXVIII.

1 Pead. ii. 9.—“ Ach is ginealach taghta sibh-se, sag-artachd rioghail, cinneach naomh, sluagh sònruichte ; chum gu’n cuireadh sibh an céill, feartan an ti a ghairm a dorchadas sibh chum a sholuis iongantaich fein.” 75

SEARMON XXXIX.

Eoin x. 27, 28.—“ Tha mo chaoraich-sa ag eisdeachd ri m’ ghuth, agus is aithne dhomb iad, agus leanaidh iad mi : Agus bheir mi a bheatha mhaireannach dhoibh ; agus cha sgriosar iad am feasd, ni mò a spionas neach air bith as mo laimh iad.” 85

SEARMON XL.

Eoin v. 24, agus vi. 39.—“ Gu deimhin deimhin a ta mi ag radh ribh, An ti a dh’eisdeas ri m’ fhocal-sa, agus a ta creidsinn anns an ti a chuir uaith mi, tha a bheatha mhaireannach aige, agus cha tig e chum dit-

idh ; ach chaidh e thairis o bhas gu beatha. vi. 39. Agus is i so toil an Athair a chuir uaith mi, nach caillinn a bheag sam bith do na h-uile a thug e dhomh, ach gu'n togainn suas e a rìs air an la dheireannach." 90

SEARMON XLI.

Isa. xlii. 3.—“ A' chuile bhrùite cha bhris e, agus an lion d'am bheil an caol smùid cha mhùch e.” 96

SEARMON XLII.

Eoin iii. 16, 17.—“ Oir is ann mar sin a ghradhaich Dia an saoghal, gu'n d'thug e aon ghin Mhic fein, chum a's ge b'e neach a chreideas ann, nach sgriosar e, ach gu'm bi a bheatha shiorruidh aige. Oir cha do chuir Dia a Mhac do'n t-saoghal chum gu'n dìteadh e an saoghal, ach a chum gu'm biodh an saoghal air a shaoradh trid-san.” 103

SEARMON XLIII.

Eoin iii. 16.—“ Oir is ann mar sin a ghradhaich Dia an saoghal gu'n d'thug e aon ghin Mhic fein, chum's ge b'e neach a chreideas ann nach sgriosar e, ach gu'm bi a bheatha shiorruidh aige.” 118

SEARMON XLIV.

Eoin iii. 17.—Oir cha do chuir Dia a Mhac do'n t-saoghal, chum gu'n dìteadh e an saoghal, ach a chum gu'm biodh an saoghal air a shoaradh trid-san.” 126

SEARMON XLV.

Eoin iii. 18.—“ An ti a chreideas ann cha dìtear e : ach an ti nach creid, tha e air a dhìteadh cheana, a chionn nach do chreid e 'an ainm aon ghin Mhic Dhe.” 136

SEARMON XLVI.

Philip. iii. 11, 12.—“ Dh'fheuchainn am feudainn air aon chor teachd a chum ais-eirigh na'm mairbh.” 144

SEARMON XLVII.

Rom. viii. 1, 2, 3, &c.—“ Air an aobhar sin cha'n 'eil a nis dìteadh sam bith do'n dream sin a tha ann an Iosa Crìosd, a tha gluasad cha'n ann a reir na feola, ach a reir an Spioraid. Oir shaor lagh Spioraid na beatha ann an Iosa Crìosd, mise o lagh a pheacaidh agus a bhàis. Oir an ni nach robh 'an comas do'n iagh a dheanamh, do bhrìgh gu'n robh e anmhunn tre'n fheoil, ag cuir a Mhic fein do Dhia, an coslas feola peacaich, agus na iobairt air son peacaidh, dhìt e am peacadh 'san fheoil,” &c. 149

SEARMON XLVIII.

Rom. viii. 1, 2, 3, 4, 18, 37, &c.—“ Air an aobhar sin cha'n 'eil a nis dìteadh sam bith do'n dream sin a tha ann an Iosa Crìosd, a tha gluasad cha'n ann do reir na feola ach do reir an Spioraid,” &c. 164

SEARMON XLIX.

Eoin xi. 56.—“ Cìod bhuir barail-sa ? an e nach d'thig e chum na feisd ?” 179

SEARMON L. LE MR EGIN WELWOOD.

1 Pead. iv. 18.—“ Agus ma's ann air éigin a thearnar am firean, c'ait an taisbean an duine mi-dhiadhaidh agus am peacach e fein ? 200

SEARMON LI.

Leis an Urramach RALPH ERSCINE, A.M., Ministear an t-Soisgeil a bh'ann an Dunfermline.

Secha. xiv. 7.—“ Ach tarlaidh air trà feasgair gu'm bi solus ann. 227

AIR IOMADH PUING DHIADHACHD.

SEARMOIN XXIX.

AIR IOMADH PUING DHIADHACHD.

MATA xxvi. 40. Agus thainig e chum na'n deisciobuil, agus fhuair e 'nar codal iad.

THA'N Tighearn ann an so anns a ghàradh, agus tha e fuidh fhalus fola, fuidh uallach trom fearg Dhia air son 'ar peacanna; agus uime sin tha e a' dol a dh'urnuigh a chum 's gu'm faigheadh e lasachadh le sin: ach 'nuair a thainig e dh'ionnsuidh a dheisciobuil, fhuair e na'n codal iad. Bha so na mhi-mhisneach mhoir dha; uime sin tha e a' cronachadh Pheadar air ainm, agus an deigh sin a' tabhairt àithne shònruichte do gach aon diubh, gu'n deanadh iad faire agus ùrnuigh mus tuiteadh iad ann am buaireadh; agus an deigh sin tha e 'toirt an t-aobhair, ag radh, "Tha'n spiorad toileach ach tha'n fheoil anbhunn." 'Nis a chum bhur cuir ann an cuimhne air na nithe sin a bha gu h-aithghearr air an teagasg dhuibh roimh so: 'se so iad, gur e an ni sonruichte bu chòir dhuibh a bhi agaibh air bhur n-aire, sàbhaladh agus a bheath bhith-bhuan: 'Se 'n doigh gu so fhaotainn dā rathad, tha aon diubh tre chreidimh, a' tabhairt ort greim a dheanamh air Mac Dhe, ann a bhi aig itheadh fheoil agus ag òl fhuil, agus a bhi deanamh feum deth a bhàs gus a pheacadh a mharbhadh annad, agus deth ais-eiridh a chum d' ath-bheothachadh agus do dhusgadh suas: an rathad eile le 'do ghiulain Criosduidh, agus do bheath naomb; oir "as eugmhais naomhachd cha'n fhaic a h-aon sam bith an Tighearn." Mar so feumaidh gach neach a chreideas am peacadh a thilgeadh uatha, feumaidh sibh oibre na dorchadais a thilgeadh uaibh, agus feumaidh sibh armachd an t-soluis a chuir umaibh; feumaidh sibh

teicheadh o'n olc, agus a' maith a dheanamh ; agus mar sin feumaidh sibh aithne fhaotainn air ciod e an t-olc, agus ciod e a ni 'ta maith. Mar sin feumaidh sibh 'ur cridh-eachan a bhi air an cuir an deadh ordugh, agus feumaidh umhlachd a bhi air a thabhairt do uile aitheantaibh Dhe. aig gach am, agus anns gach cuideachd ; feumaidh ionracas agus treibhdhireas cridhe a bhi ann an aoradh Dhe ; feumaidh dichìoll a bhi ann an obair Dhe, oir cha'n fhaigh an seirbhiseach leisg a bheag sam bith ; feumaidh buan-mhairegnachd a bhi ann gus a chrìoch, air-neo caillidh sibh bhur duais ; feumaidh macantas cridhe, agus irioslachd inntinn a bhi ann, air-neo cha'n urrainn sibh cuing Chriosd a ghabhail oirbh, ni mo a bhios i gu bràth taitneach agus furras dhuibh ; uime sin feumaidh meas a bhi agaibh air uile aitheantaibh Dhe ann a lagh fein.

Teagaisgidh a cheud àithn dhuibh Dia amhàin a bhi agaibh 'n'ur cridhe, agus gun a h-aon sam bith eile.

Teagaisgidh an dara àithn dhuibh meas a bhi agaibh air gach uile earrann de a dh'aoradh.

Teagaisgidh an treas àithn dhuibh cionnas a ghloraicheas sibh Dia 'n'ur n-uile shlighibh, agus a bheir sibh urram do 'ainm os-cionn gach ni eile fuidh neamh.

Teagaisgidh an ceathramh àithn dhuibh an t-sàbaid a choimhead naomh, agus a coisrigeadh mar là urramach do'n Tighearn, agus an la sin a chaitheadh gu h-ìomlan o mhaduinn gu feasgair ann an seirbhis Dhe.

Teagaisgidh an cuigeamh àithn dhuibh bhur dleasdanas doibh-san a tha ann an aird-inbhe agus ann an inbhe iosal, ciod an t-urram agus an t-umhlachd a tha dlìgheach do'n dara h-aon, agus ciod e an gràdh agus an cùram a bhuineas duibh a thoirt do'n aon eile.

Teagaisgidh an seathamh àithn dhuibh gach uileghamh-las agus fharmad a sheachnadh, gach uile strì agus chonnsachadh, agus o chron no bho mhurt do choimhearsnaich.

Teagaisgidh an seachdamh àithn dhuibh gach uile smuainte salach a sheachnadh, agus gach uile chomhradh neoghlain agus mi-mhodhail, agus teicheadh o gach uile ghne ana-miannaibh truailidh na feola.

Teagaisgidh an t-ochdamh àithn dhuibh a bhi air bhur faicill o shannt, agus o mheadhonaibh mi-laghail a chum bhur saobhreas fhaotainn, no 'ur teachd-an-tìr a chosnadh.

Toirmisgidh an naodhamh àithn dhuibh breugan a d'heanamh, no fianuis bhreug a thogail ann an aghaidh bhur coimhearsnaich.

Agus teagaisgidh an deicheamh àithn dhuibh a bhi air bhur faicill 'o dhroch smuain a smuaineachadh ann an aghaidh bhur coimhearsnaich.

'Nis b'iad an dá fhirinn mu dheireamh a chuala sibh. iad so.

Air tūs, feumaidh sibh a bhi beo tre chreideamh ; oir aithreachas, leasachadh beatha, a bhi beo gu fireanta, gu stuaime, agus gu h-ionraic, agus a bhi beo tre chreidimh is aon ni e : oir esan a tha beo tre chreidimh, tha e beo gu diadhaidh, gu stuaime, agus gu h-ionraic : esan a tha beo tre chreidimh, tha e 'deanamh aithreachas agus ag ath-leasachadh a bheath, do bhrìgh 's nach urrainn a h-aon na nithe so a dheanamh ach esan a tha beo tre chreidimh. 'Se Crìosd a dh'fheumas bhur cridhe a reubadh, agus bhur cridhe cloich a thoirt air falbh, agus cridhe feola 'thabhairt dhuibh ; 'se Crìosd a dh'fheumas 'ur cridhibh a dheanamh glan, agus 'se Crìosd a dh'fheumas a thoirt oirbh toraidh iomchuidh an ath-leasachaidh-beatha a ghiulain, agus cha'n urrainn sibh Crìosd a chumail ach tre chreidimh, uime sin cumaibh greim deth troimh chreidimh, oir cha'n 'eil lán-toileachadh air bhur son ach tre chreidimh.

B'e 'n ni fa'dheireamh bhur caith-beatha Chrìosduidh. an ni a tha tabhairt mòr ghloir do Dhia ; oir tha esan air onaireachadh 'nuair a dhealraicheas bhur solus am fianuis dhaoine, agus 'nuair a ghloiricheas iadsan Dia air son bhur deadh oibre, do bhrìgh 's gu'm bheil iad a' faicsinn Iosa sgrìobhta air bhur cridheachan, agus iomhaidh Dhe air a tharruing air bhur n-anama, agus mar sin tha ainm Dhe air a labhairt gu maith uime ; ach ann an aghaidh sin, thus a tha beo gu h-ain-diadhaidh agus gu h-eas-ionraic, tha thus a' toirt toibheum do ainm Dhe, agus tha thu ceusadh a rìs an Tighearn Iosa, ma dh'aidich thu aon uair an creidimh-crìosduidh, agus tha thu a' meas na fola sin a bha comasach air do ghlanadh o do pheacanna, na ni mi-naomh ! Uime sin bu chòir duibh deadh aire a thabhairt duibh fein cia mar a chaitheas sibh uile laithibh bhur beatha Chrìosduidh ; oir feumaidh cunntas a bhi air a dheanamh agus air a thabhairt a steach, air son uile thiom 'ur beatha, cionnas a bha e air a chaith-

eamh ann an seirbhis agus ann an aoradh Dhe. 'Nis, 'siad so na nithe a chuala sibh.

'Nis, na nithe a tha ri bhi air an labhairt, thug Dia dhuit iad na fhocal, a chum do neartachadh agus do mhisneachadh a chum a bhi beò a leithid do bheatha naomh agus Chriosduidh, air doigh 's ma ghnathaicheas tu iad, gu'm feud thu a bhi beò gu diadhaidh agus gu sona an so, agus do chrìoch a bhi glormhoir agus a bheatha shiorruidh fhaotuinn an deigh so.

'San dara h-àite, Tha mi gu innseadh dhuibh, air mhodh shònruichte, cionnus bu chòir dhuibh na h-uile là a chleachdamb, air doigh agus 'nuair a thig an oidhche, gu'm feud thu a radh, Thighearn, cha bhi eagal orm ge do thigeadh tu anns na neulaibh mu'n tig a mhaduinn; agus 'nuair a dh'eireas tu sa mhaduinn, gu'm feud thu a ràdh, A Thighearn, cha'n'eil 'eagal orm ge do thigeadh tu anns na neulaibh mu'n tig an oidhch, oir tha mise ullamh; oir tha so feumail air'ur son, aithne a bhi agaibh cionnus bu chòir dhuibh a bhi ag imeachd ann am fianuis Dhé, agus an rathad gu a thoileachadh anns gach nì; tha e feumail, tha mi ag radh riutsa, a bhlais air milseachd agus air maitheas Dhé, agus air aoibhneas na'm flaitheanais, agus air cumhachdaibh an t-saoghail ri teachd, agus dhuit-sa a tha sealltainn air son crùn glòir shiorruidh.

An treas nì a tha mi gu innseadh dhuibh 'se so e. 'leagail fhaicinn duibh ciod iad na rùintean sonruichte a tha aig an diabhl a chum 'ur mealladh, an dara cuid a chum ole a dheanamh, no am maith fhagail gun deanamh.

'San aite fa'dheireamb, tha rùn orm a leagail fhaicinn agus a thabhairt duibh co iad ag am bheil creidimh, ciod sam bith co lag, agus ciod iad na còirichean glòrmhoir agus na sochairean a thug Dia dhuitsa tha creidsinn, anns am feud thu gàirdeachas a dheanamh, air dhuit fhios a bhi agad gu'm bun iad dhuit féin. Innsidh mi dhuit iad a ris.

'Sa cheud aite, Tha mi gus na meadhonaibh innseadh dhuit, ma 'se agus gu'n cleachd thu iad gu'm bi agad rathad reidh, agus dorus fosgailt a chum dol do neamh, far am faigh thu oighreachd sgiamhach agus cuibhrinn thaitneach.

'San dara aite, Tha mi gu innseadh cionnas a ghluais-eas sibh air bhur n-aghaidh rè an là gu h-iomlain, agus

rè na h-oidhche gu teachd na maduinn; an deigh sin 'nuair a thig aon-chuid maduinn no feasgair gu'm bi i aoibhneach agus di-bheatha dhuibhse.

'San treas aite, Tha mi gu innseadh dhuibh ciod iad rùintean an diabhail, leis an gnàthach leis bhur tàlaidh gu olc, no gu bhur cumail air ais o mhaith. Agus anns an àite fa'dheireamh, Tha mi gu labhairt air na còirichean glòrmhoir so agus na sochairean iongantach a bhuneas do chlann Dé, mar a ta iad air an cuir sios anns an fhocal.

'Nis, mar air son a cheud ni, Ciod iad na meadhonaibh a dh'òrduich Dia do gach neach d'a mhuinntir féin a chleachdamh, a chum le sin gu'n tigeadh iad a dh'ionnsuidh a rioghachd? Oir chuir e gàradh mu'n rathad agus dh'fhosgail e dorus, agus rinn e slighe a threoiricheas tu gu neo-choireach a dh'ionnsuidh na rioghachd sin, ma bhunaicheas tu ann. Tha iomadh a' rùnachadh Dia a thoileachadh, agus a bhi aig imeachd 'na shlighibh; ach do bhrìgh 's nach aithne dhoibh na meadhonaibh a chum so a choimhlionadh, uime sin tha iad air an tilgeadh a dh'ionnsuidh an leithid do amharusaibh, cha'n'eil fios aca ciod a ni iad.

Ach Ciod iad na mheadhonaibh so a dh'òrduich Dia dhuibh a ghnàthachadh anns an t-saoghal so, co fhada 'sa tha sibh air choigreach ann an so agus as làthair o'n Tighearn? Oir 'nuair a thig sibh d'a ionnsuidh féin, cha bhi feum agaibh orra, Innseam dhuibh, gu'm bheil cuid dhiubh air an cleachdadh gu gnàthaichte, agus aig amaibh gnàthaichte; agus tha cuid eile a tha sònruichte, agus a tha air an cleachdadh aig amaibh sònruichte. A ris, na meadhonaibh gnàthaichte so, tha cuid dhiubh air an cleachdadh aig aoradh folaiseach Dhé; mar aig èisd-eachd an fhocail, agus gabhail na Sàcramaint, mar am baisteadh agus Suipeir an Tighearn. Tha eagal orm nach robh aig mòran agaibh riamh fathast mōr shòlais ann bhur baisteadh, do bhrìgh 's nach d'thug sibh fainear gu'm bheil e air òrduchadh le Dia a chum a bhì na mheadhon neartachaidh agus dàighneachaidh ann an geallaidhean na slàinte air an deanamh dhuibh ann an Criosd, agus air an seulachadh suas dhuibh le fhuil, air a chiallachadh leis an uisge ann an Sàcramaint a bhaistidh. A ris, tha eagal orm nach robh cleachdadh Suipeir an Tighearn' a chum buannachd dhuibh, do bhrìgh

easbhuidh an ullachaidh naomh roimhe an t-seirbhis, agus a chrioch naomh ann an deanamh na seirbhis, agus an rùn naomh sin an deigh na seirbhis chèudna dheanamh. Eadhon mar sin, Tha mi ag radh, ann an eisd-eachd an fhocail, chuala mòran agaibh e gu h-an-dàna agus neo-ullamhaichte, as-eugmhais a bhì tabhairt aire do 'ur cosaibh 'nuair a tha sibh a 'dol a steach do thigh Dhé; tha mòran ann an droch uidheam aig àm na h-eisdeachd, agus is teire iad a tha rùnachadh a dheanamh a ni a tha'm focal ag àithneadh. Ach na'm biodh am facal so air a chleachdadh le urram aig orduighean Dhé, gheibheadh sibh beannachadh annta; agus na 'n tigeadh sibh agus focal Dhé a chluinntinn le urram, a smuaineachadh gu bheil sibh ann an làthaireachd an Tighearn, dheanadh so mòr fheum duibh. 'Nis, a thuille air na meadhonaibh follaiseach so, feumaidh sibh meadhonaibh uaigneach a chleachdadh mar an ceudna, air-neo cha'n urrainn aoradh Dhé a bhì air a choimhead ann an treibhdhireas. Na meadhonaibh uaigneach so, bu choir duibh ar-aon an aithneachadh agus an cleachdamh gu dìchiollach.

'Se a cheud aon Faire, agus tha e ann an so air àithneadh, "Deanaibh faire agus ùrnuigh a chum 's nach tuit sibh ann am buaireadh." Feumaidh sibh faire a dheanamh do ghnàth, agus sùil a bhì agaibh ri 'ur n-oibre uile, a chum's gu'm bi iad freagarrach do lagh Dhé agus anntsan nach d'fhèid thu a thaobh aon-chuid a dh'ionnsuidh na làimh deas no na làimh clì.

'San dara h-aite, Feumaidh sibh ùrnuigh a dheanamh, agus sin do ghnàth, mar a ta 'n t-Abstol ag àithneadh.

'San treas àite, Feumaidh sibh am beachd-smuaineachadh naomh siu a bha aig naoimh Dhia a bhì agaibh air a lagh gu h-iomlain, air uile fhocal agus air uile ghnìomh-radh, co fhada 'sa 'surrainn sibh an cuimhneachadh.

'Sa cheathreamh àite, Feumaidh sibh uile armachd Dhé a chuir umaibh, agus an caitheamh; crioslaichibh bhur leasraidh le firinn, cuiribh umaibh uchd-èididh na fireantachd, cuiribh ullachadh soisgeil na sìth mar bhrògan air bhur casaibh, cuiribh clogaid na slainte air bhur cinn; agus, thar na h-uile nithe, glacaibh do'r n-ionnsuidh sgiath a chreidimh, a chum 's gu'm mùch sibh uile shaighde teinteach an droch spioraid; agus claidheamh an spioraid, a' ni 'se focal Dhé.

'Sa chuigeadh àite, Comharaichibh mothachadh air gaol iongantach Dhé air oibreachadh ar-aon oirbh féin agus air muinntir eile, do thaobh bhur n-anmhunnachd, agus do thaobh gràs Dhé 'g'ur cumail suas. 'Nis, thuille air so, tha aidichidhean uaigneach, buidheachais uaigneach, comhlabhairt uaigneach, agus co' chomunn uaigneach maille ris na naoimh. 'Nis, na'm biodh iad so uile air an gnàthachadh, gheibheadh sibh gnàthachadh na'm meadhonaibh so a' deanamh suas Criosduigh sgiamhach. Ach tha mi fagail na nithe so, so a mhain tha mi guidh oirbh. "deanaibh faire agus ùrnuigh a chum 's nach tuit sibh ann am buaireadh;" oir cha'n'eil a bheag a ghleidheas sibh o bhuaireadh ach faire dhichiollach, air a comh-cheangal ri ùrnuigh, agus a bhi a' tabhairt aire do d'uile shlighibh, mar aon ann am focal, smuain, agus gnìomh, nach imich iad air falbh o' lagh Dhé; maille ri comh-labhairt mhilis agus comh-chomainn maille ris an Tighearn do Dhia, ann an cuir suas t-iarrrtais a dh'ionnsuidh an Athair, agus a Mhic trid an Spiorad: dha'n robh na h-uile cliù, onair, agus gloir, uaith so a mach agus gu sìorruidh. Amen.

SEARMON XXX.

2 Cor. v. 14, 15.—Oir a ta gradh Chrìosd 'gar comh-eigneachadh, air dhuinne breithneachadh mar so, mar fhuair a h-aon bas air son na'n uile, gu'n robh na h-uile marbh: Agus gu'n d'fhuair e bas air son na'n uile, chum iadsan a ta beo, nach biodh iad a so suas beo dhoibh fein, ach dhasan a dh'fhuiling am bas air an son, agus a dh'èirich a ris.

A chum 's gu'n tuig sibh so na's fearr, tha e ag innseadh roimh so, gu 'bheil àm a bheath na bhásachadh gach la, agus gu'n robh e fuidh iomadh crois agus trioblaid air son aobhar Chrìosd, agus tha e ag innseadh na'n sòlasan a chum suas e fuidh na h-uallaichibh so do thrioblaidibh anns a bheatha so, nach 'eil ach air son tiota', agus gu'n aobraich iad dhuinne tròm chudthrom gloir a ta ni's roana-bharraich agus sìor mhaireannach; agus uime sin cha d' amhairc e air na nithe a ta r'am faicinn, air dha

“haicsinn nach robh iad ach aimsireil, ach dh’amhaire e air na nithe nach’eil ri’m faicinn’, ach a tha air am faicsinn a mháin le sùil a chreidimh, “a faicsinn gu’m bheil iad siorruidh.” An deigh sin tha e ag innseadh san ni air am bheil fhios aige, ’nuair a bhios an corp so aige-san, a tha e a’ gairm tigh talamhaidh a phailliu, air a sgaoileadh as a chèile;” gu’m bheil e gus na’s fearr fhaotainn na áite, cadhon, “aitreamh o Dhia, ’se sin, tigh nach do thogadh le lámhan, siorruidh anns na neamhaibh.” Agus a chum so a dhearbhadh, tha e toirt a steach cinnteachas uinn o ughdar a bheatha, an neach is e Dia, “an tì mar an ceudna a thug dha-san geall daighnich an Spioraid,” agus air a sin tha e a’ suidheachadh. Na dheigh sin tha e ag innseadh nach robh e an so ach na choigreach, agus as láthair o’n Tighearn;” uime sin gu’m bu roghnaichte leis atharrachadh as a chorp agus a bhi a chomhnuidh maille ris an Tighearn; agus tha e ag innseadh, nach’eil ach aon ni air a’ bheil e an geall, a nì a b’e so, “co-dhiubh bu bheatha no bu bhás dha, no co dhiubh a bha e aig a bhaile no o’na bhaile, gu’m biodh e taitneach do’n Tighearn.” agus gu’n deanadh e a dhich-ioll air a thoileachadh anns gach ni. Ann an sin tha e ag innseadh an t-aobhar air son an robh e an geall air so a mháin; oir, a deir esan, “Feumaidh sinn uile taisbeanadh fá’chomhar caithir bhreitheanais Chrìosd,” far am bi gach ni air a dheanamh follaiseach, ma’s maith, no ma’s olc e, a chum’s gu faigh gach neach a ni a rinn e ’sa cholainn, co-dhiubh is maith no olc e.

An deigh sin tha e ag radh, air dhuinne fhios a bhi againn air uamhas an Tighearn, tha sinn a’ cuir impidh air daoine. Oir, nach fheum an lá sin a bhi uamhasach, ’nuair a bhitheas na nèamha agus an talamh gu léir air an cuir na’n teine, agus ’nuair a chrathar na beanntaibh, agus a chriothnaicheas an talamh, agus a reubas na creagan. Air dhuinne, tha e ag rádh, fhios a bhi againn air “uamhas an Tighearn, tha sinne cuir impidh air daoine;” ’se sin tha sinn ’gan deanamh cinnteach as an latha uamhasach sin, agus tha sinn a’ cuir impidh orra bhi deanamh nithe a tha taitneach do Dhia a nis, ann an laithibh an cuairt; agus tha e gabhail Dhia, agus an coguisibh féin mar fhianuis, gu’n robh esan frinneach ann an sin a dheanamh. Agus air ’eagal ’sgu feudadh cuid a smuaineachadh gu’n deach e thar crìochan a

ghair, agus gu'n robh e as a chiall; uime sin tha e a' coinneachadh so, anns na briathraibh so, agus tha e ag radh. oir ma tha sinne a dh'eabhuidh ceill, 'sann do Dhia, agus ma tha 'ar ciall againn, 'sann duibhse; agus 'an sin tha e air teachd a dh'ionnsuidh so a leubh mi dhuibh. agus ni mi a mhineachadh dhuibh, "Tha gaol Chriosd 'gar comh-eigneachadh; 'se sin, tha e 'ga mo cheangal le leithid do cheangal, air doigh's nach dàna leam ach mo dhichioli a dheanamh air a bhi taitneach do Dhia, agus impidh a chuir air na h-uile duine 'san t-saoghal, (co fhada 'sa ruigeas mo ghairm) iad féin ullachadh air son latha mòir sin a bhreitheanais, oir bithidh e na lá uamhasach dhoibh-san nach bí ann an tomhas-eigin air an ullachadh air a shon. An deigh sin tha e ag innseadh dhoibh. ciod e an gaol a bha ann an so a rinn air an doigh so a chomh-eigneachadh; do bhrìgh, 'deir esan, gu'm bheil sinn a' breithneachadh, ma fhuair a h-aon bàs air son na h-uile, an sin gu'n robh na h-uile marbh. Mar gu'n abradh e, B'e so gràdh Chriosd dhuinne, gu'n do bhásaich e air ar son, agus tha dearbhachd agam gu'm bheil a bhàs-san lán-fhreagarach air son mo shaoradh-sa an láthair caithir bhreitheanais Dhia, mar gu'm bàsaichinn-sa. agus gu'n giùlaininn am mallachd mi féin. mar gu'm biodh mo cheann féin air a sgathadh dhìom, agus mar sin feudaidh tusa bhi, a tha creidsinn anns a Mhac, feudaidh tusa bhi cinnteach gu'n robh a mhallachd air a giùlain air do shonsa, agus nach teid thu gu bráth a' mugh, ach gu'm bi a bheatha shiorruidh agad; feudaidh tu a bhi co chinnteach agus ge d' bu tu féin an duine a ghiùlaineadh i. agus a bheireadh ùmhlachd do'n Athair a dh'ionnsuidh dearbh bhàs a chroinne-cheusaidh; uime sin tha feum agaibh a bhi ag ùrnuigh air son creidimh, do bhrìgh's gur e a mhain an aon neamhuid a tha anns an t-saoghal; oir ni e comasach thu a bhi beo gu maith ann an so, agus gloir shiorruidh fhaotainn an deigh so. Agus bhásaich e air son na'n uile. C'ar son a fhuair e bàs air son na'n uile? C'ar son a fhuair e bàs air do shonsa? Ciod a thug a nios o neamh e? Ciod a rinn a tháirneadh ris a chrann? Ciod a thug a mach fuil a chridhe? Ciod e ach do pheacaidhean-sa agus peacaidhean an taghaidh bhith-bhuan!

'Nis, ciod e ris am bheil e sealltainn air a shon uat-sa? Ciod e a tha e ag iarraidh o do laimh-sa air son fògradh

na'n trì bhàdhna deug-thar-fhichead sin o' neamh air do sgàth-sa? 'Se so an nì a tha e ag iarraidh, do bhrìgh 's gu'm bheil do pheacaidhean-sa air am maitheadh dhuit, agus do bhrìgh 's nach 'eil dìteadh dhuit-sa, agus do bhrìgh 's gu'm bi thu beo gu sìorruidh, oir tha e mar sin dhuit-sa a tha creidsinn na'n geallaidhean. Air faicinn ma ta gu'm bheil a chùis mar sin, 's e crìoch na h-uile dheth so nach bi sibh-se beo dhuibh fein, agus a chuid eile do bhur beatha nach caith sibh e air bhur brù agus air bhur druim, ach air son Iosa Crìosda. air tùs a bhàsaich air do shon, agus a nis a tha air eiridh a rìs; 's e so a chrioch, nach leibh fein sibh fein na's faide, ach na tha romhaibh deth bhur beatha, gu'm bi sibh beo a chum a ghloir-san a bhàsaich air bhur son, agus a dh'èirich a rìs, agus a thug a steach maille ris earrann dibh; agus an earrann is fearr dibh a chum na neamhaibh maille ris fein. An deigh sin tha e ag radh, " 'o so suas cha'n aithne dhuinne aon duine a reir na feola," &c. Mar gu'n canadh e, 'se so mo bhreith, 'nis cha bhi meas agam tuille dhiom fein, no do dhuine sam bith a reir na feola, nìh-eadh, cha bhi air son Chrìosd fein, do reir na'n còirichean feolmhoir a bha aige mar a thainig e mach o ghineil Dhaibhidh, agus thainig e a dh'ionnsaidh a rioghachd, agus mar a shuidh e air a rìgh-chaitir; ach 's aithne dhomh e mar a tha e na Mhac do Dhia, agus na Rìgh air a chrùnadh 's na flaitheanas. Agus an deigh sin tha e ag radh, "uime sin, ma tha neach sam bith ann an Crìosd, is creutair nuadh e." C'ar son? "Do bhrìgh 's gu'n deachaidh na scann nithe seach, agus gu'n d' rinn-eadh na h-uile nithe nuadh." Cionnas a tha sin a' tachairt? O'n latha 'san do dhoirteadh fhuil, tha neamh, agus talamh, agus gach nì a tha annta air teachd gu a bhi nuadh, agus tha iad uile a' feitheamh air son latha an saorsa fa-dheoigh. 'Nis, a' faicinn gu'm bheil gach uile chreutair 's nuadh, is cuibhidh dhuit-sa a tha ann an Crìosd a bhi ad chreutair nuadh. An uiread so air son mineachadh na'm briathran.

'Nis, Tha dá nì a tha sibh gu a thabhairt fainear: 'Se a cheud nì, an doigh anns am bu chòir duibh a bhi beò; 'se'n t-aon nì, na h-aobhairean a chum bhur gluasad suas gu a bhi beò air an doigh sin, agus tha iad agaibh mar aon air an cuir sìos anu an so, an doigh anns am bu chòir duibh a bhi beò, cha'n ann duibh fein gu bhur miannaibh

fein a riarachadh, ach a chum a bhi beò do Chrìosd agus seirbhis a thabhairt dha-san. 'Se'n t-aobhar gu'r gluasad a chum a bhi beò air an doigh so, anns a cheud aite, "Do bhrìgh's gu'm féum sibh uile taisbeanadh ann an lathair caithirbhreitheanais Chrìosd; agus uime sin bu chòir duibh uile a bhi 'deanamh maith, oir do reir 's mar bhitheas 'ur saothair, eadhon mar sin bithidh bhur duais; mar a thubhairt Daniel xii. 3, "Agus dealraidh iadsan a ta glic mar shoilleireachd na'n speur: agus iad-san a thionndaidheas mòran gu fireantachd mar na reultan fad saoghal na'n saoghail." A ris, "gheibh gach duine do reir 's mar a rinn e anns a chorp, co dhiubh is maith, no olc e, uime sin bu chòir dhuinne ar dichìoll a dheanamh gu'm bi sinn taitneach do Dhia, agus mar sin suim a bhi againn do'n lá sin; oir esan ag nach bi suim do'n lá sin cha bhi e gu brath air ullachadh air a shon.

'Se'n ath aobhar, grádh Chrìosd a rinn e a dhoirteadh a mach ort, agus a dhoirt e mach air do chridhe leis an Spiorad Naomh. Ach cha mhothaich thus an grádh so mur breithnich thu, agus mur bi dearbhachd agad ann do chridhe, gu bheil bàs a Mhic co eifeachdach dhuit-sa agus ge do bhásaicheadh tus am bàs sin thu féin, agus gu' bheil umhlachd Chrìosd do'n Athair a chum bàis a chroinne-cheus, air a dheanamh dhuit-sa mar t-umhlachd-sa an t-aon ni is ge do b'urrainn thusa dheanamh thu fein, a chum's gu'm biodh agad fìor chòir gun teageamh air uile gheallaidhean na slainte air an deanamh ann an Crìosd; agus air uile thoilltinneas; agus feumaidh tu a chreidsinn nach 'eil dìteadh dhuit-sa, do bhrìgh's gu bheil thu ann an Crìosd.

Ach gu ath-philltinn, c'ionnas bu choir dhuibhse bhi beò? 'Nis, am b'àill leibh fhios a bhi agaibh air a so, tha féum agaibh uile air fios a bhi agaibh air, oir bithidh sibh uile air bhur deanamh aithnichte am fianuis Dhé, agus bithidh bhur coguisibh gu leir air an tarruing a mach lomnochd agus rùisgte ann an lathair caithir a bhreitheanais; 'an sin cha bhi sibhse a bha beò gu cothromach air bhur cuir fuidh nàire, oir èiridh sibh a chum ais-éiribh na beatha; ach eiridh na h-aingidh a chum ais-éiridh an dèidh. Am b'àill leibh aithne a bhi agaibh, ma ta, cia mar a bhiodh sibh beò gu maith, agus a chuir-eadh sibh onair air Dia anns an t-saoghal so, a chum 's gu faigh sibh a bheath shiorruidh an deigh so? Dh'inn-

is mi dhuibh iad a cheana, agus fathast b'àill leam gu'n cuimhnicheadh sibh iad.

Sa chéud àite, Feumaidh sibh a bhi air 'ur "lionadh le eòlas air a thoil anns an uile ghliocas agus thuigse spioradail;" agus uime sin tha feum agaibh air a bhi ag ùrnuigh air son an Spioraid, a theagaisgeas sibh 'sna h-uile nithe. 'Se sin a cheud nì.

'San dara h-aite, Feumaidh tu gràdh Dhé a chumail do ghnàth ann do chridhe, agus nì so ullamh thu anns gach uile nithe.

'San treas aite, Feumaidh sibh ùmhlachd a thoirt do Dhia anns an olc tha e toirmeasg a sheachnadh, agus ann an deanamh a mhaith a tha e ag àitneadh dhuibh. 'Nis, a chum do chomhnadh, feumaidh tu cridhe onair-each agus treibhdhireach a bhi agad; oir tha thu ad' Chriosduidh iomlain ma tha do chridhe treibhdhireach, agus cha'n'eil iomlaineachd eile a tha Dia ag iarraidh ort auns a bheatha so.

'Sa cheithreamh aite, Feumaidh tu a bhi dìchiollach ann an seirbhis Dhé, feumaidh tu thu féin a chuir fa'leth air son seirbhis Dhé, agus feumaidh tu thoirt fa'near, nach robh thu air son crìoch sam bith eile air do chuir a dh'ionnsuidh an t-saoghail, ach air son seirbhis a thabhairt da. Chuala sibh mu'n 'duine dhìchiollach gu'n dean e saoihbreas; ach gu' bheil an leisgein a' miannachadh, agus anam eas-bhuidheach; uime sin cha'n fhaod sibh suidh sìos ann an so, feumaidh sibh a bhi do ghnàth a' ruith, ge do bhiodh tu air do thogail suas a dh'ionnsuidh an treas neamh agus ge do chluinneadh tu briathraibh do-labhairt nach b'urradh do dhuine sam bith a labhairt, mar a rinn Pòl; gidheadh cha'n fhaod thu suidh sìos ann an sin, ach feumaidh tu a dhol air t-aghaidh agus do réis a ruith le foighidin gus an ruig thu dh'ionnsuidh a chomharaidh.

'Sa chuigeamh aite, Feumaidh sibh buan-mhaireanachd a bhi agaibh; agus uime sin feumaidh sibh cuing Chriosd a ghabhail air bhur guailibh, agus feumaidh sibh a rádh, smuainicheadh muinntir eile an nì as áill leò, smuainichidh mise do chuing milis do m'anam; agus gu ma fada gu'n robh e uamsa a shaòilsinn e a bhi na uallach dhomh, an oidhearp a thabhart oir do thoileachadh anns gach nì, ach ge do 's maith a dh'fhaodainn innseadh

duibh, o fhocal féin, cia mar bu chòir dhuibh Dia a thoil-eachadh, ach as-eugmhais creidimh agus cleachdaimh cha dean m'innseadh air maith air bith dhuibh.

Ann an aite mu dheireamh, Feumaidh sibh macantachd cridhe, agus irioslachd inntinn a bhi agaibh, a chum's gu'm bi focal Dhé na lagh duibh a chum smuain-eachadh air a latha agus a dh'oidhche. Tha mòran agaibh, nuair a tha sibh a' luidh sìos, agus ag eiridh suas, cha'n'eil fhios agam am bheil uiread agaibh agus smuain gu a smuaineachadh leibh féin, Ciod e so a tha mi a deanamh? Am bheil e còrdadh ri toil Dhé? 'Bheil agam-sa barrant air a shon o fhocal De? Ma ta, tha feum agam air sealltainn ris an fhocal, a chum's gu'n dean mi e a mháin na riaghailt do mo bheath ré an là gu h-ìomlain; uime sin feumaidh sibh deadh aire thabhairt, "air eagal 's gu'm bi ann an aon neach agaibh droch cridhe gus an Dia bheò a thrèigsinn; agus air dhuinn a bhi air ar saoradh o laimhean ar naimhde, gu'n deanadh sinn seirbhis dha as eugmhais eagail." 'Nis, air son riaghailte dha na so, feumaidh sinn na h-aithntean a thuigsinn; oir 'se sin an t-aon rathad gu seirbhis a thabhairt dá, eadhon aithntean a choimhead. Tha cuid agaibh a' saoil sinn gu' bheil sibh a' tabhairt seirbhis maith na's leoir do Dhia ma ni sibh ùrnuigh ris 'sa mhaduinn agus mu fheasgair; saoilidh cuid e na's leoir ma gheibh iad ni-eigin do bhròn air son am peacaidhean rè an laithean uile; tha cuid 'ga shaoilsinn na's leoir ma gheibh iad deoir aig àm air bith. Ach cha'n iad na nithe so gu léir an diadhachd sin a bheir oirbh dealradh a mach mar na reultaibh fad saoghal na'n saoghail; ach feumaidh sibh speis a bhi agaibh do h-aithntibh uile, mar a bha aig Daibhidh, o'na cheud aon gus an aon mu dheireadh; agus ann an sin, anns a

Cheud àithne biodh e na smuainte dhuit, 'S tusa, O Thighearn, mo Dhia, a thug o ifrinn mi, agus o dhaorsa a pheacaidh, agus o thràilleileachd an t-sàtain; uime sin cha bhi agam-sa Dia eile thuille ortsa. 'Se so an t-seirbhis a tha e aig iarraidh, is gloir so, a ràdh, is tu mo Dhia, agus thug thu mi o ifrinn, agus tha agad siorruidheachd do dh'aoibhneas air ullachadh air mo shon ann am flaitheanas; air an aobhar sin, air mo shon-sa dheth, cha roghnaich mi Dia sam bith eile ach thusa na d'aonar, agus cha bhi a h-aon sam bith eile agam a thuille ortsa;

agus 'se so mo thlachd a mháin eolas a bhi agam ort, gu umhlachd a thabhairt dhuit, gu t-eagail a bhi orm, gu do ghrádhachadh, a chum m'anam a lionadh leat, gu mo chridhe a shuidheachadh ort, gu imeachd ann ad' fhianuis, agus bithidh tu na h-uile anns na h-uile dhomh. Air falbh leis na h-uile gáirdeachas agus toilinntinn ach a mháin sin a tha agam anns an Tighearn mo Dhia, agus uime sin cha bhi a h-aon agam ach esan.

Mar sin amhaireibh 'nuair is àill leibh, cha'n fhaigh a h-aon eile an t-àite ann mo chridhe. 'Nis, 'nuair a gheibh thu so cha'n fheud thu stad ann an sin, feumaidh tu a dhol air t-aghaidh a dh'ionnsuidh

An dara h-àithn, agus ann an sin their thu, Thighearna, tha fios agam gu' bheil thu ad' Dhia treun, cumhachdach, agus eudmhoir, agus is àill leat gu'n d'thugainnsa umhlachd do t-aithntibh; uime sin grádhachidh mis thu agus coimheadaidh mi t-aithntibh, a chum's gu' faigh mi tròcair gus na mìtibh ginealach. Tha fhios agam gu'm bu chòir dhomh a bhi ag ùrnuigh gun sguir; Tha fhios agam gu'm bu chòir dhomh a bhi taingeil 'sna h-uile nithe, agus gu'm bu chòir dhomh mo bheul a lionadh le d' mholadh; Tha fhios agam gu'm bu chòir dhomh a bhi a' labhairt umad ri muinntir eile; Tha fhios agam gu'm bu chòir dhomh mo shlighibh aideachadh dhuit, agus gu'm bu chòir dhomh t-fhirinn aideachadh do na h-uile a chuireas ann an teagamh i; agus tha fhios agam gur e'n t-aoradh a tha thu ag iarraidh, aoradh a thabhairt duit ann an spiorad agus ann am firinn; air an aobhar sin, 'san àite is faisge dhuit fein bithidh aig t-aoradh-sa àite ann mo chridhe. 'Nis, cha'n fhaod thu stad ann an so idir. ach feumaidh tu a dhol troimh gach pong 'san lagh, gus am feum thu a radh maille ri Daibhidh, Salm cxix. 97, "O Thighearna, cia ionmhuinn leam do lagh!" Salm xix. 10, "Tha iad na's mìlse dhomh na mhil, 'seadh na mhil a shileas as na ciribh meala. Agus cha bhi so do-dheanta dhuit, air gheibh thu iad so uile tre chreidimh; uime sin, sìn a mach do lamh a dh'ionnsuidh na fola sin, agus gheibh thu an spiorad mìlis sin air a chuir a nios ad' ionnsuidh, a dh'fhosgaileas na laghan so uile agus a sgrìobhas iad air do chridhe."

An deigh sin rach a dh'ionnsuidh an treas àithne, agus abair, 'Thighearn, tha d'ainm luachmhoir agus ionmhuinn leamsa; tha d'ainm glormhoir ann mo shealladh; uime

sin, ann mo ghairm 's ann mo ghiulain, 'se so an t-aon ni air am bi mi'n geall, d'ainm beannaichte a chuir an ceill; air a leithid do dhoigh, agus co-dhiu a dh'itheas no dh'olas mi, gu'n saothraich mi a chum oidheirp a dheanamh air mo Dhia a ghloireachadh, nach bi ainm beannaichte air eus-onaireachadh, aon-chuid leam fein no le muinntir eile, co fhad 'sa 's urrainn domh am bacadh; agus cuidichidh mi co fhada 'sa ta am chomas, a chum gu'm bi eagal roimh ainm Dhe agus urram air a thabhairt dha leis na h-uile.

Cha teid mi aig an am so na's faide na, na tri aithn-tean so, agus bu choir dhuit a bhi air do stiùireadh leo gach lā, agus annt-san bu choir dhuit an Tighearn fhaicinn do ghnàth, agus a chuir fa 'chomhar do shùilean, a chum 's gur e aoradh a mhāin do thlachd gach aon lā, agus gur e ainm agus a ghloir an t-aon chrìoch a bhitheas agad ann ad' uile chaith-beatha agus chòmhradh.

'Nis, na'm b'ail leibh so a dheanamh, bheireadh so oirbh dealradh a mach mar lòchranaibh soluis do'n t-saoghal, a chum's air dhoibh a bhi 'faicinn 'ur deadh oibre, gu'n d'thugadh iad glòir do Dhia. O ciod a ghloir a bheireadh so do Dhia, agus ciod e an t-aoibhneas dolabhairt agus an t-sith a bheireadh e do t'anam fein! Bu choir do d' chaith-beatha a bhi air neamh: ann an sin bhiodh beannachadh Dhé air a mhèudachadh ort fein agus air do shliochd ad' dheidh, ann an sin bhiodh aoradh Dhe furras dhuit, agus bu choir do chuing Chrìosd a bhi dhuit na cuing bu mhilse a ghiulain thu riamh, agus cha bu choir do bhu saothair ann an seirbhis Dhia a bhi doilghiosach duibh.

'Nis, an dean sibh so a mhuinntir ionmhuinn, agus tha mis a' tabhairt dearbhachd dhuibh, gu' faigh sibh a mach le'r fiosrachadh fein nach 'eil e na ni diomhan seirbhis a thoirt do'n Tighearn. Gu'n deònaicheadh Dia dhuibh so a dheanamh, air sgàth Chrìosd. Dhà-san maille ris an Athair, agus an Spiorad Naomh gu'n robh gach uile ghloir gu saoghal na'n saoghail. Amen.

SEARMON XXXI.

Exod. xx. 4, 5, 6.—Na dean dhuit fein dealbh snaidhte, no coslas sam bith a dh'aon ni, a ta 'sna neamhaibh shuas, no air an talamh shios, no 'sna h-uisgeachaibh fuidh 'n talamh. Na crom thu fein sios doibh, agus na dean seirbhis doibh; oir mis an Tighearn do Dhia, is Dia eudmboir mi, a' leantuinn aingidheachd na'n aithrichean air a chloinn, air an treas, agus air a cheithreamh ginealach, dhiubh-san a dh'Yhuathaicheas mi; agns a' nochdadh trocair do mhiltibh dhiubh-san a ghradhaicheas mi, agus a choimhideas m' aithntean.

B'e'n ni aig na stad sinn, a bhi comharachadh a mach na meadhonaibh agus an cleachdamh a dh'aithn Dia dhuibh 'na fhocal, a bhi air bhur cleachdadh annta, am feadh a tha sibh ann an tigh bhur cuairt, agus am feadh a ta sibh as eugmhais a bhi lathair maille ris an Tighearn, agus bhur Ceann; eadhon na meadhonaibh do'n do gheall Dia beannachd ma ghnathaicheas sibhse iad, agus mar an ceudna chuir e an ceill mallachd orrasan a tha 'deanamh dearmad orra. Agus do bhrigh 's nach 'eil aite anns an sgrìobtuir a tha comharachadh a mach na meadhonaibh so co maith ris an dara h-aithe; uime sin rinn mi'n t-aithe so thaghadh a chum na crìche so fein. 'Se so an diubhair a tha eadar a cheud agus an dara h-aithe, tha a cheud aon ag agradh láthaireachd Dhe a bhi ann ad' anam; tha'n dara h-aithe a' comharachadh a mach na meadhonan leis am feud thu aoidheachd a thabhairt do a láthaireachd ann ad' anam, agus as-eugmhais nach 'eil e so-dheanta dhuit láthaireachd Dhe a chumail maille riut. Mar air son t-umhlachd do na cheud aithe, tha do sholus, do bheatha, do shaorsa, an urra ris; 'se sin, ann ad' aonachd bheannaichte agus ann an comh-chomuinn mhilis ri aon Dia ann an trì pearsaibh, an t-Athair, am Mac, agus an Spiorad Naomh; do thuigse a bhi air a lionadh le eolas De anns an uile ghliocas agus thuigse spioradail; bhur cuimhne a bhi air a lionadh le cuimhne air a ghràdh, agus fhábhar, agus a chaoimhneas, agus a lathaireachd, thar na h-uile nithe, bhur toil a bhi air a cuir fo smachd agus umhal do thoil-sa 's na h-uile nithe; bhur cridhe,

agus bhur n-uile aignibh, a bhi air an lionadh le eagal agus gaol, agus le urram agus suim, le tlachd ann-san agus irioslachd. Cha robh umhlachd air a thabhairt riamh do'n áithn so le neach air an talamh ach le Iosa amháin; agus bithidh an áithn so an sin iomlain nuair a bhitheas Dia na h-uile anns na h-uile dhuit; 'se sin an uair is se Dia d'uile sholus, d'uile bheatha, d'uile aoibhneas agus ghairdeachas, d'uile chomas agus shaorsainn; agus do bhrìgh 's gur e so an ni air am bheil sibh uile gu bhur sùil a bhi ris, eadhon an comh-chomuinn beannaichte sin ri bhur Dia; oir is truagh do'n anam sin a tha as-eugmnais a cho'chomunn agus an aonachd sin ri Dia, oir c'áite am faigh thu solus, agus gairdeachas, agus saorsa, ach uaith-san, an tì 'se an solus agus a bheatha e fein? Uime sin cha'n fhaigh thu gu bráth do lán deth lathaireachd Dhe gus am faic thu e aghaidh ri aghaidh. Thug so air Daibhidh a radh, Salm xvii. 15, "Nuair a dhuisgeas mi as an uaigh, sàsaichear mi le do chomh-samhlachd gu siorruidh tuille." Agus 'se so maitheas ar De, nach e a mhain gu'n d'thug e dhuinn áithne gu'm bu chóir dhuinn a lathaireachd fein a bhi againn, ach gu'n d' orduich e an leithid do mheadhonaibh leis am feudadh sinn a lathaireachd fhaotainn; agus an uair a gheibh sibh e, gu'm feud sibh aoidheachd a thabhairt da agus a choimhead maille ribh. Uime sin, anns an dara h-áithn so, tha e a' toirmeasg dealbh snaidhte sam bith a dheanamh; leis am bheil e air thuigsinn uile innleachda' dhaoine, a chum le sin gu'n cuireadh E thu fuidh fhiach-aibh a bhi sireadh lathaireachd Dhe; oir cha'n urrainn uile innleachd dhaoine no ainglibh 'ur cuir air bhur n-agh-airt anns an aonachd spioradail so agus ann an comh-chomunn maille ri 'ur Dia, ach a mhain na meadhonaibh a dh'orduich e fein 'na fhocal; uime sin tha e a' toirmeasg ni air bith a dhealbh no a dheanamh cosmhail ris. 'Na dheigh sin, 's an ath áite, tha e a' toirmeasg cromadh sios no aoradh a thoirt dà an deigh e bhi air a dheanamh.

'San treas áite, tha e a' cuir sios aobhairean na'm briathra so, "oir is mise an Tighearn' do Dhia, is Dia eudmhoir mi; uime sin feumaidh tu na h-uile ni a dheanamh a dh'áithneas mise dhuit, agus feumaidh tusa a bhi umhail do m'áithne-sa, agus cha'n ann do neach air bith eile, oir tha mise posda riut; uime sin ma ni thu air a

chaochala 'sa dh'áithneas mi dhuit, cuiridh tu'n gníomh iodhal-aoraidh dhubailt, aon diubh ann an aghaidh a chéud áithne, ann an cuir suas ní sam bith ann do chridhe ach mise, agus ní sam bith a ghradhaicheas tu ní's mo, dha'n d'thoir thu na's mo do dh'umhlachd, na's mò do urram, na's mò do dh'eagal na dhomh-sa, tha thu a' cuir an ní sin suas ann do chridhe mar Dhia dhuit, agus 'nuair a b'áill leat a dhol mu'n cuairt a chum seirbhis no aoradh a thoirt dhomh-sa an Tighearn do Dhia, air doigh eile thuille air an rathad a dh'áithn mise, ann an sin tha thu a' briseadh a cheangail-phòsaidh a bha air a dheanamh eadar mis agus thus; air an aobhar so tha e ag radh, "is Dia eudmhor mi;" 'se sin ri radh, cha'n urra mi giulan leis, gu'n d'thugadh tu seirbhis dhomh air rathad eile thuille air an doigh a dh'áithn mi dhuit ann am fhocal.

Agus anns an áite fa dheireadh, tha e a' bagradh breitheanas na'n aghaidh-san nach gnáthaich na meadhonaibh ceart, no dhealbas meadhonaibh dhoibh fein; agus tha e a' cuir an ceill beannachadh dhoibh-san a ní feum deth na meadhonaibh laghail, oir tha e 'ga ghabhail mar chomhara gaoil dha; uime sin tha e ag radh, 'leantuinn peacanna na'n aithriche air a chlann.'

(Thugaibh an aire) Cha'n 'eil a h-aon agaibh nach smuainich so na pheacadh, eadhon Dia sam bith eile a bhi agaibh 'n'ur cridhe; ach cha'n 'eil sibh a' faicsinn na h-uile, ach tha so na pheacadh, na meadhonaibh a ghnàthachadh, a dh'iarras daoine eile o dhealbh an cridhe fein oirbh a chum seirbhis a thabhairt do Dhia leo, o' nach 'eil barrantas agaibh 'o fhocal Dhe, agus gidheadh chi sibh gu'n robh mòran air am peanasachadh, do bhrìgh gu'n d'rinn iad an ní nach robh laghail dhoibh a dheanamh 'nam pearsaibh fein; agus gidheadh a tha laghail do mhuintir eile air dha bhi air òrduchadh dhoibh; mar a chi sibh ann am Mic Aaroin, nach do shaoil na pheacadh teine coimheach a thabhairt a steach do'n phailliun a chum tuis a losgadh leis, gidheadh thuit breitheanas Dhe orra anns an dearbh sheirbhis, Lebh. x. 1. Mar an ceudna chuir Ussah a lamh ris an Aire 'nuair a bha i cosmhail ri tuiteam, ge do rinn se e leis an eud a bha aige air son glòir Dhe; gidheadh do bhrìgh 's nach robh a ghairm air a thabhairt da le Dia, thainig breitheanas Dhe air, agus thuit e sìos marbh; mar sin, ann bhur n-uile

dheanadais, 'nuair a chonaichear sibh anns an nì a tha dochair, tha so na fhocal coitchion ann bhur beul, gu bheil 'ur rùintean gu maith, ach cha'n 'eil 'ur rùintean gu maith as-eugmhais tuigse ; oir ma tha thu a' tabhairt seirbhis do Dhia as-eugmhais a bhi tuigsinn àithntean, tha sin na bhriseadh air a choimhcheangal eadar thus agus esan, agus peanasaichidh esan e, " Leantainn aingidheachd na'n aithrichean air a chlann," agus am peacadh so ann a' measg cháich ; saoilidh mōran nach smachdaich Dia a leithid sin do dh'aingidheachd, mar an uair a tha daoine toirt seirbhis do'n Tighearn an deigh am faoinbharail fein ; ach feudaidh sibh fhaicinn an ceart aghaidh sin ann an so, agus feudaidh sinn fhaicsinn, Dia a rinn lagh co farsuinn a cho-tharruing ann an crìochan co goirid, gidheadh tha e co farsuinn ann an cuir sìos an dara h-aithne, cia mheud ann an toirmeasg, ann an seoladh, ann am bagradh, ann an geallaidhean, agus na h-uile do thaobh 's gu'n robh eolas maith aige nach deanadh aon fhocal ar comhairleachadh gus an aithne so a choimhead ; uime sin tha e ag radh, " Cha dean thu dhuit fein dealbh snaidhte sa'm bith ;" 'Se sin, cha dealbh thu meadhon le do ghliocas fein gu seirbhis a thabhairt do'n Tighearn do Dhia. A rìs tha e ag rádh, " Cha chrom thu, thu fein sìos da ;" 'Se sin, cha chleachd thu na meadhonan a dhealbh thu fein, no a dhealbh neach air bith eile do reir am faoinbharail fein, 'nuair a dhealbhar e. Ciod e tuille ? " Oir is m'is' an Tighearn do Dhia, is Dia eudmhoir mi ;" Uime sin bithidh fhios agam 'nuair a chuireas tu iodhol-aoraidh an gnìomh, agus a thuiteas tu air falbh uamsa, a' leantuinn d'fhaoinbheachd fein, agus a dheanamh do reir nòs na'm fineacha eile ; agus a nis, do bhrìgh 's gur aithne dhomh e, cha'n fhuing mi e, ach peanasaichidh mi e. Ciod e tuille ? " Leantuinn aingidheachd." Tha e na aingidheachd seirbhis a thoirt do Dhia air a chaochlaidh do dhoigh 'sa dh'àithn e fein. Ciod e tuille ? " Na'n aithrichean air a chlann, gus an treas agus a cheithreamh ginealach." Leanaidh mi aingidheachd, cha'n e mhàin ort fein, ach air an treas agus air a cheithreamh ginealach a thig a mach o d' leasraidh, agus diolaidh an ceithreamh ginealach air a shon. Agus air eagal gu'n abradh iadsan, 'Thighearn, cha pheanasaich thu sinne aig am bheil cridhe gu seirbhis a thabhairt dhuit, cha'n ann mar a dh'àithn thu dhuinn, oir tha

gràdh againn dhuit, uime sin tha e ag radh, “Dhiubh-san a dh’fhuathaicheas mi.” Mar gu’n abradh e, Cha’n ann, cha’n ann, Cha’n ’eil mi a’ meas sin na ghradh ciod sam bith rùn a tha agad, cha’n ’eil thu ach a’ tabhairt fuath dhomh, thusa nach ’eil a toirt seirbhis dhomh a réir m’òrdugh suidhichte fein. Shaoil le Nadab agus Abihu, le Sául agus Ussah, gu’n robh gràdh aca do’n Tighearn; ach ’s ann a bha fuath aca dha, do bhrìgh ’s nach d’rinn iad do reir òrdugh. Ciod e tuille? ‘Nochdadh tròcair do mhìltibh dhiubh-san a ghràdhaicheas mi agus a choimhideas m’áitheantan.’ Tha e ann an so ag innseadh an diol-tuarasdail a bhios air a cheangal ri gnàthachadh meadhonan aoraidh Dhe; “A’ nochdadh tròcair:” ’Se sin, gheibh thu truas a ghabhail ri do thruaighibh, gheibh thu maithneas ann do pheacana’, agus gheibh thu doille agus cruas do chridhe air atharachadh: gheibh thu tròcair gu saor, cha’n ann a mháin dhuit fein, ach mar an ceudna do na mìltibh ginealach a thig o d’ leasraidh. Tha e ag rádh, ‘dhiubh-san a ghràdhaicheas mi agus a choimhideas m’áitheantan.’ Tha coimhead na dara h-àithne na chomharadh air do ghràdh do Dhia, mar a ta briseadh oirre na chomharadh air t-fhuath dha’n Tighearn: C’ar son? Air tùs, do bhrìgh ’s gur i àithn Dhe a th’ann; ’San ath àite, do bhrìgh ’s gu’m bheil ann an sin air a chuir sios na dleasdanas a tha t-Fhear-pòsda aig iarraidh ortsa, a bhean-phòsda-sa: agus 3. àite, do bhrìgh ’s gu bheil e na dhearbhadh air do ghràdh do thaobh-san; oir do reir ’s mar a ghràdhaicheas tu e, bithidh tu cùramach a chum na meadhonan uile a ghnàthachadh leis am feud thu aoidheachd a thabhairt da, ’Nis, air son an aobhar so mhìnich mi an dara h-àithne, dh’fhaicinn leis a mheadhon so, am bi sibh ullamh gu meadhonaibh aoraidh Dhe eisdeachd, mu bheil mi gu labhairt ribh.

Am bheil sibh ullamh ma ta? Agus am feud sibh a ràdh, labhair, a Thighearn, oir tha do sheirbhiseach ag eisdeachd? Agus a’ bheil sibh ullamh gus na meadhonaibh eisdeachd leis am feud sibh bhur sàth fhaotainn do lathaireachd Dhe anns a bheatha so, agus cionnas a dh’fheudas sibh dearbhachd fhaotainn gu’ faigh sibh tròcair ’san latha sin, agus gu siorruidh tuille? Eisd iad a nis ma ta a chum ’s gu’m bi thu beo gu maith, agus ’nuair a bhàsaicheas tu, gu’m feud thu a ràdh, Thighearn, Bha mi ullamh gu cleachdamh uile mheadhonan

do sheirbhis ann an neart agus ann an treibhdhireas mo chridhe, am feadh 's a bha mo shlàinte agam, ge d' nach b'ann ann an iomlaineachd, gidheadh ann an treibhdhireas mo chridhe ; bithidh an nì sin fein air a mheas dhuit-sa mar ùmhlachd iomlain do na h-àithntean uile. Am b'àill leibh ma ta aithne fhaotainn air ciod iad na meadhonan sin bu chòir duibh a ghnáthachadh, agus tha na's mō ann diubh na a h-aon no dha ?

Air tùs, Tha aoradh fhollaiseach Dhe, ann an eisd-eachd an Lagh agus an t-Soisgeil air a chuir an ceill duit anns a mhinisteirealachd so, agus ann thu fein a cheangal le aont ri aoradh follaiseach Dhe, anns a cho-thionail fhollaiseach, le bhì ag radh Amen le ùrnuigh fhollaiseach Naoimh Dhe, agus ann bhì sìneadh a mach do lámhan, agus ann an gabhail ad ionnsuidh fein seula agus sacramainte' cùmhnaint faicsinneach Dhe, agus ann an àite a thabhairt do achmhasanaibh na h-Eaglais, agus ainn a bhì toirt àite do iuchraichean rioghachd Dhe ; 'siad so meadhonan follaiseach aoraidh Dhe, mar an ceudna trasgaidhean agus taingealachd fhollaiseach : uime sin 'se so aon deth na meadhonaibh a tha air àithneadh dhuinne a chleachdadh, eadhon a theachd a mach, mar gu'n b'eadh, anns an achadh fhosgailt, agus bōideachadh fa' chomhar an t-saoghail, gu'n ceangail thus thu fein maille ri buill Chrìosd. agus, "gu'n glac thusa cùpan na slàinte, agus gu'n ioc thu do bhòidean ann am measg chàich," Salm cxvi. 13. Oir tha mōran diubh gu bhì air an cuir cuideachd ann an aon cùpan, agus 'se so aon deth na meadhonaibh leis am feud thu do thuigse a lionadh, do chuimhne, do thoil, agus uile oisinnibh do chridhe, le làthaireachd Dhe, uime sin ma ghrádhach sibh e le éisdeachd fhocail, agus co fhada 'sa bhitheas sibh beo gu'm bi sibh 'n'ur luchd com'pairt de chomh-chomuinn a naoimh ; a chun's gu'm feud sibh a ràdh maille ri Daibhidh, "Aon nì ghuidh mi air an Tighearn, sin iarraidh mi, a bhì 'm chōmhnuidh ann an tigh an Tighearna, re uile laithean mo bheatha. a chum gu' faicinn maise an Tighearna. agus gu 'fiosraichinn na theampull," Salm xxvii. 4. "C'ia so ghrádhach do phailliuna a Thighearna na'n sluaigh ! Tha m'anam a' m'annachadh, 'seadh, eadhon a' fannachadh le deidh air cùirtibh an Tighearn : Tha mo chridhe agus m'fheoil ag eigheach gu h-árd air son an De bheò. Oir is fearr là a'd' chùirtibh na mìle ;

b'fharr leam a bhi dorsaireachd ann an tigh mo Dhe, na bhim chomhnuidh ànn am paillionaibh aingidheachd." Salm lxxxiv. 1, 2, 10.

Agus 'nuair a bhitheas tu ri bàs, ann an sin gu' feud thu a ràdh ri'd' chlann, ghràdhaich mise an Tighearn, agus ghabh mi tlachd ann an uile mheadhonaibh aoraidhsan sa mhaduinn agus mu fheasgair. Bithidh mi air mo lionadh le a lāthaireachd, agus bha mise air mo bheanachadh ann mo ghairm, agus dh'òl mis do dh'abhnaichibh uisge na beatha; agus lionadh mi le saill tigh an Tighearn féin; uime sin tha mi guidhe oirbh deanaibh-se a ni cèudna, agus gheibh sibh-se beannachd mar fhuair mise.

'Nis, Tha aig an dara h-àithn so, na's mō na na meadhona' follaiseach so, a dh'fheudas sibh a chleachdadh maille ris a chuid eile de na naoimh ann a meadhon a cho'thionail maille ri d' bhraithre; tha innte na meadhonaibh uaignidheach so, a dh' fheumas a bhi deanta gach lā maille ri do ghairm, air an lā feumaidh tu a bhi aon chuid aig an tigh maille ri'd' mhnaoi, agus do chlann, 's do sheirbhisich, air neo bithidh tu ad' aonar, air neo bithidh sibh maille ri cuideachd eile 'nuair a tha sibh ann bhur teaghlaichibh, agus cionnas bu chōir dhuibh sibh féin a chleachdadh ann bhur teaghlaichibh. Tha mi guidh air a mheud agaibh 'sa tha deanamh coguis do aoradh Dhé, gu'n cleachd sibh na meadhonaibh uaigneach ann bhur tighibh air a chuid a's lugha 'sa maduinn agus air feasgair gach aon lā; Tha fhios agam gu maith gu'n d' fhuair cuid agaibh beannachadh Dhé an sin ann bhur teaghlaichean. Agus cia mar bu chōir dhuibh sibh féin chleachdadh ann bhur teaghlaichean fad a chuid eile do'n lā, Eadhon deanaibh mar a rinn Solamh, air a leithid do dhoigh 's nuair a chi muinntir eile an t-òrdugh mais-each sin ann bhur tighibh, gu'm feud iad a radh, "Is sona do dhaoine, agus is sona do séirbhisich a ta na'n seasamh 'an so a' d' lāthair, agus a tha aig eisdeachd do ghliocais; beannaichte gu'n robh an Tighearn do Dhia a ghràdhaich thu, agus a thug dhuit tigh agus a chuir thu os cionn teaghlach; agus gu'm feud do seirbhisich féin a ràdh bu mhaith air mò shon-sa, nam faodainn seasamh aig bòrd mo mhaighstir, a chum's gu'n cluinninn an gliocas agus na briathraibh gràs-mhor a tha teachd a mach as a bheul. Agus sibhse a ta n-'ur ban-mhaighstiribh, bitheadh briathraibh a ghràis ann bhur beul, agus

ann bhur bilibh, mar shuàidhnibh sgàrlaid, “Chum’s gu’m fosgail sibh ’ur beoil le gliocas, agus gu’m bi lagh a choimhneis air bhur cridhibh ’s air bhur teangaibh.” Biodh so na chleachdadh dhuibh ’nuair tha sibh ’n’ur teaghlaichean.

’San ath aite, a rìs ’nuair a ta sibh ann an cuid-eachd, aidichibh bhur peacaidhean d’a chéile, earaillichibh a chéile, cronaichibh, teagaisgibh, sòlasaichibh a chéile, agus an còmhnuidh bithibh ’deanamh maith-eigin ciod ’sam bith cuideachd ’sam bheil thu no’m bi thu. Agus anns an àite mu dheireamh, ’nuair a tha thu ad’ aonar, agus ’nuair a leughas tu focal Dhé: oir is beannaichte esan a leughas briathraibh an leabhar so, agus a ni iad. Ciod e tuille? Deanaibh ùrnuigh do ghnath, agus deanaibh ùrnuigh ’san Spiorad le dúrachd, deanaibh ùrnuigh air son na’n uile dhaoine. Ciod e tuille? Aidichibh bhur peacaidhean am fianuis De, faicibh iad, agus gabhaibh gràin diubh, agus thugaibh fuath dhoibh. Ciod e tuille? Bi taingeil ’sna h-uile nithe. Dean faire do ghnàth, anns na h-uile ni a ni thu, thoir an aire do d’ chridhe, thoir an aire do d’ bheul, thoir an aire do d’ chosaibh, nach sleamhnaich iad ann am puing dleasdanais sam bith. Ciod e tuille? Beachd-smuainich air focal agus air oibre Dhe, beachdaich air do thruaighe fein, agus beachdaich air tròcair Dhia; beachd-smuainich air an lagh. agus beachd-smuainich air an t-Shoisgeil; smuainich air do thuiteam ann an Adhamh, agus smuainich air d’eiridh a rìs ann an Criosd. Ciod e tuille? “Cuir ort uile armachd Dhe, crioslaich do leasraidh le firinn, cuir ort uchd-éididh na fireantachd, cuir ort brògan ullachaidh Soisgeil Chriosd, comhdaich do cheann le clogaid na slàinte, agus, thar na h-uile nithe, gabh ad’ ionnsuidh sgéith’ a chreidimh, a tha comasach air uile shaighde teinteach an droch-spioraid a mhùchadh, agus gabh ad’ ionnsuidh claidheamh an Spioraid, ni ’se focal Dhe.” Cuir ort an armachd so uile, agus seas fuidh d’ armachd rè an là uile, agus luidh sìos leis mu fheasgair, agus coidil leis fad na h-oidhche.

Ciod e tuille? ’San àite mu ’dheireadh, comharaichibh leibh fein gach oidhche mu’n d’thig sibh gu’r leapachibh, am breithneachadh air tròcair Dhe a fhuair sibh trid an là, an tì mar fhear pòsda a tha cuir comharaidheau ga oil do’r n-ionnsuidh gach aon là, eadbon cosmhal

ri duine nàdurach, air dha bhi o'na bhàile, tha e'n tràs agus a ris a' cuir comharaidhean gaoil a dh'ionnsuidh a bhean, a chum a cumail ann an cuimhne air; gabhaidh si iad, agus taisgidh 's i suas iad ann a ciste; ge d' nach mor a's fhiach iad, gleidhidh si ann an sin iad, do bhrìgh s gu'm bheil gràdh aice dha-san a chuir iad. Mar so bu chòir dhuibhse dheanamh; oir tha'n Tighearn, bhur Fear-pòsda gràdhach, a' cuir comharaidhean gaoil do'r n-ionnsuidh gach aon latha, a chum 'ur cuir ann an cuimhne air fein, agus a dh'fheuchainn ciod am meas a tha agaibh orra air a sgàth-san. Nach bu chòir duibh gabhail riu le buidheachas, agus an cuir suas ann bhur cridheachan, agus an cumail ann an sin air a sgàth-san a chuir iad? 'Nis 's iad so na meadhonaibh a dh'fheumas gach aon agaibh a chleachdadh, na'm b' àill leibh làthaireachd Dhe a bhi a' lionadh bhur cridheachan, agus mar a b' àill leibh tròcair fhaotainn do bhur n-anama, agus mar b' àill leibh beannachd fhágail aig bhur clann 'n'ur deigh; oir le so feudaidh sibh deadh thiomnadh a dheanamh, agus ma dh'fheumas sibh dìlib chothromach fhágail do'r clann, feudaidh sibh uile gheallaidhean Dhe air an deanamh ann am fuil Iosa Crìosd a chuir an céill doibh. Cha'n abair mi tuille aig an ám, ach do'n Tighearn Iosa Crìosd maille ris an Athair, agus ris an Spiorad Naomh, gu'n robh gach uile mholadh, a nis agus gu sìorruidh. Amen.

SEARMON XXXII.

Exod. xx. 4, 5, 6.—Na dean dhuit fein dealbh snaidhte, no coslas sa'm bith a dh'aon ni, a ta 'sna neamhaibh shuas, no air an talamh shios, no 'sna h-uisgeachaibh fuidh 'n talamh. Na crom thu fein sios doibh, agus na dean seirbhis doibh; Oir mis an Tighearn do Dhia, is Dia endmhor mi, a' lean-tuinn aingidheachd na'n aithrichean air a chloinn, air an treas agus air a cheithream h ginealach, dhiubh-san a dh'fhuathaicheas mi: Agus a' nochdadh trocair do mhiltibh dhiubh-san a ghradhaicheas mi, agus a choimhdeas m'aithtean.

Deut. xii. 18.—Ach an lathair an Tighearn do Dhia ithidh tu iad, anns an aite a thaghas an Tighearn do Dhia, thu fein, agus do mhac, agus do nighean, agus t-oglach, agus do bhanoglach, agus an Lebhitheach a tha 'n taobh a stigh do d' gheataibh: agus ni thu gairdeachas an lathair an Tighearn do Dhia anns gach ni ris an cuir thu do lamhan.

Tha cuimhne againn air c'aite an do sguir sinn 'sa mhaduinn; an ni a's mō air am bu chóir dhuinne meas a bhi againn, an ni 'se lathaireachd Dhé a bbi do ghnath ann ar cridhibh, coimhead a ghráidh, a ghairdeachais, a shìth, 'eagal, agus a sholuis, oir 'sann ann an sin a tha ar sonas agus ar beatha comh-sheasamh; oir far am bheil an Tighearn, tha beatha, agus saorsa, agus sólas, agus uime sin dh'ullaich an Tighearn na meadhonaibh gu léir a dh'fheudas sinne a chleachdadh 'na aoradh fein, agus chuir e sìos iad 'na fhocal, a chum's gu'n trèoirich iad sinn a dh'ionnsuidh a cho'chomunn shona so, agus gu'n cùm iad sinn ann am mealtuinn 'sann an sealbh air làthaireachd Dhé; 'seadh, thug e dhuit-sa cead an gnàthachadh gu saor uile, a chum's na bheath-sa gu'm faigh-eadh sinne beatha, agus leò-san gu'm biodh sinn a' fàs suas gach lá anns a bheatha sin.

Tha a cheud aon air a chuir sìos anns a cheud áithn, a chuid eile anns an dara h-áithn, far an cuala sibh, nach e a mháin gu' bheil e na pheacadh Dia air bith eile a bhi againn, agus mar sin a chuir fuidh chrádh, ach tha e mar an ceudna na pheacadh ma chráidheas sibh e, do bhrìgh 's nach d'thoir sibh seirbhis da do reir 's mar dh'áithn e dhuibh; agus uime sin tha 'n dearbh tharcuis air na meadhonaibh leis am bu chóir dhuinn a theachd a dh'ionnsuidh comh-chomunn ri Dia, na chomhara air gu

bheil agad-sa fuath dha ; agus 'se'n dearbhachd is fearr air do ghrádh-sa, cleachdadh dichollach a dheanamh air uile mheadhonaibh aoraidh-san ; agus uime sin gheall an Tighearn beannachd, cha'n ann a mhàin dhoibh-san a chleachdas na meadhoinean so, ach mar an ceudna do'n treas ginealach, agus do mhiltibh a thig 'nan deigh. Ciod am fios a th' agam-sa, ma bha sibh a' cleachdadh na meadhoinean bho'n uair a chuala sibh mu'n timchioll ? Tha e na ni eagalach gu'm faigheadh an diabhl a leithid do dh' uachdranachd air anama dhaoine agus mhnaibh ; air doigh 's gu'm bheil mòran dhibh a chuala so air a mhaduinn, nach d' rinn urrad agus smuaineachadh aon uair air o'n uair sin. Nach bi an cunntas sin air aon latha air iarraidh oirbh ? O ! nach dean an tòiseachadh so, ann an aideachadh, failleachadh, mur bi sibh ach 'n'ur luchd eisdeachd a mhàin, gun a bhi 'n'ur luchd cuir an gnìomh an fhocail ? Cha'n fheumadh iad a bhi co tric air an aithris na'm biodh tlachd agaibh anna, no na'm biodh agaibh gradh Dhia ann bhur cridheachan, agus c'ait am bheil cleachdadh agus deanamh air toil Dhé ? Cha dean na h-uile searmonachadh anns an t-saoghal maith, oir 'se a mhain deanamh an fhocail a's urrainn a dheanamh, agus a chumail a mhain ann do chridhe. 'Ni a b'e na meadhoinean so dh'innis mi dhuibh anns a mhaduinn, agus a nis tha mi 'gan innseadh dhuibh a ris ; tha, anns a cheud aite, an t-aoradh follaiseach ann an eisdeachd focail Dé, agus ann an gabhail na'n sacramaintean, trasgadh agus breith-buidheachas shòleimnte, agus cleachdadh foghlaim. Tha cuid agaibh a tha deanamh coguis de' na so, ach tha eagal orm nach 'eil sibh 'ga dheanamh le ullachadh, agus riaghailt naomh ; oir 'nuair a tha sibh a' toirt bhur pearsaibh a lathair an so, tha bhur cridheachan air falbh ; agus 'nuair a tha sibh a' dol a steach do thigh Dhé, cha'n'eil sibh a' tabhairt aire do'r casaibh. Ach tha mi a' fagail an fhollais, agus a' teachd a dh'ionnsuidh an uaigneas, ni as eugmhais nach dean an fhollais féum air bith dhuibh, air an aobhar sin, a mhead 's leis am b'aill beannachadh Dhé a bhi air a chuir am meud orra anns an fhocal agus anns na sacramaintibh, Tha mi guidh oirbh gu'n deanadh sibh coguis do chleachdadh aoradh diomhar Dhé. 'Se a cheud aon de' na meadhonaibh diomhar so faire, agus a' feitheamh do ghnath os cionn bhur cridhe, a' toirt an ro-aire nach crùb

an diabhuil a steach a chum bhur creach de 'na so, air a leithid do dhoigh 's nach urrainn thu a radh, 'se Dia mo thlachd, mo ghairdeachas, mo ghradh, m' eagal, m' urram, agus mo chrùn. Tha chaithris so cho feumail, agus uime sin tha i cho tric air a h-àithneadh anns an t-soisgeil, tha e agaibh ann an soisgeil Mhata. xxiv. 42, 'Deanaibh-se uime sin faire, oir cha'n'eil fhios agaibh cia an uair an d'thig bhur Tighearn.' Tha e agaibh a rìs ann a Mata, xxvi. 41, "Deanaibh faire agus ùrnuigh a chum's nach tuit sibh ann am buaireadh." Tha e agaibh ann an soisgeil Mharc. xiii. 35, "Uime sin deanaibhse faire, oir cha'n'eil fhios agaibh c'uin a thig maighstir an tìge; an ann air feasgar, no air meadhon oidhche, no aig gairm choileach, no anns a mhaduinn. An t-eagal air teachd dha gu h-obainn gu 'm faigh e sibh 'n'ur codal; agus na nithe a deirim ribhse, a deirim ris na h-uile dhaoibh, deanaibh faire." Tha e agaibh ann Gniomh xx. 31, "Uime sin deanaibh faire a' cuimhneachadh," &c. Tha e agaibh ann an I Thesalonianach v. 6, 7, "Uime sin na coidileamaid mar dhaoine eile; ach deanamaid faire, agus bitheamaid stuaim. Oir an dream a choidileas, 'sann anns an oidhche a choidileas iad; agus an dream a tha air mhisg 'sann anns an oidhche a tha iad air mhisg." Tha e agaibh ann an ceud litir Pheadar iv. 7, "Ach a ta crìoch na'n uile nithe an fagus: uime sin deanaibh faire chum ùrnuigh." Tha e agaibh ann an Taisb. xvi. 15, "Feuch, ataim a' teachd mar ghaduiche, is beannaichte esan a ni faire, agus a ghleidheas eudach, a chum nach imich e lomnochd, agus nach faic daoine a nàire." Ciod is ciall da so, gu bheil an Tighearn co tric anns an Sgrìobtuir ag àithneadh agus a' moladh a phuing dhiadhachd so faire?

Do bhrìgh as eugmhais faire, gu' bheil e do-dheanta do chumail as lamhan an diabhuil, cha'n'eil e so-dheanta gur urrainn thu ùrnuigh a dheanamh do ghnàth, agus breith-buidheachas a thabhairt 's na h-uile nithe, agus a chuid eile do na meadhonaibh a ghnàthachadh as eugmhais faire. Ach cia lion agaibh a thainig a dh'ionnsuidh a phuing dhiadhachd so, a bhi do ghnàth a' caithris os-cionn bhur cridheachan fein? Ach na's roghnaichte tha sibh a' fosgladh suas dorsan bhur cridheachan do'n diabhuil, gu theachd a steach air na h-uile cothrom, agus mar sin tha sibh a toirt àite do na h-uile bhuaireadh a chuir-

eas e ann bhur rathad ; uime sin 'se sin an t-aobhar gu' bheil na h-uiread do dhoilbheachd agaibh ann an aoradh Dhe, agus gu' bheil a sheirbhis na leithid do uallach oirbh, eadhon do bhrìgh 's gu'n do leag sibh le'r cridhe dhol fuasgailte fad an là uile, agus nach d'rinn sibh faire thairis air bhur n-uile shlighibh.

Mar sin ma ta, na'm b'àill leibh aghairteas a dheanamh ann an diadhachd, feumaidh sibh faire dheanamh agus aire a thabhairt do'r cridheachan, oir tha'n diabhl a' deanamh faire do ghnáth mu'r timchioll, agus cha'n 'eil seol air do chumail a mach a lámhan an leomhain sgriosach sin, ach le faire do ghnáth os do chionn fein ; air an aobhar sin tha'n Tighearn ag radh, "deanaibh faire agus ùrnuigh, a chum 's nach tuit sibh ann am buaireadh." 'Nis, do bhrìgh 's nach robh agaibh-se glòir Dhe agus bhùr sláinte fein, mar chùram sònruichte bhur n-anama, uime sin cha d'rinn sibh faire os cionn bhur cridheachan cho cùramach 's bu chòir dhuibh a dheanamh ; uime sin, mur biodh grádh glòir Dhia, agus bhur sláinte fein ann an Iosa Crìosd, air a chuir ann am fonn bhur n-anama, cha chuireadh sibh gu bráth an suim a bhi deanamh faire agus ùrnuigh a ghnáth ; mar so mur gluais a bheag sam bith sibh gu faire a dheanamh, deanadh grádh glòir Dhia bhur gluasad gu faire agus bhur comh-éigneachadh gu faire a dheanamh gu dùrachdach, anns gach áite, agus aig gach àm, agus anns gach cuideachd. Oir tha easmhuidh na faire so ag aobharachadh mór olc, agus tha a chaitris so co neo-ghnáthaichte leibh, a mach o na h-amaibh suidhichte aoraidh 'sa mhaduinn agus anns an fheasgair, tha mi 'saoilsinn gu 'bheil sibh a' fàgail bhur cridheachan fuasgailt do'n diabhl ré an latha uile ; agus air an aobhar sin chleachd sibh bhur cridheachan ri leithid do bhoile agus do leantuinn air an t-saoghal agus air a thaitneasaibh : agus a nis 'nuair a b'àill leibh a chruinneachadh suas a rìs, agus a thabhairt suas am fianuis an Tighearna, tha e na nì co doilbh oirbh a dheanamh : uime sin tha dearbhadh air bhur grádh do Dhia ann an caitris do ghnáth os-cionn bhur cridheachan fein, a chum 's nach bi aon chuid gradh Dhia air a thabhairt uaibh le ainneart, no idir nach faigh an nathair cead crùbadh a steach. Tha mi 'ga fhagail do'r coguisibh fein, gu rannsachadh cia co fada 'sa tha gach neach agaibh air deireamh anns a phuing so ; shaoilinn gu'n

d'fhoghlum sibh leasan mór anns an diadhachd, na'm b'urrainn sibh faire dheanamh thar bhur cridheachan fein ré an lá uile, agus ré na h-oidhche mar an ceudna. Cuimhnichibh ciod a tha Criosd ag radh ann an Lucas, xxi. 36. "Deanaibh-se air an aobhar sin faire, a' deanamh úrnuigh gach àm, chum gu' measar gur airidh sibh air dol as o na nithe sin uile ta gu teachd, agus seasamh an lathair Mhic an duine." "'S beannaichte esan a ni faire agus a ghleidheas a thrusgan glan." Agus cha'n'eil doigh air Criosd a chumail mar thrusgan umad, ach a mhain le faire. Mar sin tha mi ag radh, ge nach biodh ni's mó air fhoghlum aig an àm so, ach an aon leasan so do chaithris agus úrnuigh do ghnath, bu mhaith sin; mur biodh uair air bith, 'san la uile, anns nach biodh tu ag radh, Thighearn, am bheil thusa anns a ghniomh so? Na'm biodh so air fhoghlum, shaoilinn mo shaothair rè an là gu maith air a chaitheadh. Agus 'se so an t-aobhar gu' bheil muinntir a' deanamh co beag piseach 'sa chreidimh-Chriosduidh, eadhon do bhrìgh 's gu' bheil co beag faire air a dheanamh.

'Nis, maille ris a chaithris so, cuir ris beachd-smuaineachadh, socraich do chridhe, agus beachdaich air do thruaighe fein, agus beachd-smuainich air fuil Chriosd a rinn do shaoradh; beachdaich air lionmhoireachd do pheacanna, agus air tròcair neo-chrìochnaichte Dhe; beachdaich air oibre, agus air fhocalaibh, agus air a gheallaidhean, agus beachdaich air a bhagraidhean, beachdaich air a smachdaichidhean, agus beachdaich air a bhreitheanasaibh: 'se so an cleachdadh a dh'fheumas a bhi agad 'nuair a bhios tu ad aonar, agus 'nuair a tha thu ann an cuideachd. Bi do ghnàth deanamh maith, no gabhail a mhaith, no a' cuir an aghaidh an uile; uime sin na'm b'áill leat so a dheanamh, feumaidh do chridhe a bhi do ghnàth air neamh; an sin feumaidh d'armachd spioradail a bhi air a chuir umad, agus feumaidh tu seasamh fuadh armachd leis, mar-aon gu cogadh, agus gu cuir an aghaidh: an deigh sin thoir fainear do mhothachadh air tròcairean Dhe, a tha air a nochdadh dhuit gach lá; agus 'nuair a tha thu air faotainn beannachd Dhia, aon chuid ann am beachd smuaineachadh agus ann an ùrnuigh, no ann am breith-buidheachais, no ann an eisdeachd an fhocail, bidh so na mheadhon gu thoirt ort ath-philleadh a dh'ionnsuidh na meadhonaibh so; 'se

sin, leubhadh na'n sgrìobtuiribh do d' theaghlach 'nuair a tha cothrom agad, an deigh sin d'ùrnuigh gun sguir, do bhreith-buidheachais anns na h-uile nithe ; oir bu choir do gach sochair a tha thu a' faotainn o Dhia, do ghràdh dha a chomh-éigneachadh gu bhì dol a' meud, agus bu chòir da t-iartais a ghluasad suas annad, a chum a bhì cuir an ceill maitheas agus caoimhneas gràidh Dhe anns gach àite a dh'ionnsuidh an d'thig thu ; an deigh sin oidhearp gu a thoileachadh anns gach nì, agus eud air son gach deadh obair ; an deigh sin aidmheil air do pheacanna gach lá, le casaid. agairteas, agus dìteadh ort fein, toilltinneach air a bhàs sin, agus na peacanna mu bheil thu 'ga d' agairt fein, agus 'ga do dhìteadh fein, feuch gu'n gabh thu gràin diubh, gu'm fuathaich, agus gu'n seachainn thu iad, agus na beachdaich orra na's lugha na, na peacanna sin a thug Mac Dhia a nuas o fhlaithneas, agus a thug air bás fhaotainn air do shonsa.

Ach their cuid agaibh; 'nuair a theid mis' a bheachd-smuaineachadh, tha mi as eugmhais aobhar co air a bheachdaicheas mi. Ach freagram thu, nach amhairc thu air do chridhe fein, agus cionnas an sin a bhitheas tu as-eugmhais aobhar na's leoir? Ach fathasd their thusa, tha mo chridhe co làn do smuainte diomhain, 's nach urrainn domh fantuinn air beachd-smuaineachadh. Freagram thu; cha'n'eil iongantais ann, air dhuit do chridhe leagail co fuasgailt, agus gu'm b'àill leat fhosgaladh do'n diabhul agus do chuid buairidhean, a chum's gu'n d'theid iad a steach; ach na'm b'àill leat do chridhe a chaithris, agus gun àite a thabhairt do smuainte seachranach, anns nach 'eil a bheag ach buairidhean an t-sàtain, agus sanuis an diabhuil air an tilgeadh ann do chridhe, gu a bhì bacadh thu bhì air do chleachdadh ann an aoradh Dhe: air an aobhar sin, anns a choir sin, " cuir ann an aghaidh an diabhuil, agus teichidh e uat, agus tarruing am fagus do Dhia, agus tarruingidh se am fagus dhuit-sa." 'Nis, cha'n abair mi tuilleadh aig an àm so, ach a bhì guidhe air Dia, de' a thròcair neo-chriochnaichte, an gràs so a dheòineachadh dhuibh, gu'n cleachd sibh meadhonaibh aoraidh Dhe, mar-aon follais-each agus diomhar, a chum onair Iosa Crìosd, agus combhfhurtachd bhur n-anama fein; dha-san, maille ris an Athair, agus ris an Spiorad Naomha, gun robh gach uile mholadh, agus glòir a' nis agus gu sìorruidh. Amen.

SEARMON XXXIII.

Lucas i. 74, 75.—Gu'n deoinicheadh e dhuinn, air dhuinn bhi air 'ar saeradh o lamh ar naimhde, gu'n deanamaid seirbhis da as eugmhais eagail. Ann an naomhachd agus ann am fireantachd na lathair fein, uile laithean ar beatha.

DH'iarramaid beannachadh Dhe, agus làthaireachd an Spioraid a bhi air a ghiùlain maille ri fhocal fein, a dh'ionnsuidh cridhe gach neach agaibh, a chum feum a dheanamh dheth na meadhonaibh so th'air an an òrduchadh leis fein, a chum aoidheachd a thabhairt da 'làthaireachd ann bhur n-anama. 'Nis, a chum so a thuigsinn, bheir sibh fainear, mu fhàistneachd Shechariah, a rinn e fhaidheadaireachd an deigh dha bhi air a bhualadh balbh rè uine naoi mìosan, air son a dhìth-creideamh.

'Nis, 'nuair a tha'n leanabh air a bhreith, agus a tha e gu a bhi air a bhaisteadh, tha theanga' air a fuasgaladh, agus, air dha bhi air a lionadh leis an Spiorad Naomh, tha e ag cuir an céill an fhaistneachd so : far am bheil e, air tùs a' briseadh a mach ann am buidheachas do Dhia air son coimhleanaidh a gheallaidh, agus air son cuir a Mhic fein a chum saoradh a shluaigh a bha cailte; agus anns an ath àite, tha e 'g innseadh dhuibh ciod a chrìoch air son an robh so air a dheanamh, sin r'a radh, " Air dhuinn, a bhi air bhur saoradh a lamh 'ar naimhde, gu'n deanamaid seirbhis da as eugmhais eagail, ann an naomhachd agus ann am fireantachd 'na lathair fein, uile laithean ar beatha." 'Nis, a chum teachd a dh'ionnsuidh a ni a tha anns an rùn, leagaidh mi dhuibh fhaicinn air tùs cia mar a ta so an crochadh ris na nithe mu'n do labhradh roimhe.

2. An fhad 'sa thainig sinn air ar n-aghairt, agus sin a tha sinn gu laimhseachadh; agus an deigh sin labhradh mi focal na dha mu'n a so gu h-ath-ghearr.

Bha ceithir nithe air an teagasg dhuibh, a chum bhur stiùireadh a dh'ionnsuidh caitheadh beatha diadhaidh agus chriosduidh, tha an tuigsinn agus an cleachdadh,

gu leir feumail, air doigh 's gu'm feum sibh an deanamh, na'm b'àill leibh Dia a ghlòircachadh ann an so, agus bhur cuid a bhi agaibh do'n bheath-shiorruidh an deigh so; feumaidh sibh 'araon eolas fhaotainn orra agus an deanamh, no bithidh bhur saothar gu leir 'san aideachadh ann an diomhanas.

Air tus, Feumaidh sibh an creideamh tearnaidh sin a bhi agaibh a' deanamh greim air sàbhaladh, a bha air a sheuladh, air a ghealltainn, agus air a nochdadh, 's air a dhaighneachadh, air a bhudhachadh 's air a cheannach, le fuil Iosa Crìosd; agus 'se so am bunait 'sa charraig air am feum sibh bhur tigh a thogail, na'm b'àill leibh e seasamh anns an t-saoghal so agus anns an t-saoghal a ta ri teachd; agus 'se so a charraig cha'n e mhàin air am feum sibh bhur n-aithreachas a thogail, ach mar an ceudna bhur sàbhaladh, agus a ni as eugmhais gu bheil na h-uile diadhachd ann an diomhanas, oir mur tog thu air a bhunait so, na h-uile togail a ni thu tuitidh e sìos, "agus bunait 'eile cha'n urrainn duine sam bith a shuidheachadh ach am bunait a shuidhicheadh a cheana', ni 'se Iosa Chrìosd air a ghabhail troimh Chredimh; 'se so am bunait air am feum thu do shlàinte a thogail, oir cha'n eil ach saothair chaillte gu leir ad' shaothair 'san diadhachd, ma 'se agus gu' bheil thu fathast ad' sheasamh eadar dha bharrail, agus mur d'fhuair thu thu fein air do fhreumhachadh gu daighean agus air do shuidheachadh ann an Crìosd, a chum's gun d'thoir thu dùbhlán do ifrinn, do'n bhàs, do'n uaigh, agus do'n chuid eile do d' naimhde gu leir; air doigh 's gu'm feud thu radh, fhuair mi sàbhaladh ann am fuil Iosa, agus sin air a sgrìobhadh ann mo choguis le a Spiorad fein. 'Se so a cheud ni a dh'fhéumas sibh a bhi agaibh, mu'n urrainn sibh seirbhis a thabhairt do Dhia ann bhur caith' beatha agus ann bhur giùlain Chrìosduidh, agus seirbhis a thabhairt da as-eugmhais eagail; agus uime sin tha agaibh an so, "air dhuinn, a bhi air ar saoradh o laimh ar naimhde, gu'n deanamaid seirbhis da as-eugmhais eagail:" Cha bhi seirbhis do Dhia, gus an creid thu air tús gu'n do shaor Dia thu a mach a lamhan an diabhuil, a pheacaidh, agus o cheartas Dhia, agus o do naimhde gu léir; cha bhi seirbhis do Dhia, as eugmhais eòlas a bhi agad air tús air thu a bhi air do dheanamh ad' dhuine saor agus ad' fhear baile do'n nuadh Ierusalem sin: air an aobhar

sin 'se so a cheud stéidh a dh'fheumas sibh a shuidh-eachadh, creidimh air bhur saoradh, agus bhur fuasgladh as lamhan bhur n-uile naimhde. 'Se mo bharrail nach'eil a h-aon agaibh a shuidhich am bunait so fathast, uime sin guidheam oirbh tóisichibh agus suidhichibh a nis e air sgàth Iosa Criosd. C'ar son a bhiodh sibh air bhur tilgeadh air bhur n-ais uaith, 'nuair a thig e ann a mhòr ghlóir; agus am bi aithne aig air a bheag, an saoil sibh-se, ach air buill a chuirp fein, a rinn greim air troimh chreidimh?

An coisinn neach air bith a dh'ionnsuidh a bhaile nuadh sin, ach iadsan a thig, le'n trusgana air an glanadh ann am fuil Iosa? Am bidh sìth air neamh no air thalamh, no ann an coguis, do neach sa'm bith ach dhoibh-san do'n do cheannaich fhuil-san e, agus gus an creid iad ann? Air an aobhar sin tha mi 'g radh, tóisich agus suidhich so 'mar a chlach-iuil ann do chridhe, creideamh anns an Tighearn Iosa Criosd.

Bunait eile, dh'innis mi dhuibh, a ni b'e so, creidimh, cha'n 'e a mhàin gu ruigheachd air geallaidhean na slàinte agus air maitheanas do pheacanna, ach feumaidh tu a chreidsinn mar an ceudna, na h-uile a ta sgrìobhta ann am focal De, anns an lagh, agus anns na faidhean, agus anns an Tiomnadh-nuadh; feumaidh tu uile àithntean Dhia a chreidsinn; feumaidh tu uile bhagraichean a chreidsinn, a gheallaidhean uile, mar-aon anns an t-saoghal so, agus air son an t-saoghail a ta ri teachd; oir ni cùraimean amharusach an t-saoghail do chridhe a ghearradh ann an ùin ghoirid, agus do thilgeadh ann an leithid do theagamh, ma 'se agus nach creid thu geallaidhean Dhe, 's gu'm bi e do-dheanta dhuit do shìth ri Dia a chumail a bhuineas dhuit anns a bheatha so. Am bheil thu ann an trioblaid? Cuimhnich a ghealladh, "Gairm orm ann an là na trioblaid, agus eisdidh mis riut." Am bheil thu ann an ro-chùram agus ann'am buaireadh-inntinn, do bhrìgh 's nach urrainn thu lagh Dhe fhaotainn air a sgrìobhadh ann do chridhe? Cuimhnich a ghealladh; "Agus sgrìobhaidh mise mo lagh ann do chridhe, agus cuiridh mi m'eagal an taobh a stigh dhiot, a chum 's nach imich thu gu bràth air falbh nam.' Am bheil thu fo' eagal nach buanaich thu a dh'ionnsuidh na crìche? Cuimhnich a ghealladh, "Cha d'theid a h-aon deth mo chaoraich-sa am mugh.

Bithidh mise maille ribh gu deireadh an t-saoghail. Cuiridh mis an Comhfhurtair do'r n-ionnsuidh, an tì, 'nuair a thig e, a threóricheas sibh a chum gach uile fhirinn," Féumaidh tu na bagraichean gu leir a chreidsinn, agus uile mhallachdan an lagh'; agus bheir so ort na's mó do luach a chuir air fuil Iosa, a rinn do shaoradh bhon a mhallachd, agus a thug air falbh an "lamh-sgriobh, agus a rinn a thairneadh ris a chrann a cheus." Feumaidh tu a chreidsinn, ma 'se 's gu'n d'theid thu as an t-slighe, gu'n coinnich thu ri drisibh agus droighean ann ad' thaobh, agus ri iomadh plàighean agus trioblaid-ean, agus ri croisibh agus buairidhean iomadh-fillte; agus cumaidh so do chridhe an comhnuidh fo' eagal; tha thu ceangailt gu a bhagraichean gu leir a chreidsinn, agus uile mhallachdan, fuidh phein a ni nach lugha na dìteadh siorruidh. Cha'n iongantach ge do tha leithid do dh' fhuasgailteachd ann bhur n-aidmheil, do bhrigh's nach 'eil na bunaithean so gu einnteach air an suidheachadh ann an cridheachan dhaoine agus mhnathan.

Agus air tūs, creid sàbhaladh, a chum's gu'm feud thu a radh, Thighearn, 's leat mi, agus is leamsa thusa, tha sinn air ar n-aonadh ri chéile le ceangal an Spioraid, agus cha'n urrainn a bheag sam bith ar dealachadh; agus uime sin ciod sam bith ni a dh'iarras tu orm a dheanamh, ni mis e.

Bheireadh creideamh 's na nithe so ort do ghnàth ann an tigh 's ann an teaghlach Dhia, nach bu dàna leat amharc a mach air an dorus, mur biodh fuil Chrìosd 'ga do chōmhach. 'Se so a cheud stéidh creidimh.

B'e'n dara ni a dh'innis mi dhuibh, ath'rachadh a chridhe, bhur n-ath-nuadhachadh, no ar n-ath-ghineamh-uinn, no 'r n-iompachadh, no'r nuadh-bhreith, no ciod sam bith a ghairmeas sibh dheth, cha'n'eil annach an t-aon ni. Feumaidh ath'rachadh iomlain a bhi air a dheanamh air do bheatha 's air do ghiúlain; agus 'se so an ath bhunait a dh'fheumas tu a shuidheachadh, aithreachas do thaobh Dhé; oir 'sann a chum na criche sin a tha sibh glan, agus air bhur n-ionnlaid trid creidimh ann am fuil Chrìosd, an tì, "tre na spiorad shiorruidh, a thug e fein suas gun smal do Dhia, eadhon gu bhur coguiscean a ghlanadh o oibre marbh, a chum's gu'n deanadh sibh seirbhis do'n Dia bheó; oir co fhad 's a tha uile-bheistean, agus dràgoinean, agus diabh-

leibh gabhail comhnuidh ann do chridhe, agus a' cumail an tigh ann an sìth, bithidh do dhiadhachd uile ann an diomhanas, gus am bi an duine làidir air a chuir a mach le duine na's treise; agus uime sin feumaidh tu cungaidh-ghlanaidh a bhi air a cuir ann do chridhe, a ni ionnluid agus a ghlanadh, a chum's gu'n gabh an Spiorad Naomh comhnuidh ann; feumaidh tu oibre na dorchadais a thilgeadh air falbh, agus armachd an t-soluis a chuir umad; feumaidh tu a dheanamh mar a ta am Faidh Isaiah ag radh, (Isa. i. 16, 17.) "Nighibh, glanaibh, cuiribh air falbh olc bhur deanadais as mo'shealladh; sguiribh do'n ole. Foghlumaibh maith a dheanamh; iarraibh breitheanas: deanaibh fuasgladh air an fhear a tha sàraichte; cumaibh còir ris an dilleachdan; tagraibh cuis na bánt-traich." Agus mar sin tha do chridhe air a ghlanadh tre chreidimh.

'Nis, 'san treas áite, Cha'n e a mháin gu'm feum thu a dheanamh glan, ach a choimhead glan. 'Nis, air an aobhar sin, feumaidh tu a tharruing a mach gu tric fa' chomhar solus focail Dhia, a chum's gu'm faic thu na nithe truaidhidh a tha'n taobh a stigh dhìot, agus gu feum thu a bhi air do shaoradh uatha, oir cha'n e aon chungaidh-ghlanaidh a ni do ghlanadh, ach feumaidh tu iomadh purgaid-ghlanaidh leis an fhuil; ni mo is aon deoch a ni do ghnòthach, ach feumaidh tu bhi gu minig ag òl de'n fhuil sin; do bhrìgh 's gu'm bheil thū a' peacachadh gach latha, agus mar sin tha thu a' truailleadh do chridhe gach là.

Agus 4. Agus anns an áite mu dheireadh, Feumaidh tu sealltainn air lagh Dhe, agus beachd-smuaineachadh air a là agus a dh'oidheche, agus na leig leis gu bràth dealachadh o d' shuilibh.

Air na bunaithe so feumaidh tu do thigh a thogail ann an Dia, agus cha tuit e, agus feudaidh tu clach a shuidh-cachadh air cloich, air gabhaidh Dia comhnuidh ann an sin; agus tha e na dheadh thogail air a leithid sin do bhunait. 'Nis, co air a dh'fhèumas tu caith'-beatha a chriosduidh a thogail, doigh beatha a thoilicheas Dia; tha e cruaidh ort a bhi seachnadh an uile agus deanamh a mhaith? Freagram, Thus' a fhuair a bheath shìorruidh air tóiseachadh annad, thus a tha creidsinn na h-uile ni a tha sgrìobhte 'san lagh, agus anns an t-soisgeil, thus a fhuair deoch mhilis do dh' fhuil Iosa Crìosd, agus thus

a fhuair an spiorad caoimhneil sin, agus an Spiorad Naomh 'gad shólasachadh agus a' toirt aoidheachd dhuit, Tha mi cinnteach nach toir thus' aoidheachd do namhaid follaiseach ann do cridhe gu esan fhogradh a mach, agus tha mi cinnteach gu'n dean thu na tha ad' chomas a chum aoidheachd a thabhairt do'n spiorad mhaith; agus 'se'n t-aon doigh air a dheanamh, le a bhi seachnadh an uile agus a' deanamh a mhaith. Nochd mi dhuibh am maith bu chóir duibh a dheanamh, agus an t-olc nach bu chóir dhuibh a dheanamh. Agus tha so air a chuir sios anns na h-àithntibh. Is subhach a dh'fheudas an t-anam a bhi, air son a lamhan a bhi air an lionadh leis na nithe maith so, a tha'n Tighearn ann a fhocal ag àithneadh dhuit a dheanamh.

B'e ni fa' dheireadh a dh'innis mi dhuibh, na meadhoin-ean bu chóir duibh a chleachdadh, an doigh caith'beath a b'áill le Dia a bhi agaibh, agus an doigh caith'beath a dh'fheudas sibh fhaotainn ma dh'iarras sibh e, agus tha e tabhairt gloir do Dhia agus gairdeachas do bhur n-anama fein. Na di-chuimhnich mór ghlóir Dhé, 'nuair, thus, a bha roimhe ad' seirbhiseach aig an diabhl, gu bheil thu 'nis a thoirt seirbhis do Dhia; thus a bha air an rathad do dh'ifrinn, gu bheil thu 'nis air an rathad do neamh; thus a bha cailte ann an Adhamh, gu'm bheil thu 'nis air do thearnadh ann an Criosd, agus nach d'thoir sin mar an ceudna mòr ghàirdeachas agus sìth do t-anam? Air an aobhar sin dh'innis mi dhuibh na caochala' meadhoin-ean a thug Dia dhuibh, ma ni sibh feum dhuibh, gu'm feud sibh seirbhis a thoirt da gu diadhaidh.

Agus air tùs, lathaireachd ghlòirmhor Dhe anns a cho'fhional fhollaiseach, le frithealadh an fhocail agus na sacramainte, a shònruich e fein a mach dhuibh; an sin tha fuil an tiomnaidh-nuaidh, a dhoirt e air son peacanna' mòran, an sìth, am fireantachd-san anns an fhuil sin; agus ann an sin tha na h-uile b'áill leat a bhi agad. Anns an ath àite, dh'òrduich e na meadhoin-ean uaigneach so do chaitheas agus ùrnuigh do ghnàth, aire dhìchiollach agus chūramach a thabhairt do d' chridhe, nach d'theid e thar crìochan lagh Dhia; agus a' beachd-smuaineachadh air nithe spioradal no neamhaidh, a chum agus le sin gu'n suidhich thu do chridhe far am bheil Criosd do Tighearn.

3. Uile armachd Dhe bu chòir dhuibh a chuir oirbh, agus a chleachdadh gach là. “Seasaibh uime sin air bhì do’r leasraibh air an crioslachadh le firinn, agus uchdeididh na fireantachd umaibh; agus ullachadh soisgeil na sìth mar bhrògan agaibh air bhur cosaibh; thar gach uile nì, a’ glacadh chugaibh sgeith a chreidimh, leis am bì sibh comasach air uile shaighde teinteach an droch spioraid a mhùchadh; agus glacaibh clogaid na slàinte, agus claidheamh an Spioraid, nì a’ se briathar Dhe; agus deanaibh ùrnuigh a ghnàth leis gach uile ghnè ùrnuigh agus aslachaidh ’san Spiorad, agus deanaibh faire a chum an nì so fein maille ris gach uile bhuanachadh, agus ghuidheadh air son na’n naoimh uile.” Feumaidh tu an armachd so a chuir umad, gun chuir dhìot gu bràth tuille, agus nì e do chridhe mar chridhe leomhain, agus bitheadh tu ad chùpan puinsean, agus eibhlean teine, agus mar bhalladh umha do d’ uile naimhde; oir, mar a ta’n t-Abstol ag radh, “Cha’n ’eil ar n-innealaibh chogaidhean, feolmhor, ach spioradail, agus cumhachdach, o Dhia, gu bhì tilgeadh sìos daighnichean-làidir, agus gach smuain, agus nì àrd a tha ’ga àrdachadh fein ann an aghaidh Dhe, no ’an aghaidh eolais De, agus a’ tabhairt am braighdeanas gach smuain a chum umhlachd Chrìosd; agus dìoghaltais ullamh againn ann an aghaidh gach uile eas-umhlachd, ’nuair a choimhlionar bhur n-umhlachd-sa.” Mar so cha’n ’eil neart dha’n dána cuir ad’ aghaidh, ’nuair a tha thu air d’ éideadh le armachd Dhe. An sin ma ta, cìod am mothachadh tha agad annad fein, air doigh’s gu’m feud thu radh, ann an so thuit mi, ann an so dh’ éirich mi a rìs; ann an so, bha mi air mo thilgeadh sìos, agus ann an so bha mi air mo thogail suas a rìs; ’an so bha mi fo thrioblaid, agus ’an so fhuair mi sòlas, agus ’nuair nach b’ urra’ mi fein a m’aonar a bheag a dheanamh, ’an sin labhair mi ri muinntir eile, agus cha bu luaith a thainig am focal as mo bheul, no thainig an Tighearna ann ar measg-ne, agus bhlàthaich ar cridheachan leis a mhothuchadh; air doigh’s gu’m feud thu a radh maille ri Iacob, “Bha’n Tighearna anns an àite so, agus cha robh fios agam-sa air.” ’Nis, bheir do mhothuchadh fein mòr shòlas dhuit, agus air doigh àraidh nì do mhothachadh ’san àm a chaidh seachad do ghluasad suas, agus do mhìsneachadh, air a leithid do dhoigh’s ma dh’ ionndraineas tu e air son sràid, gu’n iarr thu e air sràid eile

agus mar sin gu'm faigh thu e, Agus, a thuille air a so aoradh uaigneach Dhe anns an teaghlach, mar úrnuigh moch agus anmoch, agus a' comh-labhairt air focal De, agus an t-ordugh sgiambach sin ann do theaghlach. Agus tha mi cinnteach, sibh-se a tha cleachdadh a mheadhon so, gu'n d'fhuair sibh beannachd Dhia ann.

'An sin, 's an àite mu dheireadh, an companas agus an comh-chomunn sin maille ris na naoimh ann bhur measg fein, ann an earalachadh, an solasachadh, ann an cronachadh, agus ann an geurachadh a chéile, air doigh 's gu'm feud thu thabhairt air dearbh bheul an dream a bha maille riut do bheannachadh 'nuair a tha iad air imeachd air falbh uait. Bheireadh na nithe so aoidheachd do na bheath spioradail ann bhur measg fein; an deigh sin aidichibh bhur peacana', cuiribh sibh fein fa' chomhar caithir-bhreitheanais Dhe, agus an sin deanaibh sibh fein a chasaid, agairt, agus a dhìteadh, a chum's gu'n d'thoir Dia a ta firinneach, maitheanas duibh; agus 'an sin bithibh taingeil 's na h-uile nithe, agus na leigibh do thiodhlacaibh Dhe a dhol gu bràth as bhur n-inntinn; 'siad so na meadhoinen a tha air an òrduchadh le Dia; ni ma ghnàthaicheas sibh iad, gu'm bheil mi cinnteach as gu'm faigh sibh beannachadh ann an aonadh uile ri cheile, agus ann a bhi deanamh diadhachd na thurus duibh, "a chum's gu'n teid sibh o neart gu neart, gus an taisbeanar sibh an lathair an Tighearn ann an Sion." An urrainn e bhi air innseadh ciod iad na beannachdan a bhiodh air an toirt dhuibh, na'n imicheadh sibh gu treibhdhireach ann am fianuis Dhe, agus gu'm biodh sibh beo a leithid do chaith'-beath naonh agus do ghiùlain Chriosduidh, mar a chuala sibh anns a cheud àithn, agus sin a bha air innseadh dhuibh anns an dara h-àithn. "Is Dia eudmhoir mi a' leantuinn aingidheachd na'n aithrichean air a chloinn, air an treas agus air a cheithreamh ginealach dhiubh-san a dh'fhuathaicheas mi; agus a nochdadh trócair," cha'n e mhàin dhuit fein, ach gus a "mhìle ginealach ri teachd a'd' dheigh," na'm biodh an saoghal gu mairsinn co fada. Ach fathast feoirichidh sibh, nach 'eil tuille r'a dheanamh? 'Seadh, tha tuilleadh fathast, l'eumaidh air tus a bhi air a shuidheachadh bunait creidimh air Mac Dhia, agus creideamh air uile fhirinnibh an lagh agus an t-Soisgeil, ann a gheallaidhean agus ann a bhagraichean, agus ann a thrócairibh agus

ann a bhreitheanasaihb. 'Nis, air na nithe so feumaidh tu do nuadh-bhreith a thogail, agus an deigh sin do naomhachadh agus glaine do chridhe; agus an sin thugadh e mach na toraidhean so do dh'aithreachas agus do leasachadh beatha, mar a' seachnadh an uile, agus a' deanamh a mhaith, 'Nis. 'siad so na cuidichidhean agus na meadhoinnean a th'air an órduchadh le Dia gu do chuir air aghairt ann an rathad do thearnaidh, agus a chum rioghachd neamh, mar a theagaisg mi dhuibh iad a cheana; ach tha a leithid do mhi-chreideamh air a dhoirt-eadh ann an cridheachan dhaoine agus mhathan o thuit-eam Adhaimh, air doigh 's nach creid iad firinn Dhe; agus tha leithid do dh'aomadh annta gu iodhal-aoraidh agus eas-umhlachd, air doigh 's nach urrainn doibh iad fein a striochdadh do chuing Chrìosd; agus tha'n t-sùil nàdurach ag amharc air na nithe so gu fann, agus a smuaineachadh do ghnà, nach 'eil feum a bhi air a dheanamh dhiubh ach na chuideachadh lag gu sinne a thabh-airt a dh'ionnsuidh rioghachd neamh. Ach tha mise ag radh riut, nach 'eil a chúis mar sin; oir tha neart na meadhonaibh so air dhoibh feum a bhi air a dheanamh dhiubh le creideamh, na's treise na dearbh chumhachd na'n ainglibh, na uile shluagh na cruinne-cé, uime sin 'se na tha gu bhi air innseadh dhuibh, gu'm feum sibh an t-eòlas so a chleachdadh na h-uile lā. Bha mi aig ionnsachadh dhuibh an t-eòlas so air diadhachd, eadhon a leithid do dh'eòlas is nach 'eil gu bhi air fhaotainn anns an t-saoghal so; a leithid do eòlas is gu'm bheil an t-Abstol a' meas na h-uile nì mar aolach ann an coimeas ris an eòlas so, nì nach 'eil a bheag sam bith eile ach eòlas ro-oirdheire Chrìosd; eòlas luachmhor d'a rìreadh. oir tha e toirt barrachd air gach eòlas eile 's urrainn a bhi air a dhealbh. Agus ciod e an t-eòlas a tha'n so? Eadhon eòlas gu'r teagasg cionnas a philleas sibh a dh'ionnsuidh Dhe, agus a shàbhalas sibh bhur n-anama' fein, agus cia mar a ghloiricheas sibh Dia anns an t-saoghal so, agus cia mar gheibh sibh gloir gun chrìoch anns an t-saoghal ri teachd, cia mar a bhios sibh beo gu maith an so, agus a gheibh sibh beath bhith-bhuan an deigh so. Nach 'eil so na eòlas ro-óirdheire? 'Nis, cia mar a chuireas sibh an cleachdadh e, 's beannaichte sibh, ma's aithne dhuibh na nithe so, agus ma nì sibh iad. 'Nis, mar air son an deanamh, mar air son cleachdadh Chrìosduidh ré uile

chùrsa do bheatha, cuiridh tu umad Criosd, agus giùl-ainidh tu e maille riut do ghnáth ge b'e áite an d'theid thu, co-dhiu' a bhios tu aig an tigh, no 'san achadh, anns a bhaile, no 'san eaglais, no ann do ghairm; agus an uair a tha do lamhan air an lionadh le saothrachadh, cia mar a bhitheas tu a' deanamh gairdeachas maille ris na h-ainglibh, agus do chridhe air neamh far a' bheil Criosd do cheann.

'Se sin a phuing a tha gu bhì air a theagasg dhuibh aig an àm so, uime sin thugaibh-se breith co-dhiubh a bha feum agaibh air a so no nach robh; agus a chum's gu'n biodh aig a so ni-eigin do chudthrom leibh, leagaidh mi dhuibh fhaicinn mar a ta e air a chuir sios anns na briathraibh so. Dh'innis mi dhuibh roimhe ciall an fhaidheadaireachd so, agus b'e so e, breith-buidheachas do Dhia air son tiodhlac mhoir ar saoraidh air a coi' lionadh le Criosd, agus aidmheil air a chrioch air son a' bheil sinn air ar saoradh. Ach tha mi air teachd a dh'ionnsuidh na'm briathraibh, "Beannuichte gu'n robh an Tighearn Dia Israeil:" b'e sin a cheud ni a labhair an duine balbh sin an deigh do theanga' bhì air a fuasgaladh, agus e bhì air a lionadh leis an Spiorad Naomb, "Beannuichte gu'n robh Dia," Ciod e bu steigh dha na so? "An t-sláinte sin." 'Seadh, na'm biodh fios aig duine ciod e a bhì maille ris an duine shaibhir air a phianadh ann an teine na h-ifrinn gu saoghal na'n saoghail; agus an deigh sin a bhì air innseadh dha mu Shlanuigh-ear agus Fear-saoraidh a bhì air a chuir a dh'ionnsuidh an t-saoghail, theireadh e, o iochdar a chridhe, "Beannuichte gu'n robh aa Tighearn Dia Israeil," 'Nis, cha'n 'eil a h-aon agaibh-se nach bu chòir a bhì taingeil do Dhia, air son naigheachd aobhneach na slainte a th'air a tairgse dhuibh anns an t-Soisgeil, an t-aon ni 's ge do bhiodh sibh n-'ur luidh ann an ifrinn 'o chionn chuig mìle bliadhna, mar a ta Càin a tha nis faisg air cuig mìle bliadhna. C'ar son? Do bhrìgh 's gu feudadh an Tighearn a leagail leatsa tuiteam 'sa cheart àm 'san thuit esan, agus anns a pheacadh cheudna anns do thuit esan, oir tha agaibh-se an dearbh shìol ceudna do pheacadh annaibh 'sa bh'ann-san; "Do bhrìgh 's gu'n d'fhiosraich agus gu'n do shaor e a phobul fein;" 'se sin a mlàin is aobhar d'a ghairdeachas, agus 'se sin is aobhar d'a bhuidheachas, fiosrachadh agus saoradh a shluagh. Bha aobh-

ar aige gairdeachas a dheanamh agus a bhi taingeil air son gu'n d'fhuair e a chomas labhairt a ris; ach cha'n oil e a' meas a bheag de'n a sin ann an coimeas ri sàbh-aladh, ni mò a bha'n dara h-aon gu a bhi air a choimeas ris an aon eile.

Ach tha mi fàgail so, agus a' teachd a dh'ionnsuidh na'm briathraibh a bha air an leughadh, far a' bheil e ag inns-eadh na crìche air son na chuir an Tighearn a leithid do bheannachd co mòr a dh'ionnsuidh Israeil, an ni a b' e so, "Gu'n d'thugadh e dhuinn, air dhuinn a bhi air ar saoradh o làimh ar naimhde, gu'n deanamaid seirbhis dha as eugmhais eagail." 'Said na naimhde so, an diabhul, am peacadh, ifrinn, am bàs, an uaigh, agus a chuid eile gu feir: 'an sin tha e air a radh gu bheil aca làmhan a tha deanamh greim air cridheachan an dream a ta aca na'm prìosanaich, agus sin co teann 's nach urrainn do dhaoine no do dh'ainglibh fhuasgladh; oir 'se ceartas Dhe a tha 'deanamh greim teann air cridhe agus anam an duine, agus tha an ceartas sin ag radh, bithidh mis air mo riarachadh ort gu saoghal na'n saoghail ann an corruich shiorruidh; ach 'nuair a thig fuil Iosa, their i, a pheacaich, fuasglaidh mis thu, agus theid thu as saor, "Imich ann an sìth. tha do pheacanna air am mhaitheadh dhuit, na peacaich na's mo." Ciod e ma 'seadh is crìoch do d' shaoradh? "A chum's gu'n d'thugadh tu seirbhis da as eugmhais eagail," beachdaich an so, as eugmhais saoraidh cha bhi seirbhis air a thabhairt do Dhia, agus thus' a tha air do shaoradh agus air d'fhuasgladh oifrinn, cha'n iarr thu na's mò na seirbhis do mbaighstir, agus a bhi mar sheirbhis each tuarasdail maille ris a mhac a ruith air falbh, agus seirbhis a thabhairt da as eugmhais eagail; oir cha ruig thu leas eagal a bhi ort le eagal tràilleil; agus uime sin tha Daibhidh 'g radh, Saim xxvii. 1, "Is e an Tighearna mo sholus, agus mo shlainte: co chuireas eagal orm? Is e an Tighearna neart mo bheatha: co chuireas geilt orm?" Agus mar a ta 'n t-Abstol ag radh, Romh. viii. 31, "Ma tha Dia leinn, co a d'fheudas a bhi 'nar n-aghaidh? 'Se Crìosd a dh'fhìreanaicheas. Co a's urrainn ar dìteadh?" Co chuireas coire sam bith a leth daoine taghta Dhé? An dean an t-Athar e? Cha dean; oir thug e fhuil luachmhor féin mar eiric air son ar peacanna. An dean na h-ainglean e? Cha dean; oir tha iad air an deanamh rèidh ruian tridsan a rinu

reidh ris féin na h-uile nithe air neamh agus air an talamh. An dean na naoimh e? Cha dean; oir tha iad na'm braithre dhuinn ann an Criosd, agus air an saoradh leis an luach cheudna o'n truaigh cheudna. An dean an diabhl e? Cha dean; oir cha'n'eil ann deth ach fear brath fuidh chuibhreach, meirleach air a cheangal suas, namhaid lomnochd. An dean mo choguis fein e? Cha dean; oir labhair Dia sìth ri do choguis. An dean a mhuintir threigte e? Cha dean; oir bithidh iad air an deanamh balbh, agus cha'n fhaigh iad cead focal a labhairt air an son fein, ach bithidh iad air an tilgeadh do dh'ifrinn, agus air dhoibh a bhi air an ceangal eadar làmhan agus chosaibh, bithidh iad air an tilgeadh a dh'ionnsuidh dorchadas iomalach, far a' bheil guil agus giasgain fhiacalan. Mar sin cha ruig thu a leas eagal a bhi ort seirbhis a thabhairt do Dhia, oir cha'n'eil aobhar eagail ann. An deigh sin tha e ag radh, "Ré uile laithibh ar beatha." 'Se so àm ar seirbhis, agus an deigh so bithidh àm ar rioghachadh. An cuir thus dail ann do sheirbhis gus am bi thu tinn, no air do thilgeadh ann am priosan, no gus an tig thu gu seann aois, air leabaidh do bháis, agus an deigh sin dùil a bhi agad a dhol do na flaitheanas? Ni-headh, ni-headh, tha e na iongantais ma gheibh thu cead a radh, Dhia dean tròcair orm, ma chuireas tu dàil ann do sheirbhis do Dhia gu do sheann aois. Thubhairt Balaam, "O gu faighinn-sa bàs an fhìrean!" ach do bhrìgh 's nach robh esan riamh beò beath an fhìrean, uime sin bhàsaich e gu truagh. Air an aobhar sin bu chòir duibh tòiseachadh ri seirbhis a thabhairt do Dhia ann an tiom, agus bu chòir duibh buanachadh agus mairsinn air aghaidh, na'm b'áill leibh an duais agus an crùn a shealbhachadh, eadhon a dh'ionnsuidh crìch bhur bheatha; agus their mi tuilleadh ruit, ni do sheirbhis air talamh do chrùn a mheudachadh air neamh; uime sin cha bu chòir dha bhi na dhragh do neach sam bith agaibh seirbhis a thoirt do Dhia, oir cha d'thoir a h-aon agaibh seirbhis dha ann an diomhanas, agus cha bu chòir do dh'aon agaibh fannachadh no fàs sgith ann a bhi tabhairt seirbhis do Dhia, ge' do bhiodh sibh beò co fada ri Metusala; agus uime sin bu chòir duibh laithean buan a mheas na ni luachmhoir; oir tha e mar sin, no cha chuireadh Dia riamh e steach ann an measg a chuid eile do gheallaidhean mar bheannachd;

bu chòir do' na so a thabhairt ort gun fhaduigheachd a bhi ort gu bráth ; oir na h-uile là a dh'eireas tu, bu chòir dhuit a radh, beannaichte gu'n robh mo Thighearn air son so, gu'n d'fhuaire mi 'n lá so air a dheónachadh dhomh a chum seirbhis a thoirt dhuit ann. Tha Daibhidh ag radh, "gu cinnteach leanaidh maith agus trócair mi uile laithean mo bheatha, agus còmhnaichidh mi ann an tigh an Tighearn fad mo laithean." Mar sin 'smaith do'n duine no do na bhean sin a gheibh moran laithibh a chum seirbhis a thabhairt do 'n Tighearn ann a thigh maille ris. 'Nis tha fios agam, thus a tha ad leanabh do Dhia, bithidh saoradh na's luachmhoire dhuit-sa, na gu smuainicheadh tu e ro mhor seirbhis a thabhairt do Dhia uile laithean do bheatha air a shon; cha smuainich, their thu, tha e ro-bheag a bhi toirt seirbhis do'n Tighearn le'm uile chridhe, uile laithean mo bheatha, air son an tiodlaic do-labhairt sin mo shaoradh; agus uime sin cha chuir thus ann do chridhe sios ámana iomchuidh a chum seirbhis a thabhairt do Dhia annta. Mar sin ma ta, tha'n dá ni so agam gu labhairt umpa.

Air tus, gu bheil thu ceangailte seirbhis a thabhairt do Dhia uile laithean do bheatha ; agus cha'n'eil ann an sin ach ni beag : oir ciod e bhur beatha ach mar spál figh-eadair, air dhi a bhi stigh aig an aon cheann gu bheil i mach aig a cheann eile ? Agus ciod e sin ùin ghoirid a thabhairt do Dhia gu seirbhis a thabhairt da, a chum cudthrom siorruidh do ghloir fhaotainn.

'Se'n ath phuing, Co anns am bu choir dhuinn seirbhis a thabhairt do Dhia gach aon là, agus cia mar a dh'imicheas sibh 'na lathair ann am fireantachd agus ann an naomhachd, agus 'nuair a dh'eireas tu gach maduinn, gu'm feud thu a bhi ann am fianuis Dé rè an là uile dh'ionnsuidh na h-oidhche. Tha'n t-Abstol ag radh, "biodh bhur caith'beath air neamh," agus 'sann mar sin bu choir dha bhi. 'Nis, 'siad so an dá ni a tha agam ri innseadh dhuibh.

'Sa cheud áite, gu'm bu chóir dhuibh seirbhis a thoirt do Dhia uile laithean bhur beatha as eugmhais' eagail. 'San ath aite, cia mar a gheibh sibh cridhe gu seirbhis a thabhairt da ann an treibhdhireas na h-uile là, agus ciod an doigh an giùlain thu thu féin 'sa mhaduinn an deigh dhuit dúsgadh, agus fad an là ann do ghairm, agus 'nuair a tha thu ad aonar, agus 'nuair a tha thu ann an cuid-

eachd, agus 'nuair a luidheas tu sios anns an oidhch, a chum's gu'm feud thu sìth a bhi agad ann do choguis, a chum's gu'n luidh thu sios air a leithid do dhoigh 's, mar nach bitheadh tu gu eiridh gu bràth tuille, no mar gu'm biodh Crìosd gu theachd anns na neulaibh mu'n tig a mhaduinn. Ach tha mi fàgail na nithe so gus an ath àm, agus tha mi aig earbsa na bha air a labhairt ri gras Dhe ann an cridhe gach aon agaibh trid a Mhic, Iosa Crìosd: dha-san gu'n robh na h-uile moladh uaith so a mach agus gu siorruidh. Amen.

SEARMON XXXIV.

Lucas i. 74, 75.—Gu'n d'thugadh e dhninn, air bhi dhuinn air ar saoradh o lamh ar naimhde, gu'n deanamaid seirbhis da as eugmhais eagail, ann an naomhachd agus 'am fireantachd 'na lathair fein, uile laithean ar beatha.

BHA dá ní a d'fhag sinn gun chrìochnachadh aig an àm mu dheireadh, b'e a h-aon diubh, gu'm bu chòir do uile laithibh ar beatha a bhi na seirbhis dha-san, a rinn bhur saoradh a mach a ifrinn, agus a shaor sibh a lamh bhur naimhde.

B'e an aon eile, ciod an doigh anns am bu chòir do uile laithean bhur beatha a bhi air an caitheamh, (co fad 'sa tha e so-dheanta) agus air an cuir seachad, a chum's gu'm bi sìth air a gleidheadh eadar Dia agus bhur n-ama'. A chum na crìche so leughaidh mi cuid do earrainnibh do'n sgrìobtuir a chum bhur daighneachadh, agus a thabhairt dhuibh ni-eigin do sholus ann an so. An t-àite sin do'n Sgrìobtuir, ann an Lucas, i. 74. Chuala sibh e anns a mhaduinn, agus ann a fhosgaladh suas, chuala sibh gu'm feum saoradh a bhi ann, mu'n urrainn sibh seirbhis air bith a dheanamh do Dhia; oir thus nach

'eil air d'fhoghlum agus air do theagasg ann an diomhair-eachd do shaoraidh, agus thus nach 'eil ann an tomhas-eigin, a' faotainn do chridhe air fhuasgaladh, agus fuil Chrìosd a' glanadh do chridhe, cha'n urrainn thu gu bràth seirbhis a thabhairt do Dhia as eugmhais eagail mar bu chòir dhuit a dheanamh; uime sin sibhse leis am b'áill bhur cridheachan a bhi air an daighneachadh ann an seirbhis Dhe, feumaidh sibh smuaineachadh gu tric air a so, gu'n do shaor fuil a Mhic 'ur n-anama o ifrinn, bho na bhàs, agus bho cheartas De; oir co fhada 'sa bhios tu cuir an teagamh, co fhad 'sa tha thu a' seasamh eadar an dá ni so, co-dhiubh is e Crìosd do Shlanuigh-ear no nach e, cha'n urrainn thu soirbheachadh 'san diadhachd, agus mar sin cha mhair do shòlas na's faide na mhaireas do bheachd agus do mhothachadh; uime sin tha cuimhne agam gu'm bheil e air a radh, "uime sin seasaibh gu daighean anns an t-saorsa leis an d' rinn Crìosd saor sibh, bi-'sa bunaiteach anns a chreidimh."

Mar so na'n oidhearpaicheadh tu seirbhis a thoirt do Dhia as eugmhais eagail, ghleidheadh tu do ghnàth creideamh anns an Tighearn Iosa; agus dóchas na slainte ann a fhuil-san; oir co luath 'sa leigeas tu bunait do chreidimh a dhol air falbh, ann an sin cha'n'eil agad misneach gu seirbhis a thabhairt do'n Tighearn do Dhia. Chuala sibh so a cheana, agus tha nis a' leantuinn, cia fhada bu chòir do'n t-seirbhis so a bhi? Fad uile laithean bhur beatha, agus gidheadh cha'n'eil iad lionmhoir; agus ge' do bhiodh iad lionmhoir, fathast, ciod e iad ann an luigh-eachd air son beatha shiorruidh? Cha do ghairm Iacob a sheann aois fhada ach na'n teire do laithean, agus olc. Dh'innis mi dhuibh anns a mhaduinn, nach bu chòir dhuibh dàil a chuir ann an seirbhis Dhe gu crìch bhur laithean; ach gu'm bu chòir duibh a radh maille ri Daibhidh, "Thighearn teagaisg dhomh mo laithean àir-eamh, a chum 's gu'n suidhich mi mo chridhe air gliocas;" agus 'se so an t-aon ghliocas, rè uile laithean do bheatha gu'n suidhich thu do chridhe a chum seirbhis a thabhairt do'n Tighearn do Dhia. Na'm biodh neach sam bith agaibh gu dhol air turus air gnothach chudthromach a bha agaibh 'san lamh, cha saoiladh sibh e na chúis bheag aon là chall air an t-slighe; eadhon mar sin tha chúis ann an so; ann an so tha bhur turus air gnothach co cudthromach ri sàbhaladh agus diteadh; uime sin bu

chòir duibh a mheas na chùis mhòir aon là a chall air an turus so. Tha mòran an dúil gu'm faigh iad àm na's cothromaiche an deigh so gu seirbhis a thabhairt do Dhia, uime sin feudaidh mi an là so a chuir seachad mar is áill leam fein; ach tha iad air am mealladh, oir is leoir do gach là a ghnòthaichean fein; uime sin c'ar son a chuireadh sibh dàil gus am màireach anns an ni bu chòir a bhì deanta an diugh, air dhuibh fhaicinn gu'm bheil na's leoir aig an là màireach ri dheanamh air a shon fein? Gu dearbh tha mi 'faicinn gu'm bheil clann an t-saoghail so 'na'n ginealach féin na's glìce na clann an t-soluis; do bhrìgh 's gu'm bheil iad a' gabhail cunntais de' dh'obair gach là, agus a' sealltuinn cìod e a rinn iad, agus cìod a tha aca ri dheanamh; ach cha'n'eil sinn co glìc a tha leagail le aon là a theachd agus le lá eile a dhol air falbh. Mar sin, tha mi ag radh, cha bu chòir dhuibh aoradh Dhia a thilgeadh seachad gu lá na Sàbaid, no laithibh sòlaimte, ach bu chòir duibh aoradh a thabhairt do Dhia na h-uile là, ach bu chòir duibh cunntas a ghabhail deth obair gach là, agus gun na h-uile a thilgeadh ann an aon dùn cuideachd.

'Nis, tha sinn uile fad air deireadh ann an so, uime sin tha mi guidhe oirbh gu'n daighnich si 'h bhur cridheachan na's mò agus 's na mó anns an fhirinn so, gu'ra bheil sibh fuidh cheangal seirbhis a thabhairt do Dhia uile laithean bhur beatha, ann an naonhachd agus ann am fireantachd; cha bu chòir dhuibh a bhì mi-naomh na fhianuis ann an uair sa'm bith do'n lá no do'n oidheche; 'se sin, bu chòir dhuit do chridhe agus do bheath a thoirt air láthair na h-uile là agus na h-uile h-oidheche, agus anns gach uair de'n là, oir cha bhì chùis gu bràth gu maith maille riut gus am bì e mar sin.

Agus cìod is aobhar gu' bheil thu co mi-churamach a chum seirbhis a thabhairt do Dhia, agus gu glèir a thabhairt da ionnsuidh, agus sòlas do d' anam féin gach aon là? Cìod e? Ach do bhrìgh 's nach 'eil thu cuimhneachadh gu' bheil thu ann am fianuis Dhé na h-uile là, agus anns gach uair do'n là, Cìod a dheanadh sibh, na'm biodh sibh na h-uile lá am fianuis daoine cumhachdach? Agus ge do bliodh sibh ann am fianuis a phrionnsa na h-uile là, nach faiceadh am prionns' na nithe a bha sibh a' deanamh na fhianuis na h-uile là? 'Nis, smuainichidh sibh so cruaidh r'a dheanamh, a

chuidhneachadh gu' bheil Dia do ghnàth fa' coinneamh agus gu' bheil e do ghnàth ag amharc air bhur smuainte, bhur briathraibh, agus bhur gnìomhradh; ach nach cuir sibh a chùis gu dearbhadh, agus gheibh sibh a chuing sin socrach, agus an t-uallach sin eutrom; oir aon là air a chaitheadh fuidh chuing Chrìosd, 'se sin, 'nuair a nì thu do dhìchioll rè an là uile gu Dia a thoileachadh 'sna h-uile nithe, agus coguis mhaith a choimhead a thaobh Dhia agus dhaoine, ge nach d'rinn thu an nì fuidh 'n robh thu ceangailte a dheanamh; gidheadh air do'n là so a bhi air a chaitheadh do Dhia, bithidh e milis agus taitneach dhuit, 'Nis, Leughaidh mi earrann eile de'n Sgrìobtuir, Eabh. iii. 11. " Ionnas gu'n d'thug mi mo mhionnan am fheirg, nach teid iad a steach do mo shuaimhneas;" anns an t-seathamh earrann tha e aig iarraidh, " dānachd, agus gairdeachas an dòchais a chumail gu daingean gus a chrìoch." Agus a chum impidh a chuir orra so a dheanamh, tha e tabhairt a steach earail an Spioraid Naòimh, ag radh, " An diugh, ma chluinneas sibh a ghuth, na cruaidhichibh bhur cridhe." Agus an deigh sin tha e tabhairt a stigh eisiomplair an athraichean anns an fhásach, a chaill am muinghin, agus gairdeachas an dòchais, 'nuair a bhuairead Dia, agus a dhearbhadh e, ge do chunnaic iad oibre rè da fhichead bliadhna; agus ris tha e ag innseadh cìod a thainig dheth na sin, sin r'a ràdh, " Gu'n robh diomb aig an Tighearn ris a ghinealach sin, agus thubhairt e, tha iad a ghnàth air seachran 'nan cridhe; agus cha do ghabh iad eòlas air mo shlighibh-sa, uime sin mhionnaich mi am fhearg, nach teid iad a steach do m' shuaimhneas;" 'se sin, cha teid iad gu bràth a steach a dh'ionnsuidh m'fhois; an sin tha e a' cuir earail fein ris, anns an 12 rann, ag ràdh, " Thugaibh an aire, a bhraithre, (oir na'm faiceadh neach sam bith agaibh long air an fhàirge dol am mugha air carraig fa' chomhar bhur suilean, nach d'thoireadh sibhse an aire nach rachadh sibh am mugha mar an ceudna): eadhon mar sin ann an so, d'eagal aig àm air bith, cha'n e mhàin gach là, ach air àm sam bith air an là; tha fios agam gu'm bi e cruaidh air neach sam bith agaibh, a bha 'nar coigrich do Dhia o chian fhada, aire thabhairt duibh fein gach aon là, agus anns gach uair 'san là, do bhrìgh 's nach robh agaibh riamh eòlas air a so; ach fathast nach gabh sibh eòlas air, agus na bithibh na's mo 'nur

coigrich do bheatha Dhe, agus cha shaoil sibh doilbh e, mur bi ann an aon neach agaibh droch cridhe; beachdaichidh sibh a n'isa mar so, Thighearn, nach feud mi aig am air bith droch cridhe a bhi agam, 'seadh, cha 'n fhaod: fathast, tha so na chuing shocrach agus furas r'a ghiulain: agus ciod am buannachd no'n taitneas a bhios agad 'sa pheacadh, 'nuair a mhothaicheas tu breitheanas Dhia ort fein? Agus 'nuair a tha do chridhe gu h-olc, ciod a's urrainn dhuit a dheanamh ach peacadh, oir theid teangan, agus lamhan, agus gach ni dhe'n seol. Ma bhios droch cridhe ann an neach sam bith agaibh, deir esan, feudaidh e mile a phuiseanadh, 'nuair a tha iad air an cuir ann an cuideachd no ann an companas maille ri mi-threibhdhreas, oir an sin tha'n droch cridhe a' teachd, ge b'e uair a leigeas tu as do ghreim do Chrìosd, agus do'n ghealladh, tha'n sin an diabhl a' teachd 'nan àite. 'Nis, tha mi a' ceadachadh nach fhaigh thu Crìosd do ghnàth, ach gidheadh feudaidh tu an gealladh a bhi agad do ghnàth ann do chridhe, gun dealachadh ris an Dia bheò. C'ar son, cha'n urrainn a bheag sam bith do chridhe a chumail air Dia ach creideamh, agus 'nuair a chailleas tu creideamh, 'an sin tha thu aig imeachd air falbh o'n Dia bheò, agus 'an sin falbhaidh do bheath agus do mhothachadh. Nach faic sibhs a'nis ciod e is creidimh crìosduidh ann, eadhon aire a thabhairt do'r beatha anns gach uile am, nach imich sibh air falbh o Dhia. An saoil thus', an e an creidimh crìosduidh a bhi cumail usairean agus amaibh sònraichte ann an aoradh Dhia? Cha'n e, thus a tha air do cheannach le fuil Iosa, tha thu ceangailt' aire thabhairt do d' chridhe rè uile laithibh do bheatha.

'Nis, tha so a leanas, glé mhaith, " Ach earailichibh a cheile am feadh a ghoirear an diugh dheth:" B'aill le Dia a leithid do ghràdh a bhi agaibh do chéile, gu'm bi bhur beul air a lionadh le gràs agus combhfhurtachd, " air eagal 's gu'n cruaidhichear a h-aon sam bith agaibh trid mealtaireachd a pheacaidh." Ciod an t-aobhar gu'm bheil cruas cridhe a' teachd co tric oirbh? Ciod e, Ach do bhrìgh 's nach 'eil sibh ag earalachadh a cheile, air an aobhar sin tha peacadh a' goid a steach agus 'gar urealladh, agus trid cleachdadh a pheacaidh tha cruas a' teachd air aghaidh, do bhrìgh 's gu'm bheil e sgrìobhta,

I Phead. i. 16, 17. “Bithibhse naomh, oir a tainse naomh. Agus ma ghoireas sibh air an Athair, a bheir breith a reir oibre gach neach, gun chlaon bhaigh ri neach seach a chèile, caithibh aimsir bhur cuairt ‘an so le eagal;” I Phead. iv. 1. 2. “Uime sin o dh’fhuiling Crìosd air ar son-ne ‘san fheoil, armaichibh-se mar an ceudna sibh fein leis an inntinn cheudna; oir an Tì a dh’fhuiling anns an fheoil, sguir e do pheacadh,” tha e ag radh, “Gu’m bi sibh uaith so a mach beò dha-san rè fuigheal bhur n-aimsir;” agus ‘sann aig Dia a mhàin a tha fios cia meud an ùin a tha fathast ri ruith; agus uime sin ‘se toil Dhe, gu’m bi na tha ri ruith dheth ‘ar tiom, air a chaitheadh a nis ann an eagal De; oir bu chòir dhuinn an aimsir a chaidh cheana a chaitheadh ann an diomhanas, a shaoil sinn ro mhòir; agus uime sin bu chòir dhuinn saothrachadh gus an aimsir a bha air a chaitheadh ann an diomhanas ath-cheannach, “agus cha bu chòir dhuinn bhur beath a chaitheadh do reir na feola, ach do reir toil De.” ‘Nis, cha bu chòir do na so a bhi na uallach dhuibh, oir esan a tha ‘g iarraidh orra-san a tha sgèth agus fuidh throm uallach a theachd d’a ionnsuidh fein, bhiodh e neo-thoileach uallach neo-fhreagaireach a chuir oirbh; oir tha cuing Chrìosd furas do’n duine nuadh, agus na h-uile a bhios fuidh uallach leis a chuing so; ‘sann leis an t-seann duine a tha i na h-uallach, ris nach ‘eil gnothach agadsa, oir feumaidh esan a dhol do an uaigh, agus pilltinn na dhust ann an sin. a tha ag radh, gu’m bheil cuing Chrìosd na h-uallach dhuit. Cia iomadh agaibh a thòisich air bhur cuairt, agus a tha ‘dol air bhur n-aghaidh air bhur turus, agus a’ ruith bhur réis mar bu chòir, gidheadh dh’fheudadh sibh ni bu mhò do dh’aghairteas a dheanamh anns a chreideamh Chrìosduidh na rinn sibh?

Cia mata mar a chaitheas sibh a chuid eile do’r n-aimsir a ta fathast ri teachd? Innsidh mi dhuibh ann am briathraibh goirid.

Air tus bu chòir do’r cridheachan a bhi air an cumail ann an òrdugh ceart rè an là uile, oir mur bi, cha bhi na h-uile nì a nì sibh ceart. Tha mi cuimhneachadh cìod a tha Solamh ag radh, “Cothromaich ceumana do chois, agus biodh do shlighean gu léir ann an deadh òrdugh?” Thoir fainear anns a cheud àite, gu’ bheil e air a radh, “Tha Dia gabhail tlachd ann an comhnuidh a gabhail

ann an cridhe iriosal," uime sin feumaidh tu do chridhe a bhi air irioslachadh gach là. Agus cia mar a gheibh thu sin deanta? Innseam dhuit, feumaidh tu amharc air do pheacanna a's mò gach aon là, agus fheuchainn an dean iad d' irioslachadh. A ris feumaidh tu amharc anns an lagh gach aon là, agus fhaicinn cia mar a bhris thu e, agus cia mar a tha mallachd Dhia os cionn do chinn air son peacaidh; thug so air Daibhidh a radh, Sailm li. "Tha mo pheacadh ann mo lathair do ghnàth;" agus bu chòir dhuit-sa radh mar sin mar an ceudna. 'Se sin a cheud nì, thu bhi air d'irioslachadh.

'San dara h-aite, Feumaidh tu do chreideamh a choimhead, na'm b'àill leat Criosd a bhi chòmhnuidh ann do chridhe. agus amhairc do ghnàth air firinn neo-mhearachdach Dhe, agus néo-chaochluidheachd a gheallaidh; agus co fhada 'sa tha Criosd a' gabhail còmhnuidh ann do chridhe, gheibh thu do ghnàth feartain a' teachd uaith, agus gheibh thu do ghnath gràs as ùir; 'se sin an t-ath ni, Bi bunaiteach 'sa chreideamh.

'San treas aite, Do bhrìgh's gu'm feum ar comh-chomunn ri Dia a bhi troimh Chriosd, air an aobhar sin feumaidh tu do dhìchioll dheanamh air son Dia a mhàin a bhi na thoilinntinn do d'anam gach aon là, agus 'an uair a tha do chridhe ann an deadh ordugh. Ach co a sheall air na nithe so? Cha do sheall a h-aon tha mi a' saoil sinn, air a chuid a's lugha, is teirc iad-san a sheall orra'. Mar sin 'se so an treas puing, gu'm bi morachd neo-chrioch-naichte Dhe, anns a Mhac leis an Athair, a' gabhail còmhnuidh ann do chridhe, agus gu'n suidhich thu d' uile thlachd air làthaireachd Dhe. 'Nis bheir so leis dà nì eile.

'Sa cheud aite, Bheir e leis eagal, nach dàna leat oibheum a thabhairt, do bhrìgh' gu'n cuir so cràdh air-san.

'San dara aite, Bheir e leis gràdh, Ciod uime nach gradhaicheadh tus esan, an tì is e gradh fein? Agus 'an sin nì an t-eagal agus an gràdh so thu ad' dhuine fo armachd gu cuir ann an aghaidh an uile, agus nì e ullamh thu a chum Dia a thoileachadh 'sna h-uile nithe, agus eudmhor anns gach deadh obair. Ciod e tuille? Do bhrìgh 'snach'eil momaint ann an àm do bheatha gu leir, anns nach'eil Dia 'ga do luchdachadh le sochairean as ùir; uime sin bithidh tu taingeil dha 'sua h-uile nithe,

agus ni thu gairdeachas ann an seirbhis a thabhairt da ann am firinn do chridhe. Ciod e tuille? Do bhrìgh's gu' bheil an cridhe na ni domhain nach urra bhi air a rannsachadh le duine, oir mairidh olc-eigin ann do ghnàth, cuid do pheacanna' diomhar nach'eil thus a' faicinn; uime sin bu chòir ùrnuigh do ghnàth a bhi ann, agus faire, agus beachd-smuaineachadh spioradail, agus bu chòir iomadh deadh smuain a bhi air a chuir suas gu neamh.

Na'm b'ail leat na nithe so a dheanamh, 'an sin dh'fheudadh tu a radh, O! ann an so tha anam nuadh, agus 'an so tha na trusgana fada geala, agus na lion eudaichean sgiamhach air an ionnluid ann am fuil an Uain, a thug am Fear nuadh-posda d'a chèile fein, agus uime sin cha'n'eil e iongantach ge do tha e ga gairm sgiamhach; 'an sin bheir so ort, anns gach cuideachd gus an teid thu, aon chuid maith a dheanamh, no maith a ghabhail; cha dean so mi-chùramach thu ann do ghairm, ciod sam bith mar a tharlas da a bhi; agus ni so thu gràmhor agus maiseach ann do theaghlach, agus bithidh tu taingeil do Dhia gu'n d'thug e dhuit teaghlach, agus bean, agus clann, agus seirbhisich, agus tigh gu bhi ann. 'An sin anns an fheasgar, mu'n d'theid thu gu do leabaidh, gabhaidh tu cunntas do d'uile dheanadas ré an là, agus air dhuit fhaicinn na nithe air an d'thainig thu gearr, rùnaichidh tu a leasachadh air an ath là. 'Nis, cha'n abair mi na's mò aig an ám, ach nach cuir sibh dearbhadh oirbh fein le so aon là, agus gheibh sibh e mar an cleachdadh is milse a bha agaibh riamh anns an t-saoghal, eadhon an staid chaitheadh-beatha Chriosduidh so, gu'n deónaicheadh Dia e do gach aon agaibh, air sgath Iosa Criosd a Mhac; dhà-san, maille ris an Athair, agus ris an Spiorad Naomh, gu'n robh gach uile mholadh agus glòir, uaith so a mach agus gu siorruidh. Amen.

SEARMON XXXV.

Lucas i. 74, 75.—Gu'n d'thugadh e dhuinn, air bhi dhunn air ar saoradh e lamh ar naimhde, gu'n deanamaid seirbhis da as eugmhais eagail, ann an naomhachd agus 'am fireantachd 'na lathair fein, uile laithean ar beatha.

Tha fios agaibh ciod a bha dheigh-lamh, sin r'a r'adh, ciod an doigh anns am bu chòir dhuibh bhur beatha a chaitheadh ann a bhi deanamh toil Dhe; ach tha eagail orm gu'm bi mōran ag radh na'n cridhe, ge nach 'eil iad 'ga labhairt le'm beòil, tha e na ni dìomhain seirbhis a thabhairt do Dhia. Agus rinn gach anam air son a mhòir chuid, cumhnant ri ifrinn agus ris a bhàs, agus tha iad a' smuaineachadh gu'm bheil an Tighearn co fada as uatha, is nach urrainn e am faicinn. Tha mi guidh Dhia trócair a dheanamh oirbh, agus bhur coguisean a dhùsgadh, a chum's gu'm bi e air a dhearbhadh oirbh. gu'm bheil lá teachd anns am bi bhur n-anama lomnochd air an nochdadh an lathair caithir bhreitheanais Dhia; ach a chum bhur teagasg 'sa phuing so, leughaidh mi dhuibh cuid do dh'aithean de'n Sgrìobtuir; agus air tús, Gen. xvii.

“ Agus 'nuair a bha Abraham ceithir-fichead agus naoi-bliadhna-deug a dh'aois, a dh'fhoillsich an Tighearn e fein dà, agus thubhairt e ris, Is mis an Dia uile-chumhachdach; gluais thus' am flianus agus bi treibhdhireach.” Bha Abraham air teachd air aghaidh gu maith ann an aois 'nuair a fhuair e an àithn so, eadhon ceithir-fichead agus naoi-bliadhna-deug; uime sin ge nach biodh agad ach aon bhliadhna gu bhi beò, tha e maith air do shon gu'n éisd thu ri guth an Tighearn, Is mis' an Dia uile-chumhachdach, gluais thus am flianus, gidheadh cha do ghluais e co' dìreach is bu chòir da; air an aobhar sin tha'n Tighearn a' teachd 'nuas o neamh, agus a' tabhairt àithn dha gluasad 'na lathair uile laithean a bheatha; agus d'eagal 's gu'm feudadh daoine so a smuaineachadh ro mhòir uile laithean an beatha thabhairt seachad ann a

bhi gluasad an lathair Dhia, mar gu'm biodh so na ni do-dheanta do dhaoine dheanamh; uime sin tha'n Tighearn ag radh, Tha mise uile-chumhachdach, air doigh agus 'nuair a sheallas tus air d'uireasbhuidhean fein, gu'm faigh thu annam-sa ge b'e ni a tha dh'fheum ort.

An e gliocas, urrain, saibhreas, laithean buan, fireantachd, no ni sam bith a tha uait a b'ail leat fhaghail 'san t-saoghal so, no anns an t-saoghal ri teachd? Gheibh thu e anns an Tighearn a tha'n so ma ghluaiseas tu 'na lathair. Tha'n imeachd air a shamhlachadh ri duine a tha 'dol air aghairt air turus, agus aig am bheil a shuil suidhicht' air an aite aig am b'ail leis a bhi. 'An sin ma ta bu choir dha na so sinne fhoghlum, re ar beatha gu leir, ann am briathraibh, slighibh, agus ann ar n-uile smuainte', agus ghnionhairibh, bu choir dhuinn ar cridheachan a thogail suas ri neamh, amharc suas ris-san a tha ag amharc an nuas ortsa; agus bheir so ortsa amharc ort fein, agus d'uile dheanadais a stiuireadh gu ceart. Thuilleadh air a so, tha e ag radh, ma bhitheas tu direach. Tha cridhe an duine fiar a thaobh nàduir, agus cha'n urrainn a bheag sam bith a dheanamh direach agus còmhnaidh, ach a bhi ag imeachd ann an lathair Dhia agus a bhi ag amharc air an Tighearn do ghnàth. 'Nis, tha'n treibhdhireas agus an ionracas so na ni mór, agus feudaidh so mór ghàirdeachas a thabhairt dhuit, 'nuair a dh'fheudas tu a radh, tha so ann am chridhe, anns na b-uile ni gu'm b'ail leam Dia a thoileachadh. 'Nis tha'n gealladh a' leantainn anns an ath earrann, "agus bithidh mo choimh-cheangal eadar mise agus thusa, agus meudaichidh mi gu mór thu." Mar so tha agaibh geallaidhean cothromach, agus còirichean oirdhearc, agus mòr shochairan a bhuineas duibhse a tha 'g imeachd ann an lathair Dhia, agus a tha treibhdhireach ann an cridhe, agus ann a fhianuis-san. Agus air eagal 's gu'm feudadh sibh so a smuaineachadh do-dheanta gu imeachd ann an lathair Dhe, feudaidh sibh a shamhail fhaicinn ann an Enoch, Gen. v. 14. Oir tha e air a radh, "Ghluais Enoch maille ri Dia, agus cha robh e ann, oir thug Dia leis e." Agus bhuanuaich na naoimh roimhe gu so, agus tha gràs Dhe comasach gu thabhairt air duine a dheanamh, agus ruigsinn da ionnsuidh; oir Dia, a thug dhuit a thiodhlac a's mò, a Mhac fein, cia mò mhòr a tha e comasach air na b-uile nithe thabhairt dhuit maille ris?

Tha'n t-Abstol mar an ceudna, ag innseadh mu imeachd fein, ag radh, " Ach so tha mi 'g aideachadh dhuit, gur ann do réir na slighe ris an abair iadsan saobh-chreidimh, a tha mis' aig aoradh Dia m'athraichibh, a' creidsinn na h-uile ni a ta sgrìobhta anns an lagh agus anns na Fàidhean. Mar so tha mis ag aoradh Dia m'athraichean;" ach cionnas, deir esan, " A' creidsinn na h-uile ni ta sgrìobhta anns an lagh agus anns na fàidhean?" Oir cha bhì aoradh air a thabhairt do Dhia as eugmhais creidimh. Thubhairt mi roimhe, feumaidh bhur creidimh ruigsinn a dh'ionnsuidh na h-uile nithe a ta sgrìobhta anns an lagh agus anns an t-Soisgeil; oir mur bi 'ar-aon na geallaidhean agus na bagraichean air an creidsinn, cha bhì imeachd an lathair Dhe ann, uime sin bu chòir do'r creidimh a bhì cho farsuinn ri focal Dhia; tha thu fo cheangal gu a chreidsinn, gu'm bheil Dia fo cheangal a lagh a sgrìobhadh ann do chridhe; mar tha thusa fo cheangal maitheanas do pheacanna a chreidsinn, mar sin tha thu fo cheangal uile gheallaidhean Dhia a chreidsinn; ciod air bith co farsuinn 'sa tha iad; uime sin, 'seadh, 'nuair a leughas sibh focal De, no 'nuair a dh'éisdeas sibh e, bu chòir duibh a leughadh agus éisdeachd le creidimh; gluais ann am làthair-sa deir an Tighearn. Tha sibh a' faicinn ciod e an caith'beath bu chòir duibh a bhì agaibh, eadhon árd urram le creideamh agus dòchas ann ad' anam agus ann do choguis ann am mòrachd neo-chriochnuichte an Dia shiorruidh, agus le oidhearp nach truail thu do choguis ann a bheag sam bith; thoir fainear nach bi do choguis gu bràth na 'd aghaidh, aon chuid ann do dhleasdanas do Dhia, no ann do dhleasdanas do dhuine. Tha'n t-Abstol, air dha bhì labhairt mu thimchioll a ghiùlain fein, agus giùlain athraichean, ag radh, " Agus a' nis tha mi am sheasamh, agus air mo chasaid as leth dòchas a gheallaidh a rinneadh le Dia do'r n-athraichean, a chum am bheil dùil aig ar dà-threubh-dheug-ne teachd, a' deanamh seirbhis do Dhia, a là agus a dh'oidheche do ghnàth," Gnìomh xxvi. 6, 7. Beachdaich, bhà iad a' toirt seirbhis do Dhia a là agus a dh'oidheche; tha sibh a' faicinn ciod a ta air iarraidh oirbh, eadhon an ni ceudna rinn iadsan; cha'n e mírean is earrainnean do dhiadhachd an t-seirbhis do ghnàth a tha Dia ag agair oirbh, agus a thug na naoimh dha 'san àm a chaidh seachad—Oh! cia teirc a thug an cridhe gu h-iomlain fathasd a chum seirbhis a

thabhairt do ghnàth do Dhia, gu seirbhis a thirt do Dhia a là agus a dh'oidhche mar-aon; tha mòran an dúil gu'n dean ni beag seirbhis a thabhairt do Dhia, ge nach faigh e an cridhe gu h-ìomlain; ach tha'n Tighearn ag radh le Solamh, " Mo mhac, thoir dhomhsa do chridhe," Gnàth. xxiii. 26. Agus ge d's beag as fhiach an cridhe, gidheadh is e na h-uile a tha'n Tighearn ag iarraidh ort. Mo mhac a deir esan, is mi t-Athair, agus is tusa mo mhac, agus thug mis' beatha agus solus dhuit, agus na h-uile ni ta agad tha e agad uamsa, agus sholair mis air do shon oighreachd air neamh; agus a nis, air son na h-uile ni a rinn mi dhuit, cha'n'eil mi ag iarraidh na's mo ort na gu'n tabhair thu dhomhsa do chridhe, agus bheir mis dhuit-sa toilinntinn ann mo shlighibh; oir fàsaidh do shúilean, agus d'uile bhuill, sgèth ann an ùin ghearr do sheirbhis Dhe mur d'thoir thu do chridhe do Dhia; agus uime sin tha e ag radh anns an 17, " na gabhadh do chridhe farmad ri peacachàibh, ach bi ann an eagal an Tighearn rè an là uile," oir mur bi cha'n'eil e so-dheanta gu'm bi do chridhe air a chumail ann an òrdugh ceart, agus air an aobhar sin ann an áite eile tha e ag radh, " leis na h-uile dhichioll gleidh do chridhe." Bu chóir do na h-àitean so de'n sgriobtuir a bhi air an cumail ann an cuimhne fad an lá, " leis na h-uile dhichioll gleidh do chridhe, oir 'sann uaith a tha sruthana na beatha.' 'Se'n cridhe tobair na beatha, agus ma bhios e truailidh bithidh na sruthana gu leir truailidh mar an ceudna: agus goirid an deigh sin tha e ag radh, " Cothromaich ceuman do chois, agus bitheadh do shlighibh gu leir ann an deagh órdugh." Cha bu chóir dhuit-sa a Chrìosduidh, ceum a dheanamh, nach bitheadh tu a' sealltuinn eait' am bheil thu dol, agus bu chóir dhuit fheoireach ri do chridhe, ciod e an rathad tha'n so air am bheil mi? Co dhiubh is ann air an rathad fharsuing gu sgrios, no air an t-slighe chumhang a tha treoireachadh gu beatha? Oir gu deimhin is cumhang an t-slighe a tha treoireachadh a chum beatha shiorruidh, agus uime sin bu chóir a bhi sealltainn do ghnàth ris an t-slighe; air an aobhar sin tha e ag radh, " cothromaich ceumanna do chois." 'Nis, ciod an t-saothar a b'àill leat a chaitheadh air giulan Chrìosduidh? Agus tha e uile gu maith air a chaitheadh ma 'se 's gu'n tabhair thu fainear cia daoir 'sa chosd e, agus thus a ta ann an Crìosd, saoilidh tu an ùin a bha

air a caitheadh ann an diomhanas ro fhada, agus gu'n robh thu ro fhada ann an tòiseachadh ri seirbhis a thabhairt do Dhia. "Cothromaich ceumanna do chois," 'se sin na tionndaidh a dh'ionnsuidh na laimhe deis no na laimhe clìth; ach coimhead do chois o'n olc.

'Nis, 'san àite mu dheireadh, "Mo mhac, coimhead àithntean t-Athair, agus na treig teagasg do mhàthair, ceangail iad do ghnàth air do chridhe, agus cuir iad mu thimchioll do mhuineal;" 'se sin biodh iad mar shlabhraidh gu do sgeadachadh. 'Nis, ciod a bhuannachd a bhios agad le so? Treoirichidh se thu 'nuair a dh'imicheas tu, feithidh se riut 'nuair a choidileas tu, agus 'nuair a dhùisgeas tu bithidh se maille riut; 'se sin, tòisich do thurus leis, agus cha'n fhàg e gu bráth thu gus am bi thu ag crìoch do thuruis; ni e faire air do shon 'nuair a tha thu ad chodal, agus bithidh tu do ghnáth fuidh dhùdean caoimhneil ré na h-oidhche; agus 'nuair a dhùisgeas tu 'sa mhaduinn, bithidh e ullamh gu do chomhairleachadh cia mar a chaitheas tu an lá gu léir. 'Nis, na'm b'áill leat so a dheanamh, ciod an aoibhneas agus an t-sólas a bhiodh agaibh, ciod an t-sìth ann bhur coguisibh mar-aon maille ri Dia agus duine, agus ciod an imeachd shuìlbhir, agus ciod a bheatha thaitneach adh'fheudadh tu a bhi agad? Ach tha mi fàgail so. Tha sibh a' faicinn gu'm bheil an gnè chaith'beatha so air áithneadh dhuibh, agus a chum's gu'm bi sibh na's mō chomasaich air so a dheanamh:

'Sa cheud ait, bu chòir duibh bhur peacaidhean a chuimhneachadh gach lá, a chum bhur cumail fuidh, agus bhur n-irioslachadh; air an aobhar sin feuchaibh nach at bhur cridheachan le àrdan.

'San dara h-àite, Feumaidh sibh a bhi sineadh suas bhur làmh a dh'ionnsuidh Chrìosd, agus a bhi do ghnáth aig itheadh do dh'fhèoil, agus ag òl do dh'fhuil gach lá; agus ni beachd-smuaineachadh air do pheacaidhean, agus air an staid through anns am bheil thu trid a pheacaidh, do chomh-èigneachadh gu na 's mo do mheas a bhi agad air fuil Chrìosd.

'San treas aite, Faic gur ann ann an Chrìosd a ghreimicheas tu ri bith mòrdhalachd ghloirmhoir neo-chrìochnaichte na diadhachd, a chum's gu'm bi d' imeachd maille ri Dia; oir gheibh thu e ann an Chrìosd, agus co fhad sa dh'fhanas tu ann-san, fanaidh esan annad-sa; agus

ma chreideas tu ann, thig esan agus an t-Athair agus gabhaidh iad còmhnuidh maille riut.

A rìs biodh eagal Dhia ann do cridhe do ghnàth, oir is e 'n eagal so tús a ghliocais, agus bheir an eagal so ort thu fein a chuir fo armachd ann an aghaidh gach uile bhuaireadh, air doigh's nach d'theid a bheag a steach a dh'ionnsuidh do cridhe a chuireas crádh air an Tighearn agus "guidhidh tu air nigheana Ierusalem, nach dùisg iad t-aon ghaoil," a tha ann do ghlacaibh, gus an áill leis fein."

A rìs, 'nuair a bhios tu a dh'easbhuidh air, bheir so ort éiridh as do leabaidh g'a iarraidh; agus gu'm bi thu ullamh gu thoileachadh anns gach uile dheadh obair, agus coguis ghlan a bhi agad a thaobh Dhia agus a thaobh dhuine.

A rìs, bheir so ni eile ad ionnsuidh; 'se sin, a thabh-airt ort amharc le gáirdeachas air uile chreutairean Dhia le sùil a chreidimh; agus uile shochairan a ghabhail 'o láimh le breith-buidheachas; 'an sin chi thu féum air áithn ar Tighearn, "Deanaibh faire agus urnuigh do ghnàth." Mar sin leigidh tu sios an soitheach a dh'ionnsuidh an tobair, agus bithidh tu do ghnàth a' tarruing a mach as grás air son grás.

'Nis, na'm b'áill leat so dheanamh, bheireadh e ort ann ad uile roidibh do shùil a bhi air Dia, chum's 'nuair a luidheas tu sios, gu'n gabh thu cunntas sònruichte mu t-uile shlighibh air an latha chaidh seachad, agus 'nuair a dh'eireas tu gu'n deasaich thu thu fein air son seirbhis Dhe rè an la sin uile; agus bheir so ort gur ann is lugh a' bhios agad ri dheanamh aig ám do bhais, do reir's mar a chuimhnicheas tu gu'n cuir thu suas cunntas air saothair gach aon lá do Dhia mu'n d'theid thu idir a dh'ionnsuidh do leabaidh; uime sin 'sann is lugha bhios agad ri dheanamh a nis. Ma gheibh thu maitheanas, mu'n luidh thu sios, deth gach peacadh a rinn thu fad an lá; 'an sin feudaidh tu dùbhl-an an diabhuil, na h-ifrinn, na h-uaigne, agus a bháis, agus ceartais Dhe a thabhairt, oir cha'n urrainn iad a bheag a chuir as do leth, a' fàicinn gu bheil d'-èiric air a phaigheadh, agus fhuair thus maitheanas troimh'n fhuil sin, air a sgrìobhadh leis an Spiorad Naomh. 'Nis, gu'n deoinicheadh an Tighearn so dhuibh air sgáth Chrìosd; dha-san, maille ris an Athair, agus ris an Spiorad Naomh, gu'n robh gach uile ghlòir a nis agus gu sìorruidh. Amen.

SEARMON XXXVI.

² Corint. iv. 3, 4.—Ach ma tha ar soisgeulne folaichte, is ann dolbhan a ta caillte, a tha e folaichte : Anns an do dhall Dia an t-saoghail so inntinn us droinge nach'eil na'n creidmich, air eagal gu'n dealraicheadh orra solus soisgeil gloirmhoir Chrìosd neach is e iomhalgh Dhia.

THA da ni fathasd gu bhi air an labhairt a chum fiosrachadh a thabhairt do choguis gach neach, aig a' bheil inntinn a dhol air an aghaidh a dh'ionnsuidh na rioghachd neamhaidh sin, chuala sibh cia mar bu chòir duibh aimsir bhur cuairt ann an so a chaitheadh, agus ciod iad na bunaitean bu chòir dhuibh a shuidheachadh, air an feud sibh bhur tigh a thogail ; sin ri radh,

1. Creideamh anns an Tighearn Iosa, agus ann an uile fhirinnibh Dhe.

2. Cridhe glan agus air ath-nuadhachadh, agus buanachadh do ghnà' ann an aoradh Dhe a dh'ionnsuidh na criche.

3. Na cuidichidhean a thug Dia dhuibh, chuala sibh iad, agus fhuair fein-fhiosrachadh na'n uile naoimh iad gu bhi na'n cumhachd Dhe a chum slàinte.

4. Chuala sibh cia mar bu chòir duibh gach aon là a chaith-eadh, agus cia mar bu chòir duibh rùn a bhi oirbh, 'nuair a luidheas sibh sìos, eadhon an uair a tha sibh a' luidh sìos gu'm feud e a bhi na fhear-faire os bhur ceann ré na h-oidhche ; agus 'nuair a dhùisgeas sibh 'sa mhaduinn, gu'm bi e dhuibh na chomhairleach ré an là gu h-iomlain : feumaidh bhur creidimh bhi cumail greim air gealladh na slàinte, agus ré an là uile feumaidh sibh a bhi a' feitheamh air teachd Chrìosd anns na neulaibh, agus feumaidh eagal Dhe a bhi do ghnáth fa chomhar bhur cridhibh, agus feumaidh grádh Dhe bhur comh-éigneachadh a chum gach uile dheadh obair, agus feumaidh sibh seirbhis a thabhairt da as eugmhais eagal ré uile laithibh 'ur beatha, agus gu'm bi a ghloir-san na chùram sònraichte dhuibh, agus an t-aon ni a bhios sibh ag iarraidh. 'Nis,

ni so sibh ullamh gu Dia a thoileachadh 'sna h-uile nithe, agus cuiridh e faire air bhur cridhe agus air bhur beul nach d'thoir sibh oilbheum do Dhia. Tha fios agam nach faigh sibh na nithe so deanta ann an tiotadh, ach gidheadh feumaidh sibh eolas fhaotainn orra, agus feumaidh sibh strì a dheanamh gu'n cleachdadh; agus an giùlan glòirmhoir so, ge nach urrainn sibh fhaotainn ann an iomlanachd, gidheadh ma ni sibh strì gu fhaotainn, ni an dearbh spàirn so sibhse glòir-mhoir ann an sealladh Dhe, agus bheir e air muinntir eile Dia a ghloireachadh. 'nuair a chi iad gu'm bheil a leithid do chumhachd glòir-mhoir anns an t-soisgeil, air doigh 's gur urrainn e na h-uile a chreideas ann a thearnadh.

'Siad an dá ni, tha mi ag radh, a tha ri bhi air an labhairt,

Air tús, A leagail fhaicinn duibh ciod iad na h-am-laidhean a bhitheas air an tilgeadh ann bhur cridheachan le sátan, gu bhur cùrsa a bhacadh anns a chreidimh Chriosduidh.

Agus anns an ath àit, Gu leagail fhaicinn duibh ciod iad na còirichean glòir-mhoir a th'agaibh, na'm b'e 'sgu'm b'aithne dhuibh ciod a tha ann an inntinn an Tighearna a thabhairt dhuibh, gu'n ruitheadh sibh bhur réis le gairdeachas agus sòlas, agus bheireadh so oirbh, leis na h-uile dànachd agus seasmhaileachd, buanachadh a dh'ionnsuidh na criche.

Mar air son a cheud ni, Thagh mi an t-àite so a chum fhosgladh suas, agus a chum's gur fearr a thuigeas sibh e, aithrisidh mi dhuibh cuid do nithe. Anns a chaibdeil air thoiseach, tha e ag innseadh ciod e a mhinisteir'lachd anns an robh e air a chuir, ministeir'lachd a tha tabhairt beatha do anam marbh, ministeir'lachd a tha 'fosgladh sùilean a pheacaich dhail a chuim iomhaigh ghloir-mhoir Mhic Dhe; agus tha e aig innseadh, anns an earrainn air thoiseach, cia mar a ghnáthaich e a mhinisteir'lachd. 'Nis, anns an treas rann tha e 'freagradh cùis-ghearan; oir dh'fheudadh cuid a radh, ma 'se is gu'm bheil do mhinisteir'lachd co glòir-mhoir, ciod e an t-aobhar gu'm bheil e air fholach air co iomadh? Tha e a' freagradh, "Ma tha ar soisgeil-ne folaichte, is ann dhoibh-san a tha cailte a tha e folaichte." Mar gu'n abradh e, 'Bheil sibh a' feoireach e air son a tha e air fholach? Freagram, Ma tha e air fholach, tha e air fholach air an duine no air a bbean sin a tha air an órduchadh a chuim sgrìos;

ach ma tha thusa do'n àireamh a bhios air an tearnadh, feumaidh an soisgeil so dealradh ann do chridhe.

An deigh sin, anns a cheithreamh rann, tha e ag innseadh ciod is aobhar da so ; tha e ag radh, “ anns na dhall Dia an t-saoghail so sùilean agus inntinnean na dream nach'eil na'n creidmhigh, air eagal gu'n dealraich-cadh orra solus soisgeil gloirmhor Chrìosd ;” Dia an t-saoghail so, agus cha'n e an saoghal ri teachd ? Tha so na ni iongantach, gur e an diabhl Dia na dream sin dha bheil an soisgeil air fholach ; agus gidheadh tha so fìor ; oir tha e annta, agus tha e a' rioghachadh agus a riaghladh annta. Tha so na ni eagalach, gu bheil an diabhl a' rioghachadh anns cho liòn agaibh 's air nach do dhealraich an soisgeil, agus tha e a' dalladh do shùilean, a chum 's nach faic thu glòir Dhia air fhoillseachadh anns an t-soisgeil ; agus tha dá sheòrs dhaoine agus mhnathan anns an t-saoghal ris a' bheil e a' buntainn mar sin, agus mar-aon air caochalaidh do dhoighibh, An leithid agus nach'eil air an ath-nuadhachadh tha e aig strì gu'n cumail mar sin, a chum's nach d'thoir iad an cridhe gu brath len toil a dheanamh seirbhis do Dhia ; agus mur urrainn e do ghairm a bhacadh, cuiridh e amalaidhean agus cip-thuislidh 'san t-slighe gu do chùrsa a bhacadh : uime sin an leithid agaibh 's nach robh riamh air an ath-nuadhachadh, agus air nach do dhealraich an soisgeil so riamh, agus nach faca riamh 'ur truaighe, no luach na fola sin, no dòchas na glòir sin, biodh fhios agaibh gu' bheil an diabhl 'na sheasamh ann bhur rathad, a chum 'ur cumail o'n t-slighe air am bheil sibh fhaicinn, a chum's nach faic sibh gu bráth an truaighe gun chrìche sin a dh'ionnsuidh am bheil sibh a' dol, gus an tig an t-àm anns an tuit sibh ann.

A mheud agaibh a tha mar sin, cha'n'eil fhios agam-sa cia fhad a bhitheas sibh mar sin ; ach tha mi 'g'ur fágail do'n Tighearn : a mhàin so tha mi ag radh ribh : Na foisichibh gu socrach, faicibh nach gabh sibh fois gus am bi sibh cinnteach a bhi air taobh steach cuairt fuil Iosa Chrìosd ; oir cha mhair àm na'n gras fada, uime sin na caillibh slainte shiorruidh air son toilinntinnibh ùin ghoirid. C'air son a bhiodh a h-aon agaibh air an druid-cadh a mach o dhorsaibh na flaitheanais, agus a bhi faicinn muinntir eile dol a steach ? Uime sin bu chòir duibh uile an aire thabairt dhuibh fein, oir is nì cudthromach

dhuibh e, agus tha'n diabhul a' dalladh inntinnean mōran agaibh a chum's nach amhairceadh sibh gu brath ris an aoibhneas shiorruidh sin, no fathasd ris na piantaibh siorruidh sin, gus an caill sibh an dara h-aon, agus an tuit sibh anns an aon eile, sin tha mi ag radh, gu bheil feum agaibh an aire thoirt dhuibh fein :

Agus ann an so tha mi ag áithneadh dhuibh ann am fianuis Dhe, agus ann an làthair a Mhic Iosa Criosd, a reubas na neamha' agus a thig a nuas maille ri ainglibh eumhachdach, ann an teine lasrach, agus a shuidheas air a rìgh-chathair, agus a bheir breith mar-aon air na beò agus air na mairbh, na gabhaibh fois gus am faigh sibh an creidimh beò agus fìor so, a bheir troimh sibh anns an latha mhór sin ; agus a mheud agaibh 's a fhuair e, agus a tha air bhur n-ath-nuadhachadh, Feumaidh mi innseadh dhuibh mu na clachan 's na cip-thuislidh, a tha na'n luidhe 'n'ur rathad chum 'ur bacadh a nis ann bhur tur-rus, a chum's gur aithne dhuibh iad 'nuair a chi sibh iad, agus nach tuislich sibh orra, ach gu'n leum sibh thairis orra. Tha fios agam gu'n robh moran agaibh air am bacadh 'o chreidsinn, agus cha'n'eil fhios agaibh cìod e a bhac sibh, agus ma 's aithne dhuibh iad, cha do chuir sibh na'n aghaidh ; rinn mōran agaibh ruintean sgiamh-ach a chuir oirbhe, ach cha do choimhid sibh iad, do bhrìgh 'sgu'n d'fhuair sibh amlaidhean 'san t-slighe, agus cha'n'eil fhios agaibh co a chuir ann 'ur rathad iad ; air an aobhar sin bhiodh e gu maith air bhur son fhios a bhi agaibh co a bhac sibh 'o chreidimh. Co a tha deanamh so, a shaoileas sibhse ? Eadhon an diabhul 'ur namhaid, dia an t-saogail so, a rinn cómhndadh ri do phàirt neò-nuadhaichte ; uime sin cha'n'eil amaladh a tha air a chuir ann do rathad, nach fheud thu a radh, tha fios agam gur e neach gamhlasach a chuir so ann mo rathad. O ! siad so buairidhean an t-satain, uime sin cuiridh mi mi fein fa' armachd na'n aghaidh. Mar sin ma ta, air doigh sonruichte, feumaidh sibh da ni a bhi agaibh, 'se sin, creidimh anns an Tighearn Iosa Criosd, agus aithreachas a thaobh Dhe. Labhraidh sinn mu na buairidhean a tha bacadh iad so mar-aon.

Agus, anns a cheud aite, Gu bhi bacadh bhur creid-eamh, bheir e a chreidsinn air cuid agaibh, gu'm bheil e do-dheanta dhuibh creideamh fhaotainn ; agus tha e a' deanamh cuid eile co mi-chúramach, 'snach 'eil ann am flath-

eanas no'n ifrinn doibh ach faoin-bharail; agus ma gheibh sibh dearsaidhean agus boisgidhean leis an fhocal. tha e toirt a chreidsinn orra gur leoir sin, agus mar sin cha leig e leo gu bràth an cridheachan a rannsachadh, a dh'fhaicinn am bheil iad air an suidheachadh ann an Crìosd no nach 'eil. Agus air do shonsa a fhuair creidimh ann an Crìosd, tha e saothrachadh gu a chreidsinn a thabhairt ort nach robh e agad riamh ann am frinn, no, ma bha e agad aon uair, gu'n do chaill thu nis e; ach deansa thu fein cinnteach, ma fhuair thus riamh Crìosd ann do chridhe, agus ag oibreachadh sìth agus gáirdeachas ann ad' anam, trid gealladh na tròcair agus na sláinte, agus gu'm bheil do chridhe air ath-nuadhachadh leis a ghealladh cheudna, feudaidh tu do ghreim a chumail deth, agus cha bhi e gu bràth air a thabhairt uait: "Oir tha tiodhlacan agus gairm Dhia gun aithreachas;" air an aobhar sin socraich air, agus gluais suas do chreidimh a rìs, agus gràs Dhia annad; uime sin na mealladh e thu anns a phuing so. An robh do chridhe riamh air irioslachadh? An robh do chridhe riamh air a thilgeadh sìos le mothachadh agus scalladh air do thruaighe? An d'fhuair thu riamh comhfhurtachd ann am fuil Iosa? An do mhothaich thu riamh ath-rachadh air oibreachadh ann do chridhe trid na fola sin? Ann an sin ma ta cuimhnich gu'm bheil do chreidimh a' socrachadh air an fhuil sin, agus nach sguir an fhuil sin gu bràth do labhairt air do shon, uime sin, ma bha thu aon uair air do shuidheachadh gu ceart ann an Crìosd, cha bhi thu gu sìorruidh air do spionadh a mach as.

A rìs, 'nuair nach urrainn e thabhairt ort aontachadh gu a radh, nach d'fhuair thu riamh an tiodhlac luachmhoir sin a bhi creidsinn, o'n inleachd sin theid e dh'ionnsuidh aon eile, agus their e riut, Tha thu ad leanabh do Dhia, agus tha thu air do thaghadh a chum na beatha sìorruidh, tha thu air do shaoradh le fuil Chrìosd, agus fhuair thu creidimh agus sláinte, agus ciod e tuilleadh a b'àill leat fhaotainn? Gabh do shaorsaim anns a pheacadh so, no anns a pheacadh ud eile; ciod a ruigeas tu leas a bhi 'ga do phianadh fein tuille le ùrnuigh, agus breith-buidheachais, no ann am faire no'n ciseachd an fhocail? Cha'n'eil annad ach amadan ann a so a dheanamh; agus mar sin b'àill leis a thabhairt ort an t-srian a leagadh fuasgailt do na pheacadh, a

chum's gu'n gabhadh tu do thoilinntinn, a chum's gu'm faigh e thu ann a ghreim; air an aobhar sin bi air t-fhaicill, nach buadhaich e a'd' aghaidh ann an so, agus nach abair thu buanaichidh sinn anns a pheacadh, "do bhrigh's gu'n deach gràs Dhia am mèud; na'r leagadh Dia;" ach gu ma fearr leat smuaineachadh leat fein, air dhomb fhaicsinn gu'n d'fhuair mi gràs, bithidh mi nis mo dhùrachdaich' ann an ùrnuigh, ann am breith-buidheachais, ann am faire, ann an eisdeachd an fhocail, na bha mi riamb. Mar sin tha mi 'g radh, na mealladh e thu anns a cheud phong, ach bi cinnteach nach fàilnich do chreideamh gu bràth thu; oir ge' nach gluais an leanabh ann am broinn a mhàthair, fathasd feudaidh e bhi beò; eadhon mar sin, ge nach'eil thus a' faotainn Chrìosd a' gluasad, gidheadh faodaidh e bhi beò annad.

A rìs, na buadhaicheadh e gu bràth a'd' aghaidh anns an dara pong, nach smuainich thu gu li-an-dana mu ghràs, ach saothraich gu aoidheachd a thoirt do Chrìosd air tòiseachadh annad, le bhi deaamh feum de' na meadhonaibh.

'San treas àite, Mur urrainn e buaidh fhaotainn ann a bheag do'n dà nì so, iarraidh se ort suidh sìos agus fois a ghabhail air firinn geallaidh Dhia, agus thu fein a thoil-eachadh leis an t-sòlas agus an dòchas air làthair, a fhuair thu leis na meadhonaibh anns a mhaduinn, a chum's nach d'thugadh tu aoradh rè an là uile do'n Dia ghràsmhoir a th'air a glèineamhuinn ann do chridhe, gu'n d'thoir thu àite dhà, a chum's gu'm fàse annad, agus gu'm fàs thus ann-san, agus feumaidh tu do chreidimh ath-nuadhachadh gach là, agus feumaidh tu gach là beathachadh air fhèoil agus air fhuil, agus feumaidh tu tràth as ùir fhaotainn deth gach aon là, agus feumaidh tu fàs' o chreidimh gu'creidimh, agus o neart gu neart, gus an taisbean thu ann an làtbair an Tighearn ann an Sion; oir ma bhacas e thu 'o theachd air d'aghaidh ann do chreidimh, caillidh tu do shòlas, agus lughdaichidh do chreidimh; oir tha do chreideamh aon-chuid a' meudachadh no a' lughdachadh. Mar so tha mi 'g radh, bi air t-fhaicill roimh na buairidhean so gu léir a tha'n diabhal a' cuir ann an rathad do chreidimh. So air son a cheud phuing air an do ghabh mi os làmh labhairt.

'Nis an dara pong cha dean mi ach beantainn rithe: Cìod iad na buairidhean a ta aige gu do bhacadh ann do

ghiùlan Chrìosduigh, agus anns an aithreachas so a thaobh Dhe? Tha trì seòrsa aige dhiubh.

'Sa cheud aite, Feuchaidh e ri do chumail air ais o dheanamh a mhaith sin leis am biodh Dia air a ghloireachadh, agus d'anam fein air a shòlasachadh.

'San ath aite, Saothraichidh e gu do chridhe a chumail sìos le aon peacadh no peacadh eile a chum 's gu'm bae e thu o sheirbhis a thabhairt do Dhia le gàirdeachas.

Agus, 3, Feuchaidh e ma's urrainn e thabhairt ort meadhoinan gle laghail a ghnàthachadh gu bhi na'n rib dhuit.

'Nis, 'siad na nithe maith o'm b'àill leis do chumail, ceithir nithe; Tha mi a' labhairt so a chum na crìche so, Air tus, gu bhi leagail ris na frith-ròidean air am b'àill le satan clann De a dhol a steach, a chum 's nach rachadh iad an rathad ceart a dh'ionnsuidh neamh le sòlas, a chum 's nach dealraicheadh iad mar lòchranaibh soluis anns an t-saoghal, a chum 's air do dhaoine a bhi faicinn an "deagh oibre, gu'n d'thugadh iad glòir do'n Athair a ta air neamh."

Agus, anns an ath aite, a bhi leagail fhaicinn duibh an t-slighe cheart, a chum 's gu'm feud sibh a radh, 'si so an t-slighe, agus siubhlaidh sinn innte. Thugaibh an aire do na ceithir nithe so:

'Sa cheud aite, Feuchaidh e ma's urrainn e thoirt ort a bhi fuasgailt anns an diadhachd, a chum 's gu'm bae e thu air doigh 's nach oidhearpaich thu gach aon lá 'sna h-uile nithe Dia a thoileachadh; mar so, ge b'e ám nach bi agad rùn gu Dia a thoileachadh gach aon lá, 'san ám sin tha thu air do bhacadh leis an diabhl; uime sin co liugha lá nach 'eil thu cuir seachad le gàirdeachas agus sìth maille ri Dia, co liugha lá is sin tha'n diabhl a' faotainn an cothrom ort; oir tha farmad aige ri do ghairdeachas agus ri do shith: air an aobhar sin bu choir duit rùnachadh mar is mò a b'àill leis do bhacadh o Dbia a thoileachadh, gur ann a's mò a thoilicheas tus e. So air son a cheud nì.

'Se 'n dara nì maith o'm b'àill leis do bhacadh, grádh Dhia, aon-chuid ann do cheud ghairm no an deigh do ghairm. Feudaidh tu a chall an deigh dhuit fhaotainn, agus mar sin feudaidh tu a bhi air do chumail fuidh le teagamh fad uile laithean do bheatha; air an aobhar sin, ma thaisich Dia riamh do chridhe le mothachadh air a

ghràdh sin, 'an sin cum gu teann an greim, agus na leig leis a bhogha lasachadh, na leig air son aon uair; agus an uair a chailleas tu do mhothachadh air a ghràdh-san, ruith a dh'ionnsuidh an tobar a rìs; oir tha aig an Tigh-earn a cheart urrad, agus cho ullamh gu thabhairt dhuit 'sa bha e aig a cheud am an d'fhuir thu eolas air, agus is urrainn e na h-oibre deireanach a dheanamh na's mò na na ceud oibre. Mar sin feumaidh tu a dheanamh mar ni duine a chaill maoin mhoir, a thoisicheas a phac le beagan do bhathar, agus mar sin a theid air aghaidh lion ceum is ceum, gus am meudaichear a shaoibhreas agus gu'm bi e air a dhùblachadh; eadhon mar sin dean thus 'nuair a chailleas tu mothachadh air gràdh Dhe, tòisich le nithe beaga, agus rach air d'aghaidh agus faigh saoihbheas gus am bi e air a dhùblachadh dhuit.

'San treas aite, saothraichidh e gu do bhacadh o aoradh diomhar agus follaiseach Dhe, no 'o fheum a dheanamh do aon mheadhon no mheadhon eile, a chum a's mar sin gu'n dean thu dearmad air do dhleasdanas do Dhia, agus le sin a dheanamh gu'm buair e do shìth.

'San aite fa' dheireadh, Ni e na gràsan a tha ann am muinntir eile na chlaidheamh gu do chridhe tholladh, agus gu d'anam a lot, air doigh 's 'nuair a chì thu an creidimhsa. an seasmhalachd cridhe, an aithreachas, an diadhachd-sa, gu'n abair thus, gu cinnteach cha d'rainig mise riamh oirbhse, agus uime sin tha mi faicinn nach 'eil gràs Dhe annam-sa ach ann an diomhanas; agus gidheadh iadsan aig am bheil na h-uile ni tha thus a' faicinn, 's aithne dhoibh an uireasbhuidhean fein, agus tha iad air an tilgeadh sìos co maith riut-sa; uime sin, an uair a chì thu so, aidich an tomhas a's lugha a tha do ghràs Dhia annad fein, agus bi taingeil air a shon, agus dean ùrnuigh air son gu'm meudaicheadh e agus gu'm fàsadh e gach là. An uibhir so air son a mhaith o'm b'áill leis do chumail.

'Nis, An t-ole anns am b'áill leis do chumail, a chum 's gu'n cum e sìos do chridhe le aon pheacadh no le peacadh eile. tha iad deth dha ghné.

'Sa cheud áite, Saothraichidh e gu aignidhean neo-nuadhaichte do chridhe a chumail do ghnáth. Ciod iad sin? 'Sa cheud áite, eagal tráilleil. 2. Ardan spioradail, agus beachd uibhreach air beannachdan Dhe, 3. Leisg agus línadaireachd ann an seirbhis Dhia. Agus 'sa 4, Na h-uile h-aighe' saoghalta 'san taobh a stigh dhìot,

an leithid as árdan, fearg, farmad, gamhlas, gearain, monmhur, agus a chuid eile dhiubh so gu leir. 'Nis, tha e deanamh so uile gu bhi dorchnachadh solus Spioraid Dhe, a chum 's nach dealraich e ann do chridhe. 'Nis, na seorsa uile eile a tha e saothrachadh gu chumail maille riut, is iad na h-anamiana' saoghailta so mu'm bheil an t-Abstol Eoin a' labhairt ann a cheud litir, ii. 16. Mar, " anamiann na feola, agus anamiann na súil, agus uabhar na beatha : " Agus so tha e deanamh aon chuid gu do chridhe a thruaillleadh le neo-ghloine (oir tha e na namhaid neoghlan) no gu do bhrosnachadh gu glòir dhiomhain, agus toilinntinn an t-saoghail so. 'Nis, 'se 'n ath sheorsa buairidh gu bacadh a chuir air a chaith'-beatha Chrìosduidh, nithe laghail na beatha so a dheanamh na'n rib dhuit ; mar gràdh saobhreis, no do ni sam bith eile a tha laghail anna fein. Ma ghoideas e air falbh do chridhe, agus mu shuidhicheas e t-aigidhean air saobhreas an t-saoghail so, cha'n'eil e so-dheanta nach tuit thu ann an buairidhean. 'Nis, cha chan mi tuilleadh aig an ám, ach a bhi 'g-carbsa na bha air a radh ri beannachadh Dhia ann an Iosa Crìosd ; dha-san gu'n robh glòir 'o so a mach agus gu siorruidh. Amen.

SEARMON XXXVII.

1 Tsa. ii. 13. Uime sin bu mhiann leian teachd do 'ur n-ionnsuidh, (eadhon leamsa Pol.) uair no dha : ach bhac Satan sinn. v. 13

TIA so na ni duilich ri chreidsinn leis an t-saoghal, gur urrainn do shàtan leanabh Dhe a cheangal eadar làmh an

agus chosan, agus a bhacadh 'o dhol a dh'ionnsuidh an àite do'm bu mhiann leis a dhol, no gu aoradh Dhe ; gidheadh chì sibh ann an so gu'n do bhac e an t-Abstol do'm b'aithne toil De ; agus uime sin, am b'áill leat fhios fhaotainn air a so, 'nuair a bheir Dia dhuit gairm, agus dorus fosgailte gus an ni sin a dheanamh a dh'áithn Dia dhuit, is e Sátan a tha 'bacadh ; agus mar a bhacas e thu o na mhaith a dheanamh, mar sin meallaidh e thu gus an olc a dheanamh, mar a mheall e Daibhidh gus an t-sluagh áireamh ; mar sin tha e ar-aon a' bacadh a mhaith bu chòir a dheanamh, agus 'gad' bhrosnachadh gus an olc a dheanamh nach bu chòir a dheanamh. Air an aobhar sin cuimhnich nach'eil an lámh, an teangaidh, an cridhe, gu bráth air am bacadh o mhaith a dheanamh, no air am mealladh gu olc a dheanamh, ach leis an t-sátan. Bu chòir dhuibh smuaineachadh air a so ma ta, nach e mháin gu bheil agaibh ri gleachd ri fuil agus feoil, ach ann an aghaidh uachdranachdaibh agus cumbachdaibh, agus ann an aghaidh riaghlairibh an t-saoghail so, prionnsa dorchadais an t-saoghail so, agus 'an aghaidh aingidheachd spioradail ann an ionadaibh árd, uime sin tha feum agaibh air uile armachd Dhe a ghlacadh do'r n-ionnsuidh, a chum's gu'm bi sibh comasach air cuir 'na aghaidh 'san droch lá. Ach, mo thuaighe ! Dh'fhalbh so leis a mhòir-chuid do dhaoine agus do mhnathaibh ann ar lá, oir tha iad a' toirt aite do'n diabhul do'm fiosrachadh agus gu toileach. Mar a bhac e'n t-Abstol a theachd a dh'ionnsuidh na'n Tesalònianach, mar sin, air an tomhas creidimh a tha agad air láthair, is esan a tha toirt ort nach'eil thu a' fás o chreideamh gu creideamh, agus 'nuair a gheibh t-aignidhean mi-riaghailteach lámh an uachdar ort ; is esan a tha 'ga dheanamh : uime sin a chum am buaireadh so a sheachnadh, bu chòir duibh aidmheil bhur creidimh a chumail do gnath daighean a dh'ionnsuidh na crìche ; agus air an aobhar sin tha Peadar ag radh, "Tha'n diabhul ar n-eas-cairid a' dol mu'n cuairt mar lèomhan beucach a' sireadh co a dh'fheudas e a mhealladh ; cuiribhse na aghaidh, air dhuibh a bhi seasmhach 'sa chreidhimh." Mar an ceudna, Seumas, i. 5, Tha e ag radh, "Ma tha aon neach agaibh a dh'uireasbhuidh gliocas, iarradh e o Dhia e, a bheir do gach neach gu pailt, agus nach dean

maoidheamh; agus bheirear dha e. Ach iarradh e le creideamh, gun bhi fuidh amharus sam bith; oir an tì a ta fuidh amharus, is cosmhail e ri tònna na fairge a a sheidar le gaoith, agus a tha air a luasgadh a null agus a nall. Oir na saoiladh an duine sin gu'm faigh e nì air bith o'n Tighearn." 'Se so a cheud nì.

2, Cum an greim 'nuair a gheibh thu e, agus cuimh-nich, nach ann o nàduir a tha e ach o ghràs; oir cha d'àraich e riamh ann do chridhe, agus ma dhuisgeas Dia do choguis, agus gu'm mothaich 's gu'm faic thu uamhas a chorruich, an sin ma ta feudaidh tu a radh is tiodhlac o Dhia a bhi creidsinn. Air an aobhar sin na creachadh e gu bràth thu dheth do chreideamh, ach bi thus làidir agus neo-ghluasadach, agus bunaiteach anns a chreidimh; oir tha fios aige, 'nuair a tha do chreideamh air falbh, gu'm bheil do ghràdh air falbh mar an cèudna; "oir bithidh am firean beò tre chreidimh. Bi air t-fhaicill o na bhuaireadh eile so mar an ceudna, 'nuair a gheibh thu creidimh agus comhfhurtachd anns an fhuil sin, an sin feuch nach tuit thu ad' chodul, agus gu'm fàs thu mì-chùramach an deigh sin, mar a rinn an Eaglais ann an leabhar na'n Dàin, a bha na codal, ach a cridhe na dhuisg, agus fathasd cha'n eireadh i o a leabaidh a a dh'fhosgladh an doruis dā, air an aobhar sin chaidh e air falbh. Mar sin 'se so innleachd an diabhuil, a dh'fheuchainn am faigh e thu ann an dùsail, a chum 's gu'n creach e thu dheth làthaireachd do Thighearn, agus deth chomhfhurtachd mhoir, uime sin guidheam oirbh bithibh air bhur faicill o mhi-chùram 'an deigh dhuibh comhfhurtachd fhaotainn.

3, Fàs o chreidimh gu creidimh, agus o neart gu neart, co fad sa'tha thu anns a bheath so, agus do ghnāth gus an taisbean thu an láthair an Tighearn ann an Sìon. Tha sibh a' faicinn nach dean an aon tràth bhidhe an gnothach dhuibh an còmhnuidh, ach gu'm feum sibh biadh fhaotainn gach là ma bhitheas sibh 'n'ur slàinte, eadhon mar sin, cha dean aon tràth do fheòil Chrìosd, agus aon deoch do dh'fhuil, agus aon chomh-chuir de'n a ghealladh, cha dean so do riarachadh, ach feumaidh plast an deigh plast a bhi air a chuir, mar a chi sibh ann an neach a tha air a lotadh gu marbhtach, eadhon mar sin cha'n e aon chomh-chuir do ghealladh na slainte a leighiseas lotan t-anam-sa, ach feumaidh an comh-chuir a bhi air ath-

nuadhachadh gach là. Cha'n'eil fhios agam am bheil feum aig neach air bith agaibh air an teagasg so, ach feumaidh mìs' a bhi 'ga innseadh dhuibh do ghnàth. Anns a bhacadh so ort o na mhaith, feuchaidh e ma's urrainn e do chumail o bheachd-smuaineachadh gach là air Dia a thoileachadh 'sna h-uile nithe, agus aig cuid do dh'uairibh tha e faotainn buaidh gu h-iongantach ann an so, eadhon air cloinn ionmhuinn Dhe, oir cha'n'eil fios aig mòran gu'm bheil a leithid do dh'èigin na luidh orra, an dìchioll a dheanamh gu Dia thoileachadh 'sna h-uile nithe gach aon là, agus ma 's aithne dhoibh e, tha iad a' rùnachadh a dheanamh; agus ma tha iad a' rùnachadh, gidheadh tha iad gach là faotainn mi-mhisnichean agus mòr amlaidhean anns an t-slighe. 'Nis, do bhrìgh 'sgu'm bheil mòran agaibh, tha mi saoilinn, na'm biodh sibh air bhur cuir air bhur leabaidh, agus cunntas a thabhairt as 'ur caith'bhèatha anns an ùin a chaidh seachad; tha mi 'g radh, gu'm bheil mi 'am beachd nach 'eil mòran gnìomhran, briathran, no smuaintean, a bheireadh dhuibh comhfhurtachd ann 'ur beatha gu h-iomlain, oir cha d'thoir a bheag sòlas ad' ionnsuidh ach a mheud 's d'an toir do choguis fianuis gu'n d'rinn thu iad a chum onair Dhia; uime sin tha feum agaibh uile a bhi ag ullachadh ann an tiom, a chum a's ge b'è àm a thig sibh gu cleachdadh meadhoinibh. no gu cuideachd sam bith, gu'm feud sibh an comharadh so fhàgail maille riu, Bithibh-se na'r fianuis an sud agus 'an so, gu'n d'iarr mìs' an Tighearn, agus gu'n d'fhuir mi ann an so e. Ach tha eagal orm gu'm bheil mòran agaibh an uair a thig àm a chunntaidh gu'n tog gach àite fianuis, nach b'è so riamh rùn 'ur cridhe Dia a ghloireachadh ge b'è àite gus an d'thainig sibh, ma 'seadh, air a chuid a's lugha, togaidh na h-àitean so uile fianuis 'n 'ur n-aghaidh, mu thiom air a chall agus air a mhi-bhuileachadh, nach urrainn a bhi air aisig air ais a rìs. Air an aobhar sin, biodh gach neach agaibh beo, mar a b'áill leibh bhur coguisean a bhi saor ann an lathair Dhia agus dhuine, agus mar a b'áill leibh gach àite anns an robh sibh riamh, fianuis a thogail gu'n d'iarr sibh an Tighearn ann an treibhdhireas bhur cridhe.

'Nis, tha dà ni mu'n robh mi a' labhairt ribh; agus, a cheud nì, Gu'n cuireadh sibh sibh fein fo armachd ann an aghaidh na'm buairidhean so air an tairgse dhuibh leis andiabhl, a chum bhur mealladh gu peacadh a dheanamh,

oir tha feum agaibh a bhi air bhur faicill o'n nathair chuibheartach sin, a chrubas a steach gu sámhach, agus a bheir lot marbhtach dhuibh mu'n toir sibh idir an aire dhuibh fein. An urrainn do dhuine sam bith imeachd 'san teine as-eugmhais a bhi air a losgadh? Eadhon mar sin, an urrainn do dhuine sam bith imeachd ann an anamian na feola as-eugmhais a bhi air ribeadh leis? 'Siad na nithe air am bu chóir duibh smuaineachadh gus a pheacadh a mharbhadh, iad so:

'Sa cheud àite, Smuanaich air gràdh siorruidh agus neo-chriochnaichte Dhe ann an leithid do thomhas, 'sgu'm blàthaich e do chridh le mothachadh air; agus troimh na ghràdh sin, smuainich air cia mar a thaisbean se e fein, air tùs ann do ghràdhachadh, ann do thaghadh ann an Criosd,

2. Ann an cuir a Mhic fein gu do shaoradh le fhuil luachmhor fein.

3. Ann do dheanamh a'd' dhuine no a'd' bhean, do reir iomhaigh Dhe.

4. Ann thus a ghairm, agus leigeil do cho liugha básachadh ann an cuid peacaidhean.

5. Ann a t-fhireanachadh gu saor, agus ann am maith-eadh dhuit co tric peacanna co mòr: agus, anns a chrioch, smuainich air a ghlóir gun chrioch sin a dh'ullaich e air do shon anns na flaitheanas, agus a bhios air fhoillseachadh aig aon là. Uime sin, an bheil thu air do bhuaireadh gu fearg, gu farnad, gu an-carbsa, agus dearmad air na meadhoinibh, an sin cuimnich air doimhne neo-chriochnaichte gradh Dhia a'd' thimchioll, agus deanadh e do chomh-eigneachadh gu do chumail air ais blo pheacadh.

2. 'Nuair a tha thu air do bhuaireadh, smuainich gu'm bheil thu do ghnàth ann an lathair Dia uile leirsinneach; agus tha i na ban-strìopach thruaillidh a chuireas adhartanas an gnìomh ann an sealladh a fear-pòsda. Mar sin ciod e a tha thus a' deanamh 'nuair a tha thu a' peacachadh? Tha thus ann am fianuis Chrìosd t-fhear-pòsd do ghnàth, agus tha thu air an dearbh shlighe a dh'ionnsuidh caithir bhreitheanais a cheartais. Gu peacachadh 'na aghaidh fa' chomhair a ghnùis, agus a 'nis anns an dearbh shlighe 'nuair a ta am maoir 'ga d' threuireachadh a dh'ionnsuidh na dearbh chroich, co nach abradh, gu'n

bheil an duine sin na shloightear truailidh a ghoideas 'nuair a tha e dol a dh'ionnsuidh na croich.

3, 'Nuair a tha thu air do bhuaireadh, smuainich air-san ris am bheil agad r'a dheanamh, eadhon ri Dia ceart agus geur-theann, a dh'agair am peacadh air a leithid do dhoigh ann a Mhac fein, 's nach do sguir e riamh gus an do mhùch fuil Chrìosd lasraichean a chorruich, oir cha do shàsaich uile phiantaibh a cheartas, gus an robh fuil a chridhe air a thilgeadh anns an teine. Mar so ma ta seall cìod a rinn am peacadh; thilg am peacadh na h-ainglean (as-eugmhais a bhi air an àisig a ris) a mach a flaitheanas; thilg e Adhamh a mach a pàrais no a garadh Edin. gun e fein, no a h-aon do shliochd, a theachd an sin tuillidh, bhàth am peacadh an seann saoghal, bha Sodom agus Gomorah air an losgadh le teine agus pronasc air son peacaidh; agus air son a pheacaidh sgriosadh Ierusalem dá uair; uime sin cìod am feum a ni e dhuibh "ur peacanna fholach 'an so? Cuimhnichibh air là sin an fhoillsichidh, 'nuair a bhitheas na h-uile ni air fhoills-eachadh, agus a bhitheas sibh uile air 'ur tabhairt lomnochd mar a thainig sibh a broinn bhur màthair fa' chòmhair caithir 'bhreitheanais Dhia, far am feum thu cunntas a thoirt seachad as gach focal diomhain a tha thu labhairt; uime sin armaichibh sibh fein ann an aghaidh an diabhuil le leithid so agus an leithid sud do bheachd-smuaineach-aibh, oir tha e innleachdach, agus bheir e ort a chreidsinn gu'm bheil Dia tròcaireach; ach an uair gheibh e thu ann a rib, their e 'an sin, cha'n'eil tròcair air do shon. Air an aobhar sin tha toilinntinn a pheacaidh air falbh, agus tha uail a pheacaidh air dol air falbh, ach cha'n'eil gath a pheacaidh co luath air dol seachad, oir tha iomadh nithe aige gu do mhi-mhisneachadh ann an deanamh an ni a ta maith.

'Sa cheud àite, Their e, tha leithid do mheall truailidheachd an taobh a stigh dhiot, agus gu'm bheil e do-dheanta dhuit faotainn a dh'ionnsuidh a chaith'beath Chrìosduidh so; uime sin, gu thu fein armachadh ann an aghaidh so, cuimhnich gur e oibir an Tighearn agus glóir Dhia a tha thus ag iarraidh, agus gu'm bheil e 'n urra ri ghlóir fein nach leig e le onair a dhol sìos.

2. Cuimhnich nach 'eil dìteadh sam bith dhoibh-san a tha ann an Crìosd, nach 'eil a' gluasad a reir na feola ach do reir an Spiorad, uime sin feudaidh tu bli cinnteach nach cuir do pheacaidhean gu bràth bacadh ort.

'San àite fa' dheireadh, Ge nach bi ann ach toil gu seirbhis a thabhairt do Dhia, gidheadh tha e air a ghabhail leis-san; agus an grainne is lugha do threibhdhireas a th'ann do chridhe, tha e 'ga cheadachadh, do bhrigh 's nach e d'oibir-sa th'ann, ach oibir fein, agus oibir a Mhic, uime sin tha e ag gabhail ris, agus an ni beag a thairgeas tu gabhaidh esan ris.

An ath ni, Do bhrigh 's gu'n toir an sàtan ort a chuir an teagamh, nach robh do shlighe riamh ceart; air an aobhar sin cuimhnich gu'm bheil thu a' dol air d'aghaidh co fada 's a tha thu a' fuathachadh an ni a tha 'ga do bhacadh 'san t-slighe, agus co fad 'sa tha thu air d'irioslachadh gach là, agus co fhada 'sa tha thu a' cuir na's mo agus na's mo do mheas air fuil Chrìosd; 'an sin tha thu do ghnàth a' dol air d'aghaidh co fad 'sa tha thu ag fhoghlum an leasoin so. Gur e an fhuil a mhàin is urrainn do thabhairt gu neamh, agus gur e gràs a threoiricheas tu air d'aghaidh.

'San àite mu-dheireadh, Cuimhnich, ge' do tha do naombachadh neo-iomlain, gidheadh gu'm bheil d'fhir-eanachadh iomlain, agus tha e deanamh so air tūs a chum a ghlòir fein, a chum agus mar is mò a chi thus' do ghnàth do d' laigse fein, gur ann a's mò a tha Dia a' soilleireachadh do d' choguis, gur e cumhachd Dhia a dh'fheumas do thoirt air d'aghaidh; agus a thuilleadh air a so uile, na'm faigheadh tu do naombachadh uile aig an aon àm, shuidheadh tu sìos air; uime sin bheir an Tighearn dhuit gràs as nuadh gach là, a chum agus mar sin gu'n gluais thusa suas do thaingealachd gach aon là, agus a chum na crìch' gu'm biodh do chridhe air irioslachadh do ghnàth, agus gu do chumail ann an cleachdadh na h-ùrnuigh, agus ann an cleachdadh a chuid eile do na meadhoinibh. Cha b' àill leis an Tighearn na Canaanitich uile thilgeadh a mach còmhlà', ach b' àill leis gu'm faoadh cuid diubh ann an sin, d'eagal 's gu'm biodh an tìr air a lionadh le fiadh-bheathaichean; agus bha so na b'fhearr air son na'n Israelich no ge do bhiodh iad air an tilgeadh a mach aig an aon àm. Mar sin cha tilg an Tighearn a mach do chuid naimhde uile, agus do pheacanna uile aig an aon àm agus ann an tiotadh, ach leigidh e le cuid fantuinn annad, gu bhi na'n co-iomadh bior agus droighionn ann do thaobh, gu do ghluasad air d'aghaidh a chum Chanaan neamhaidh iarraidh, eadhon rioghachd

na flaitheanais. Gu'n deoinicheadh Dia gu'n deanadh sibh uile a bhuannachd so deth bhur buairidhean, na dearbh innilean chogaidh a chleachdas an sàtan 'n-'ur n-aghaidh, gu'n tionndaidh sinn iad a dh'ionnsuidh a bhroinn fein. A ris, gu'n deoinicheadh Dia so air sgàth a Mhic Iosa Crìosd, dhá-san maille ris an Athair, agus ris an Spiorad Naomh, gu'n robh gach uile ghloir uaith so a mach agus gu siorruidh. Amen.

SEARMON XXXVIII.

AIR COIR A CHRÌOSDUIDH.

† Phead. ii. 9.---Ach is ginealach taghta sibhse, sagartachd rìghnail, cìneach naomh, sluagh sonruichte : chum gu'n cuireadh sibh an ceill feart-an .i a ghaìrm a dorchadas sibh a chum a sholuis iongantach fein.

THA fhios agaibh, gu'm b'e a ni fa' dheireadh mu'n do gheall sinn labhairt ribh, a bhi ag innseadh dhuibh mu thimchioll bhur saorsa, agus mu na còirichean gloir-mhoir so, a chum agus cho liugha agaibh 'sa chreid da rìreadh, gu'm bheil agaibh 'ur dlighe agus 'ur còir do'n ionnsuidh uile. 'Nis, b'áill leam gu'm biodh eòlas agaibh orra uile, oir as-eugmhais eolais orra cha d'thig sibh ach mall air bhur n-aghaidh ann bhur turas a chum neamh, agus is beag an nì an nì 'ur tilgeadh sìos agus bhur mì-mhisneachadh, nì ni beag do ghlùinean an-fhann, agus do làmhan a lagachadh, is do chridhe fhailneachadh, mur aithne dhuit do chòirichean ; oir tha do chuid cathan air an suidheachadh anns a gheata chumhung agus aimh-leathan so, làn do dhrisibh 's do dhroigheann, agus far am bheil iomadh leòmhan na'n seasamh 'san

t-slighe gu'r bacadh o dhol air 'ur n-aghaidh : uime sin tha e feumail gu'm biodh eòlas agaibh orra, oir bheireadh so sòlas do'r cridhibh, agus bheireadh e oirbh gu'n ruitheadh sibh bhur reis le gàirdeachas agus subhachas ; agus na'm b'aithne dhuibh ciod iad na còirichean sgìamhach a ta'n so a cheannaich fuil a Mhic dhuibh, agus a thug dhuibhse còir orra, agus a thug aithne dhuibh seasamh gu daingean ann 'ur n-uile chòirichean agus shaorsainnibh, no gu'n cràdh sibh e a dh'ionnsuidh a chridhe ; ciod an sòlas ma ta is urrainn do na pheacach bhochd a bhi aige anns an amhghar so, ann a thurus sgèth, is ann a rathad farranach, mur 'eil a chridhe air a mhisneachadh agus air a neartachadh leis gach saorsa a cheannaich fhuil-san air a shon, a tha na fhear baile de'n nuadh Ierusalem sin ? Chuala sibh ciod an caithe-beatha bu chòir a bhi agaibh, agus ciod iad na bunaitean a dh'fheumas sibh a shuidheachadh a chum bhur tigh a thogail air, sin ri radh, creidimh tearnaidh, a' gabhail greim do thròcair ann an Slanuighear, a' greimeachadh ri fail dara pearsa na Trianaid, eadhon Dia air a dheanamh na fheòil ; an deigh sin, air a sin, feumaidh sibh na h-uile nithe a tha sgrìobhta anns an lagh agus anns na fàidhean a chreidsinn, agus na h-uile nì a tha sgrìobhta 'san t-soisgeil ; 'an sin ma ta, feumaidh sibh bhur cridheachan a bhi air an glanadh, agus feumaidh sibh a bhi air bhur breith a rìs ; ann an sin feumaidh sibh an t-olc a sheachnadh, agus am maith a dheanamh ; an deigh sin feumaidh sibh bhur sùil a bhi air na deich laghanna so, a chum le sin gu'm bi fios agaibh ciod e an t-olc a tha air a thoirmeasg, agus ciod e am maith a tha air àithneadh ; agus an deigh sin, do bhrìgh 's gu'm bheil iad an saoradh le fuil Dhe (oir feudaidh mi a ghairm air an doigh sin) ; air an aobhar sin feumaidh sibh oidhear-pachadh air Dia a thoileachadh 'sna h-uile nithe, agus umhlachd a thabhairt da anns na h-uile nithe a thainig a mach as a bheul, agus anns na h-uile nithe a ta sgrìobhta anns an fhirinn gu léir : an deigh sin, dh'innis mi na colhraichean a dh'orduich Dia dhuibh ; tha na's leòir ann diubh, oir tha pailteas agus ionmhas do mheadhoinibh ann da'm bheil Dia a' toirt a ghnùis agus a bheannachd trid iad a bhi air an gnathachadh 'gu treibh-dhireach ; agus 'an sin air dhuibh eòlas na diadhachd fhoghlum, agus colas ro-oirdhearc Iosa Crìosd bhur

Tighearn, gu'n tóisich sibh ris an eòlas sin a chuir an cleachdadh, cha'n e a mháin aig amaibh suidhichte, sin r'a radh, a bhi gleidheadh bhur diadhachd gus an d'thig là na Sábaid, agus gu àmaibh agus áitibh sònruichte; ach bu chòir dhuibh a chuir an cleachdadh aig gach uile àm, agus anns gach àite, agus anns gach uile chuid-eachd, agus feumaidh sibh bhur dìchioll a dheanamh air Dia a thoileachadh anns na h-uile nithe, agus coguis ghlan a chumail a thaobh Dhé agus a thaobh dhuine, mar a ta 'n t-Abstol ag radh, "Tha mi deanamh mo dhìchioll, air sgath an dòchais, gu seirbhis a thabhairt do Dhia do ghnath;" 'Se sin, tha mi a' sìneadh a mach uile neart m'anam agus mo chridhe do ghnàth, air son dòchas na glòir sin a bhios aig aon là air fhoillseachadh, agus a chum coguis ghlan a choimhead, air doigh' is nach bi i air a truailleadh le spot air bith do dh'aingidheachd, air dhomh fhaicinn gu'n do chuir Dia i an taobh a stigh dhomh gu bhi na breitheamh; uime sin cha'n'eil toil agam aobhar a thabhairt dhi gu bhi ann am aghaidh; agus do bhrigh's gum bi failneachaidhean agus gleachdan tric ann an so, agus iomadh tuiteam, gidheadh cha'n fheud sibh toirt thairis air son sin; air an aobhar sin feumaidh sibh so a chuimhneachadh, gur iad cogaidhean an Tighearna th'ann, agus gur leis an Tighearn' gloir na'n cathan so; air doigh's 'nuair a tha thu a' cuir a chath, nach'eil thu a' cuir do chathan féin, ach cathan an Tighearn; uime sin do ghnath mar is laige a gheibh thus thu fein, 'sann is mò a bhios glòir an Tighearn, 'nuair a bheir e ortsa, nach'eil ach a'd' shaighdear an-fhann, do chos a chuir air amhaich an dràgoin, agus a shaltairt fuidh do chois; air an aobhar sin tha agaibh ri sibh fein a sholasachadh le so, gu'm faigh sibh a bhuidh aig a chrìch. Tha mòran ann nach'eil Dia gu bràth a' cuir ann a chuid cathan; uime sin do bhrigh's gu'n do chuir e thus ann, a mhàin seas agus seall air d' aghaidh, agus chi thu do shlàinte a mhàin, gleidh do choguis o pheacadh, air a leithid do dhoigh, is ge do bhiodh tu air do threòrachadh mar thràill gu peacachadh, gidheadh gu'm feudadh tu a radh, gu' bheil thu a' deanamh an ni nach b'aill leat, agus uime sin cha'n'eil thu aig aontachadh ris an ole a tha thu a' deanamh. O! is maith do'n anam sin is urrainn staid a bhraighdeanais a mheas mar an aon truaighe, agus a tha aig èigheach,

anns an duine an taobh a stigh, O co a shaoras mi bho chorp a bháis so ; ach fathast tha fhios agam “ nach ’eil dìteadh sam bith dhoibh-san a tha ann an Iosa Crìosd, nach ’eil aig imeachd do reir na feola ach do reir an Spioraid.” Ach cha lean mi nì’s fhaide air a bhi labhairt no ag aithris dhuibh na nithe air an do labhradh roimhe ribh mu thimchioll caithe-beatha lathail ; oir ma chleachdas sibh e, cumaidh sibh air chuimhne e, air an aobhar sin oidhearpaichaibh air, agus na deanadh iad so do mhi-mhisneachadh do bhrìgh ’s nach urrainn thu a theachd d’a ionnsuidh aig a cheud àm ; oir mar a ta àm aig a ghrian gu theachd a dh’ionnsuidh a sholuis, agus mar a bha àm aig Samson air son fholt fàs mu’n d’thainig e gu a neart a ris, mar sin feumaidh tus àm a bhi air a thabhairt dhuit mu’n urrainn thu a bheath naomh agus an caithe-beath Chrìosduidh so a chuir an cleachdadh ; uime sin cha’n fhaod thu do mhuinghinn a thilgeadh uait do bhrìgh ’s nach urrainn thu ruigsinn a dh’ionnsuidh so ann an tiotadh. Ach ma ghleidheas tus an rùn ann do chridhe gu Dia a thoileachadh anns na h-uile nithe, agus a chum seirbhis a thabhairt da gach là, tha sin na’s leoir ; oir ’nuair a bha thu ann am broinn do mhàthair dh’fheumadh ùin a bhi air a thabhairt dhuit mus b’urrainn thu bhi air do bhreith, agus ’nuair a bha thu air do bhreith, dh’fheumadh ùin a bhi air a thabhairt dhuit mu’m b’urrainn thu a theachd a dh’ionnsuidh neart duine ; eadhon mar sin, anns an nuadh-bhreith so feumaidh ùin a bhi air a thabhairt dhuit mu’n urrainn thu a bhi a’ d’fhìor Chrìosduidh ; air an aobhar sin, tha mi ag radh, na bi fuaidh mhi-mhisneach, ach bi do ghnáth aig itheadh agus ag òl feoil agus fuil Iosa Crìosd, agus mar sin fàs-saidh tu gach lá ; agus an uair a pheacaicheas tu, cuimhnich gur àill le Dia, leis na meadhonaibh so, na h-uile feoil a bhi air an irioslachadh ; oir tha e ’ga dheanamh a chum a ghloir fein agus do mhaith-sa, a chum ’s nach e mhàin gu’n glòirich thu Dia ann do shàbhaladh, agus mar sin gu’n cuir thu suas a bheannachdaibh uile ann an dùn cuideachd, ach gu’n gabh thu gach uile cheum de’n fhàradh, agus gu’n tabhair thu glòir do Dhia airson gach ceum diubh, agus gu thus fhoghlum gu’m bheil na h-uile nithe o ghràs, agus na h-uile nì o Dhia, agus gu’m bheil gach nì a’ teachd trid fuil Iosa ; uime sin feumaidh tu fhoghlum a bhi taingeil air a shòn, agus a bhi iriosal agus mac-

anta na fhianuis. O ciod e an deise ghlòir-mhor a bhiodh an sin mu thimchioll d'anam !

Air tús, iioslachd cridhe ; an deigh sin do ghairdean-aibh a bhí do ghnáth mu thimchioll Iosa Crìosd do Thigh-earna ; an deigh sin dòchas na glòir a ta ri teachd ; an sin feitheamh gach là air son teachd Chrìosd ; an deigh sin oidhearp gu Dia a thoileachadh 's na h-uile nithe ; agus 'an sin gluasad gu suilbhir am fianuis Dhe do ghnáth. Mar so, ge d'fhaiceadh tu nach b'urrainn thu so a chleachdadh air a cheud là, gidheadh thoir thus ceum d'a ionnsuidh, agus thoir ceum eile d'a ionnsuidh a rìs, agus bithidh Dia maille riut.

'Nis, tha mi dol air m'aghaidh. 'Se'n nì mu dheireadh a their mi, innseadh dhuibh mu thimchioll bhur còirichean ; uime sin tha e air a thabhairt a steach leis an Ab-stol Pheadar a chum iad-san a shòlasachadh a dh'ionnsuidh am bheil e a' sgrìobhadh an litir so ; oir an deigh dha iarraidh orra iad a dh'òl a steach do bhainne fìor-ghlan an fhocail ; air dhuibh gach uile ghamhluis a chuir a thaobh, agus cheilg, agus mheall-taireachd, agus fharmaid, agus gach uile ana-cainnte, agus an deigh dha earalachadh orra theachd a dh'ionnsuidh Chrìosd, mar gu cloich bheo, a dhiultadh leis na h-Iùdhaich, ach air a taghadh le Dia agus luachmhor, 's ann dhuibh-se mhàin, a ta creidsinn, a tha e luachmhor, ach dhoibh-san a tha eus-unhal, na clach-thuislidh, agus na carraig oilbheum. 'Nis, d'eagal 's gu'm biodh iad air am mi-mhisneachadh leis na briathra' so, uime sin tha e a' toirt so a steach a chum an sòlasachadh, agus tha e ag radh, " Ach is ginealach taghta sibhse ; " 'se sin, ginealach gràs agus tròcair, cha'n e a mhàin gu'n d'ainmich e mach thu fein, ach mar an ceudna do shliochd, agus uime sin is ginealach sibh a ta air 'ur taghadh agus air bhur n-òrduchadh a chum beatha, sagairt-eachd rioghail, tha sibh uile na'r rìghre air bhur crúnadh, agns air bhur cuir fa sgaoil, cha'n'eil sibh fuidh thighearnas agus fuidh thrailleileachd an lagha. 'Nis, cha'n'eil sibh fuidh dhaorsa na binne sin, dean so, no bàsaichidh tu gu siorruidh ; " Malluichte a ta esan nach fan anns na h-uile nithe a ta sgrìobhta 'sa'n lagh a chum an dean-amb." Tha sibh a 'nis air 'ur fuasgladh o bhì fuidh dhaorsa agus fuidh thruaigh an lagh uamhasaich sin, air a chuir an ceill le guth 'eagalach, a mach a teine uamh-

asach, o bheinn Shinaì ; ach a 'nis tha agaibh guth binn o bbeinn Shion, air a labhairt a beular Tighearn agus ar fear-pòsd fein ; agus ciod e an guth a tha'n sin, " Creid, agus cha d'theid thu gu bràth am mugha : " " Thigibh am ionnsuidh-sa sibhse uile a ta saothrachadh agus fuidh throm uallaich, agus bheir mise fois duibh. " Mar so tha sibh n-'ur rìghre air bhur fuasgladh o chuibhricean a pheacaidh, agus air bhur saoradh o thràilleileachd an diabhuil, agus o mhallachd an lagh, agus o chruas a mhaighstir-sgoil sin, a tha 'g'ur cumail a steach air doigh 's nach dána leibh sealltainn a mach air an dorus air son eagail an teine dhian-loisgich sin, a chum 's 'nuair a rachadh nì air bith ann 'ur cridhe dochair, gu'n robh e ullamh gu'r slugadh suas. " Sagartachd rioghail, " tha sibh n-'ur sagairtibh ; air doigh 's nach e mhàin gu'm feud sibh a dhol a steach do'n ionad naomh sin, agus tairgse ann an sin le'r làmhan féin, agus air son peacaidhean an t-sluaigh, ach mar an ceudna is sagairtean sibh, nach e mhàin a dh'fheudas a dhol a steach a dh'ionnsuidh an ionad is ro naomh, ach a dh'ionnsuidh na neamha is àirde ; cha'n ann aig àmaibh suidhichte, no aon uair 'sa bhliadhna, ach anns gach àm na h-uile latha ; cha'n ann le fuil thairbh agus ghobhair, ach le fuil luachmhor Iosa Chrìosd, an t-Uan gun smal sin, a mharbhadh 'o thùs an t-saoghail, agus a tha 'tabhairt air falbh peacanna an t-saoghail. Mar sin cha'n e mhàin gu'm bheil sibh n-'ur sagairtibh, ach tha sibh n-'ur n-àrd-shagairtibh, a dh'fheudas dol a steach do na flaitheanas far am bheil Crìosd, agus ann an sin, cha'n e a mhàin sibh féin a thaisbeanadh, ach feudaidh na h-uile h-aon agaibh, dā-threibh dheug Israeil a ghiùlain air bhur broillich, agus mar sin gach neach gu h-iomlain a thaisbeanadh, agus uile bhuill Iosa Chrìosd ann do ghàirdeanaibh am fianuis Dhé agus eadar-ghuidhe a dheanamh air an son. Tha sibh n-'ur Cinneach naomh, 'se sin, is sibh sluagh Dhé, a dh'òrduich e gu bhì naomh mar a ta esan naomh ; " Oir as-eugmhais naomhachd cha'n fhaic neach 'sam bith an Tighearn. "

'Nis, ciod is crìoch do na so uile, a chum's gu'n taisbeanadh sibh a mach feartuin an Tì a ghairm sibh o dhorchadas a chum a sholuis iongantach féin. " Ach ciod e a bhuaidh a' ta aig 'ur gairm ; sìth, aoibhneas, irioslachd, foighidinn, macantas, grádh, eud, neart, agus a chuid

eile gu leir do grásan an Spioraid ? oir thus a chreid ann an Críosd, agus aig am bheil e ann do chridhe tha agad-sa uile ghrásan an Spioraid maille ris ; uime sin thus aig am bheil iad thoir a mach iad, agus foillsich do mhuinntir eile iad, oir cha'n'eil e maith an cuir fo' fhollach. Ach, tha mi faicinn gu'm feum mi so fhágail, oir cha bhi agam ùin gu dhol troimhe mar a rànaich mi a dheanamh. A mháin, air son an ám a ta lathair, a bhi tabhairt dhuibh ni-éigin gu smuaineachadh air, bheir sibh fa'near gu'm bheil na còirichean de dha inbh, tha a cheud aon anns a bheatha so, an ath inbhe anns a bheath a ta ri teachd ; oir thus a chreid aon uair, tha agadsa uibhir do chòir chinnteach air na sochairean so, 'sa tha aig an oighre is dlighich a th'anns an t-saoghal air oighreachd féin. 'Nis, ciod iad na còirichean anns a bheatha so ?

'Sa cheud aite, cha'n e mhain gu'm bheil thu air do ghradhachadh le Dia, 's air do thaghadh a chum na beatha shiorruidh, air do shaoradh le fuil Iosa Críosd, agus air t-òrduchadh a chum glòir shiorruidh, ach gum bheil agad an t-shochair so mar an ceudna, aithne a bhi agad air a chuis a bhi mar sin, agus tha so dheth na's mo luach na'n saoghal uile, co-dhiubh is ann ag itheadh no ag ól, a'd' dhùisg, no a'd' chodal, ag imeachd, no a'd' shuidh, no ge be ni a tha thu deanamh, gu'm feud thu fios cinnteach a bhi agad, a chum's gu'm feud thu a radh gu saor, Tha mise air mo ghradhachadh, tha mi air mo thaghadh a chum na beatha shiorruidh, tha mi air mo shaoradh le fuil Chríosd, air mo ghairm, air m' fhireanachadh, agus bithidh mi air mo ghlòrachadh. 'Nis, ciod an sòlas a dh'fheudas tu a bhi agad, dha'n aithne so, nach urrainn a bheag sam bith d'ainm a dhubhadh a mach a leabhar na beatha, 'nuair a dh'fheudas tu a radh, Is mise leanabh Dhé, is mi bráthar Iosa Críosd, agus gheibh mi roinn de uile oighreachd mo bhrathair a's seana : nach feud thu do chridhe a shòlasachadh leis na nithe so. Ciod tuille a tha agad anns a bheatha so, An ni ceudna bha air a labhairt ri Muire ; " Fáihte dhuit, o thus d'an do nochdadh mór dheadh-ghean ! Thā'n Thigheara maille riut." Feudaidh so a bhi air a radh mu thimchioll na h-uile a ta creidsinn, agus a tha air an grádhachadh, agus Dia do ghnath maille riu ; oir tha cùram áraidh aig Dia mu d'thimchioll. Tha e fíor, gu bheil Dia air a ghairm Fear-saoraidh an t-saoghail uile, do thaobh a fhreasdail tha e buadhachadh ann, agus le a

chumhachd tha e 'gan riaghladh ; ach air mhodh sòn-ruichte 'se Fear-Saoraidh an taghaidh bhith-bhuain e, do bhrìgh's nach leig e le a h-aon de' a chaoraich fein a dhol 'am mugh. Cìod e tuilleadh ? "Iadsan a chuireas onair ormsa cuiridh mise onair orra-san, deir Crìosd, an Ti se gliocas Dhé. Mar so bunaidh onair le ceartas do chlann Dé, agus cha'n'eil neach sam bith urramach ann am fianuis Dhia ach a chlann fein tha cuir urram air-san. Gleidhidh se thu mar ubhal a shùil, oir tha e 'ga do mheas co luachmhor dha 'sa mheasas duine sam bith cloich a shùile luachmhor dha fein. Cìod e tuilleadh ? "Ma tha Dia leinn, co a dh'fheudas a bhi 'nar n-aghaidh ? Co a chuireas coire sam bith as leth pobull taghta Dhé ? 'Se Dia a dh'fhireanaicheas sinn ; co is urrainn ar dìteadh ? 'Se'n Tighearn mo sholus agus mo shlatnte, co a chuireas eagal orm ? "Ge do thuiteadh mìle ri mo thaobh, agus deich mìle air mo laimh dheis, gidheadh cha d'thig e am fagus dhomhsa," Sailm xci. 7. Cìod e tuilleadh ? Is òglach dha thu, agus feudadh tu a theachd gu seomar a làthaireachd an uair is áill leat ; 'seadh, is cairid dha-san thu, oir dh'innis e dhuit uile chomhairle, agus cha d'fholaich e a bheag uait-sa de' na tha ann a chridhe fein ; uime sin feudaidh tu a dhol le dānachd agus comhairle iarraidh air-san an uair chuireas ni sam bith trioblaid ort, air dhuit a bhi a'd' mhac dha. Cìod a's urrainn a dhol thairis air a sin ? Gidheadh tha mi cuimhreachadh briathra Isaiah lvi. 5. Tha esan ag radh, " bheir mi dhoibh àite agus ainm, ni's fearr na ainm mhic agus nigheana," (ainm sìorruidh bheir mi dhoibh nach gearrar as.) Agus cìod an t-ainm a tha ni's fearr ? Innseam dhuit, tha ainm ceile na's fearr na ainm mac ; agus tha thus a'd' cheile dha ; 'seadh, tha thu na's mo na bhi a'd' cheile dha, oir is tu fheoil agus fhuil ; agus an nì is mo de na h-uile, tha thu a'd' ionmhas sòn-ruichte dha. Ach an e so an t-iomlan ? Cha'n e. Cìod e tuilleadh ma ta ? Tha'n t-shochair so agad gu'm feud thu a chreidsinn gu'm bheil Dia fo cheangal (agus uime sin feudaidh tu iarraidh le dānachd air Dia) gu'n d'thugadh se air falbh do chridhe cloich, agus cridhe feola thabh-airt dhuit. Cìod e tuilleadh fathast ? Cha'n e mháin gu'm bheil Crìosd agad gu bhi dhuit na ghliocas agus na shaorsa, agus na fhireantachd, ach mar an ceudna gu bhi dhuit na naomhachadh. Cìod e tuilleadh ? 'Nuair

a thuiteas tu, thug Dia meadhoinnean dhuit gu eiridh a ris; agus ma ghnàthaicheas tu iad, gheall Dia beannachd dhoibh. Ciod e tuilleadh? Thug Dia dhuit cóir agus gnothuch ris na meadhonaibh so uile, a chum's gu'n rachadh tu g'an ionnsuidh 'nuair a's àill leat, feudaidh tu am focal eisdeachd, na sàcramainte a ghabhail, feudaidh tu ùrnuigh a dheanamh, agus seinn, agus beachd-smuaineachadh, feudaidh tu comh-labhairt a dheanamh air an fhocal, agus feudaidh tu uile chleachdadh na diadhachd a ghnàthachadh an uair a's àill leat, 'seadh, tric do amaibh tha Dia a' tabhairt dhuit neart gu feum a dheanamh dhiubh uile, an uair a bha agadsa beag neart dhuit fein ann am feum a dheanamh dhiubh. Ciod e tuilleadh? 'Surrainn esan do theagasg cia mar bu chóir dhuit thu fein a ghiulain, ge b'e staid anns am bi thu, co-dhiubh is ann ann an soirbheachadh no ann an amhghar. Ciod e tuilleadh? Ma tha thu a' creidsinn, feudaidh tu iarraidh gu'm bi t-eiridh cosmhail ri eiridh na greine, agus d'imeachd mar dbol fodha na greine, agus feudaidh tu ùrnuigh a dheanamh air son gràs fhaotainn a chum's gu'm fàs thu o chreideamh gu creideamh, agus o neart gu neart, "gus an taisbean thu ann an lāthair an Tighearna ann an Sion;" agus mar so feudaidh tu iarraidh gràs air son gràs a bhi air a dhortadh a mach, agus a bhi air a mheudachadh ort. Ciod e tuilleadh? Tha'n t-shochar so agad nach imich thu gu bráth air falbh o'n Tighearn gu h-ìomlain no gu buileach. Ciod e tuilleadh? Tha'n t-sochar so agad, marabha thu beo anns an Tighearn, mar sin gu'm faigh thu bàs anns an Tighearn; 'an sin, an deigh crìch na beatha so, giulainidh na h-ainglean t-anam, cha'n ann gu uchd Abraham, ach gu uchd Iosa Crìosd, agus gleidhidh iad dearbh dhuslach do chlosaich bhroite anns an uaigh, no ge b'e àite do'n talamh, no do'n fhairge, am bi e, ge do bhiodh cuid do' dhuslach air a sgapadh, deich mìle do mhìlte o cheile, fathast gleidhidh iad ann an sin iad gu la na h-ais-eiridh, agus an sin cruinnichidh iad r'a cheile iad, agus, air do n-anam 's do n'chorp a bhi air an aonadh ri cheile, bithidh tu air do thogail suas anns an athair maille ris an Tighearn a dh'ionnsuidh an t-seomair, far an lean thu an t-Uan ge b'e taobh an d'theid e; an sin bithidh tu a'd' fhear baile do'n nuadh Ierusalem sin a tha teachd a nuas o neamh o Dhia, aig am bheil glòir Dhia innte, aig am bheil a' dealradh mar

chloich ro'-luachmhor, mar chloich Iaspis, soilleir mar chriostal, aig am bheil balla mòr, agus árd ; aig am bheil dà gheata dheug, agus aig an dá gheata dheug, dà aing-eal dheug, agus bha aig balla' na caitheach dà bhunait dheug, agus annta-san ainmean dà Abstol dheug an Uain ; agus tha am baile air a thogail do chloich Iaspis, agus b'òr fìor ghlan am baile, air a dheanamh sgiamhaeh le clacha luach-mhor : agus is dá neamhnuid dheug an dà gheata dheug, tha gach aon fa'-leth do na geataibh air an deanamh do aon neamhnuid, agus is òr fìor-ghlan sràid-ean a bhaile, mar ghloine shoilleir, agus cha'n'eil Teampull ann, oir is e'n Tighearna Dia uile chumhachdach, agus an t-Uan is teampull dà. Agus cha'n'eil feum aig a bhaile air a ghrian no air a ghealach a dhealachadh ann ; oir shoillsich glòir Dhé e, agus is e 'n t-Uan is solus dà. Agus gluaisidh tusa 'na sholus, agus bheir rìghre an glòir agus an urram d'a ionnsuidh. Agus òlaidh tu de dh'uisge na beatha, soilleir mar chriostal, a tha 'sruthadh a mach o rìgh-chaithir Dhé agus an Uain. Agus ithidh tu de chraobh na beatha, a tha air gach taobh de'n abhuinn, agus a tha 'giùlan dà ghnè dheug thoraidh gach uile mhìos, aig a' bheil a duilleach a chum leighis na'n Cinneach. Agus cha bhi mallachd air bith ann ni's mò, ach bithidh rìgh-chaithir Dhé agus an Uain innte, agus ann an sin ni thu seirbhis dà gu siorruidh tuilleadh, agus chi thu aghaidh do ghnàth, agus bithidh ainm-san air clàr d' eudainn, agus rioghaichidh tu gu siorruidh tuilleadh." Tha iad so na'n còirichean cothromach agus na'n sochairean mòra ; uime sin, tha mia'guidh oirbh, amhuinntir ionmhuinn, smuainichibh gu tric air na còirichean so, eadhon do'n beatha so, oir ni iad t-anam a chruth-atharrachadh a chum ionmhaigh ghloirmhor Iosa Criosd, agus ni iad thu a' d'fhear com-pairt do dhearbh nàdur na diadhachd. 'Nis, cha chan mi tuille', ach gu'n tugadh an Tighearna dhuibh creidimh gu a chreidsinn, agus gràs gu na nithe so gu leir a chomh-chuir ribh féin, a chum agus le sin gu'm bi sibh beò beatha Chriosd bhur Tighearna, dha-san, maille ris an Athair, agus an Spiorrd Naomha, gu'n robh gach uile ghlòir, moladh, agus urram. a nis agus gu siorúidh. Amen.

SEARMON XXXIX.

AIR SOCHAIR A CHREIDMHICH.

Eoin x, 27, 28. Tha mo chaoraich-sa ag eis'eachd ri mo gbuth, agus is aithne dhomh iad, agus leanaidh iad mi; Agus bheir mi a bheatha mhaircanach dhoibh; agus cha sgriosar iad am feasd, ni mo a spionas neach air bith as mo lamh iad.

SE an nì mu dheireadh a rùnaich mi a leagail ris duibh agus bhur steidheachadh am, agus as eugmhais nach urrainn do'r n-aoibhneas a bhì làn, agus do'r sólas a bhì mór: agus 'se sin, bhur buanachadh a dh'ionnsuidh na crìche, a chum agus amheud 'saghairm an Tighearnar Dia a chum dóchas na glòire sin, agus a thug e a dh'ionnsuidh a chrò fein, gu'm feud iad a bhì cinnteach nach d'theid iad gu siorruidh a dhìth, ach gu'm faigh iad a bheatha shiorruidh; oir 'se so a h-aon do shaighde teinnteach an droch spioraid, leis an ábhaist da bhì lotadh cridheachan mòran diubh-san a bhuineas do Chrìosd, nì nuair a sheallas iad ri 'n anamhunnachd agus an laigse fein, agus an uair a chi iad an cuid truaillidheachd agus an tuiteaman iomadh-fillte fein, cia mar nach urrainn iad seasamh air son aon uair a thiom, agus an uair a dh'amhairceas iad air muinntir eile, a rinn aideachadh sgiamhach 'san diadhachd, an uair a tha iad 'gam faicinn a' tuiteam air falbh a rìs; agus an uair a thòisicheas iad air smuaineachadh cìod a dh'fheudas iadsan a chumail 'o thuiteam gu buileach air falbh, an uair a rinn muinntir eile claonadh, aig an robh grásan nì bu mho na bha acasan, agus na's mò na's urrainn iadsan fhaotainn air son an ám a ta làthair, an sin tha iad air an creach' de'n aoibhneas, agus de'n dòchas do na ghlòir shiorruidh sin. Mar sin ma ta, tha e ro-fheumail air bhur son gu'm faigheadh sibh eolas air bhur

Buanachadh anns a chreideamh; uime sin co iomadh dhìbh 'sa thug Dia a dh'ionnsuidh rioghachd a Mhic fein, agus a chreid maitheanas peacaidhean ann am fuil Iosa Crìosd, tha e ro-fheumail air bhur son aithne fhaotainn air nach d'theid a h-aon do a chaoraich-sa am mugha; oir bithidh so na aobhar mòr chomhfhurtachd do pheac-aichibh, an uair a bhios aithne ac' gu'n dò thòisich Dia an obair nuaith sin annta, a dhaingnicheas e agus a ni e coimhlionta na àin fein, feumaidh e bli gu'n d'thoir so mòr shòlais do chreidmhich, an uair a bhios fios aca gur e rùn agus crìoch an Tighearna, cha'n e mhàin an taghadh, an saoradh, agus am fireanachadh; ach mar an ceudna gur e a rùn gu'm faigheadh leanabh taghta Dhe a tha air a ghairm, gràs gu buanachadh dh'ionnsuidh na crìche. Uime sin 'se so an ni mu dheireadh a tha rùn orm a labhairt mu thimchioll bhur comhrag Chrìosduidh; oir air dhomh a dhol troimh na chuid eile, smuainich mi e feumail bhur steidheachadh ann an so mar an ceudna. a chum's gu'm feudadh sibh, leis na's mò do shòlas, 'ur cuairt ann an so a chuir seachad le cagal agus le ballachirith, air dhuibh fbaicinn nach 'eil e air fhàgail ann bhur lámhan-sa gu sibh fein a chàll. Bha Adhamh air fhàgail da fein, air an aobhar sin chaill se e fein; ach cha'n'eil e mar sin maille riut-sa a ta ann an Crìosd, agus a tha a'd' leanabh do Dhia; oir thug an t-Athair thusa do na Mhac, agus tha e cumail greim dhìot le a lámh fein, agus Esan a bha toileach a bheatha fein a thabhairt air do shon, cha leag e leat a dhol am mugha: oir cha robh duine no bean riamb, a fhuair an creideamh tearnaidh so, agus an t-aithreachas so a chum beatha, a theid gu sìorruidh am mugha; agus cha robh duine no bean riamb, a dh'eisd ri focal Iosa, agus a chreid e, a chaidh riamb a chall. 'Nis, na'm b'aithne dhuit so, gu'm bheil e do-dheanta gu'n rachadh tu gu bráth am mugha, cìod an gairdeachas leis am feudadh tu do réis a ruith! Agus air son steidhibh gu do chumail suas 'an so, do bhrìgh's gu'm bheil a rùn orm bunaitean na diadbachd agus a chreidimh chrìosduidh, a dh'fheumas sibh a shuidheachadh agus gluasad d'an rèir, a ghairm a rìs gu'r cuimhne:

Mar. anns a cheud àite, creideamh sabhalaidh,

2. Nuadh-bhreith.

3. Toraidh an aithreachais, agus cleachdadh na diadbachd ann 'ur giùlan agus ann bhur caithe-beatha gach là.

4. A bhi 'g innseadh na h-amalaidhean lionmhor a chuireas an diabhl anns an rathad, gu do bhacadh o bhi fàs bho chreideamh gu creideamh, an dara cuid ann do dheanamh an-dàna, no do bhacadh o bhi fàs o chreideamh gu creideamh, agus an deigh sin a bhi ag innseadh na h-amalaidhean a thilgeas e a steach gu bacadh t-aithreachas air an doigh cheudna.

Anns an àite mu dheireadh, a bhi ag innseadh dhuibh bhur còirichean a ris, do bhrìgh's gu'm bheil a rùn orm a dhol troimh na nithe so a rìs : uime sin, air son an àin a ta lathair, innsidh mi dhuibh ciod na bunaitean a chumas suas sibh anns an dearbhachd so, nach d'theid sibh gu siorruidh am mugha, agus gu'm bheil bhur buanachadh co cinnteach air a rùnachadh ann an comhairle dhiomhair Dhe, 'sa tha 'ur taghadh, bhur saoradh, bhur fireanachadh, agus bhur gairm, air a chomh-dhunadh ann, a chum's gu'n smuainich sibh air a so, nach 'eil e air fhàgail ann bhur lámha-sa gu sibh fein a chall, nì's mò na bha e ann bhur lámha sibh fein a shábhhaladh ; air an an aobhar sin ni mi an aithris dhuibh a nis gu h-athghearr.

Na bunaitean a chum bhur deanamh cinnteach gu'n dean Dia comasach sibh air buanachadh a dh'ionnsuidh na crìche ; tha cuid dhiubh air an tabhairt o'n Tighearna fein, agus bho a nàdur, agus tha cuid eile air an tabhairt bho bhuaidh tiodhlaicibh Dhe a tha air an tabhairt dhuibh. Iadsan a ta air an toirt o'n Tighearn fein, 's iad so iad :

'Sa cheud àite, rùn neo-chaochluideach Dhia, nach urrainn neamh no talamh atharrachadh, gu'm bheil thu air do thaghadh a chum na beatha-siorruidh, mar a rùnaich Dia do ghairm, do shaoradh, agus t-fhìreanachadh, agus maitheanas a thabhairt dhuit ; air an doigh cheudna, rùnaich Dia gràs a thabhairt dhuit gu buanachadh a dh'ionnsuidh na crìche, uime sin tha Crìosd ag radh, " Cha d'theid a h-aon deth mo chaoiraich-se am mugha ;" agus tha'n t-Abstol ag radh, " tha bunait Dhe a' seasamh daingean." 'Nis cha bhiodh am bunait daingean, mur biodh am buan-mhaireanachd air a rùnachadh ann an comhairle Dhe.

Tha'n ath bhunait air a thabhairt bho neo-chaochluideachd gràdh Dhe ; oir iadsan a " ghràdhaich Dia ghràdhaich se iad gus a chrìoch : " agus tha e fein ag radh, " le

grádh siorruidh ghrádhaich mi thu. Mar sin ma shuidh-ich Dia aon uair ort grádh a chridhe, mar a ta Dia neo-chaochluideach, mar sin a ta a ghrádh neo-chaochluideach : agus mar a ghluais a ghaol neo-chaochluideach e air tús, gu do thaghadh, 'san ath áite gu do shaoradh, agus an deigh sin gu do ghairm agus t-fhìreanachadh ; mar sin tha a bhunait neo-chaochluideach air a thabhairt bho fhirinnteachd ann a ghealladh.

'Nis mhionnaich Dia, agus cha'n atharraich e, ni mò a mhi-naombaicheas e anaomhachd, gu'n cuir e eagal fein ann do chridhe, a chum's nach imich thu gu bràth uaith'. Tha e fìor, gu'm bi tuiteaman gle mhòr ann an clann De; ach a leithid do thuiteam 's nach urrainn gu bràth a bhi air ath-leasachadh a ris, cha'n'eil sin freagarach do h-aon deth chlann Dhe.

'Nis tha'n ceithreamh bunait gu do chumail suas an so, air a thabhairt uaith so. Ghabh am Mac thu ann a làmh fein, " An t-Athair a thug dha-san thu is mò e na na h-uile, agus cha'n 'eil neach sam bith comasach air do thabhairt a laimh an Athair;" oir gach cumhachd a ta aig, cuiridh e an gnìomh a chum do dhìon mu'n rachadh tu am mugha, gu labhairt mar sin, a tha a'd'leanabh dha : uime sin tha e comasach gu do thearnadh, air doigh 's nach bi uile chumhachdan neamh agus ifrinn comasach air a thabhairt ort a dhol am mugha.

'Nis, 's iad na bunaitean eile iad so gu h-athghearr ; Eadar-ghuidh a Mhic, a tha aig deas lamh an Athair agus a tha deanamh gnath eadar-ghuidhe air do shon. " Ma pheacaicheas neach air bith," deir an t-Abstol Eoin, 1 Litir, ii. 1. Tha Fear-tagraidh againn air neamh maille ris an Athair, eadhon Iosa Crìosd." A ris tha aonachd do-sgarraichte eadar thus agus esan ; tha thus a'd'aon bhall de'n chorp sin d'am bheil Crìosd na cheann ; agus cha'n'eil a h-aon deth na buill sin d'am bheil esan na cheann, a theid gu bráth am mugha.

A ris, an " Spiorad a dh'fhanas maille riut gu bráth ;" air do Spiorad na h-uchdmhacachd agus an naomhachaidh a bhi air a chuir aon uair bho Dhia a dh'ionnsuidh duine no bean sam bith, cha bhi e gu bráth air a thabhairt uaith a ris.

'San aite mu dheireadh, " Tha tìodhlaicean agus gairmean Dhe gun aithreachas." Tha e fìor, gu'm feud na tìodhlaicean a bheir oirne seirbhis a thabhairt do Dhia

le gairdeachas, a bhi air an tabhairt uait aig cuid do āmaibh ; ach na tiodhlaicean so as eugmhais nach urrainn thu a bhi air do thearnadh, cha bhi am brìgh gu sìorruidh air an tabhairt uait : uime sin feumaidh tu smuaineachadh air na bunaitean so, feumaidh tu smuaineachadh orra, agus air doigh áraidh air a bhonn shònruichte so, “ Tha Dia firinneach, a gheall nach d’theid a h-aon de a chaoraich-sa am mugha ; ” “ Tha mise am aon de’ a chaoraich-san, uime sin cha leig e dhomh a dhòl am mugha. ’Nis ma ta, co iomadh agaibh anns an do dhealraich an Tighearna riamh ann bhur cridheachan, agus d’an d’tiug se riamh tiodhlac a chreidimh, agus aig am bheil an creidimh air a sheuladh le Spiorad Dhe, agus a fhuair an Spiorad Naomh a’ fosgladh an sùilean agus a leigeil dhuibh fhaicinn gu soilleir gur e gradh Dhia bunait na’n uile, cuimhnichibh gu’m bheil bhur n-ainmean air an sgrìobhadh ann an leabhar na beatha, agus gun iad a bhi air an dubhadh a mach gu sìorruidh ; tha sibh air bhur gràdhachadh gu saor ; tha sibh air bhur taghadh ann an Criosd ; tha sibh air bhur gairm o dhorchadas gu solus miorbhuileach ; tha sibh air bhur fireanachadh le creidimh ann am fuil Iosa ; tha sibh air bhur naomhachadh agus air bhur glanadh o oibrich marbh a chum seirbhis a thabhairt do’n Dia bheo ; agus uime sin cha d’theid sibh gu sìorruidh am mugha ; oir lánh sin a chreidimh, air do na Mhac aon uair greim a dheanamh oirre, cha leag e gu sìorruidh as thu ; agus ge do leigeadh tus as esan, gidheadh an greim a ghabh an t-Athar agus an Mac dhìot-sa leis an Spiorad cha leig e gu sìorruidh thus as. Air an aobhar sin ge b’e uair a b’áill leis an diabhul do chreach’ de’ dhóchas na gloire sin, trid beachd-smuaineachadh air d’anamhunnachd agus do laigse fein, ’an sin biodh so na bhunait dhuit ’ga do chumail suas, tha mise aig an Athair ann a lamh, agus cha’n ’eil neach ann a’s mo na esan ; air an aobhar sin cha urrainn a h-aon sam bith mo spionadh as a lamh-san.

Chuir am Mac a Spiorad a chum greim a ghabhail diom, agus an Spiorad sin a rinn greim orm, cha leig e dhomh a dhòl am mugha. “ Tha tiodhlaicean agus gairmean Dhe gun aithreachas,” uime sin esan a thug dhomh creideamh, agus aithreachas, agus dóchas, agus foighidinn, agus macantas, agus fad-fhulangas, agus a chuid eile gu leir de ghrásan an Spioraid, cha ghabh se aith-

reachas gu'n d'thug e dhomh iad : air an aobhar sin cha bhi iad gu bráth air an tabhairt air falbh uam. Co fhad 'sa bhios grás aige-san feumaidh mise buanachadh, oir is leoir a ghrás-san air mo shon-sa, agus tha cumhachd Dhia air a dheanamh foirfe ann am an-fhanachd-sa ; uime sin cha dean mi gáirdeachas ann a bheag sam bith ach ann am an-fhannachdaibh.

'Nis gu'n deoinicheadh Dia gu'n creideadh sibh na nithe so, agus ann an creidsinn gu'm faigheadh sibh a bheath-bhith-bhuan, agus gu'n glóiricheadh sibh Dia ann a Mhac Iosa Crìosd ; dhas-san, maille ris an Athar, agus ris an Spiorad Naomh, gu'n robh gach uile mholadh, urram, agus glòir, uaith so a mach agus gu siorruidh. Amen.

SEARMON XL.

AIR TEARUINTEACHD A CHREID'MHICH.

Eoin, v. 24. agus vi. 39. Gu deimhin deimhin a deiream ribh, an ti a dh'eisgear ri m' fhocal-sa, agus a ta creidsinn anns an ti a chuir uaith mi, tha bheatha mhaireannach aige, agus cha d' thig e a chum ditidh ; ach chaidh e thairis o bhas gu beatha. vi. 39. Agus is e so toil an Athar a chuir uaith mi, nach caillinn a bheag sam bith de na h-uile' thug e dhomh, ach gu'n togainn suas e 'ris air an la dheireanach.

Ciod e an nà bu chòir a bhi ionmhuinn leibh ach a bheath-shiorruidh so ? Oir ge do choisneadh sibh an saoghal uile, agus gu'n cailleadh sibh bhur n-anama fein, bheiream-sa cinnte dhuibh gu'm biodh bhur buannachd gle bheag. 'Nis, ann an am bhur beatha an so, ciod e air am bu chòir dhuibh a bhi ag amharc, ach air an dà shiorruidheachd so, air siorruidheachd do gháirdeachas, agus

air siorruidheachd do phian: tha sibh a' faicinn aobhairean air son sin ann an so, tha e air a mhionnachadh leis an Ti gur e fein an fhirinn, agus a thainig a mach o uchd an Athair, agus tha e air a radh leis an Ti nach deanadh bhur mealladh, oir mur biodh e mar sin, dh'innseadh e dhuibh e; leis an Ti, gu'm bheil fhocal na spiorad agus na bheatha; oir aige-san tha briathra' na beatha-bhith-bhuan, mhionnaich e ann an so, agus tha aithne mhaith aig a Mhac ciod a ta ann an inntinn an Athair, oir bha e air comhairle Dhia o'n toiseach, agus bha e ann an uchd an Athair, agus esan a tha cuir onair air an Athair cha bhreugnaich agus cha bhris e a mhionnan; agus do bhrigh 's nach deanadh na bu lugha an cosnadh gu impidh a bhi air a chuir oirbh, na a mhionnan, air an aobhar sin tha Mac an Dia shiorruidh a' mionnachadh; ciod a tha e a' mionnachadh? "Gu deimhin an tì a dh' eisdeas ri m' fhocal-sa, ('smaith a ni sibh focal De eisdeachd, oir as eugmhais eisdeachd, cha'n eil creideamh; sibh-se a tha teachd a dh' eisdeachd, measaidh sibh an uin so gu maith air a chaitheamh a tha sibh a' fantuinn 'san Eaglais, an uair a bhios sibh air bhur gabhail a steach do na neamhaibh, agus a bhios sibh ann an sin gu siorruidh suthainn), agus a' creidsinn anns an Ti a chuir uaith mi," thus a tha cluinntinn agus a' creidsinn fhocal-san (tha thu ag creidsinn ughdar an fhocail) tha a bheatha shiorruidh agad, tha siorruidheachd do shìth agus do ghàirdeachas air tóiseachadh na 'anam aig nach bi crìoch gu bràth, agus cha d'thig e a chum dìteadh; tha e air dol thairis o bhàs gu beatha, tha e air dol thairis air druim a bhàis, agus rinn se e na chlach-staidhre gu neamh, agus tha e air teachd gu bhi air taobh stigh comhar'an agns crìochan na beatha bith-bhuan, esan a chreideas gheibh e neamh nuadh agus talamh nuadh, agus gabhaidh e comhnuidh ann am pàillion Dhe gu siorruidh suthainn: agus mur creid sibh, tha fearg Dhia a' gabhail comhnuidh oirbh gu siorruidh, agus tha sibh air bhur dìteadh a cheana, Eoin iii. 17,

Dh'innis mi dhuibh cia mar a ransaicheas sibh aithreachas neo-chealgach. 'Nis, b'àill leam innseadh dhuibh, ma tha fìor-chreideamh tearnaidh agaibh, agus tha e gle fheumail air bhur son eolas fhaotainn air; oir thus a tha as eugmhais creidimh, cha'n eil a bheag eadar thu agus ifrinn ach snaithean caol do bheatha. Dh'innis mi

dhuibh mu thimchioll aithreachas, co air bith aig am bheil aithreachas ann am firinn air tōiseachadh 'nan an-aimibh, gu'm bheil creideamh aca; air an aobhar sin gairmibh na nithe so a dh'ionnsuidh bhur cuimhne mu'n do labhair mi mu thimchioll aithreachas; fàgaidh mi iad aig bhur cuimhne fein, cha'n aithris mi iad. 'Nis, tha ceithir nithe leis an aithnich sibh, co-dhiubh a tha fìor chreideamh agaibh no nach 'eil.

'Sa cheud àite, aithnichidh sibh fìor chreidimh leis an doigh air an d'oirich Dia e ann bhur cridheachan.

2. Ma bha sibh air bhur seuladh le Spiorad a gheallaidh, bithidh aithne agaibh air bhur creidimh le seulaibh no le comharan a chreideamh.

3. Gheibh sibh eolas air fìor chreidimh leis a chomhrag, oir tha aig a chreidimh comhrag agus cath air aonadh ris. Tha'n t-Abstol ag radh, " chog mi an deadh chomhrag, choimhead mi an creideamh, chrìochnaich mi mo thurus "

'San aite mu dheireadh uile, bithidh eolas agaibh air a chreidimh leis a chleachdadh a tha 'ga leantuinn. 'Nis, ma tha creidimh agaibh, agus oibrìchean ann bhur cridheachan, feudaidh sibh gairdeachas a dheanamh ma ta; oir tha Crìosd ag radh, " Gu'm bheil bhur n-ainmean sgrìobhta ann an leabhar na beatha;" feudaidh tu gairdeachas a dheanamh thus a tha air taobh steach gaòil Dhia; thus aig am bheil creidimh, tha thu air taobh steach a ghaoil; feudaidh tu gairdeachas a dheanamh thus a tha air taobh stigh an taghaidh, an t-saoraidh, agus a ghairm, agus an naomhachaidh, agus a bhuanachaidh. 'Nis, thus aig am bheil creidimh, tha na nithe so uile agad, agus tha thu 'gan creidsinn gu leir ann do chridhe; uime sin feudaidh tu gairdeachas a dheanamh. 'Nis, mar air son na'n comharan, agus ma fhuair sibh riamh fìor chreidimh, 'sann air an doigh so; tha mi a' ceadachadh, gu'm bheil cuid 'ga fhaotainn na's mō shoilleire; agus cuid eile na's mō dhoirche; feudaidh cuid an là ainmeachadh maille ri Sacheus; Lucas xv. 5, air doigh 's gu'm feud iad a radh, " An diugh tha slainte air teachd a dh'ionnsuidh mo chridhe." Tha cuid 'ga fhaotainn gu furas, cosmhail ri Lidia. Gniomh, xvi. 14, " aig an robh a cridhe air fhosgadh ann an tiotadh le searmon Phoil; agus tha dream eile 'ga fhaotainn na's mō dhoilbhe, agus tha iad na's fhaide ann an teachd d'a

ionnsuidh, cosmhail ri Pol, Gniomh, ix. 4, “ air a thilg-eadh air an talamh, agus air a threoir eachadh air làmh a dh'ionnsuidh baile, agus a bha rè trì laithean dall, agus agus ni mò a dh'ith no dh'òl e, ach ag ùrnuigh ré na h-ùin sin uile,” gus an d'thainig Ananias d'aionnsuidh, agus gu'n do shearmonaich e an Scisgeil, agus an d'fhuair e creidimh agus sòlas. 'Nis, ma's urrainn thu a chuimhn-eachadh an là glòrmhor sin anns an robh thu air do lot-adh agus air do cheangal suas a rìs, agus anns am facadh tu gu soilleir gu'n robh thu ann an dorchadas fad laithean do bheatha roimh sin, ach gu'n d'thainig solus o neamh agus gu'n do dhealraich e ann do chridhe, air doigh 's gu'm facadh tu gu'n robh thu a'd' luidhe air d'eabradh ann a'd' fhuil, agus ann do thruaillidheachd, agus gu'n robh thu air do bhioradh ann do chridhe, agus gu'n d'eigh thu a mach, “ A dhaoine agus a bhraithre, ciod a ni mi gu bhi air mo thearnadh? Agus an sin gu'n d'thainig sgeul aoibhneach a dh'ionnsuidh t-anam air a leithid do là. Bu chòir dhuit an là sin a chumail air chuimhne; oir cumaidh rìghre air chuimhne latha am breith. 'Surrainn cuid innsaidh cia mòr an im-cheist leis an deach iad a dh'ionnsuidh caithir na'n gràs, agus cia co fad 'sa bha iad air an cumail mu'm b'urrainn iad creideamh agus sòlas fhaotainn; air an aobhar sin amhaircibh air oibreachadh a chreidimh ann bhur cridheachan, amhaire, ma smuainich thu air àm t-ain-eolais 'sar ùin a chaidh seachad na ni cailte, agus amhaire ua'm b'àill leat a bhi an geall air an tiom a shaoradh, agus na'n d'thugadh tu deich mìle saoghail (na'm biodh iad agad) do neach sam bith a leig-eadh ris dhuit an robh tròcair air do shon-sa ann am fuil Iosa. 'Nis, cha'n'eil na h-uile dhaoine faotainn creidimh anns an aon tomhas: ach a chum 's gu'n tuig sibh, ma fhuair sibh e ann an tomhas sam bith, bheir sibh fainear, gu'm bheil trì cheuman creidimh ann, tha'n inbhe is laige, an inbhe is meadhonaich, agus an inbhe is treise do chreidimh ann. 'Nis, an creideamh is laige a dh'fheumas a bhi aig neach sam bith agaibh, 'se so e, tha e a' faicsinn a dhiteadh, tha e a' faicinn nach 'eil a bheag air a shon-sa ach fearg, mur bi e air eididh le fireantachd Chrìosd, tha e a' faicinn gu'm bheil an fhuil comasach air a chorruich a chiuneachadh, agus an teine sin a mhùchadh; cha'n'eil e aig iarraidh tuillidh ach a bhi air a thumadh anns an fhuil sin; agus na'm b'àill leibh fheoireach dheth,

Ciod e iarrtais shònruichte? Fhreagaireadh e sibh, tha m'iarrais a dh'ionnsuidh na fola ud, agus gu bhi aig an Tighearn ud, agus e bhi agam ann mo ghairdeanaibh, agus air son m'anam a bhi air a ghlanadh anns an tobair sin; ach fathasd cha'n urrainn mi fhaotainn, agus gidheadh feithidh mi air m'aghaidh; agus ge nach d'fhuair mi an làn-dearbhadh, gidheadh is e mo Thighearn e, agus cha leig mi steach a chaochala' do bheachd; agus ge do tha mi as eugmhais am fìor chomhfhurtair, cha ghabh mi ri neach eile na rùm no na àite. Thus aig am bheil an uibhir so, tha agad-sa fìor chreidimh; agus 'se so a chuile bhruite a chrathas na h-uile gaath, agus fathasd nach 'eil air a briseadh, agus cosmhail ris an lion fuidh chaol smùid no an t-asgart fuidh dheataich, a chuireadh beagan uisge as, gidheadh cha mhùch se e, Isaiah xlii. 3. 'Se so fìor chreidimh, agus cha'n urrainn thus aig am bheil e a dhol am mugha; oir cha'n e tomhas do chreidimh a ni do thearnadh, ach esan air am bheil an creideamh a' deanamh greim.

Tha mi ag aontachadh nach bi sìth no fois agad gu bràth ann do choguis, gus an ruig thu air an làn tomhas sin do chreideamh, air an làn-dearbhadh sin; a dh'ionnsuidh a ghairdeachas aoibhinn so, an uair a ta thu air do thoileachadh no air do dheanamh aoibhinn anns an treas flaitheanas; air an aobhar sin ge nach urrainn thu bhi toilichte leis an tomhas is lugha agus is laige, tha sin na chomhara gu'm bheil do chreidimh fìrinneach, ma tha thu a' saothrachadh na's mo agus na's mo gu a dheanamh cinnteach; gidheadh tha'n tomhas air làthair na fhìor chreidimh.

'Nis, do bhrìgh's gu'm bheil nithe mòr 'an earbsa ris, uime sin daingnichidh mi dhuibh e leis an Sgriobtuir. An urrainn a h-aon sam bith a bhi beannaichte as eugmhais creidimh? Saim xxxii. 1. Uaith so, tha Daibhidh ag radh, "Is beannaichte an neach d'an do m'haitheadh eus-aontas." An urrainn a h-aon sam bith am peacanna bhi air am maitheadh dhoibh ach iadsau a tha creidsinn? Agus tha Criosd ag radh, Mata v. 6. "Is beannaichte an dream air am bheil ocras agus tart an deigh fìrinnteachd;" tha thus a tha ocrach agus iotmhor beannaichte, agus air an aobhar sin feumaidh tu fìor chreidimh a bhi agad, ge nach 'eil thus 'ga fhaicinn: oir tha e furas impidh a chuir ortsa a tha làn do na ghairdeachas neamh-

aidh so, agus de na Spiorad Naomh; mar a bha Stephen, Gnìomh. vii. 55. Tha mi ag radh, 'an sin gu'm bheil e furas impidh a chuir ort gu'm bheil creidimh agad, do bhrìgh 's gu'm bheil thu 'ga mhothachadh an taobh a stigh dhìot; ach an uair a tha ocras agus tart ort, agus a tha thu a' mothachadh do chridhe falamh agus as-eugmhais na h-uile gràs, an uair a tha t-anam air seargadh as eugmhais fuil Chrìosd, tha e doilbh aig an àm sin impidh a chuir ort creidsinn; gidheadh ma tha an t-ocras agus an tart so ort, tha thu beannaichte. C'ar son? Do bhrìgh 's gu'n sàsaichear thu. Cha'n e tomhas do chreidimh a nì do thearnadh. C'ar son? Tha boinne do dh'uisge na uisg co cinnteach ris a chuan mhòr. Mar sin tha creidimh beag na fhìor chreidimh co cinnteach ris a chreidimh is mò, ge d' nach 'eil co làidir; mar a ta leanabh de' ochd laithibh a dh'aois na dhuine co cinnteach ri neach a tha trì fichead bliadhna; tha sràd do theine na theine co cinnteach ri lasair mhòr; tha duine tinn co cinnteach beo ri duine slàn, ge nach 'eil a bheatha cho sòlasach dha; mar sin cha'n e tomhas do chreidimh a nì do shàbhaladh; 'se an fhuil air am bheil do chreidimh a' deanamh greim a tha ga do shàbhaladh, mar a nì lamh lag an leinibh a ta cuir na spàin ri bheul a' bheathachadh, co maith agus a nì gairdean an duine is treise; oir cha'n e an làmh a tha 'ga do bheathachadh, ge do tha i a' cuir a bhiadh ann do bheul, ach 'se am biadh a tha air a ghiul-an a dh'ionnsuidh an stamac a tha 'ga do bheathachadh; cha'n e an làmh a tha 'ga do chòmhdach, ge do is i a tha 'cuir d'eudach umad; ach an t-eudach fein a tha 'ga d'eideadh; cha'n e an fhàinne-òir a tha cuir stad air an fhuil, ach an neamhnuid a tha anns an fhàinne; mar sin cha'n e do chreidimh (ge do tha e luachmhor) a leighiscas do chuid lotan, ach Chrìosd an neamhnuid luachmhor, air a chuir an taobh a stigh do dh'fhàinne do chreidimh. Mar sin ma's urrainn thusa greim a ghabhail de' Chrìosd cìod sam bith co lag, cha leig e leat a dhol 'am mugh. Na h-uile a sheall ris an nathair umha, ge air bith co fad as. bha iad air an leigheas de' ghath an nathair theinntich; gidheadh cha'n fhaca na h-uile co-ionnan soilleir, oir bha cuid fagus do lamh, agus cuid eile fad as; 'nis dh'fheumadh gu'm faiceadh an dream a bha fagus do lamh na's mò shoilleire na iad-san a bha fad as, gidheadh, bha iad-san a bha fad as air an leigheas a cheart co luath de'n ghath,

an uair a dh'amhaire iad air an nathair umha, ris an dream a bha fagus do lamh ; oir cha b'e an sealltainn a rinn an slànachadh, ach esan air an robh an nathair na samhladh (agus aig an àm sin a chreid gu n robh e gu theachd). Mar sin ma 's urrainn thusa amharc air Criosd ge air bith co iosal, 's urrainn esan gath do choguis a thabhairt air falbh ma chreideas tusa ; gidheadh biodh fhios agad, 'surrainu do'n lamh a's laige tiodhlac a ghabhail co maith ris an lamh a's treise. 'Se Criosd a ghibht, agus feudaidh creidimh lag greim a ghabhail deth, co maith 'sa dh'fheudas creidimh laidir ; agus is leatsa Criosd an uair a ta creidimh lag agad, co cinnteach 's as leat e an uair a tha thu air teàchd a dh'ionnsuidh a ghairdeachais bhuidhach so trid neart a chreidimh. Mar sin sòlasaichibh sibh fein le beachd smuaineachadh air na nithe so. Amen.

SEARMON XLI.

AIR TEARUINTEACHD A CHREIDMHICH.

Isaiah xlii. 3.—A chuile bhruite cha bhris e, agus an lion d'am bheil caoi smuid cha mhuch e.

FOSGAILIDH mi suas an steidh theagaisg dhuibh. So a chrìoch air son am bheil an teisteanas so air a thabhairt a steach, a bhi dearbhadh gur e an duine so Iosa, Mac na h-òighe Muire, a dh'oibrich miorbhuilean, agus a leighis gach gnè ghalar, agus iadsan uile 'thainig d'a ionnsuidh ge air bith co lag 'sa bha an creidimh. ghabh se riu, agus cha b'ail leis an cuir air falbh a rìs as-cugmhais sòlas ; tha e dearbhata, tha mi 'g radh, gur esan am fear-saoraidh roimh-aithnichte agus mu'n d'innseadh roimh làmh,

agus am fàidh mòr sin a bha gu theachd; agus tha'n t-àite so air a thabhairt a steach an so gu fianuis a thabhairt, gu'm biodh esan, mu'm bheil an t-Athar a labhairt, na leithid do dhuine, aig am biodh an leithid so agus an leithid sud do chomharan; gur e an duine, tha mi g' radh, air am bheil na comharan so air am factainn. Slànuighear an t-saoghail; agus ann am measg a chuid eile de' na comharan, 'se so a h-aon diubh, gu'm bi e co trèaireach agus co macanta, "is nach bris e a chuile bhrùite, agus nach mùch e an lion de' am bi an deatach." 'Nis, bha aig Iosa Mhac Mhuire a leithid do thrèair agus do mhacantas, nach robh aig duine riamh a bha roimhe no 'na dheigh: uime sin feumaidh e bhì gur esan an Slànuighear.

Tha mi 'nis air teachd a dh'ionnsuidh na'm briathraibh; am b'ail leibh eòlas a bhì agaibh air-san is e an Slànuighear? Tha'n t-Athar 'ga chomharrachadh a mach air an doigh so, ag radh, "Feuch mo sheirbhiseach;" agus tha esan a' teachd mar sheirbhiseach, agus mar Uan macanta. Tha eòlas maith agam, mu'n Uan Iosa Criosd, esan is e ceann agus maighistir an tigh, gu'n robh 'irioslachd agus a sheirbhis air a leithid sin do dhoigh. Cìod e an irioslachd bu chòir a bhì aca-san do'm bu choir a bhì na'n seirbhisich, agus gidheadh b'ail leo-san a theachd mar Thighearuaibh agus mar Mhòraraibh? 'Seadh, tha mis' a leagail leo, ach tha làn fhìos agam nach 'eil iad na'n òg-laich do Dhia. Iosa, is esan m'òglach-sa, deir an t-Athair, tha so na shòlas mor, an gràdh a tha aig a Mhac air bhur son, ann an coimh-lionadh agus ann an deanamh iomlain bhur saoradh, tha e deanta mar dheadh sheirbhis do'n Athair, agus tha'n t-Athair làn-thoilichte leis an t-seirbhis sin; "m'aon thaghta," bha e air a thaghadh agus air a thoirt a mach as an aon sliochd as an d'thainig sibhse. M'aon ghaoil, tha'n t-Athair 'ga ghradhadh gu mor, agus tha uile ghradh an Athair anns a Mhac, cha'n 'eil gradh aige ach sin a tha aige anns a Mhac; ma 'seadh, cha'n urrainn thus' a bhì air do ghradhadh mur 'eil thu anns a Mhac; "anns am bheil tlachd aig m'anam." Is nì eile so ma ta a bhì air an gradhadh, thubhairt e le guth o neamh, "Tha m'anam làn thoilichte leis;" mar gu'n canadh e, cha'n e a mhàin gu'n do ghradhaich mi esan, ach ghradhaich mi mar an ceudna an t-anam a tha air a sgeadachadh leis: is maith do'a

anam a tha air fhaotainn ann-san, oir tha m'anam lán-thoilichte leo air a sgàth-sa, do bhrìgh 's nach 'eil mi ag amharc air aon chuid fìrionn no boirionn ach do reir 's mar a tha iad na'm buill air an aonadh ri a chorp-san. "Cuiridh mi mo Spiorad ann;" 'se sin, "bithidh e air ungradh le cladh an aoibhneis os-ceann a chompanaich," agus lionar e leis an Spiorad thar tomhas: "Foillsichidh e breitheanas do na cinnich;" 'se sin, bheir E breith air na fineachan, agus bheir e solus dhoibh-san a tha na'n suidhe ann an dorchadas: cha dean e strì agus cha tog e iolach, agus cha chluinnear a ghuth anns na sráidean." (Ann an so tha leasan agaibh-se aig am bheil bhur guth air a chluinntinn tric air na sráidean; cha'n 'eil sibhse cosmhaill ri Criosd an t-Uan sin gun lochd nach do labhair focal àrd anns na sráidean) "a chuile bhrùit cha bhris e:" 'se sin an cridhe a tha air a bhriseadh le bròn agus doilghios air son eas-bhuidh dearbhachd air gaol Dhia; tha an t-Ath-air ann a Mhac Iosa Criosd, tha e brùite; 'se sin, tha e air a bhualadh ann an soitheach pronnaidh le bruthadair iarunn, air son eas-bhuidh an aonachd ionmhuinn sin ris an Tighearn Iosa, an ti a ta mhàin na bheath, na sholus, agus na shaorsa. Tha'n cridhe briste na chuile, agus tha e air a chrathadh; gidheadh tha freumh aige, agus tha greim teann aig a fhreumhaibh. Mar sin tha'n cridhe briste as eugmhais sòlais, tha e gun chomhfhurtachd, tha e as eugmhais fois agus aoibhneas, oir na'm biodh gairdeachas aige cha b'fhada gus am biodh e air a leigheas, oir is e lot an anam a bhi as eugmhais an Tighearn; air an aobhar sin tha'n Eaglais ag eigheach a mach, "Dh'imich mo ghrádh air falbh, uime sin tha mi tinn le gradh;" ach an uair a thig e rìs, agus a ghabhas e i do sheomar a lathaireachd, agus a dh'ionnsuidh a sheileir-fion, far am bheil i air a h-ath-bheothachadh le còrnaibh fion, agus le úbhlán na taitneas, agus mar sin tha i air a leigheas; mar sin tha do chridhe an ceangal ri freumh, eadhon an uair a tha e air a lotadh air son a bhi dh'easbhuidh d'fhear-pòsda, agus do cheann, an Tighearn Iosa; tha thu a'd' chuile, agus tha freumh agad, agus tha thu eadhon air do shuidheachadh air fein, ge nach 'eil thusa 'ga bhreithneachadh, no 'ga mhothachadh. 'Nis, cha'n e mhàin nach dean e do spionadh suas air do fhreumhaibh, ach cha dean e uiread agus gu'm bris e a chuile bhrùite, cha bhris e thu a'd' bhloighdibh, ach cumaidh e suas thu

leis an iarrtas sin 'na dheidh fein ; gidheadh cha bhi fois ag-ad-sa gus am faigh thu e a rìs, agus gus am faic thu gu'm bheil thu air do fhreumhachadh agus air do shuidheachadh gu daingean ann-san. Tha cuile bhrùite gu h-ealamh air a briseabh ; mar sin an t-anam a tha air seargadh as eugmhais ath-bheothachadh a tobar na'n uisgeachan beo, tha fios aig Dia gur beag an ní a bhriseadh e na dha chuid ; 'se cridhe brist' an ní is an-fhann a tha anns an t-saoghal, agus tha fios aig an Tighearn air a so, agus fathasd cha bhris se e. Tha so na mhòir chombhfhurtachd. 'Nis, am bheil neach air bith ann an so aig am bheil an-am a' tuireadh air son a bhi as eugmhais lathaireachd Dhe, agus leis am b'aobhinn a shireadh, agus a tha leantuinn 'na dheigh le deuraibh, mar a rinn na h-Israeliech ? Agus am bheil neach air bith agaibh ag radh, Thighearna, c'uime am bheil thu a' dol air falbh ? Theid ar solus, ar beatha, ar saorsa, air falbh, an uair a dh'imicheas tusa agus a theid thu air falbh ; uime sin pill, a " Thighearn, d'ar n-ionnsuidh, agus na folaich do ghnuis 'uainn." Am bheil neach air bith agaibh 'ga leantuinn le cridhe briste, agus a'g' eigheach ris, fuirich, a Thighearna ? Ma tha sibh a' deanamh mar sin, ma ta ann an sin tha bhur sòlas, tha'n t-Athair a' comharrachadh a mach dhuibh Tighearn Iosa a tha cho trócaireach is nach bris e cuile bhrùite. An uiread so air son a cheud chamharadh.

'San dara h-àite ; " An lion d'am bheil coal smùid cha mhùch e, lion, no asgart, far am bheil srad do theine ann, agus srad aig nach 'eil aon chuid solus no teas, ach a mhàin a tha fa' dheataich, agus a' cuir a mach smùid, cha mhuch e ní beag sam bith a chuireadh as e, ach cha leig e leis a bhi air a chuir as ; eadhon mar sin, far am bheil srad bheag do chreidimh agus do ghràdh, agus am beothachadh is anamhuinne, ma 'se is gu'm bheil e ann do chridhe, ge uach d'thugadh e dhuit solus gu sealltainn ri gaol Dhia, agus gu amharc air do thaghadh, do shaoradh, do ghairm, agus d'fhireanachadh, do naomhachadh, agus do ghlòir gun chrìoch, a mhàin gu'm bheil e fa' smùid ; 'se so frithealadh d'Fhear-saoraidh a'd' thimchioll. nach cuir as an ní beag a tha air tòiseachadh ann do chridhe ; mar sin cum thusa do ghreim leis an tomhas a's lugha do chreidimh, ge nach biodh ann na's mo na bhi a' feitheamh le foighidinn, gus an seid an Tighearn air an t-srad a tha na luidhe am folach ann do

chridhe, fāsaidh an dearbh shrad sin fein gu bhi na las-air mu dheireadh, agus gheibh thu uile uilt d'anam air am fuasgaladh, agus uile chruas do chridhe air a leaghadh, "gus an d'thoir e a mach breitheanas chum buaidh." Ciod i a bhreitheanas a tha'n so, an uair a shuidheas am breitheamh sìos, agus a bhios na h-uile phairtidhean air an gairm, agus iad uile air an eisdeachd, 'an deigh sin tha a bhinn air a tabhairt a mach, agus tha a phairtidh a ta air a soaradh a' faotainn a bhuaidh; eadhon mar sin cha bhi a chuile bhrùite air a briseadh, no an lion fa' chaol smuid air a mhùchadh, gus am faigh thus' a bhuaidh os-ceann na h-ìfrinn' agus a bháis, os-ceann a pheacaidh agus an t-sàtain, os-ceann do naimhde uile, agus gus am bi thu air do thabhairt a dh'ionnsuidh na caithream so, a bheir ort a radh, co dha'n dána m'anam-sa dhíteadh air son an do bhàsaich Mac Dhe, agus a tha 'nis air eiridh agus air dol suas gu neamh, agus a tha tagair air mo shon, ag radh ris an Athair, thoir maitheanas do'n anam ud air son an do bhàsaich mise? Ann an sin tha'n creideamh agus an lán-dearbhadh sin air gràdh Dhe dhuit fein a' teachd, an ni is e an ceum a's airde do chreidimh; agus bheir so ort a radh, 'Nis tha a dearbhadh agam, nach bi aon-chuid, bás, no beatha, no ainglibh, no uachdranachdaibh, no cumhachdaibh, no nithe air lathair, no nithe ri teachd, no àirde, no doimhne, no creutair sam bith eile, comasach air mise a sgaradh o ghràdh Iosa Crìosd mo Thighearna." 'Nis, ma ta am b'áill leat aithne fhaotainn air do Shlanuigh-ear, ciod an neach a ta e ann, a leithid do neach nach bris a chuile bhrùite, agus nach mùch an lion a ta fa' dheataich.

'Nis, feith thus air an àm, anns am faigh thu an lán-dearbhadh so, gu'm bheil do shaoradh air a chuir an ceill agus a bhinn air a tabhairt a mach, gur esan do Thighearna, agus gur leis-san thusa, uime sin bunaidh tusa do na ghealladh, do bhrìgh's gu'n do bhàsaich e air do shon, agus cha'n fhág e gu bráth thu, agus air aon lá bitbidh tu air do chuir ann an sealbh shìth'chail air a ghlòir sin anns na flaitheanas (ris nach 'eil agad aig an àm so ach sìuil ris agus dòchas) gu fantuinn ann gu sìorruidh. 'Nis a cheist bu chòir duibh uile a bhi oirbh, agus an ni bu chòir dhuibh fheoireach uile, 'se so e, Co-dhiubh is e Crìosd t-Fhear-saoraidh-sa, do Shlanuigh-ear-

sa no nach e? Oir ma's leat-sa e, feudaidh tu, le dān-achd, a theachd a steach a dh'ionnsuidh na rìgh-chaitheach ann an lathair an Athair, agus tagair air son gach gealladh a rinneadh dhuit ann an Crìosd: agus mur leis-san thu, cha dāna dhuit a theachd na fhianuis. 'Nis bithidh iomadh teagamh an so, a thilgeas an sātān a steach gu do bhacadh a chum's nach co-chuir thu Crìosd ri d'anam fein; 'se a h-aon diubh so, tha t-anam as eugmhais gach uile shōlais. 'Nis, far am bheil Crìosd, tha sōlas na's leoir 'an sin. 'Se'n aon eile, far am bheil creidimh, feumaidh e bhì gu'm bheil dōchas bhuadhach 'ga leantuinn; ach cha'n eil mise a' mothuchadh a bheag do na nithe so ann mo chridhe fein, air an aobhar sin cionnas is lean-sa Crìosd, no cionnas is urrainn mi a chomh-chuir rium fein? Ann an so tha am freagradh. Tha'n t-Athair a' toirt dhuit am bunait so gu do chreidimh a thogail air, dean thu fein cinnteach, gu'm bheil e na Shlānuighear cho trōcaireach, 'snach "bris e cuile bhrūite, agus nach mūch e lion deth am bi deataich." Comh-araich ma ta, ma tha thu faicinn do chridhe air a bhriseadh agus air a lotadh, air son gu'm bheil do Thigh-earn air falbh uait, agus gu'n d'thug thusa aobhar dha air son e dhol air falbh, agus gu'm bheil thu brōnach air son nach urrainn thu a chomh-chuir, agus gu'm bheil sradh do ghaol air fhāgail ann a'd' anam, ge nach biodh e na's mo na so, gu'n eireadh tu agus gu'n iarradh tu e ge b'e àite anns am feudadh tu fhaotainn, agus nach gabh thu fōis gus am faigh thu e, tha'n uiread so agad. Ann an sin ma ta, chuinn an t-Athair a' labhairt mu'n dream aig am bheil creideamh lag, "Cha bhris e a chuile bhrūite, cha mhūch e an lion de am bi an deataich, gus an d'thoir e mach breitheanas a chum buaidh." Comh-araich san ath àite, an t-anam leointe, agus an cridhe briste, ge do tha e air a bhruthadh, gidheadh tha aige freumh ann an Crìosd, agus cha dean e do spionadh suas air do fhreumh, cha dean e gu brāth do bhriseadh, agus am bheil agad ach lion fā' smūid, cha mhūch e sin, agus cha'n fhāg e gu brāth thu "gus an d'thoir e mach breitheanas a chum buaidh:" buaidh a bheir a leithid do shìth choguis 'sa bheir ort caithream a dheanamh thar do naimhde gu leir. Tha sibh a' faicinn gu'm bi an Tighearn toilichte le nì beag, agus do nì beag nì esan nì mór. Bu chóir do na so 'ur misneachadh gu theachd d'a ionnsuidh.

Beachdaich, 3, Mar nach bris e a chuile bhruite, mar sin cha leig e leis an diabhl a briseadh le a chuid innleachdaibh, ni mo a b'aill leat fein a briseadh le do mhi-chreideamh; agus mar air son an lion fuidh smùid, bi air t-fhaicill nach dean an sàtan a mhùchadh le a thuiltibh do bhuaireidhean iomadh fillte, agus bi air t-fhaicill nach d'thoir e leis uisge salach gu dhoirteadh air do chridhe a chum a mhùchadh. Air an aobhar sin cum thu fein o dha anabarra; 'se h-aon diubh, coimhid thu fein o mhi-chreideamh, agus faicibh nach bi "droch cridhe as-creideach ann an neach sam bith agaibh, gu imeachd air falbh o'n Dia bheò;" agus bi air t-fhaicill nach trèig thu an gealladh aig àm air bith, ach cum do ghnàth do chridhe fogsailte le a bhì creidsinn. Fàgaidh an t-as-creidimh do lamhan falamh dheth-san a rinn na neamhaibh agus an talamh, agus dheth-san a thug a lamhan gu bhì air an ceangal air do shon; mar sin ge nach bi ann na's mō na cridhe brist agus iarrtais gu creidsinn, ge nach biodh agad riamh mothachadh air gairm eifeachdach, ach ni 's mo mhoir an uair a tha thu air do ghairm, tha e na's leoir a chum do mhisneachadh gu theachd a dh'ionnsuidh Dia cho tròcaireach, do bhrìgh 's gu'm bheil còir agad air; oir an uair a bha sibh air bhur breith tha sibh air taobh steach a choimhcheangail, dh'iarr e oirbh a bhì air bhur baisteadh, agus, ann bhur baisteadh, gheall e, agus cheangail se e fein gu bhì na Dhia dhuibh, agus bhur peacanna a mhaitheadh; agus cheangail sibhse sibh fein gu creidsinn. Cuimhnichibh, gu'n robh iad-san a bha na'n geugan nádura air an gearradh dheth trid an as-creidimh. Thus a tha air do bhreith air taobh stigh a choimhcheangail, agus a tha air do shuidheachadh ann an Criosd, tha thus a'd' sheasamh anns an stoc; an gearr thusa ma ta thu fein dheth le mi-chreidimh? Bi air t-fhaicill roimh na sin, seas gu daingean, air do fhreumhachadh agus air do shuidheachadh annsan, agus na gabh fois gu bràth gus am faigh thu, thu fein air do dhaingneachadh agus air do shuidheachadh air a charraig, a chum 's nach faigh geatan na b-ifrinne buaidh ort. Cuimhnich, thusa nach 'eil a' creidsinn tha thu ag àicheadh trocair Dhia, tha thu ag àicheadh a cheartas, tha thu ag àicheadh fhirinn, agus mar sin tha thu ag àicheadh Dhia fein; bha mi-chreideamh Iudais thar a cheilg; oir bha an fhuil sin comasach air a thearnadh, na'n robh e air ruith d'a b-ionnsuidh, agus tròcair a

thagraidh. Mar sin do na h-uile peacadh is urrainn thu a chuir an gnìomh gu bràth, 'se'n t-as-chreidimh a's mò : air an aobhar sin creid, ge nach biodh mothachadh agad, agus ge do bhiodh dòchas os-ceann dòchas agad, ge nach biodh tu a' faicinn ach beag cosmhalachd, agus glòirichidh tu Dia agus tearnaidh tu t-anam fein. Dha-san gu'n robh glòir gu siorruidh. Amen.

SEARMON XLII.

AIR GAOL SIORRUIDH DHIA, &c.

Boin tii. 16, 16.—Oir is ann mar sin a ghradhaidh Dia an saoghal, gu'n d'fhag e aon ghin Mhic fein, a chum as ge be neach a chreideas ann, nach seriosar e, ach gu'm bi a bheatha shiorruidh aige. Oir cha do chuir Dia a Mhac do'n t'saoghal, chum gu'n diteadh e'n saoghal, ach a chum gu'n biodh an saoghal air a shaoradh tridsan.

ANNS a chaibidil so, tha Nicodèmus neach a bha na aon de luchd riaghlaidh na'n Iudhach, a' teachd a dh'fhaicinn ar Tighearn, duine, mar a tha e cosmhail, nach robh as eugmhais tuigse anns an lagh, ach a bha gle aineolach mu thimchioll diomhaireachd na slainte. Tha e gu mòr ri thuireadh, mu thimchioll daoine foghluinte agus tuigs-seach, aig an teid an tuigse gle fhad anns an lagh, agus ann an cùisibh eile mu thimchioll nithe na beatha so, gidheadh ann an gnothach na slainte nach 'eil ach mar naoidheanaibh. B' àill le Nicodèmus a theachd a dh'ionnsuidh ar Tighearna, ach tha chùis a' nochdadh nach b' àill leis gu'm biodh e air fhoillseachadh, air an aobhar sin tha e a' teachd d'a ionnsuidh anns an oidhch. Tha e fa' eag-al air son Chrìosd aideachadh gu follaiseach dha'n

t-saoghal, d'eagal 's gu'm fuilingeadh e call nithe eile ; air dha bhi air òrduchadh le lagh, " Na'n aidicheadh duine sam bith Criosd, gu'm biodh e air a thilgeadh a mach as an t-sionagog." Ach ciod sam bith eagal a bha air, tha ar Tighearn, a chaidh mu'n cuairt do ghnáth a' deanamh maith, a' gabhail an cothrom air labhairt ris mu thimchioll diomhaireachd mhoir na sláinte, agus tha e innseadh dha, anns an 3-amh rann, " Mur beirear duine a ris nach urrainn e rioghachd Dhe fhaicinn." Tha Nicodémus a' leagail ris a mhoir aineolas air an nuadh-bhreith, agus tha e a' feoireach ceist ri Criosd, "C'ionnus is urrainn duine a bhi air a bhreith a ris an uair a ta e aosda? An urrainn e dol a steach an dara h-uair do bhroinn a mháthair, agus a bhi air a bhreith?" Tha Iosa a' freagairt a cheist, agus ag innseadh dha gu'n robh an nuadh-bhreith de' nàdur eile, sin ri a radh, " gu'm feum e bhi air a bhreith bho uisge agus bho na Spiorad;" agus tha e ag innseadh dha a thuilleadh air a sin, nach 'eil an nuadh-bhreith so faicsinneach cosmhail ri breith nàdurach, ach, ris mar a ta ghaoth a' seideadh far an áill leatha, agus nach urrainn sinne innseadh cia as a ta i a teachd, no c'aite a tha i a' dol; gur ann mar sin a tha gach neach a ta air a bhreith 'o na Spiorad." Anns an 12 rann tha Iosa 'ga chronachadh air son a mhi-chreideamh, agus aig innseadh dha, gu'm b'e a ghnòthach-sa chum an t-saoghail gu a bheatha leagail sios air son pheacach, rann 14. " Mar a thog Maois suas an nathar anns an fhásach, gur ann mar sin a dh'fheumas Mac an duine a bhi air a thogail suas, a chum's ge b'e a chreideas ann nach biodh iad air an sgrìos, ach gu'm biodh a bheatha shiorruidh aca." Agus ann am briathraibh ar steidh-theagaisg, tha e ag innseadh an t-aobhar air son so uile, sin ri a radh, an grádh a bha aig Dia an t-Athair do shaoghal taghta. Agus, mó chairde ionmhuina, 'se so a h-aon deth na h-iongantaisibh is mó a dh'fhoillsicheadh riamh anns an t-saoghal so o's iosal, " 'Sann mar so a ghrádbaich Dia an saoghal, gu'n d'thug e aon ghin Mhic fein." Is esan an tiodhlac a's mó a bha riamh air a thabhairt aon chuid do dhaoine no do dh'ainglibh. Ciod iad gach tiodhlac eile, ann an coimeas ris an tiodhlac mhòr so?

Air tùs, Anns na briathraibh fein, tha againn am fear tabhairt, Dia an t-Athair."

2. Aobhar an tiodhlaic, 'sann mar so a ghrádbaich Dia an saoghal gu'n d'thug e,

3. An tiodhlaic fein, “Aon ghin Mhic.” Cha robh aig Dia an t-Athair tiodhlaic na bu mhò na aon ghin Mhic, a bha na luidh ann a uchd o shiorruidheachd, agus Mac nach d’thug riamh oilbheum da, ach an tì a b’ e a thlachd do ghná; gidheadh air son a ghráidh a bha aige do’n t-saoghal thaghta, dhealaich e ris air son tamul, a chum’s gu’n coimhlionadh e plana no dealbh mhòr na slàinte agus a ghráidh neo-chrìochnaichte air son peacaich de’ na chinneadh dhaoine. Uaith so feudaidh sinn fhaicinn cìod e toradh a ghraidh so uile, “Chum ’s ge b’ e neach a chreideas anns a Mhac, nach rachadh a sgrios, ach gu’m bi a bheatha shiorruidh aige.”

‘Sa cheud aite, Ma ta, O! pheacaich, feumaidh tu a chreidsinn gur e Iosa Crìosd aon ghin Mhic shiorruidh Dhia, air eideadh ann ar nádur-ne, agus gur ann trid buaidh e bhì na Dhia co maith is tha e na dhuine, a tha bheatha shiorruidh so gu bhì air a faotainn.

2. Feumaidh tu a chreidsinn gu’n do bhásaich e air do shon fein, gu’n d’ eirich e a rìs air do shon, gu’n robh e air irioslachadh air do shon, agus air a ghloireachadh air do shon-sa; fathasd air son so uile bithidh dorchadas; mar dhuine ann am prìosan, aig nach ’eil ach solus mar troimh tholl tora air am bheil a ghrian a’ dealradh, agus tha e fa’ dheoidh a’ faicinn dearsadh na greine, agus fathasd cha’n’eil ach dorchadas mu thimchioll air gach taobh; eadhon mar sin tha chùis ann an so, tha creidimh a’ leig-eil ris dhuit solus grian na h-ionracais a’ cuir sgáil air d’anam, agus fathasd cha’n’eil a bheag ach dorchadas an taobh a stigh dhìot.

Anns an ath aite, Tha aont agus teisteanas mu’n t-solus sin, tha thu a’ faicinn, a’ ceadachadh, agus tha meas agad air an t-solus sin, oir is e an neamhnuid luachmhor e a tha thu ag iarraidh.

Agus 3, Tha breitheanas agus caithir bhreitheanais air chuir suas ann a’ d’anam, far am bheil breitheamh, pàirtidh, orduchadh, agus cuis-lagha, agus maitheanas air a thabhairt. ‘Se am breitheamh Crìosd; ‘se an reubalt ciontach d’anam fein, far am bheil breitheamh, cuis-lagha, dicreut, ‘s iad an luchd-casaid an lagh, an diabhl, agus do choguis aingidh fein, agus ceartas Dhia; do chiont, reubalt o bhroinn do mhàthair, no o’n toiseach. ‘Nis, ‘se creidimh t’fhear-tagraidh; tha e a’ freagradh,

tha mi ag aontachadh ri sin uile, ach tha agam na's leòir ann an Crìosd gu 'ur freagairt gu leir; 'an sin air an dìon so, tha a bhinn so a' teachd a steach, an ni is e so, " Es-an a ta creidsinn anns a Mhac cha d'theid e gu sìorruidh am mugha." Tha do choguis a' freagairt, " Tha mi a creidsinn anns a Mhac." Tha an lagh agus an soisgeil a' tabhairt a mach a chomh-dhunaidh so; " uime sin cha d'theid thusa gu sìorruidh am mugha."

'San àite mu dheireadh, 'se so am feum, an uair a ta bhinn air a toirt a mach; an deigh sin theid thu air d'aghaidh air do thurus le lán siùil, agus mar sin ruithidh tu a dh'ionnsuidh do Thighearn: gidheadh cha'n e so an ceum a's àirde, ach tha'n creidimh a' dol air aghairt; oir cha'n 'eil thu fathasd toilichte, ge do tha thu a' faicsinn d'ainm air a chuir suas ann an leabhar na beatha, an ni a ta ann an Crìosd a' teachd a nuas a dh'ionnsuidh d'anam, air doigh 's gu'n abair thu, O fhuil, thig agus lion cridhe falamh, tha ocras agus tairt orm air do shon, thig, thig a chum mo shàsachadh. Ann an sin tha'n creidimh 'ga thabhairt a' nuas a dh'ionnsuidh d'anam; 'an sin an uair a gheibh thu e, their e cha d'thoir mi dhuit ach blasad agus dearbhadh dhiom, agus bheir e dhuit fàinne le neamhnuidibh luachmhor innte, gu bhi na comharadh dhuit; air an aobhar sin feumaidh tu faduidheachd a bhi ort air son am mo theachd, do bhrìgh 's gu'm feum thu a dhol suas gu neamh maille rium. Dh'innis mi dhuibh uaith sin, gu'n d'thoir creidimh ort a dhol le t-uallach, agus a chuir air-san; bheir e ort a dhol le 'anam ocrach agus tartmhor, a chnm esan itheadh agus òl; bheir e ort a dhol le anam lomnochd, gu esan a chuir umad. Tha creidimh air a mhìneachadh anns an litir a chum na'n Eabhrach xi. 1. " Is e creidimh brìgh na'n nithe ri 'm bheil dochas, dearbhadh na'n nithe nach faicear." Anns a Ghreugais, (UPOSTAS IS) tha e a' ciallachadh trì nithe:

'Sa cheud àite, tha e na bhunait air nach 'eil thu cuir ni na's lugha na sàbhaladh sìorruidh d'anam; mar so tha an creid'mhach a' faicinn dìteadh, ach cha'n 'eil e faicinn saoradh anns an lagh, ach anns an t-soisgeil tha e a' cluinntinn nach d'thig an creid'mhach gu sìorruidh a chum dìteadh; gabhaidh creidimh an sin greim air d'anam, agus their e ris, tha thu cailte gu sìorruidh suthainn ma 'se 's nach creid thu. Tha'n cridhe a' freagairt, air a so tha mise a' leagail mo shàbhaladh, eadhon air cinnt-

eachas a gheallaidh so. 'An sin tha'n creidimh a' freagairt, agus ag radh, Is dána leam glòir Dhia a chuir an geall nach d'theid thusa gu siorruidh a chall.

'S an ath aite, bheir creidimh thu a dh'ionnsuidh na h-ifrinn, agus bheir e ifrinn air làthair dhuit; bheir e thu a dh'ionnsuidh na flaitheanas, agus bheir e air làthair dhuit e; bheir e thu a dh'ionnsuidh camhairle roimh-òrduichte Dhia, agus bheir e air làthair dhuit i. Cha tilg an creidimh gu bràth thu dheth fhocal De; tha am focal ag radh, Thusa fein, bha thu air do ghràdhachadh bho an uile bhith-bhuantachd; tha'n creidimh ag radh, tha mi a' creidsinn. Tha mi a' faicinn gu'm bheil am focal ag radh, gu'm bheil an creid'mhach air fhireanachadh; agus tha'n creidimh ag radh, tha mi a' creidsinn gu'm bheil am focal ag radh, tha crùn glòir air a thasgaidh suas air son a pheacaich bhochd. Tha an creidimh ag radh, tha mi'faicsinn sin, agus feithidh mi gu foighidneach ris; bheir creidimh thu dh'ionnsuidh dearbh theachd Chrìosd anns an fheoil, agus bheir e air làthair dhuit e. Ni creidimh tuilleadh air do shon; oir ni e, air tus, do bhunait cinnteach; 2, Bheir e nithe siorruidh air làthair; 3, Bheir e ort seasamh, agus do chois a shuidheachadh mar dhuine fo' armachd ann an aghaidh uile thuilte grabhan Dhia a'd' aghaidh féin; mar so bheir e ort seasamh, oir is e an sgiath e a mhūchas uile shaighde teinteach an droch spioraid. Tha agad an clogaid sin a sheasas ri urchair a chanain, ge do theireadh tu, "Chuir an Tighearn suas mi mar chomara' air son a shaighde; ge do theireadh tu maille ri Daibhidh, Salm. xii. 1, "Thréig an Tighearn mi," agus ge do chanadh tu maille ri Heman an t-Esrach, Salm. lxxxviii. 15, "Tha mi a' fulang uamhasan Dhe 'o m' òige 'nuas;" gidheadh bheir creidimh ort seasamh ann an aghaidh so gu léir, oir their e riut. gu'm bheil gaol Dhia neo-chaochluideach, "ge do mharbhadh tu mi, fathast cuiridh mi mo dhòchas annad;" oir feudaidh cathan làidir a bhì aig duine a tha' creidsinn, agus feumaidh e "deadh chath a chuir" oir séididh na gaothan, agus buailidh na tuilte air an tigh, agus feumaidh an creidimh a chumail suas; a thuilleadh air so, tha'n creidimh air a ghairm, "Dearbhadh na'n nithe nach faicear," is e teistean agus dearbh-chinntean ar n-oighreachd; Tha agam-sa an fhuil sin air a seuladh suas dhomh, tha agam an Spiorad an taobh a stigh dhomh, air an aobhar sin tha

fios agam gu'm buin an oighreachd so dhomh-sa; mar air son an ùghdar, tha e soilleir gu'm bheil e air a ttabh-airt, dhuit gu saor a bhi creidsinn, mar sin is tiodhlae Dhe a ta ann. Tha Dia a' fosgladh cridhe Lidia, agus tha i a' creidsinn. 'Se creidimh obair Dhia, "amhaire suas ris-san an tì is e ùghdar agus fear criochnaich ar creidimh." Chreid e agus uime sin labhair e. Mar so se'n Spiorad, a tha air a chuir 'o'n Athair agus 'o na Mhac, a ta ag oibreachadh a chreidimh: 'Se so an ni a tha a' tabhairt air duine creidsinn. Their thusa, na'm biodh creidimh agad nach biodh tu gu bràth ann an teagamh, ach nuair a sheallas tu riut féin, agus a dh'ionndraineas tu eumbachd a chreidimh, tha thu an sin fa' theagamh: ach cha bu chòir dhuit a bhi mar sin, ach bu chòir dhuit amharc suas gu neamh, oir tha e cho do-dheanta dhuit creidsinn is a tha e dhuit sùilean na'n dall fhosgaladh; oir cha'n'eil cumhachd so a chreidimh air taobh steach comas nàduir; oir bha e na dhiomhaireachd do na dearbh ainglibh, gus an robh e air fhoillseachadh anns an t-soisgeil trid creidimh, deir an t-abstol, "an ni a tha do réir oibreachadh Dhia a thog suas Iosa o na mairbh gu beatha;" mar sin feumaidh an cumhachd ceudna sin cumhachd a chreidimh oibreachadh annad-sa. Their an lagh. "Dean, agus bithidh tu beò;" ach cha toir e dhuit gu bràth cumhachd gu dheanamh: ach their an soisgeil, "creid, agus bithidh tu beò," agus leis an anail cheudna tha e a' tarruing a nuas gàirdean Dhia a dh'ionnsuidh d'anam, agus a' tabhairt dhuit cumhachd gu creidsinn. 'San ath aite, tha'n lagh aig iarraidh foirfeachd; ach cha'n'eil an soisgeil aig iarraidh na's mò na creidimh ann an cridhe treibhdhireach, a' creidsinn ann am firinn, ge do bhiodh e air a mheasgadh le teagamh, agus ge d' fhaodadh ifrinn a bhi ann an oisinn do d' chridhe, mar a ta an t-abstol ag radh, Romh. vii. 24, "Co a shaoras mi o chorp a bhàis so." B'e so a thruaighe: ach cha do reic se e fein do na pheacadh; air an aobhar sin thubhairt e nach b'àill leis a dheanamh. Ciod e tuilleadh? Tha'n soisgeil a' teachd a nuas a dh'ionnsuidh do laigse, air doigh as ge nach biodh agad ach lion fo smùid agus ge nach biodh agad ach iarrtas dhùrachdach gu creidsinn, agus ge nach biodh agad tuille ach gur urrainn thu urnuigh a dheanamh air son creidimh, 'an sin ma ta tha agad coinbhlurtaebd cheudna a chreidimhich.

'Nis theid mi air m'aghaidh. Tha trì chomharan aig a chreidimh, 1. cinnteachas air a ghealladh. 2. Buan-mhaireanachd. 3. Beatha Chrìosd a' gabhail còmhnuidh anns a chridhe. Gu'm bheil cinnteachas aige, cha ruig mi leas a dhearbhadh; oir is urrainn creidimh do dheanamh cinnteach, agus tha e 'ga do dheanamh cinnteach, ach a mhàin do phàirt ath-nuadhaichte, tha e a mhàin a' deanamh lagh t-inntinn cinnteach, agus lagh do bhuill cinnteach; tha e a' deanamh Iacob cinnteach, agus cha'n e Esau; oir cha do mheas esan na's mó de'n ghealladh ra mias bhrochain; oir tha Esau an taobh a stigh dhìot, leis am b'áill a thoirt ort nach measadh tu na's mó de'n ghealladh na mias bhrochain; ach tha earrann an taobh a steach dhìot a tha 'ga do dheanamh cosmhail ris a cheannaiche, a fhuair neamhnuid, air doigh 's gu'n deachaidh e 's gu'n do reic se na bha aige uile air a shon; air doigh 's nach urrainn do dhuine sam bith innseadh cìod an aoibhneas do-labhairt a bhios ann an cridhe a chreidimhich; air a chinnteachas so tha'n cath a' teachd, an deidh tuiteam agus mi-chùram sònraichte. 'Nis cìod e bunait an dearbhachd so? Ma tha thu a'd' fhìor chreidimhach, 's urrainn thu reusan innseadh dhomh air son gu'm bheil thu a' creidsinn, 's urrainn thu aobhar a thabhairt dhomh air son do dhòchas, agus is urrainn thu innseadh dhomh cìod iad na nithe is urrainn do chreach dheth do dhòchas, agus d'acair a thabhairt air falbh, feudaidh e bhith ann an àm na ciuineas nach gabh thu mòr chùram air son acair do do lòn, ach bu chòir dhuit fios a bhì agad gu'm bheil storm a' teachd, air an aobhar sin bu chòir dhuit do lòn a dheanamh cinnteach le cúird agus le acraichean. 'Se sin do thearuinteachd.

Anns a cheud àite, Tha mi a' leigeil mo thaic air neart neo-chaocluidheach Dhe. Tha esan firinneach a thug an gealladh.

2. Tha agad cumhachd Dhia. Thug Abraham glòir do Dhia, oir chreid e, "Gu'n robh esan thug an gealladh comasach air a choimhlionadh."

3. Tha teisteachas sgriobhte Dhia agad, nach urrainn a bhì air atharrachadh; leis an dà ni neo-chaocluidheach so feudaidh tu comhfhurtachd làidir a bhì agad.

4. Tha mi ag amharc ri fuil Chrìosd, ri 'irioslachd, ri a ghlòireachadh; air an aobhar sin tha so a' comh-dhùnadh, cha'n urrainn dhomh a bhì air mo dhealachadh o

Chriosd, na's mò na's urrainn esan a bhi dealaichte ri m'fhuil agus m'fheoil-sa; cha'n fheud mi a dhol do dh'ifrinn; na's mò na's urrainn do Chriosd a dhol do dh'ifrinn; agus ni mò is urrainn mi a bhi air m'fhógradh o neamh, na's mò na's urrainn Chriosd a bhi air a tharruing a mach a flaitheanas.

5. Tha agad tiomnadh Chriosd, riarichte le fhuil; tha tuille' agad, tha agad seulaichean an rìgh ann am baisteadh agus ann an suipeir an Tighearn'. Ciod e tuille?

"Tha triuir air neamh a tha a' tabhairt fianuis. an Spiorad." 'se sin, uile ghràsan agus chomharan an Spioraid, a thug Dia dhuit, gu h-àraidh, creidimh, gràdh, foighidinn, agus a chuid eile gu leir. 'San ath àite. "an tuigse;" 'se sin glanadh a chridhe a bha aon uair salach.

'San treas àite, "An fhuil," 'se sin, an comhfhurtachd uile agus an t-sòlas a fhuair thu ann an Chriosd, agus a bhuaidh a mhothaich thu a' sruthadh a mach agus a teachd uaith-san. Thuille air a sin, cha'n fhàilnich an creideamh so gu bràth thu, cha chaill thu gu bràth e, ge do bhiodh e fo sgàil air son tamul le neòil. 'Nis, do bhrìgh 's nach 'eil aig na h-uile an tomhas ceudna do chreidimh, innseam-sa dhuibh an tomhas as lugha a dh'fheumas sibh a bhi agaibh. Am bheil fhios agaibh ciod e? Is e cridhe briste, agus an t-ocras 'san tart sin ann an anam do nach dàna comh-chuir, agus gidheadh do nach dàna tilgeadh air falbh; agus do nach dàna Ath-air a ghairm do Dhia, agus fathasd do nach dàna radh an aghaidh sin; aig nach 'eil mothuchadh air gradh Dhia, agus fathasd do nach dàna gabhail ri smuain ann an aghaidh sin. 'Se so an tomhas a's lugha do chreidimh. 'Nis, fathasd bithidh aig a chreidimh is treise agus aig a chreidimh is laige an cuid gleachdan fein deth, oir ni Dia gleachd agus strì riut gu d'fhaotainn deth do chas-aibh; agus bithidh gleachd a chreidimh air leithid do dhoigh is gu'n saoil leanabh Dhia nach 'eil leud sràbh fodair eadar e agus dìteadh; agus their e, tha mi faicsinn gnùis Dhia ann am fearg 'am aghaidh, tha mi faicsinn ifrinn fosgailt gu mo shlugadh suas, tha mi faicsinn na diabhlán uliamh gu mo shlugadh suas, ciod a ni mi?

'Nis chuireadh ni beag mi leis a bhruthaich; agus gidheadh anns a ghleachd so tha thu air do chumail suas

le cumhachd diomhair o Dhia, oir tha e gleachd ann a'd' aghaidh le aon lamh, agus 'ga do chumail suas leis an lamh eile, ach suidhichidh an creid'mheach a chasan mar a dh'fhaodas e, agus bithidh dòchas aige os ceann dochais, agus creididh se thar a mhothachadh, agus mar sin tha e faotainn a bhuidh, agus a' faotainn lamh-an-uachdar fa' dheoidh; agus an uair a tha e air faotainn na buaidh, tha e faotainn aoibhneas do-labhairt, air doigh 's gu'n glaodh e mach, 'A bháis, c'ait am bheil do ghath? If-rinn, c'aite am bheil do bhuidh? Dhiabhuil, c'áite am bheil thus? 'Nis ciod a's urrainn thu a radh ann am aghaidh? 'Nis tha dearbhachd agam nach bi ni sam bith comasach air mo sgaradh o ghràdh Dhia ann an Iosa Crìosd mo Shlanuighear.' Mar sin tha fhás fein aig a chreidimh, agus aig cuid do amaibh a sheargaidhean fein; mar a chi sibh na craobhan 'san t-sàmhradh fuaidh dhuileag agus fuaidh bhlàth, agus fo thoradh, ach anns a gheamhradh tha iad, mar gu'm biodh iad marbh; eadhon mar sin, giùlainidh creidimh aig cuid do amaibh toradh, agus bithidh beatha aige, agus aig amaibh eile cha ghiùlain e a bheag; ach creidimh aon uair air a thabhairt cha'n urrainn e gu bráth a bhì air thabhairt air falbh, oir cha'n urrainn an tinne so do shlainte a bhì air a briseadh; 'Iad-san a ghairm e, roimh-orduich e; agus iadsan a roimh-orduich e, rinn e an uchdmhachdachadh, agus iadsan a dh'uchdmhachdaich e, dh'fhireannaich e, agus iadsan a dh'fhireannaich e, glòirichidh e iad mar an ceudna.' Mar sin tha dearbhachd agad nach bi an tinne no an t-slabhraidh sin gu bràth air a briseadh.

'Se'n treas buaidh air a chreidimh, gu'm bheil e beothail; oir tha creideamh marbh ann a tha air iomradh leis an Abstol Seumas; ach tha am fìor chreid'mheach beo trid creidimh, agus gabhaidh e do ghnàth greim air Crìosd. Mar sin, ma tha Crìosd annadsa, bheir e ort a bhì beo; agus mur d'fhuair thu riamh beatha uaith-san, cha do chreid thu riamh. Bheir creidimh thu dh'ionnsuidh a chrann-cheus, agus nì e do pheacaidhean a thàirneadh ris a chrann-cheus, agus cuiridh se thu anns an uaigh maille ris; togaidh creidimh thu as an uaigh a rìs, agus leis a chumhachd cheudna leis an do thog se e fein o na mairbh gu beatha, togaidh se thus o bhàs gu beatha, agus suidhichidh se do chridhe air neamh maille ris fein, agus trid beatha Chrìosd tha thusa beo. Mar sin tha aig a

chreidimh beatha maille ris, agus tha beatha 'chreidimh a' comh-sheasamh anns na h-ochd puincean so:—

'Sa cheud àite, Tha e a' labhairt síth do-labhairt a tha air dol thar na h-uile tuigse, agus tha'n t-sìth so a' cuir faire air do chridhe mu'n cuairt, air doigh 's nach 'eil uile chumhachdan na h-ifrinne comasach air do chreach dheth, 'an sin imichidh tu le muinghinn agus le dánachd, air dhuit do chridhe a bhi anus na neamhaibh; do bhrìgh 's gu'm bheil thu air do dheanamh rèidh ri Dia, agus tha do shìth air a daingneachadh dhuit agus air a seuladh.

'San dara h-àite, O'n t-sìth so fosgailidh na geataichean dhuit air neamh, agus their thu, is maith dhomhsa cha'n'eil mi am choigreach anns na flaitheanas, air dhomh síth a bhi agam ri Dia trid ar Tighearn Iosa Crìosd.

'San treas aite, Tha gàirdeachas do-labhairt ann, air doigh 's gur urrainn do pheacach a dhol troimh mhìle ifrinn a chum dol a dh'ionnsuidh na gloire sin anns na flaitheanas, a dh'ionnsuidh a chrúin sin a chuir e roimhe.

'Sa cheithreamh aite, Tha creideamh a' tabhairt gràdh leis, oir tha e deanamh feadan òir troimh chliathaich reubta Iosa Crìosd, agus a' toirt a nuas abhnaichean gaoil ort fein; 'an sin eiridh do ghràdh-sa dha-san, agus cha'n 'eil thu ag iarraidh sòlas na's mò, ach comas fhaotainn gu Dia a ghràdhachadh, agus a bhi seirm a chliu uile laithean do bheatha.

'Sa chuigeamh aite, dòchas agus dùil a tha tabhairt ort do cheann a thogail suas, a dhruideadh an taobh a stigh do rioghachd neimhe; agus ann an sin tha thu a' faicinn crùn glòir air a thaisgidh suas air do shon, air son am bheil thu a' feitheamh gu foighidneach, agus ris am bheil dòchas agad gu'n sealbhaich thu e fa' dheireadh.

'San t-seatheamh àite, tha thu a' faicinn Chrìosd co ionmhuinn leat, air doigh 's gu'm meas thu na h-uile ni mar shalachar agus mar aolach, a chum's gu'n coisinn thu e, agus measaidh tu na h-uile ni mar chall a chum's gu'm buannaich thu e.

'San t-seachdamh aite, cha'n'eil thu ag iarraidh tuille ach eolas air Crìosd, agus esan air a cheusadh.

'San ochdamh aite, agus anns an aite mu dheireadh, bheir e ort do chuideachd a threigsinn, air doigh 's gu'n abair thu, tha mo thlachd uile maille ris nan naoimh. Bheir so ort a bhi iarrtuinneach gu'm biodh na h-uile neach mar a ta thu fein, agus ni thu ùrnuigh air an son-san

nach fhac thu riamh. Bheir e ort do ghràdh a sgaoil-eadh a dh'ionnsuidh nan uile naoimh air an talamh, agus ruigidh do ghràdh a dh'ionnsuidh na'n dearbh naoimh air neamh, agus tha faduidheachd ort air son a bhi maille riu; agus tha fios agad, gur e companas agus comh-chom-uinn na'n naoimh beatha do chreidimh, agus is ann an sin a tha do ghàirdeachas 'an so os iosal a' comh-sheas-amh. Bheir an creidimh beo so ort gu'n tabhair thu a mach oibre beó; 'an sin bithidh beatha ann a'd' ùrnuigh-ean, an sin bithidh a leithid do thlachd agad ann am focal Dhe, air doigh 's gur urrainn thu beachd-smuain-eachadh air a là agus a dh'oidheche; 'an sin ann do ghairm ni thu d'oibre gu suilbhir agus gu toileach, do bhrìgh 's gu'n do shuidhich Dia thu ann, agus tha thus 'ga dheanamh gu dichìollach, do bhrìgh 's gu'm bheil do chridhe anns na flaitheanas, agus gu'm bheil fhios agad gu'm bheil e taitneach do Dhia; agus gu'm bheil e 'ga cheadachadh, do bhrìgh 's gu'm bheil e deanta ann an creidimh, feumaidh e Dia a thoileachadh.

'Nis, tha dithis chompanaich aig a chreidimh, gràdh, agus dòchas; agus tha creidimh a' lionadh d'anam le gràdh Dhia, agus dòchas na glòir sin; agus tha gradh a leigeil fhaicinn dhuit gaol Dhia dhuit fein. Tha creidimh a' tabhairt truacantachd no innigh tròcair Dhia ort; agus tha gràdh à' tabhairt ortsa do ghràdh fein agus do thruas a sgaoileadh air a naoimh-san. Tha creidimh ag iarraidh ort creidsinn, agus gu'm faic thu nithe mòra, agus earbsa ag radh, tha mi a' creidsinn, agus tha dochas agam gu'm faic mi an ni nach faca suil riamh, agus nach cuala cluais riamh, no nach d'thainig riamh ann an cridhe duine, bithidh iad gu soilleir air am foillseachadh air aon là, mar a tha dòchas agam. 'Nis, tha e 'leant-uinn a cheud inbhe agus an doigh 's am bheil Dia aig oibreachadh creidimh ann an anamaibh dhaoine agus mhnathan. 2. Sochairean a chreidimh. Ma thairgeas duine tiodhlac dhuit, ciod e an nì as lugha dh'fhaodas tu a dheanamh no ghabhail as a lamh, mar sin an uair a tha Dia a' sìneadh a mach a bheannachdan a'd' ionnsuidh, nach faod thus an gabhail as a làmh.

'Nis cha'n e do chreidimh a tha faotainn na'm bean-nachdan so dhuit, ach 'se an neamhnuid luachmhor a ta anns an fhàinne òir a ta cuir stad air an fhuil, agus cha'n e an fhainne féin; uime sin tha sochairean a

chreidimh a' teachd o an neamhnuid air am bheil e a' deanamh greim ; agus tha greim a bhi air a dheanamh air Criosd, tre chreidimh, aig oibreachadh na'n nithe so uile. Tha naoi no deich do chaochlaidh sochairean a tha creidimh a' tabhairt ad' ionnsuidh. 'Sa cheud àite tha e 'ga d' spionadh a' mach a nàdur, agus 'ga do shuidheachadh ann an Iosa Criod craobh na beatha ; an sin tha thu a' faotainn nàdur nuadh, oir tha thu air do dheanamh ad' aon ri Criosd ; mar sin tha thu a' cuir cùl ri stoc breòit Adhaimh, agus tha thu a' gabhail còir air gineil a's fearr ; tha thu a' cuir an aghaidh do ghliocas féin, agus foghlumaidh tu do ghliocas 'o Dhia ; cuiridh tu an aghaidh do thuigse agus do reusan féin, agus cha thuig thu a bheag sam bith ach sin a dh'iarras focal Dé ort a thuigsinn. 2, 'Nuair a shuidhicheas e thu ann an Criosd, tha e ga d' dheanamh ad' mhac do Dhia ; oir is e Criosd is aon Mhac, agus oighre na'n uile nithe. Mar sin trid-san tha thus air d'uchdmbachdachadh gu a bhi ad' oighre air-san, agus maille ris air beatha shiorruidh ; agus cha bheag an tiodhlac a ta'n so, thus a bha ad' mhac an sgrios, a dheanamh, ad' mhac do Dhia, agus ad' oighre air na h-uile nithe maille ris. 3. Tha e a' tabhairt maitheanas ann ad' uile pheacana, mar-aon gin agus gnìomh, roimh dhuit a bhi air do ghairm : agus an deigh do ghairm, tha e a' faotainn dhuit maitheanas ann do dhroch cainnt, no ad' dhroch gnìomhradh, no do dhroch smuainte, ge air bith co mór, no ge air bith co lionmhor. 4, Tha creidimh a' fireanachadh. Tha e a' leigeil fhaicinn gu'm bheil thu lomnochd, agus tha e a' tabhairt ort trusganan fireantachd agus neochiontas Iosa Criosd a chuir umad ; agus, air dhuit a bhi air do chomhdach leis-san, tha thu air t-fhireanachadh am fianuis Dhia, agus air do mheas co fireanta is ge nach peacaicheadh tu riamh. 5, Fosglaidh se doras nèamh dhuit, agus their thu, theid mi a dh'ionnsuidh seòmar mo Thighearn', agus gabhaidh mi mo shuipeir maille ris, agus gabhaidh mi fois fuidh sgiathaibh m'Fhear-saoraidh ; tha fios agam nach àicheadh e a bheag dhomh a dh'iarras mi ann an ainm a Mhic, anns am bheil e làn toilichte. 6, 'Nuair a thrèoiricheas e a steach ann an sin thu, tha thu a' faicinn do chridhe truailidh, an sin their an creidimh riut, rach a steach a dh'ionnsuidh na fo' ud, agus glanaidh si e, ge do bhiodh d' anam co dearg ris an

sgàrlaid, fathast tha e comasach air do dheanamh geal mar an sneachd. Cunuil, Tha mi salach agus grànail, cha dàna leam mo làmhan a chuir air. Their e riut, feumaidh tu greim a dheanamh air, oir thainig e a shir-eadh agus a thearnadh pheacach. 7, Bheir creidimh a mhuinighin so dhuit, nach feud mis' a bhi saor ann an ùrnuigh ri Dia, air dhomh fhaicinn gu'm bheil e air teachd gu a bhi na Athair dhomh ann an Crìosd, bidhidh dànachd agam a nis a chum dol ga ionnsuidh, do bhrìgh 's gu'm bheil mi air mo dheanamh rèidh ris; roimhe so bha mi am nàmhaid da, agus cha bu dàna leam a theachd am fagus dà, ach a nis rinn e mi am chairid da. 8, Nì creidimh na h-uile nithe so-dheanta dhuit, oir cha'n'eil ni sam bith do-dheanta do na chreidimheach. O! Ciod e an ni nach dean creidimh? Thear-uinn creideamh Noah agus a theaghlach anns an Airc, an uair a bha an saoghal gu leir air am bāthadh, sgoilt creidimh an fhairge ruadh, agus bháth e Pharaoh agus fheachd gu leir; dhruid agus dhùin creidimh suas na neamha, air doigh 's nach robh uisg ann rè thrí bliadhna agus shea miosan; agus dh'fhosgail creidimh iad a rìs; agus, ann an aon fhocal, bheir e ort gu'n coimhlion thu an rádh sin, cha bhi agam comh-chomunn ri oibre neo-tharbhach na dorchadais, cha'n'eil tlachd agam ann an nithe an t-saoghail so, cha'n'eil mi a' gabhail toilinn-tinn anns na nithe so a tha os iosal; tha mo chaith-beatha agus m'iarrtais air neamh; tha m'ionmhas anns na neamhaibh, tha mo bheatha, mo ghlòir, agus mo chrùn anns na neamhaibh.

'Nis a chum creidimh fhaotainn, feumaidh air tùs, eolas air leth a bhi agad air do thruaillidheachd ghin o'n leth a stigh, agus nach 'eil a bheag air do shon do thaobh nádur ach dìteadh gun seachnadh, agus nach 'eil thu freagrach air son a bheag sam bith ach a bhi a'd' chonnadh air son teine na h-ifrinne; agus feumaidh tu aithne a bhi agad gu'm bheil thu a' giùlain mu'n cuairt maille riut, na nithe sin a dh'fheumas a bhi na'n dìteadh dhuit, agus feumaidh tu fhios a bhi agad gu'm bheil thu toillt-inneach air fearg agus mallachd Dhia. 2. Feumaidh tu aithne fhaotainn air saoradh no leigheas air a shon, an nì 'se a mhàin fuil Mac Dhe; agus mur faigh thu mach rathad leigheis air son do thruaighe ('sann is misd thu fhaotainn air do thruaighe;) agus 'se eolas air do

thruaighe a cheud cheum gu grás; ach an uair a gheibh thu eolas air do thruaighe, 'an sin feumaidh tu eolas fhaotainn air an leigheas. 3. Feumaidh tu eolas fhaotainn nach 'eil rathad a chum sláinte ach tríd creidsinn ann an aon ghin Mhic Dhe; oir 'se creidimh an lámh a tha deanamh greim air Criosd, agus a tha 'ga chuir ri lota t-anam, agus mar sin leighisidh se e. 4. Feumaidh tu eolas fhaotainn gu'm feum thu a ghabhail a'd' ionnsuidh mar do chuid fein, no cha dean e feum air bith dhuit; oir ciod a bhuannachd a bhios ann dhuit-sa, fhios a bhi agad air Fear-Saoraidh bhi ann, mur bi eolas agad air e bhi na Fhear-saoraidh dhuit fein; agus ciod am maith a bhios ann dhuit-sa aithne a bhi agad air gu'n do bhásaich Criosd air son peacaich, mur faigh thus aithne air gu'n d'fhuair e bás eadhon air do shon fein? Mar so 'se a cheud cheum do chreidimh grasmhor creidimh air doghruinn piantaibh ann an ifrinn, air gu'm bi guth Dhia mar leómhan beucach, slait iaruin, uallach trom, 'ga do bhruthadh sìos.

2. An uair a chi thu gu'm bheil thu a'd' sheasamh air a bhruaich, their thu, ciod a ni mi? Am bheil sud air ullachadh air mo shon-sa? An d'theid mi air m'ais gu mo bheath a rís? Cha'n urra' mi, oir cha dean mi ach peacachadh na's mó agus na's mò, agus corruich Dhia a mheudachadh; cha dána leam a dhol air m'aghaidh, d'eagal is gu'm bi mi air mo sgrios anns an teine ud! Cha'n eil fhios agam ciod a ni mi, seasaidh mi mar a tha mi, agus feithidh mi a dh'fhaicinn ciod an ni an Tighearna rium, feithidh mi air deadh thoil an Tighearn.

3. Tòisichidh tu air cuimhneachadh, agus maothaichidh do chridhe, agus brisidh fhòidean cruaidh; 'an sin their thu, Tighearn, an àill leat sòlas eigin a' labhairt ri m'anam bochd, tha fadail orm air son a bhi air mo dheanamh rèidh riut, 'nis bithidh d'fhuil ionmhuinn leam; cha'n 'eil mi ag iarraidh tuilleadh 'san t-saoghal so, ach boisgeadh do d' ghnùis ionmhuinn, agus d'aghaidh ghaoil dealradh air m'anam.

4. Rùnaichidh tu nach d'theid thu gu bráth air t-ais gu do sheann ròidean, do bhrigh's gu'n do mheall iad thu. air an aobhar sin their thu, tha mi a' gealltuinn, ann an làthair Dhe, ma shìneas e mach an t-slait óir rioghail do m'ionnsuidh; gabhaidh mi mo chunnart; agus mo bhásaicheas mi, básaichidh mi ag ùrnuigh; agus ma theid mi am muga, racham am muga, oir amhaircidh mi do

ghnāth riut, ge do thilgeadh tu mi sìos do dh'ifrinn, agus ge do mharbhadh tu mi, gidheadh cuiridh mi mo dhòchas annad.

5. Bithidh tart agus ocras ort, nach dean a bheag sam bith do shàsachadh ach feoil Chrìosd, agus cha'n urrainn a bheag sam bith do thart a chasg ach fuil Chrìosd a mhàin. Cha dean na h-uile ni air thalamh do shàsachadh agus am faigh thu Crìosd ann an gáirdeanaibh d'anam, gus am bi thu cinnteach as.

6. Measaidh tu cho mòr mu shláinte, is gu'n guidh thu do gach uile pheacadh, agus do dh'uile thaitneasaibh slān leo; agus cha toir thu do Thighearn air son deich mìle saoghail; agus cha chaill thu fhābhair, gu a shìth agus a gháirdeachas a chall, a tha agad ann a lāthaireachd, air son na h-uile toil-inntinn e tha fuidh neamh. Fadheoidh tha do ghloir agus do shìth a' teachd a steach; 'an sin fa' dheireadh tha Dia a' tabhairt dhuit a bhi creidsinn, an uair a their e, thig, a pheacaich bhochd, nach bi thus as m'eugmhais-sa, thig am' ionnsuidh, gheibh thu mi, is duilich leam fantuinn uait; tha thu sgèth agus air fannachadh le uallach do chuid peacaidhean, bheir mise ath-bheothachadh agus fois dhuit, cha leig mi leat a dhol am muga. An sin their an Tighearn, tha thu lomnochd; thig a'm'ionnsuidh, agus cuiridh mise trusgan ort. An sin their an t-anam, agus thubhairt thu, "Is beannaichte iadsan a tha ri bròn." A Thighearn, bu toileach a dheanainn-sa bròn na'm b'urra mi. Thubhairt thu, "Is beannaichte iadsan air am bheil ocras agus tart an deidh fireantachd." A Thighearn, bu toileach a b'áill leam ocras agus tart a bhi orm, is toileach a b'áill leam mir dheth t-fheoil fhaotainn, agus deoch dheth t-fhuil; agus bu toileach a b'áill leam creidsinn na'm bu dána leam, agus na'm faicinn coslas sam bith no comharadh air do ghràdh dhomh. Shaoil le Iacob nach faiceadh e gu bràth a mhac Ioseph, agus an uair a dh'innis a mhic dha gu'n robh e beo, cha b'urrainn da an creidsinn; an uair a dh'innis iad dha, 'an so tha na carbaidean a chuir e a'd'ionnsuidh, 'an sin tha e smuaineachadh, co as a thainig iad so? O! an nis tha fhios agam gu'm bheil mo mhac beo. Eadhon mar sin tha chùis leatsa a tha a'd' chreid'mbach; aig a cheud ām tha thu a' saoil sinn gu'm bheil thu cailte, agus gu'm bheil na h-uile solus agus beatha air dol air falbh, agus tha thu a' saoil sinn nach 'eil e so-dheanta gur

urrainn thu a bhi air do thearnadh, gur h-urrainn do pheacach co mor riutsa maitheanas fhaotainn. Ach an uair a gheibh thu comharadh air bith o'n Tighearn, agus a chi thu coslas air bith do a lathaireachd, ann an sin tha thu a' creidsinn agus a' deanamh greim air a ghealladh a th'air a dheanamh dhuit ann am fuil Chrìosd. Mar sin amhaire air na meadhonaibh, agus ma bhuin Dia riamh air a leithid sin do dhoigh ri t-anam ann an tomhas air bith fìor, an sin feudaidh tu a bhi aoibhneach; oir tha agad-sa siol an fhìor chreidimh thearnaidh air a chuir annad, agus feudaidh tu a bhi cinnteach nach fag an Tighearn gu bràth thu, ni mò a leigeas e leat a bhi cailte. Amen.

SEARMON XLIII.

AIR SOCHAIR A CHREIDIMH.

Eoin iii. 16, 17.—Oir is ann mar sin a ghradhaich Dia an saoghal gu'n d'thug e son ghin Mhìo fein, chum's ge b'e neach a chreideas ann, nach sgriosar e, ach gu'm bi a bheatha shiorrujdh aige.

DH'FHOILLSICHEADH gràdh agus cùram an Tighearn do'r taobhan air iomadh doigh, agus air doigh sònruichte anns a phuing so, gu'n do thoilich an Tighearn, an comh-labhairt diomhair so ri Nicodemus, air an do labhradh aig an

àm so ar son ar comhfhurtachd-an, e bhi air a chuir suas ann an cuimhne, a chum's gu'm biodh e na shòlas do mhòran, agus ge do bha e uaigneach agus anns an oidhche, gidheadh b'è toil an Spiorad Naomh fianuis a thabhairt air, a chum's gu'm bi aig na h-uile chreid'mhich, gu deireadh an t-saoghail, an comhfhurtachd ann. 'Nis anns na rainn so a leughadh tha, 'sa cheud àite, tobair ar slainte, ni is e "gradh Dhé. 2, 'Se so na meadhoinnean leis an do chuir e a ghràdh'an cèill, an ni is e, trid cuir a Mhic féin a chum a bhi air irioslachadh agus air a ghlòireachadh'. 3, An doigh a chum Criosd fhaotainn, 'Se sin, trid creidimh a mhàin'. 4, Sochair agus buaidh ar creidimh, an ni 'se slainte. 'Sann a chum na criche so a ghràdhaich an t-Athar sinn, a chum's gu'n saoradh e sinn, agus gu'n d'thugadh e dhuinn a bheatha mhaireanach, air son an aobhar so thainig am Mac a' nuas o neamh; agus air son an aobhar so bha e air irioslachadh agus air a ghlòireachadh; agus air son an aobhar so chaidh e a dh'ionnsuidh na neimh a chum is gu'n tugadh e dhuinn a bheatha shiorruidh; agus is ann air son an aobhar soja tha'n t-Athair a' tabhairt oirne creidsinn, agus is e so toradh agus crìoch a chreidimh, sin ri radh a bheath bhith-bhuan. Mar so dh'fhagadh gu bhi air innseadh cìod iad na sochairean a tha'n creid'mhach gu fhaotainn anns a Mhac. 'Nis ann a bhi a' fàgail na h-uile a bha a' labhairt mu thimchioll diomhaireachd so a chreidimh, mar air son an t-sochair a tha'n creidimh a' faotainn, ann an aon fhocal, is 's mò do shochairibh mu'n suidhich e thu ann an Criosd, agus mu'm bi thu air do dheanamh a'd' aon ris; ni e thu a'd' fheòil de fheòil-san, agus a'd' chnaimh de' chnamha-san; bheir e ort gu'n suidh thu maille ris air neamh; ni e do cheusadh maille ri Criosd; ni e d'fhìreanachadh ann an Criosd; gheibh e dhuit maitheanas ann a fhuil-san; agus glanaidh e do chridhe; oir is e am bad hisop sin e a chrathas an fhuil sin air d'anam, Ecsod. xii. 22, Creidimh, ann an aon fhocal, bheir e ort a bhi beò ann an sìth mu dheireadh, agus cuiridh e thu ann an sealbh shìth-chail air a ghlòir gun chrìche sin. Mur faigh thu na ceud sochairean cha'n fhaigh thu na sochairean deireanach; agus an uair a gheibh thu na sochairean deireanach 'an sin sguiridh do chreideamh; mar so, mur bi an t-aonadh air a dheanamh eadar d'anam agus Criosd leis

an Spiorad Naomh, agus mar faigh thu spiorad na h-uchd-mhacachd, cha d'thoir creideamh gu sìorruidh thu a dh'ionnsuidh a phuing mu dheireadh; agus ma bheir e thu a dh'ionnsuidh na ceud phuing, bheir se thu a dh'ionnsuidh na puing mu dheireadh. Mar sin tha creidimh a' tòiseachadh anns a bheatha so, ach cha'n'eil e a' deanamh a bheag iomlain gus an d'thig an as-eiridh, 'nuair a bhios anam agus corp air an togail suas anns na neulaibh; mar sin amhaire cìod e a tha creidimh ag oibreachadh ann do chridhe, oir mur bi aig do chreidimh beò obair ghràs ann an so ann a d'anam, cha bhì obair ghlòir aige gu sìorruidh an deidh so.

'Nis an ni fa' dheireadh a bheir creidimh leis is e slàinte. Tha e a comh-sheasamh ann an dà phuing:

'Sa cheud aite, Ann am fuasgladh agus ann an saoradh o sgrìos. 2, Ann am mealtainn agus ann an sealbh air a bheatha shìorruidh, agus tha iad so mar-aon againn ann an so. 'Nis innsidh mi dhuibh cìod iad so mar-aon; cìod an t-aobhar a tha tabhairt air an t-saoghal co beag do mheas a bhì aca air Crìosd, agus air gaol Dhia ann an Crìosd? Is e so e, cha'n'eil fhìos ac' cìod e sin a bhì air an sgrìos gu sìorruidh, agus cìod e sin a bhì beò gu sìorruidh suthainn; mar sin, na'm b'aithne dhuibh so, chuireadh sibh na bu mho do mheas air Crìosd, agus air gràdh Dhé, no a rinn sibh riamh. "Co air bith a chreideas cha sgrìosar e;" 'an sin ma ta tha e cinnteach, gu'm bheil sgrìos ann, gu'm bheil ifrinn ann, anns am bheil sgrìos sìorruidh. "Co air bith a chreideas cha sgrìosar e;" tha beatha ann an deigh so, tha neamh agus ifrinn ann, cìod sam bith mar a ta e gu'n do dhall dia an t-saoghail so amhòr-chuid, agus gu'n do chuir an diabhl druidheachd air daoine agus air mnathan, gidheadh tha e cinnteach gu'm bheil Dia ann, gu'm bheil ifrinn agus leir-sgrìos ann, air an doigh cheudna tha e cinnteach gu'm bheil beatha shìorruidh ann.

Na ginealaichean a bha romhainn, na'm b'urra' sinne an cluinntinn, dh'innsedh iad dhuibh so gu leir, cuid dhiubh ann an sonas sìorruidh, agus cuid eile ann am piantan gun chrìoch; oir tha iad uile air dol romhaibh gu a bhì na'n luchd-searmoineachaidh dhuibh.

'Nis, c'àite am bheil an sgrìos agus an dol a' mugh a' comh-sheasamh, 'se sin a cheud phuing a tha' rùn orm innsedh dhuibh. 2, c'àite am bheil gach uile bheatha' comh-sheasamh.

Mar air son a cheud phuing, tha trì nithe ann; 'sa cheud áite, easbhuidh gairdeachas. 2. Láthaireachd a phian. 3. Siorruidheachd do chall an aoibhneis, agus siorruidheachd do láthaireachd a phein: smuainichibh orra so uile.

'Sa cheud áite, 'se sin call láthaireachd Dhe, a tha aig na naoimh agus na h-ainglibh 's na neamhaibh, air taobh steach "geataibh an nuadh Ierusalem." Cha'n fheud thu itheadh do chroabh na beatha, cha'n fheud thu òl de' dh'abhainn uisge na beatha; cha'n fheud thu òl 'sa chuid-eachd sin do naoimh agus do dh'ainglibh, thusa nach do chreid ann am Mac Dhia 'san t-saoghal so: mar sin ge nach biodh ifrinn eile ann ach call comuinn bheannaichte naoimh agus ainglean air an glòireachadh maille ri Dia, bhiodh e na ifrinn na bu leoir.

2. Thoir fa'near nach bi leisgeul air a ghabhail 'san là sin; cha dean càirdeas feum dhuit; cha dean faistneachd no searmonachadh maith sam bith dhuit 'san là sin. Is e an nì eile a tha 'ga mheudachadh, is e sin, call an t-sonais. Cha d'thoir sochair neo-aitnichte 'nuair a ta e air a chall mòr phein leis; ach sochair a ta air fhaicinn gairdeachas a dh'fhaodadh tu fhaotainn, na'm b'urrainn thu creidsinn, meudaichidh so am pein gu h-iongantach; mar nach biodh pein an duine shaibhir co mòr; mur faic-eadh e Lásarus ann an uchd Abraham; mar so 'se fògradh air falbh agus druideadh a gheata air a' mhi-chreid-each, mar-aon air an anam agus air a chlosaich gu siorruidh tuilleadh, 'se so a cheud phuing anns an sgrios; uime sin feumaidh a chaithir bhreitheanais a bhi anns an athar, oir cha'n fhaigh thu gu siorruidh a steach air geata na rioghachd sin; agus ge nach biodh piantan tuilleadh ann, ach a bhi as eugmhais na h-aoibhneis so air neamh gu siorruidh suthainn, bhiodh e na phian na bu leoir: ach, mur biodh tuilleadh ann, ciod an claidh a th'ann a bhi dh'easbhuidh a ghàirdeachais so uile, agus an reubadh 'san dealachadh 'araon air anam agus corp 'o lathaireachd Dhia agus a naoimh, anns am bheil gach uile ghàird-eachas iomlain? Cia doilghiosach a bhitheas sin dhuit?

Cia mi-thoileach a bha Peadar air a theachd a' nuas o'n a bheinn an saoil sibhse? Shaoileadh sibh e cruaidh a bhi air bhnr dealachadh agus air bhur sgaradh o chairid, ach na's mō mhoir o 'ur clann fein. O! ach ciod e sin ann an coimeas ri a bhi air 'ur dealachadh ri

Dia a tha cho làn do ghràdh. Ach cha'n e so a mbain na h-uile, a bhi air bhur druideadh a mach 'o aoibhneas gun chrìoch ; a nis bu chòir do na so a thabhairt oirbh eolas a bhi agaibh air feumalachd creidsinn. Ach, a thuille' air a so, tha siorruidheachd do phian ann. Tha neamh a chall na chùis mhoir, ach tha thu a bli air do thilgeadh do dh'ifrinn na chuis na's mò ; tha e na chùis mhoir a bhi as eugmhais na luchairt, ach tha thu a bhi air do thilgeadh 'am prìosan na's mò ; taitneas na flaitheanais a chall, tha so na chùis mhoir, ach thu a bhi air do thilgeadh anns an loch theine agus phronnasc, far nach bàsaich a chnuimh gu siorruidh, agus nach d'theid an teine gu bráth a chuir as, a dh'ionnsuidh a leithid do theine is gu'm bheil a dhian-theas co mòr, is nach urrar a ghiulain, or tha e co mòr is co pianail, agus ge do bhiodh agad deich mìle saoghail, gu'n d'thugadh tu iad uile air son aon bhoinne do dh'uisge fuar gu do theangaidh fhuarachadh, teine nach múchar a choidheche, oir bithidh e losgadh co fhad 's is beo Dia. A ris, cha dean an teine sin a chlosach agus an t-anam a chaitheamh as, ach is fúirneis e a loisgeas gu siorruidh suthainn, agus cha bhi neach agad gus na lasraichean sin a chumail 'o do choguis agus 'o do chlosaich, agus bidh fearg Dhia, agus soithichean a chorruidh air an doirteadh a mach gu siorruidh air d'anam, air doigh's nach faigh thu cead gu siorruidh sealltuinn air son trècair, agus cuiridh tu uait gach dòchas ri comhaidh' no ri crìoch a theachd air a phein sin. Thuilleadh air a so, na coirean sonruichte so a tha meudachadh na leir-sgrìos so, cha'n'eil a bheag ann an sin ach teine dian-loisgeach, cha'n'eil cuidcaidh an sin ach diablhan, gun solus air bith ach prìosan ann an dorchadas, ceangailte cadar lamhan agus chasan, am bàs do ghnàth a' tòiseachadh, ach gu siorruidh gun chrìoch a theachd air, cnuimh a chagus gu siorruidh do choguis. A ris, bhiodh e na ni-eigin do lughdachadh na'm biodh earrann sam bith de'n anam no de' na chorp saor o phian, ach cha bhi earrann sam bith de' do chorp gu siorruidh saor o phiantaibh, agus cha bli buadh dheth d'anam aig nach bi am piantaibh fein, do shùil nach b'ail leat fhosgadh a chum amharc air glòir Dhé, bithidh si air a comh-éigneachadh gu amharc air an t-sealadh uamhasach sin ; do chluas, nach b'ail leat comadh gu focal Dé éisdeachd, bithidh si air a comh-éig-

neachadh a chum éisdeachd ri ulfhartaich agus toibheum na'n diabhluibh agus na'm muinntir a chuireadh air cùl, d'inntina agus do thuigse, a rinn thu a mhi-ghnàthachadh anns an t-saoghal so, bithidh aca-san am piantan féin.

3, Tha siorruidheachd do phéin, siorruidheachd do cháll ann. Tha fhios agaibh, ge air bith co sgùth 'sa dh'fheudas am fear turuis no an seòladair a bhi, gidheadh bheir dùil ri crìoch an turuis sòlas dhoibh ; ach ann an so cha'n'eil dùil ri crìoch ; air an aobhar sin cha'n urrainn sòlas a bhi ann ; ach 'nuair a tha fhios aca gu'm bheil am pian gun chrìoch, agus 'nuair a chuimhnicheas iad air ùin na siorruidheachd, agus gu'm bheil fhios aca co fad 'sa tha Dia beò, gu'm mair am piantan ; tha so 'gan creach' de' na h-uile sòlas.

'Se an ath phuing, Ciod e sin beatha shiorruidh fhaotainn, agus co ann a ta e a' comh-sheasamh. Tha e ann am briathra' goirid a' comh-sheasamh ann an trì nithe. Tha fios agam gur nì e nach urra' bhi air thuigsinn, cha'n urrainn a h-aon sam bith glòir na rioghachd sin, agus aoibhneas na beatha sin a thomhas ; oir esan a bha air a thogail suas agus a chunnaic e, thubhairt e gu'm fac e nithe do-labhairt. Tha trì nithe ann do ghnàth :

'Sa cheud àite, glòir an àite, " Cha'ne tigh a rinneadh le làmhan', ach an 'nuadh Ierusalem sin,' aig am bheil dà gheata-dheug a tha do 'chlachan ro-luachmhor.'" aig am bheil a shràidean do òr fìorghlan, agus 'se Dia féin is teampull innte.

2, A' mealtuinn, se sin a bhi 'mealtuinn Dhia féin, a bhios na h-uile anns na h-uile dhuit ; agus mar a chi sibh togsaid do dh' fhion air a measgadh le drop do dh' uisge, gu'm mill e a bhlas ; mar sin air do ar laigsinn gu léir ruith ann an cuan glòir Dhia, bithidh iad gu léir air an slugadh suas.

3. Agus anns an àite mu dheireadh, tha sìth do-labhairt ann agus gairdeachas gu siorruidh suthainn : cha bhi peacadh an sin gu siorruidh tuilleadh ; no trioblaid tuilleadh, no deoir tuilleadh ; ach beachd-smuainteachadh agus gairdeachas gu siorruidh tuille, agus thusa air do chleachdadh ann a bhi ag amharc air Dia gu bith-bhuan, agus a' ruith a dh'ionnsuidh tobair gaoil an Dia bheannaichte sin, agus a' gabhail iongantais ris troimh 'n uile bhith-bhuantachd.

'Nis tha sibh a' faicinn a cheud sochair a gheibh sibh troimh chreidsinn :—

'Sa cheud àite, Saorsa o dhol a' mugha gu siorruidh.

2. Mealtuinn na beatha siorruidh.

A chrioch air son an do labhair mi air an dà phuing so, is e so e.

'Sa cheud àite, A chum's gu'm faiceadh sibh an eigin a ta air a chuir oirbh gu creidsinn, agus sibhse, nach creid, gu'm feud sibh, sibh fein a sgaradh o na bheatha shiorruidh, agus sibh fein a dheasachadh air son na'm piantan siorruidh sin.

2. A chum a chuir fa'r comhair cia mòr am meas bu chóir dhuibh a chuir air Mac Dhe, an uair nach robh a bheag sam bith ann a b'urrainn do shaoradh o ifrinn, a bheireadh neamh a mach le buaidh air do shon, ach fhuil-san a mháin, agus a chum's gu'm biodh eolas agad-sa air ciod e bu chóir dhuit a mheas mu ghrádh Dhia dhuit fein, a chuir aon ghin Mic gu básachadh air do shon.

'Nis ni mi feum cleachdaidh do'n teagasg, agus mar sin crìochnaichidh mi aig an ám ; c'arson a dheanadh focal no gnìomh, cumanta no neo-chumanta, c'ar son a rachadh e a dh'ionnsuidh bhur cridheachan ; oir na'n deanadh nithe na bu lugha an gnothach, bhiodh e deanta ? Tha fios agam gu'm bheil an Tighearn trôcaireach, agus neo-thoileach an ni a thog e fein a sgrìos, agus na planntan a phlanntaich a lamhan fein a spionadh suas ; mar sin, na'n deanadh am focal e, cha bhiodh an obair air a dheanamh : cha'n e a mháin gu'm bheil na nithe so a tharladh a mach na'n rabhaidhean dhuibh, ach tha iad na'n rabhaidhean a chum tabhairt oirbh creidsinn, agus uime sin na smuainichibh gu'n robh iad na'm peacaich na's mō na sibh fein ; “ach, mur gabh sibh-se aithreachas, theid sibh am mugha mar an ceudna leis a bhreitheanas cheudna.”

Cha'n'eil ùin agam a' nis gu innseadh dhuibh cia lion nithe a rùnaich mi dhuibh. O'n uair 'sa thainig mi ann an so, chuir Dhia ri fhocal féin air son ar n-imeachd-an, cha'n fhad an uin o nach robh tigh ann bhur measg, anns nach robh nach-eigin air a leabaidh, agus bha chuid agaibh air an aìsig o'n dearbh bhàs a rìs ; agus tha fhios agam ga'm b'fhèarr le cuid agaibh 'ur beatha fèin a leagadh sìos na'n giulain a dh'ionnsuidh na h-uaighe. 'Nis

mar is mò a bhios so air innseadh, fathast cha'n ann is lugha a chuis. Ciod an t-uir-easbhuidh anns an robh sibh, nuair a bhiodh sibh toilichte bhur maoin uile thabhairt seachad air son lòn aon leth-bhliadhna?

Tha mi a' fàgail so do'r coguisibh fein. Mar an ceudna mar a dhion an Tighearn sibhse air gach taobh mu'n cuairt, agus mar a thug e áithn do na phlàigh gun teachd am fàgus do'r geataibh, an uair a sgap e i ann am measg comh-thionailibh eile, agus a thug e air daoine agus air mnaithean eigheachd a mach, cha'n'eil agam ach ceud marg, gabh e uile agus thoir cead dhomh lán na h-ada do dh'uisg fhaotainn : feudaidh an cuid bùird * * * agus an cuid truinnsearan * * * ann an Glasco agus ann an Dunèidin, fianuis a thabhairt dhuibh. Tha fhios agam gu ro mhaith gu'n robh sibhse n'ur peacaich ann am bitheantas air bhur cleachdadh 'an striopachais co mòr riu-san. 'Na nithe neo-chumant eile a tharladh, cha'n àill leam innseadh dhuibh ; ach na'm foillsichinn dhuibh e, theireadh sibh, caomhnaidh e neach agus nochdaidh e cruas do neach eile ; agus, ge nach biodh tuille ann ach a bhean air chuthach sin, dh'fheudadh i a bhi na searmonaich dhuinn uile. Nach fheud Dia ann an ùin ghearr ar creach deth ar ciall, agus ar deanamh mar ainmhidhean, mar a rinn se air Nebuchadnesar? Agus an da ghuimh so a tharladh air an t-seachdain so fein, a h-aon diubh air an oidhche, agus an aon eile air a mheadhon latha, is àill leis iad so gu leir glaothaich ribhse, gu'm bu chòir dhuibh-se glaothaich ris an Tighearn, agus a radh, a Thighearn, gleidh mise agus mo chlann o dhùsgadh dubhach fhaotainn ; feudaidh tu eiridh anns a mhaduinn, ach co is urrainn innseadh ciod e an cridhe brònach leis am feud thu luidh sìos 'san oidhche, a chum's gu'm bi aithne agaibh air ciod e am feun a ta agaibh air dion. Cha'n urrainn domh innseadh ciod is ciall do na rabhaidhean dluth-lhrosnachaidh so ; tha fhios agam gu maith gu'm bheil rabhaidh aig Dia air bhur son-sa anns a cho-tkional so agus anns a bhaile so, co maith agus air son bhur coimhearsnaich is fhaisge : mar so tha mi a' faicinn gur àill le Dia sinn a bhi air ar n-ath-nuadhachadh d'a ionnsuidh fein le fìor aithreachas ann an tràth, air neo gu'm bi a chùis gu h-ìomlan dochair maille reian.

'Nis, guidheam oirbh, thugaibh aire mhaith gu'm bi sibh fein agus bhur clann air bhur deanamh reidh ri Dia

mu'n luidh sibh sìos, agus na rachadh iad a mach air na dorsaibh 'sa mhaduinn, gus an earb sibh sibh-fein agus iadsan ri Dia; nach 'eil fhios agaibh gu'm bheil iad so na'n rabhaidhean eagalach do na mhàthair a rug iad, agus do'n Athair a ghin iad; agus mar a ta iad na'n luchd-scarmonaich eagalach dhoibh-san, mar sin biodh iad dhuibh-se mar an ceudna; agus tha mis' a' cuir an eigin so air gach aon agaibh, gu'n cum sibh suas bhur lamhan ri Dia gach maduinn agus gach feasgair.

'Nis, dha-san a tha comasach air bhur dìon do thaobh anam agus corp, do'n Athair, do na Mhac, agus do na Spiorad Naomh, gu'n robh gach uile mholadh, urram, agus glòir, uaith so a mach agus gu sìorruidh. Amen.

SEARMON XLIV.

AIR DITEADH AN ANA-CREID'ICH.

Eoin iii. 17.—Oir cha do chuir Dia a Mhao do'n t'saoghal, chum gu'n dìteadh e'n saoghal ach a chum gu'm biodh an saoghal air a shaoradh trid-san.

THA trì nithe ann, a dh'fheumas gach aon agaibh, leis am b'ail a bhi sealltainn air son beatha shìorruidh, agus a bhi air bhur saoradh o dhìteadh, a chreidsinn. 'Se a cheud ni dhuibh, gu'm feum sibh eòlas fhaotainn air gu'm bheil a leithid do dh'eigin air a chuir oirbh, agus "mur bi sibh air bhur breith a ris," agus mur dean an

Spiorad Naomh bhur n-anama' ath-nuadhachadh, nach fhaic sibh gu siorruidh rioghachd Dhe, agus mur bi agad ach an cridhe cloiche sin an uair a tha thu a' dol a dh'ionnsuidh na h-uaigne, a bha agad an uair a thainig thu dh'ionnsuidh an t-saoghail so, agus gu'm bàsaich thu anns a choir sin, cha d'theid thu gu siorruidh a steach air geataichean rioghachd neimh.

2. Feumaidh sibh eolas fhaotainn air nach 'eil rathad eile gu bhur cridheachan fhaotainn air an glanadh, ach a mhàin trid creidsinn ann am Mac Dhe; ma tha am Mac agad cha'n urrainn thu a bhi air do sgrios.

3. Feumaidh tu a chreidsinn ann do chridhe gu'm bheil dìteadh air a rùnachadh, agus dioghaltas gun leasadh, a' feitheamh air an anam sin nach creid ann am Mac Dhe. Feudaidh tu ith' agus òl, agus codal, agus luidh sios le dubhachas agus bròn, oir tha thu a' dol mu'n cuairt le do dhìteadh air do dhruim. Tha trì puingean, a dh'fhoillsich an deagh bhuachail do Nicodemus agus tha e 'ga ghabhail a steach a dh'ionnsuidh a sgoil, agus a' tabhairt so dha mar a cheud leasan, nach d'theid thusa, no duine sam bith eile, mur bi thu air do bhreith a rìs, gu bràth a steach air dorus na flaitheanais. 'Se'n dara leasan a tha e tabhairt da so, Tha na flaitheanas air an druideadh air na h-uile peacach, cionnas a gheibh thusa ma 'seadh a steach? Is mise an t-slighe, reub mise na neamhan aig mo theachd a nuas; agus reubaidh mi na neamhan aig mo dhol suas; thig am ionnsuidh-sa, agus treoirichidh mi a steach thu. An treas leasan a tha air àithneadh dhuinn a dheanamh is e so e, "Esan nach 'eil a' creidsinn tha e air a dhìteadh a cheana; tha'n taod mu a mhuinneal.

Tha'n dìteach air a thoirt a mach, tha bhinn air dol thairis, rùnaich Dia, agus bithidh e air a chuir an gnìomh; agus 'se so is aobhar do'n dìteadh gu'n do "ghràdhaich daoine an dorchadas ni's mo na'n solus,"

Air an là mu dheireadh chuala sibh, co air bith nach creid gu'n sgriosar e. Ciod e sin a bhi air an sgrios? A bhì air an tilgeadh air falbh o Dhia, o'n iarmailt, agus o'n talamh, agus a bhi air an tilgeadh a dh'ionnsuidh doimhneachd an dorchadais iomalaich sin, far nach'eil a bheag ach guil agus giosgain fhiacalan, agus a dh'ionnsuidh teine nach cuir siorruidheachd do dh'ùin crìoch air. Mar is beò an Tighearn, tha sgrios gun

chrioch a' feitheamb air daoine agus air mnathan; "Tha mi a' labhairt na firinn ann an Crìosd, nìor dheanam breug." Tha iomadh millìonan do dh'anamaibh treigte 'glaodhaich a mach as an dorchadas shìorruidh sin; agus mar a ta sgrios sìorruidh ann, tha beatha shìorruidh ann mar an ceudna; ach tha mi a' fagail so. Tha trì nìthe anns na briathra' so.

Air tus, Daingneachadh cinnteachas na slainte do na h-uile creid'each, tha sin anns an 17 rann; cinnteachas air glòir gun chrioch dhuit-sa a ta creidsinn ann am Mac Dhia.

2, Tha freasgradh do'n ni sin a bha aig an duine ann a chridhe gu a chilgeadh suas air, an ni is e so, ma tha sin fìor, gu'n do chuir Dia a Mhac do'n t-saoghal a chum a thearnadh, cìod e an t-aobhar nach'eil an saoghal uile air an saoradh, ach gu'm bheil a mhòr-chuid a' dol do dh'ifrinn? Thubhairt thu, "Tha mòran air an gairm, ach tearc air an taghadh; is leathan an t-slighe a tha trèrachadh gu sgrios, agus is lionmhor iad-san a tha 'g imeachd air; is cumhang an t-slighe a tha trèrachadh gu beatha agus is tearc iadsan a tha ag amais air." Cionnus ma ta a tha e gu'm bheil thu ag radh, "Cha do chuir Dia a Mhac do'n t-saoghal, a chum's gu'n dìteadh e an saoghal, ach a chum's gu'm biodh an saoghal air a shaoradh trid-san?" Tha e a' freagairt, "Esan a ta creidsinn cha dìtear e; ach esan nach'eil a' creidsinn, tha e air a dhìteadh a cheana; agus 'se so an t-aobhar; gu'n d'thainig an solus do'n t-saoghal, ach gu'n do ghràdhaich daoine an dorchadas na's mò na'n solus, do bhrìgh's gu'm bheil an oibre olc." 'Siad so na cinn theagaisg: thig mi air m' ais agus laimhsichidh mi iad fa'leth. Thubhairt e roimh anns an 16 rann, B'àill leam gu'n tuigeadh sibh briathra Chrìosd, a chum's gu'm biodh na's mò do chudthrom aca ann bhur cridheachan, oir tha mi cinnteach gu'm bi iad an dara cuid na'm briathra' a chum beatha no na'm briathra' a chum bàis duibh. Thubhairt e roimhe, tha mi ag radh, "Gu'n do ghràdhaich Dia an saoghal, air a leithid do dhoigh 's gu'n do chuir e aon ghin Mic fein a dh'ionnsuidh an t-saoghail, a chum's ge bre a chreideas ann nach sgriosar e, ach gu'm bi a bheatha shìorruidh aige." 'Nis tha e ag radh, "Oir cha do chuir Dia a Mhac a chum gu'n dìteadh e an saoghal, ach a chum's gu'm biodh an saoghal air shaor-

adh trid-san." Nis tha so os-cionn nàdur, agus ann an aghaidh na h-uile solus an taobh a stigh dhiot ; bha so na nì do-chreidsinn do dh' Adhamh ann an staid a neo-chionntais, agus do-chreidsinn do na h-ainglibh, mur cuireadh an Spiorad impidh orra gur urrainn do dh'fhir-eantachd neach eile peacach fhireanachadh, agus gur urrainn do dh'fhuil neach eile neach eile a thabhairt a dh'ionnsuidh neamh. Tha solus nàdur ag innseadh do na h-uile dhaoine, ma's urrainn mise mo chuid fiachaibh fein a dhioladh, bithidh mi saor o na phriosan ; ach tha so os-cionn nàdur, agus tha so na dhiomhaireachd nach urrainn nàdur a thuigsinn no idir a chreidsinn ; ach esan a tha air a theagasg o Dhia creididh e gu'n gabh an t-Athair ceartais a Mhic, agus gu'm meas e dhuit'se e a chreideas, agus gu'n gabh e an fhuil sin air son eiric iomlan air son co iomadh agus a ruitheas a dh'ionnsuidh a Mhic. Tha so doilbh dhuinn, a tha peacachadh gach là, a chreidsinn ; gu 'm faigh an leithide sin do pheacachaibh, trid creidsinn, a bheatha shiocruidh ; uime sin tha e a' daingneachadh so, agus a' gabhail an steidh o rùn Dhia ; "Oir cha do chuir e a Mhac a chum gu'n dìteadh e an saoghal, ach a chum's gu'm biodh a saoghal trid-san air a thearnadh'.

Oh ! na'm b'e rùn Dhia an saoghal so a dhìteadh, cha chuireadh e riamh a Mhac ; achthusa, a tha fa'd' mhadadh mi-naomh, air eagal's gun gabh thu do chothromir, fein air na briathra' so, bheir mi an sgàil so uait, a doigh 's nach d'theidthu do dh'ifrinn ach le coguis ga d' agairt ; mur ath-leasaich thu bithidh tu air do dhìteadh ach thus a tha creidsinn cha bhi thu gu bràth air do dhìteadh, deir an Slànuighear, Tha e labhairt ann an so mu chreid'each aig am bheil anam air ionnlad ann am fuil Iosa, a tha 'ceadachadh dha fein a bhi air a threòrachadh le Spiorad Iosa, agus a tha leigeil do dh'fhòcal a chridhe ath-nuadhachadh gach aon là ; is ann mu leithid sin do chreid'each a ta e ann an so a' labhairt, agus cha'n ann riutsa a ta a'd' luidh do ghnàth ann do pheacanna, agus a tha ag radh fathast, gu'm bheil thu a' creidsinn ann am fuil Iosa Chrìosd. Tha'n argumaid air a' gabhail o na Mhac a bhi air a chuir. Comharaich an so, tha am Mac na Fhear-saoraidh air a chuir, bha ùghdarras an Athair aige, agus cha d'thainig e gus an robh e air a chuir ; " 'Se so toil an tì a chuir mi," Feudaidh so a thabhairt

air do choguis a bhi aig sìth, gu'm bheil am Mac na Shlànuighear air a chuir, gu'm bheil ùghdarras aig o'n Athair, cha'n fhaigh thu comhfhurtachd na's leòir trid creidsinn, ach feumaidh tu amharc air-san mar Fhear Saoraidh air a chuir, air èrduchadh leis an Athair agus leis an Spiorad Naomh. "Tha Spiorad an Tighearn orm," tha'n Tighearn fein ag radh; 'Tha e air a chuir gu bhi na Shlànuighear dhuit-sa 'ta creidsinn, 'nis na'm biodh a rùn air Dia peacach a chreideas a dhìteadh, cha chuireadh e riamh a Mhac a dh'ionnsuidh an t-saoghail; cha b'e sin rùn Dhia an saoghal a dhìteadh; ach 'se so a rùn, na h-uile thearnadh a chreideas ann.

Mar so air son cinnteachas an ni so, nach d'theid thus' a ta creidsinn gu sìorruidh am mugha, 'se so do bharrant; cha chuireadh Dia a Mhac riamh a dh'ionnsuidh an t-saoghail, a chum t-fheoil agus t-fhuil-sa a ghabhail, agus a bhi air irioslachadh a dh'ionnsuidh dearbh bhàs a chrainne-cheus, na'm biodh a rùn air creid'each a dhìteadh, ach 'se an t-aobhar mu am bheil mi a' labhairt so, nach 'eil na Papanaiich a' teagasg firinn Dhe. Tha thus' a'd' bhreugair leis am b'àill an creid'mhach agus an sluagh a theagasg, nach 'eil e so-dheanta gur urrainn do dhuine, a bhi cinnteach, anns a bheatha so, nach sgriosar am feasd e; tha thus' a'd' bhreugair, oir tha'n creid'each co cinnteach nach sgriosar am feasd e, is a ta na h-ainglean ann an glòir nach sgriosar iad gu sìorruidh, Tha fios aig Dia, na'm biodh an coguisean air an dùsgadh gu a bhi a' faicinn Dhia a' tilgeadh naoidheana' do dh'ifrinn air son am peacaidh gin, nach biodh sìth no aoibhneas aca gu bràth, gus am biodh iad cinnteach, nach rachadh iad gu bràth am mugha. Fàgaidh mi iadsan, agus labhraidh mi ribhse. Ciod e an argumaid bu mhò a b'urrainn Dia a thabhairt duibh, air cinnteachas na slàinte, na a Mhac a chuir a dh'ionnsuidh an t-saoghail, agus ar nàdur a ghabhail, agus a theachd gu a bhi na bràthair dhuibh, agus a bhi umhail do thoil Athair eadhon a dh'ionnsuidh dearbh bhàs a chrainne-cheus, agus a bhi co fad air ìsleachadh's a bhi air a chuir anns an uaigh? Mar sin feudaidh so do dheanamh cinnteach, nach d'theid thu gu sìorruidh am mugha a tha creidsinn anns a Mhac.

'Nis 'se'n ath phuing freagrachd do'n choire. Ma tha so fìor gur e so rùn an Athair, saoghal a thearnadh, ciod e an t-aobhar ma ta gu'm bheil co iomadh air an dìteadh,

agus gu'm bheil co iomadh air an gairm, ach tearc air an taghadh?

Tha mi a' ceadaachadh gu'm bi mòran air an saoradh; chunnaic mi sluaigh mòr na'n seasamh le pailmibh ann an làmhnan, air an eideadh le trusgana' fada geala, agus a'glaodhaich le guth mòr, ag ràdh, "Slainte do'r Diane a ta na shuidhe air an rìgh-chaithir, agus do'n Uan," Taisb. vii. Mar sin tha mi a' ceadaachadh gu'm bheil àir-eamh nach urra a bhì air an innseadh, coimeas iad riù fein, esan aig am bheil an diomhaireachd ann an àir-eamh, thubhairt e, "Gur farsuinn an t-slighe a tha treòrachadh gu sgrios, agus gur iomadh iad a tha dol a steach ann; ach gur aimbleathan an t-slighe a tha trèorachadh gu beatha agus gur tearc iadsan a tha dol a steach air." Ciod e an t-aobhar ma ta gu'm bheil co iomadh air an sgrios? Tha e a' freagairt, nach'eil an t-aobhar ann-san, ach gur ann ann an daoine fein a tha a choire, oir nach deachaidh creid'mhach riamh fathast am mugha. So gloir Abraham agus na'n athraichean, chreid sinne, agus tha sinn air ar tearnadh. Tha e ag ràdh, "esan a ta creidsinn cha d'itear e." Cionnas a ta sin? Nach feud e a bhì air a dhìteadh: cha'n fhead; oir anns an dearbh mhèmaint 'sam bheil e a' creidsinn, tha e air a shaoradh o uile pheacanna, agus anns an dearbh àm anns am bheil e a' beantainn ri fuil a Mhìc, tha'n t-Athair 'ga shaoradh; air an aobhar sin tha'n t-Abstol ag ràdh, 'Nis uime sin cha'n'eil d'iteadh d'hoibh-san a ta ann an Iosa Crìosd, nach'eil nig imeachd a réir na feòla, ach réir an Spioraid. Mar sin 'se so comhara' na dream a chaidh seachad air na h-uile cunnart a bhì air an d'iteadh, cha'n'eil iad ag imeachd do réir na feòla, ach do réir an Spioraid. Tha e ag ràdh "Cha'n'eil esan a ta creidsinn air a dhìteadh;" tha e a' labhairt anns an àm a ta làthair; cha'n'eil e ag ràdh, cha bhì e air a dhìteadh, ach cha'n'eil e air a dhìteadh. Mar sin tha maitheanas anns an àm a th'air làthair, fireanachadh 'san àm air làthair, saoradh 'san àm air làthair, dhuit-sa a tha 'creidsinn. Tha do naombachadh air oibreachadh a mach lion ceum is ceum, tha do ghairm a lion ceum is ceum, tha do ghloir a lion ceum is ceum, ach tha t-fhireanachadh deanta ann an tiota; air an aobhair sin tha e ag ràdh, esan a ta creidsinn, cha'n'eil e air a dhìteadh, oir tha e air dol thar cunnart, oir cha'n urrainn geatan na h-ifrinn buadh-

achadh na aghaidh-san a ta anns a Mhac ; cha'n'eil dol am mugha air do shon-sa 'ta ann an cró Ie-hobhaidh. "Cha bhi a h-aon deth mo chaoraich se air an sgrìos," deir es-an, C'arson ? Chuir an Tighearn Iosa thu ann an clach luachmhor, agus tha e 'ga do chaitheamh air a chridhe ; agus cha'n e sin a mhàin, ach tha'n t-Athair 'ga do ghabhail ann a lamh fein ; uime sin tha e ag ùrnuigh, "Athair coimhid iad." Mar sin thus a ta ann an Criosd, cha'n e 'mhàin gu'm bheil agad am Mac gu bhi na bhuachail dhuit, ach mar an ceudna an t-Athair gu bhi na fhear gleidhidh ort,

Nis, a rìs tha e agràdh, "Ach esan nach 'eil a' creidsinn tha e air a dhiteadh a cheana." Comharraich na briathra' a tha anns an dá earrann so ; cha ruig mi leas so aithris a rìs, ach feudaidh mi a chuir an céill na fhèrinn na's cinntiche no'n coimh-cheangal ri Noah, ann an so tha mi a' cuir an céill an creid'each, aig am bheil a chridhe air ionnluid ann am fuil a Mhic, gu'm bheil fhir-eanachadh cho cinnteach, 'sa ta na neamhan ann ; agus nach 'eil so-dheantachd air gur urrainn da a dhol am mugha ; ach na sealladh neach air bith ri a bhi air a shaoradh ach creid'each ; mar air son an ana-creid'ich ; tha e a cheana giúlain diteadh ann a choguis, air a sheuladh suas ann a chridhe fein, mar sin am bheil thu aig ith, am bheil thu ag òl, feudaidh tu iomadh tràth bhronach a ghabhail, oir thus' nach creid e, tha do bhinn air a tabhairt a mach, cha'n fhaic thu gu siorruidh neamh ; uime sin mur creid thu dean thu fein deas air son an diabhuil agus a chuid ainglean, oir beatha cha'n fheud thu fhaicinn le do shuillean, chnir am maor an córd nu do mhuinneal, leis an dean e do chrochadh ; chomhdaich maor a phriosan a cheana d'aghaidh a chum's nach faiceadh tu a ghrian, no solus De gu bràth tuilleadh, agus tha thu ullamh gu básachadh gu siorruidh suthainn. C'arson ? Faiceamaid, tha e ag radh, cha'n ann do bhrìgh's gu'n do bhris thu an lagh ; ach tha e ag radh, (tha e fìor gu'm bi thu air do thilgeadh do dh'ifrinn air son do pheacanna) ach is e so an t-aobhar sònruichte air a shon, nach b'àill leat leigeil leis an t-soisgeil do chridhe ath-nuadhachadh. Tha mi a' faicinn, do'm uile pheacanna gur e so peacadh a's mò, tair a dheanamh air an t-soisgeil, agus am mi-chreideamh so, nach d'thoir thu creideas do dh'fhirinn an t-soisgeil. Tha mi a' faicinn nach 'eil peacadh ann an aghaidh an lagha

gu h-ìomlain, air fhoillseachadh 'o n' bheinn, agus 'am meadhon an teine uamhasaich, a tha gu bhì air a choim-eas ri di-mheas no táir air an t-soisgeil. C'ar-son? Ann am briseadh an lagh tha thu a' briseadh dà sholus, agus aon bhann; ach ann am briseadh an t-soisgeil, tha thu a' deanamh dochainn air trì soillsibh, agus air dà bhann. Ann am briseadh an lagh', tha thu a' deanamh dochainn air solus nádur agus air solus an lagha, ach cha'n'eil thu a' briseadh ach aon bhann eadar Dia agus thu fein, mar a's e do Chruith'ear; ach ann an solus an t-soisgeil, tha thu a' deanamh dochair air solus eile, an ni a's e solus feumail an t-soisgeil, air teachd o'n Athair; agus mar a ta thu a' briseadh an t-soluis a's mō, tha thu a' briseadh an ceangal a's mó, tha thu a' saltairt fuidh chois fuil Iosa, tha thu a' deanamh táir air Spiorad na'n gràs, a dheanadh do chridhe ath-nuadhachadh, agus cha'n àill leat gabhail ris. 'Se 'n soisgeil so cumhachd Dhia a chum peacach a philltinn, mar sin tha thusa nach creid, a' cathachadh agus a' cuir ann an aghaidh an Spioraid Naomh leis am b'àill do chridhe ath-nuadhachadh. Gu'n teagaisg an Tighearn mise cionnus, agus ciod an doigh gu labhairt ribh. Tha mi guidhe air Dia mise agus sibhse a ghleidheadh o'n ni eagalach sin: tha mi ro fhad ann an tōiseachadh ri innseadh dhuibh, ach cha dàna leam dearmad a leigeil air gu h-ìomlain. Tha sibh air tachairt ann an lànachd na h-aimsir, anns nach 'eil e na dhiteadh an solus so a ghràdhachadh, agus gu'm bheil e na dhiteadh an dorchadas a ghradhachadh; their mi ann an so an lāthair mo Dhia, tha sibh air tachairt anns an aimsir so, mur dean an solus so bhur leigheas, agus bhur n-iompachadh, agus beo a chuir annaibh, smuainichibh air an ni a tha mi gu innseadh dhuibh, bheir cuir suarrach an t-soluis so air bhur damnadh a dhol o's cionn damnaidh na h-uile linn a bha romhaibh. Damnadh Cháin, 'an t-seann saoghail, Shodoin agus Ghomoraih, agus na'n Iudhach a cheus Criosd, damnadh na'n Turcaich agus na'm Barbarianaich, agus na'n Americanaich thruaillidh, cha bhì an damnadh-san gu leir ach mar neo-ni ann an coimeas ri do dhamnadh-sa. Tha fios agam nach robh an comh-thional sin riamh ann, nach robh cuid ann a bha air an roimh-òrduchadh a chum ditidh, mar a dh'fheumas a bhì ann an so mar an ceudna; co iad, tha mi fàgail sin do'n Tighearn, ach, co-dhiubh tha'n

solus air a chuir suarach no nach 'eil? Ruitheadh gach aon a dh'ionnsuidh a chridhe fein, biodh bhur n-oibre maille ribh an dara cuid gu'r fireanachadh no gu bhur d'iteadh; tha mi-chùram air tuiteam oirnne, codal tròm basmhor (agus tha mi ag aideachadh do'n Tighearna gu'm bheil mo mhi-chùram-sa agus bhur mi-chùram-sa a' dol cuideachd mar-aon, agus tha so a nis air tuiteam oirnn uile) agus mur seid an Tighearn an eibhle a rìs, agus mur cuir e a lamh fein ris, agus ar dúsgadh suas, cha'n fheud mi labhairt air na h-uile ni air am bheil dearbhachd agam a ta gu teachd; tha mi a' faicinn dorchadas eagalach, agus sgáil báis a' tarruing am fagus air gach anam, ciod a their sinn mu thimchioll na mallachd so a tha air a cuir an ceill.

Tha fios aig an Tighearn gu'n do chum mi suas na lamhan so agam ri Dia, nach fuilingeadh e do a rioghachd fein tuiteam sìos ann ar measg-ne, agus gu'm biodh speis aige do ghlóir ainme fein.

'Nis, 'se'n dara ní a b'áill leam a radh, co iomadh agaibh a's a sguir de' chaithris an dara h-aon os-cionn an aon eile, dh'earailichinn, agus ghuidhinn oirbh, air sgáth an Tighearn Iosa, gu'm fosgaileadh sibh bhur sùilean, agus gu'n deanadh sibh faire os-cionn a cheile.

'San ath aite, tha mi a' cuir an céill mallachd Dhia orra-san nach 'eil a' cleachdadh aoradh Dhia ann an tighibh 'sa mhaduinn agus air tràth-feasgair, agus nach 'eil beò do réir an t-soisgeil so, agus mar dhaoine agus mar mhnathan a tha 'gan aideachadh fein a bhi air an ceannach le fuil Iosa, a chum's nach d'thoir iad droch ainm air tigh Dhe. Ciod am fios a ta agam-sa, nach 'eil cuid agaibh a' tabhairt aoidheachd do strìopachas uaigheach ann 'ur tighibh; chaill cuid agaibh bhur n-úghdarras, cha'n 'eil sibh cosmhail ri daoine leis an dàna aithn a thabhairt do na pheacadh a dhol a mach as bhur tighean; am bi magadh air a dheanamh air seirbhis Dhe a nis leis na nithe so? Tha e doilbh ri thuigsinn nach tuit na dearbh bhreitheanasan follaiseach air an cloaichibh, agus do bhrigh's nach 'eil e ann an diomhanas gairm air Dia, biodh so na aon de' bhur n-ath-chuingibh, gu'm foillsicheadh Dia fear na gnìomh so, gu'n deanadh Dia aithnichte thu aon chuid ann an tròcair, ma's leis-san thu, no ann am breitheanas anns an t-saoghal so, gu'n deanadh an Tighearn aithnichte thu, a rìs, sibhse a ta

na'r nigheana oga, n'ur suidh fuidh staighreachaibh cuid-eachd, agus bhur ccmhradh diomhain r'a cheile an uair a chomhlaicheas sibh, bu chòir duibh a bhi seinn sailm maille ri cheile 'nuair a choinnicheas sibh, no a bhi labhairt mu fhocal a ghráis maille ri cheile; oir feudaidh e bhi gur e bhur coinneachadh is aobhar da so. Air falbh leibh-se a tha deanamh fearas-chuideachd do dh'aoradh Dhe. 'Siad so an dà nì a tha mi ag agradh oirbh; tha fios aig Dia gu'm bheil aobhar tuiridh 'n'ur measg. An e so am buidheachas a tha Dia aig iarraidh oirbh? Ciod an iomairt a bha oirbh leis a chainnt thruaillidh sin ann bhur measg-ne? Na nithe a tha Dia ag agairt oirnne, gu cinnteach, tha mi a' smuaineachadh gu'm b'áill le Dia sinn a dh'ath-nuadhachadh ar n-aithreachais; air an aobhar sin feumaidh sibh tòiseachadh a rìs, agus feumaidh mise tòiseachadh a rìs, oir tha mi a' faicinn air sheòl eile nach fheud fearg Dhe a bhi air a tionndaidh air falbh.

'Se'n ath nì a tha mi a' guidhe oirbh, an leithidibh sin dhìbh le'r cuthach, corruich, agus striopachas, le'm b'áill am baile agus an t-àite so a thruaillleadh dh'asluichinn oirbh gu'm biodh sibhbeò na's stuama agus na's diadhaidh, agus gu'n ath-nuadhaicheadh sibh aoradh Dhe 'sa mhaduinn agus mu fheasgair ann bhur tighean, agus nach fuiling sibh do dh'ole sam bith a bhi ann bhur measg, oir bu chòir do naomhachd a bhi sgriobhta air na dearbh nighean-agaibh a tha aig cuir a mach na luaithe, agus a' cuir 'ur tighean ann an uidheam. Cha chan mi na's mò aig an àm; ach tha mi a' guidhe air Dia gu an leasaich e bhur n-uile mhearachdan, agus gu'n leighis e bhur n-uile lochdan, air sgàth Iosa Criosd a Mhac fein; dha-san, maille ris an Athair, agus ris an Spiorad Naomh, gu'n robh gach uile mholadh uaithe so a mach agus gu siorruidh. Amen.

SEARMON XLV.

AIR AOBHAIREAN AN DITIDH.

Eoin iii. 18. An ti a chreideas ann, cha dìtear e: ach an ti nach creid tha e air a dhìteadh a cheana, a chionn nach do chreid e ann an ainm aon-ghin Mhic Dhe.

Tha trì nithe ann air am feum aithne a bhi aig na h-uile neach agaibh leis am b'áill a bheatha shiorruidh fhaotainn, 'se a h-aon diubb, feum na h-ath-ghineamhuinn, agus a chruthachaidh nuadh (am bheil sibh uile 'ga mo thuigsinn, feum air gu'r éigin duibh uile a bhi air bhur breith a ris, agus gu'm feum ath'rachadh iongantach a bhi air a dheanamh air bhur n-uile anamaibh leis an Spiorad Naomb, air neo nach faic sibh gu siorruidh rioghachd Dhe. 'San ath áite feumaidh sibh eolas fhaotainn air an doigh air am faigh sibh bhur n-anama air an glanadh, agus cionnus a gheibh sibh 'ur beatha shiorruidh air tòiseachadh ann an so, agus cionnus a gheibh sibh a lán sheilbheachadh an deigh so; agus 'se an rathad so Iosa Crìosd air irioslachadh agus air a ghlòrachadh, agus creid-camh ann-san a mhàin. 3. Feumaidh sibh eolas fhaotainn gu'm bheil a leithid do dh'éigin air son creidsinn, is nach 'eil a bheag ach dìteadh gun tròcair do'n anam sin nach ' creid ann an aon-ghin Mhic Dhe.' B'iad so na trì leasanau a theagai g ar Tighearn do Nicodémus, ann a chòmhradh ris.

'Sa cheud áite, tha e aig innseadh dha, "mur bi thusa air do bhreith a ris." (ge' air bith co sean 'sa tha thu) leis an Spiorad, nach d'theid thusa no neach air bith eile steach do rioghachd neamh." 'Sa'n ath áite tha e ag inns-

eadh, gu'm b'e fein an t-slighe, oir gu'n do dhruid peacadh dorus neimh air gach uile fheoil; uime sin gu'm b'esan an t-slighe, agus an dorus, agus am fàradh a chum dol suas air gu neamh; air doigh agus "ge air bith neach a chreideas annam-sa nach sgriosar gu bráth e." Tha e a' deanamh so a mach,

'Sa cheud àite, le samhladh an nathair umha; an deigh sin tha e 'ga chuir a dh'ionnsuidh an tobar agus au t-struth, an ni is e gaol Dhia an t-Athair, agus sin do bhrigh's ge air bith mar a dh'fheudas peacaich mhinnaomh a dheanamh mar an nì is fhuras 'san t-saoghal dearbhachd fhaotainn air slainte; (agus their e, cha'n 'eil e ach mar amadan a tha 'cuir an teagamh, agus tha e toillt-inneach a bhi air a chrochadh a tha cuir ann an teagamh, oir nach do chuir e fein ann an teagamh riamb, agus uime sin, tha e a' saoil sinn nach cuir se e fein gu bráth fuidh thrioblaid mu thimchioll slainte) gidheadh cha'n 'eil e mar sin maille ris an fhior chreid'each; oir do na h-uile nithe 'se so an nì a's mò a tha 'ga phianadh, e bhi ann an teagamh mu thimchioll a chreidimh, agus nach urrainn e dearbhachd na's leoir a bhi aige gu'n do chreid e ann am firinn; cha'n'eil e a' faotainn cruas a chridhe air a thabhairt air falbh, a chum's gu'm faigheadh e a bhi air a shàsachadh le Crìosd, agus le fhuil; agus is e an ni is truime air an fhior chreid'each, eagal dìtidh; agus do bhrigh's gu'm bheil e a' faotainn boisgidhean milis do thròcair, uime sin b'àill leis a bhi á teagamh, gu'm faigh e cead a bhi anns na neamhaibh maille ri Crìosd. 'Nis, do bhrigh's gu'm bheil Crìosd toileach an cuir á teagamh, tha e ag radh, 'Ge air bith a chreideas cha sgriosar e.'

'Nis 'o an dara puing, tha e a' dol a dh'ionnsuidh an treas puing, agus tha uiread do dh'fheum air eòlas fhaotainn air a so, ris a chuid eile. B'àill leis gach aon a chluinntinn mu bheatha shiorruidh, ach feumaidh sibh a chluinntinn mu dhìteadh mar an ceudna: cha'n e neamh a mháin a dh'fheumas a bhi air a shearmonachadh, ach ifrinn mar an ceudna; air an aobhar sin tha e ag inns-eadh dha, 'mar nach d'theid esan a chreideas am mugha gu siorruidh; mar sin gu'n d'theid esan nach creid am mugha agus gu'm bi e air a dhìteadh: 'mar a ta beatha gun teagamh do na chreid'mbach; mar sin gu'm bheil corruich gun teagamh air son an ana-creid'each. 'Se so an suim; 's iad na nithe fa-leth so; Air tús, tha e a'

tabhairt freagairt do theagamh diomhar, air faicsinn gu'n do chuir Dia a Mhac a dh'ionnsuidh an t-saoghail, ciod e is aobhar nach 'eil an saoghal uile air an tearnadh ach gu'm bheil a mhòr-chuid air an dìteadh? Tha e a' freagairt, " esan a ta creidsinn cha'n 'eil e air a dhìteadh," ach an t-aobhar air son am bheil co iomadh air an dìteadh nach ann do thaobh rùn Dhia, ach do bhrìgh's nach 'eil iad a' ' creidsinn ann an aon-ghin Mhic Dhe ;' oir tha rùn Dhia a' seasamh daingean, agus mar ann am báthadh an t-seann saoghail, an uair a bha an saoghal uile air a sgrios, fathast bha Noah air a thearnadh ; mar sin bithidh e ann an là mòr foillseachaidh an 'Tighearn' anns na neulaibh, a dheanamh dioghaltas orra-san a ta ain-eòlach air Dia, agus a chuir suarach soisgeil ar 'Tighearn' Iosa Crìosd ; agus an uair a bhios millionan air an dìteadh, gidheadh bithidh aireamh air an saoradh, agus theid iad a steach maille ris a chum glòir shiorruidh ; mar sin cha'n fheud sinne tuisleachadh aige so, gu'm bheil mòran air an dìteadh.

Ann an ath àite tha mi a' faicsinn an t-aobhar air son gu'm bheil co iomadh air an sgrios. Tha fios agam gu'm bheil gràdh Dhia mòr, agus gu'n robh an fhuil sin na's leir air son mìle saoghail a shaoradh ; mar sin cha'n e easbhuidh buaidh ann am fuil Mhic Dhe is aobhar air son gu'm bheil co iomadh air an sgrios, ach 's e'n t-aobhar, " do bhrìgh 's nach 'eil iad a' creidsinn ann an aon-ghin Mhic Dhe ;' mar sin, thus' a bhios air do sgrios, bidh aobhar do sgrios air fhaotainn sgriobhta annad fein, agus do mi-chreideamh, agus do thàir air an t-soisgeil, bithidh se air a chuir sìos anns an t-soisgeil, agus ann do choguis fein, mar aobhar do dhìtidh, agus bithidh so na ghlòir dha-san.

Thruaghan chaillte! dh'fheudadh tu a bhi air do shaoradh le'm fhuilse ach cha b'àill leat-sa ; uime sin tha e ag radh, " Tha esan nach'eil a' creidsinn air a dhìteadh a cheana ;" oir rinn se e, tha'n dìteadh a cheana air a chuir air a chridhe ; agus anns an là mhòr sin, 'nuair a bhios leabhar na coguis air fhosgaladh, bithidh air fhaotainn ann an sin binn dhiomhar dhìtidh sgriobhta, a bha thus' a' giùlan mu'n cuairt leat am feadh 'sa bha thu beò, cha b'àill leat a theachd a chum beatha fhaotainn ann am Mac Dhé am feadh 'sa dh'fheudadh tu fhaotainn.

'Nis tha mi a' dol air m'aghaidh anns an ath raun, far

am bheil e a' fosgaladh suas agus a' coireachadh peacadh a mhi-chreidimh a tha tabhairt an ditidh leis; agus, air tus, tha e ag radh, " 'Se so diteadh an t-saoghail, gu'n d'thainig an solus a dh'ionnsuidh an t-saoghail, agus gu'n do ghradhaich daoine an dorchadas na's mò na'n solus." 'Tha e ag innseadh an aobhar, " do bhrìgh 's gu'm bheil an gnìomhara olc;" an sin tha e ag innseadh an reuson airson am bheil iad a' deanamh mar sin; 'se sin ri radh, " Esan a tha deanamh olc, tha e a' toirt fuath do'n t-solus, agus cha d'thig e ga ionnsuidh." C'ar son? Air eagal 's gu'm biodh an oibre air an cronachadh. An sin tha e ag innseadh, air an lamh eile, co air bith a ta gluasad gu treibh-dhireach, agus aig am bheil an cridheachan ceart, nach e a mhàin gu'm bheil do mhisneach ac' a theachd an lathair dhaoine, ach mar an ceudna ann an lathair Dhia, do bhrìgh 's gu'm bheil an oibre maith, agus do reir Dhe; uime sin cha chuir caithir breitheanais Dhé eagal orra, do bhrìgh 's gu'm bheil e a'ceadachadh an cuid gnìomharadh.

'Nis, tha cuid do bhriathraibh a dh'fhosgla mi suas dhuibh, a chum 's gun tuig sibh a chuid eile na's fhearr. Anns an 19 rann, tha diteadh air a labhairt uime; agus anns an ath aite tha e labhairt mu thimchioll solus; agus anns an 3 aite tha iomradh air a dheanamh air dorchadas. B'áill leam gu'n tuigeadh sibh na trì focail so uile; ciod a tha air a chiallachadh le dìteadh. 'Nuair a ta neach air a dhiteadh gu bàsachadh, 'nuair a tha binn agus breith air a thabhairt a mach (le cùirt-cheartais fhirinneach) agus air dol thairis air beatha duine ciontach a bhris air an lagh; air an aobhar sin tha iad a, toirt a mach na binn air gu'm bheil e toilltinneach air bas; agus nach biodh e beò na b'fhaide; eadhon mar sin a tha chùis ann an so, 'nuair a tha peacach ciontach air a chuir aig a bharr a fa' chomhar Iosa Crìosd am breitheamh, tha bhinn air a tabhairt a mach air, nach bi e beò na's fhaide, ach gu'm bi e gu sìorruidh maille ris an diabhl agus a chuid ainglibh. Tha a bhinn agaibh anns Mata xxv. 41, " Imichibh uam, a sbluagh mallaichte, a dh'ionnsuidh an teine sìorruidh, a dh'ullaicheadh do'n diabhl agus da ainglibh." Tha mi a' toirt breith a mach ort, imeachd air falbh uam, o Dhia, agus o'm ainglibh; air falbh a dh'ionnsuidh peanas sìorruidh, maille ris an diabhl agus 'ainglibh. Air sin leanaidh cuir an gnìomh

na binne, co luath 'sa bhios i air a cuir an céill. 'Nis tha aig an diteadh so trì cheuman: tha 'cheud cheum anns an t-saoghal so; tha an ath cheum aig dealachadh an anaim agus a choirp; agus bithidh an ceum mu dheireadh aig an as-eiridh. Tha cheud cheum aige 'an so; oir cha bhì duine sam bith air a dhèteadh, ach esan a bha beò fo dhèteadh. Tha cheud cheum agaibh anns an rann a tha air thoiseach, "an ti nach creid tha e air a dhèteadh a cheana, a chionn nach do chreid e ann an aon-ghin Mhic Dhe," far am bheil dìteadh 'san àm a ta làthair air an droch-dhuine ann an so, air doigh 's co-dhiubh a tha e ag itheadh no ag òl, no codal, tha e a' giùlan mu'n cuairt a dhèteadh maille ris. Tha mi a' ceadachadh nach 'eil so do ghnàth air a mhothachadh; oir tha àireamh ann nach 'eil idir a' mothachadh an dìtidh so, aon chuid ri àm am beatha no aig am bàs, gus am' mothaich siad iad fein air an tilgeadh a dh'ionnsuidh an teine shiorruidh sin. Mar so tha a cheud cheum dìtidh anns a bheatha so. Tha an ath cheum an uair a ta a bheatha air dol air falbh; mar a bha e air a radh mu Iudas, "Chaidh e a dh'ionnsuidh àite fein;" agus mu'n duine shaibhir, tha e air a radh uime, "Gu'n robh e ann am piantaibh ifrinn." Mar so 'se sin an ath cheum dìtidh. Bithidh an treas ceum anns an as-eiridh, 'nuair a bhitheas anam agus corp air an ceangal ri chéile a ris (mar a ta e air a radh), "Eiridh cuid a chum as-eiridh na beatha, agus cuid' eile a chum as-eiridh an damnaidh." 'Nis, ri aghaidh sin, mar a ta aig an diteadh so trì cheuman, mar sin tha ann an saoradh na'm muinntir dhiadhaidh trì cheuman. Air tus, tha e ac' air tōiseachadh anns a bheatha so, agus tha iad ann an seilbh air 'nuair a ta a bheatha so air a crìochnachadh, agus an deigh sin, air an latha mhòr, bithidh iad gu sòleimnte, air an saoradh, agus bithidh iad ann an sealbh air an aoibhneas maille ri daoine agus ainglibh.

'Nis, 'se'n ath fhocal, solus; leis am bheil e air a chiallachadh e fein. "Is mise solus an t-saoghail." Tha e fìor, gu'n robh e anns an t-saoghal a roimhe ann a chreutairibh uile, agus anns na h-iobairtibh, agus anns an fhaidheadaireachd so uile, agus na sgàilean; ach ann an so tha e a chiallachadh gu'n d'thainig e a dh'ionnsuidh an t-saoghail, 'nuair a rinneadh am Focal sin na fheoil.

An treas focal (agus a tha ann an aghaidh an t-soluis)

is e dorchadas; leis am bheil e air a chiallachadh an t-aineolas thoileil so air Mac Dhe, nach 'eil an saoghal a' gabhail tlachd ann an eolas air Criosd. 'Nis feudaidh sibh fhaicinn ciod e an diteadh a ta'n so (sin r'a radh) dimheas a dheanamh air an t-solus so, a ta air a dhaingneachadh le Dia; agus uime sin b'ail leis a radh, is ceart a ta'n t-ana-creid'each air a dhiteadh, do bhrigh's gu'm bheil e a' cuir suarach an t-soluis. Ach beachdaich an so, An robh diteadh ann mu'n d'thainig Criosd? Ciod is ciall d'a so? Nach deachaidh na Cinnich uile na'n slighibh fein? Nach de sgriosadh iad-san, aig nach robh lagh riamh, le lagh? (Gu'n d'thugadh an Tighearn a Spiorad fein. Tha fhios agam gu maith gu'm bheil an t-aobhar air taobh eile an fhocail.) Tha fhios agam gu maith nach robh diteadh ann roimhe: c'ar son a tha e a' tabhairt ainm ditidh air falbh o na h-uile linn a bha ann roimhe, agus ga chuir as leth an linn sin a mhain? Innsidh mi dhuibh, is gann gur fiu e ainm ditidh, ma chuir ear anns a mheidh e maille ri diteadh na droing a chaidh am mugha anns an linn sin. Tha mi ceadachadh, gu'm bheil siorruidheachd coitichionn doibh mar-aon; ceadaicheam, gu'n robh aig an duine shaibhir fearg agus piantan do-ghiulain; ach fathast cha'n 'eil e ach mar neo-ni, ann an coimeas ri diteadh na droing a chaidh a dhiteadh anns an linn sin. C'ar son? Do bhrigh's nach eil solus ann a tha'n coimeas ris an t-solus so a thug Mac Dhia leis o neamh; cha'n 'eil, eadhon solus Adhaimh ann an staid a neo-chiontais; cha robh ann an aon diubh ach dealbh no iomhaigh duine, ach 'se an aon eile iomhaigh an Tighearn, a tha co fada tabhairt barrachd air solus Adhaimh, is a ta iomhaigh Dhe a' toirt barrachd air iomhaigh duine nàdura; an uair a pheacaich Adhamh ann an aghaidh a cheud soluis sin, bha ath-philltinn aige dh'ionnsuidh an t-soluis a bha gu teachd: ach an duine a pheacaicheas ann an aghaidh an t-soluis so, (agus nach faigh beatha anns an t-solus so) cha bhi ath-philltinn aige dh'ionnsuidh solus eile. Gu dearbh bha solus na'm fàidhean na sholus mòr, ach cha robh e ni bu mhò ann an coimeas ris an t-solus so, na tha solus reult ann an coimeas ri solus na greine a' dealrachadh mu mheadhon an latha. 'Nis, air faicinn gu'm bheil an solus so co mòr, 's nach 'eil solus eile anns an t-saoghal a choimeasair ris, agus gur gann is fhiù e ainm soluis ann an coimeas ris an

t-solus so, c'ar son nach feud sinn a radh, nach bi dìteadh air bith a chuirear anns a mheidh maille ris an dìteadh so, ann an coimeas ri so? Ach beachdaichibh, 'Tha iad a' gràdhachadh dorchadas na's mò na'n solus.' Nis, ma tha dorchadas air a ghràdhachadh na's mò na'n solus, nach bi so na dhìteadh? Agus mur bi an solus so gu sònruichte air a ghràdhachadh, nach 'eil so na aobhar na's leoir gu saoghal a dhìteadh? Ach tha mi stad ann an so agus a' teachd a dh'ionnsuidh a chomh-chuir.

Tha na h-aobhairean air an suidheachadh, agus cha'n 'eil an creidmheach air a dhìteadh, tha'n t-ana-creid'each air a dhìteadh a cheana, 'Se aobhar an dítidh, meud an t-soluis; mar is lugha do sholus, 's ann is lugha do dhìteadh. "Iad-san a pheacaich gun an lagh, dítear iad gun lagh. Tha aig solus ceudna an t-soisgeil a cheuman fein mar an ceudna. Bha e mōr an uair a bha e ann an staid irioslachd, bha e na bu mhò an deidh as-eiridh agus e bhi air a ghloireachadh, agus bha e do ghnàth a' fàs na bu mhò; ach an deigh sin bha e air a dhorchnachadh agus air fholach fuidh dhorchadas Phàpanach agus chreid-eamh Mhahomeit; ach a nis tha e air briseadh a mach a rìs, agus 'se so an solus mu dheireadh, an uair nach bi aimsir ann ni's mō, agus mar an ceudna an solus a's mō. Tha e na's mō na solus nàdur, na's mò na solus an lagh, agus tha e na's mō na'n solus ré àm irioslachd Chrìosd; 'seadh, na's mō na'n solus ré àm na'n Abstoil, an deigh a dhol suas? Cìod uime tha thu a' labhairt mar so? Tha agaibh an solus mu dheireadh, agus an soisgeil siorruidh sin air a shearmonachadh do theangaibh agus do chinneachaibh, tha e air a shearmonachadh dhuibh. ('Nis am bheil fhios agaibh cìod e a ta an leabhar beag a' ciallachadh.) Mar sin tharladh dhuinn a bhi anns an lìrn an uair a bha faidheadaireachd an t-Seann Tiomnaidh air a dheanamh soilleir dhuinn. 'Nis an ni a chnuasaich mi mu'n a so? Chuir mi sìos e ann an àite eile, gu'm b'e an solus bu mhò an dìteadh bu mhò. Ann an laithibh na fàistneachd bha mòran do'n fhàistneachd nach robh air a thuigsinn; oir is beag a bha dh'fhios ac' cìod bu chiall do'n fhàistneachd so, do bhrìgh 's nach robh i air a coimh-lionadh. Mar sin tha'n solus a nis na's mó. 'An sin tha e soilleir, co air bith a bhios air an dìteadh anns a ghinealachd so, gur e a dhìteadh a's mō. Dìteadh Iudas a

rinn an Tighearn a bhrath ann an staid irioslachd ; dìteadh na'n Iudhach, dìteadh an t-seann saoghail gu h-ìomlan, cha bhi e a bheag air bith ann an coimeas ri dìteadh a ghinealach so.

Faicibh ma ta nach d'theid sibh am mùgha anns an linn so ; faicibh nach fuathaich sibh an solus so ; agus faicibh nach bi bhur n-oibre olc. Ciod a their mi ? Tha'n dìteadh is mò a' feitheamh air na rioghachdan so air son cuir suarach an t-soluis so, O a Sholuis, a sholuis ! C'ia mar a tha tàir air a dheanamh ort anns an tír so ? C'ia mar a ta e nach 'eil eagal air duine sam bith air son peacachadh ann an aghaidh an t-soluis so ? 'Seadh ma ta a thír fhàsail, thig an latha 'san abair thu, O ! na'm 'biodh againn an solus a bha againn aon uair. bu duilich leinn a chuir suarach ; agus 'se so a bhitheas na bhreitheanas do'n tír so, eadhon tàir a bhi air a chuir air an t-solus so. Tha mi smuaineachadh, gu'm bheil e air a rùnachadh ann am breitheanas an Tighearn, a láthaireachd fhaicsinneach a thabhairt air falbh o'n tír so, agus nach d'thoir e a làthaireachd gus am bi sinn air ar faicinn 'ga iarraidh air a chaochladh do dhoigh 'sa bha sinn riamh ; uime sin na deanaibh cron duibh fein, ach leag-aibh do'n t-solus so bhur n-ath-nuadhachadh ; na deanaibh strí na aghaidh ; na deanaibh cron duibh fein, do bhrìgh 's gu'm bheil an solus so ag amharc oirbh. C'ar son a gheibheadh sibh an dìteadh is mò ? (do thaobh di-mheas a dheanamh air an t-solus is mò.) Tha fathast ùin ann air son bròn agus aithreachas a dheanamh, ach cha'n 'eil fhios agaibh cia fhad 'sa mhaireas an aimsir so ; air an aobhar sin na faigheadh an t-àm so diùltadh, ach deanaibh cabhag a chum 's gu'm faigh sibh tròcair co fhad 'sa tha dorus na tròcair fosgailt, oir tha àm a' teachd anns am bi e air a dhùineadh, agus nach faigh sibh a steach, ge do sheasamh sibh a' muigh agus a' bualadh, cha'n fhaigh sibh comas dol a steach, ach bidh binn uamhasach air a cuir an céill 'n'ur n-aghaidh, “ Imichibh uam sibhse a ta mallaichte, a dh'ionnsuidh an diabhuil agus ainglibh.” Uime sin gabhaidh aithreachas, agus pillibh a dh'ionnsuidh an Tighearn bhur Dia, air sgáth Iosa Crìosd. Dha-san, maille ris an Athair, agus ris an Spiorad Naomh, gu'n robh gach moladh agus urram waithe so a mach agus gu sìorruidh. Amen.

SEARMON XLVI.

AIR BEATHA A CHRIOSDUIDH.

Philip. iii. 11, 12. Dh'fheuchainn am feudainn air aon chor teachd a dh'ionnsuidh na h-ais-eirigh o na marbhaidh,

Do bhrigh's gu'm b'áill leam so a chriochnachadh aig an ám so, air an an aobhar sin, cha dean mi ach na briathran a mhíneachadh gu h-aithgbearr. Tha fhios agaibh air an rún a bha againn 'san lámh; bha e air a chuir sios duibh ciod a chrìoch air son am bu chòir dhuibh cleachdadh agus caith-beath a chriosduidh a bhi agaibh; co lion agaibh, 'sa tha iartasach air son slainte fhaotainn, agus a ta sealltain air son crún na glòir a ta air a thasgaidh suas air neamh air bhur son, tha a shamhuil air a chuir sios ann an so, a chum's co liugha agaibh 'sa tha sealltainn air son na beannachd fhaotainn 'san latha mhor, gu'n deanadh sibh, sibh fein a chomh-chumadh ris. 'Se a cheud ní anns an t-samhlachas so, am meas urramach a bh'aige air Mac Dhe, air chor 's gu'n do "mheas e na h-uile nithe mar aolach ann an coimheas ri ro-oirdhèire-eis eolais Chrìosd." Cha bhi cùrsa chriosduidh ach na h-uallach duibh gus am faigh sibh an steidh so air a shuidheachadh ann ar cridheachan, air doigh's nach b'urra bheag sam bith deadh bholadh a bhi aige ann bhur cluasan ach sin a tha teachd troimh Chrìosd; air an aobhar sin cha'n iongantach ge d' tha sibh co tric a' togail, agus co tric a' tilgeadh sios an ní a thog sibh; 'se so an t-aobhar gu'm bheil sinn co tric a' ruith air ar n-ais, agus cha'n ann air bhur n-aghaidh, do bhrigh's nach 'eil sinn a' suidh-

eachadh Chrìosd mar chlach-bhunait ar n'anama, agus nach 'eil sinn a' togail air a luach urramach-san ; oir gus am faigh sinn e air an doigh so, gu'm meas sinn e mar aon neamhnuid agus seud ar n'anama ; cha'n urradh do'r 'n ímeachd anns a chreidimh chrìosduidh gu bràth a bhi le gairdeachas agus tlachd, gus am bi Crìosd air tús na thlachd do'r n-anama, agus an sin tha mi cinnteach gu'm bu chòir do'r cùrsa gu leir anns a chreidimh chrìosduidh a bhi na aoibhneas agus na shubhachas ; agus na'm b'áill leibh bhur togail a bhi cinnteach, 'se sò a cheud chlach air am feud sibh togail, eadhon am meas urramach so air Crìosd.

'San ath áite, b'e iarrtas anam a bhi air fhaotainn ann. 'Se sin, ann a dhearbhadh chridhe-san as an d'thainig a mach uisg agus fuil, gu'm biodh e air fhaotainn ann an sin ; agus an sin bha fhios aige nach biodh a chaithir-bhreitheanais sin uamhasach dha. Cìod as an urrainn thu eagal a bhi ort am feadh a riarach am Mac ceartas Dhia, agus uime sin cha'n urrainn fhearg greim a dheanamh ort. 'Nis, an deigh dha bhi air fhaotainn ann-san, tha dà ni eile a mhiannaich e, 'Sa cheud áite, dh'iarr e fhireantachd-san gu a chomhdachadh ; oir cha'n e t-fhireantachd nadurrach fein gu bràth, no obair ghràs air tòiseachadh 'na d'anam, a's urrainn do thoirt a dh'ionusuidh an aoibhneis agus an t-sòlais shuidhichte so, ach 'se a mhàin fireantachd Chrìosd air a meas dhuit, a's urrainn fìor shìth agus gairdeachas a thabhairt do d' chridhe ; uime sin feumaidh tu an tús a chreidsinn ann do chridhe, gur leat fein ceartas a Mhic, mu'n urrainn thu aoibhneas air bith no sìth fhaotainn ann ad' anam fein ; agus an uair a chreideas tu so, bithidh e dhuit do reir do chreidimh, agus bheir so gairdeachas agus sìth a dh'ionnsuidh d'anam. Cha'n urrainn e bhi air innseadh cìod an aoibhneas agus an comhfhuirtachd a ta anns an anam is urrainn a radh, tha mise ann an Crìosd agus tha Crìosd annam-sa, tha fhireantachd-san a' comhdachadh m'anam 'o theine dian-loisgeach feirge Dhia ; air an aobhar sin cha'n eil díteadh sam bith dhomh-sa. 'Nuair a tha'n dearbhachd so agad, an sin cha'n urrainn do na h-uile a ta'n taobh stigh, no'n taobh mach dhuit, do chreach no do spùil-eadh de' shìth.

An ath ni a mhiannaich e ann an Crìosd b'e so e, cha'n e mhàin gu'n do mhiannaich e fhireantachd gu a chomh

dachadh, ach mhiannaich e mar an ceudna eòlas beo agus iomlaid a bhì aige air Crìosd, cha'n ann leis an litir, ach le mothachadh an Spioraid; cha'n ann le beachdachadh, ach le cleachdadh; a leithid do dh'eòlas agus a dheanadh e na fhear compairt deth ais-eiridh-san, agus ann an coslas cruth ri a bhàs.

'Nis, air do'n cheud steidh a bhì air a leagail, leanaidh càch uile 'nan òrdugh fein. Mar sin saothraich gu Crìosd fhaotainn agus fhìreantachd-san air a meas dhuit, an sin cha'n urrainn thu sealltainn a thoirt air a bhàs, nach feum do pheacanna-sa bàsachadh maille ris, agus cha robh buille riamh a fhuair a dhruim, nach bì na ioc-shlaint leigheis do d'anam-sa. Mar sin cha'n 'eil a h-aon a bha air am faotainn ann an Crìosd, agus a tha ann, an uair a sheallas iad air a bhàs-san, feumaidh iad a bhì ann an coslas cruth ris. Agus bheir so orra radh, am bì mo lamhan-sa agus mo chosan fuasgailte gu peacadh, agus esan ceangailt air mo shon-san? Am bì mo Thighearna-sa marbh, agus mo chuid-sa peacanna beò annam? Am bì esan air a chuir ann an uaigh, agus mo pheacanna-sa aig in eachd air an talamh co beothail 'sa bha iad riamh? Cìod is aobhar, a shaoileas sibhse, gu'm bheil co iomadh peacadh beò, agus air chluathach mar bheistean an taobh a stigh dhoibh, ach do bhrìgh 's nach 'eil iad a' cuir an Tighearna ceusda so r'an cridhe-achan, a chum 's gu'n d'thugadh boladh a bhàis-san buille bhàis do na peacadh annta-san? Ach a mheud 's aig am bheil eòlas beothail air Crìosd, cha'n eil iad aig feis gu brath gus am bheil iad a' faotainn feartuinn beothail a' teachd o a bhas-san, agus a' marbhadh a pheacaidh annta. An so tha eòlas oirdheire, agus is maith a dh'fheudas e bhì air a ghairm eòlas oirdheire, oir esan a fhuair e, fhuair e deadh sheòltachd, agus dh'ionnsaich e deadh innleachd, agus foghlum neamhaidh. Is maith do'n anam sin a gheibh an t-eòlas neamhaidh so, a tha tabhairt air eòlas fhaotainn air cumhachd ais-eirigh-san, agus air co-chomunn fhuilangais, agus coslas cruth r'a bhàs. 'Nis ann an so tha e dol a' dh'ionnsuidh comhara eile, na's fhaide air aghairt na aon-chuid fhìreanachadh no a naombachadh, an nì 'se so, comhara a ghlòireachaidh, eadhon dòchas na beatha sìorruidh; air an aobhar sin tha e ag radh, "Dh'fheuchainn am feudainn air aon chor teachd a chum na h-ais-eirigh o na marbhaibh." Mar

gu'n abradh e, ge do tha mi ann an Criosd, agus ge do tha fhireantachd-san 'gam chomhdachadh, agus ge do tha mi am fhear compàirt do chumhachd ais-eirigh-san, agus do chomh-chomuinn fhulangais, agus ge do tha mi ann an coslas cruth r'a bhàs ; gidheadh cha'n fhoisich mi gu bràth gus am bi mi air taobh steach na'n neulaibh, agus gu'm faigh mi ann an sin gu faicsinneach làn mo ghàirdeinean do Thighearn na glòir. Ma 'se agus air aon-chor, deir esan, cha'n 'eil speis agam ciod sam bith co cruaidh no doilbh 'sa dh'fheudas e bhi dhomh a theachd d'a ionnsuidh, ma 'se a's air aon chor gu'm feud mi ruith-eachd air, uime sin cha'n 'eil umhail agam na h-uile nithe a thabhairt fuidhe mo chosan, a chum's gu'm bi iad na'n co iomadh stòl-chois gu comhnadh a chum mo chridhe a thogail suas gu neamh : cha'n 'eil suim agam air son gach crois agus trioblaid a ghiùlain air mo ghuailibh, ma 'se is gu'm buannaich mi a dh'ionnsuidh a ghlòir ud ; oir rinn sealladh dheth m'anam a chomh-éigneachadh, air doigh 's nach 'eil cùram agam ciod sam bith co cruaidh no co doilbh, agus ciod sam bith cho garbh 'sa bhios an t-slighe, oir feumaidh mi bhi aige, feumaidh mi a bhi air taobh stigh an nuadh Ierusalem sin, baile an Dia bheo ; feumaidh mi an t-óran nuadh sin a sheian, agus an Aleluiah sin a tha na naoimh 's na h-ainglibh air neamh a' seinn do Dhia a ghnàth. Tha fios agam gu'm bheil an t-slighe cruaidh, ach cha'n 'eil spèis agam ciod sam bith cho cruaidh 'sa bhitheas e, ma's urrainn mi air aon doigh teachd d'a ionnsuidh. Gu dearbh tha'n t-slighe cumhang agus aimhleathan, agus uime sin feumaidh e bhi cruaidh ; ach 's ann a mhàin do dh'fhuil agus do dh'fheoil a tha e cruaidh ; agus 's ann a mhàin aig a thoiseach a tha e cruaidh ; gidheadh tha e air a ghairm an t-slighe nuadh, do bhrìgh 's gu'm bheil aobhneas nuadh aig ceann gach mìle nach leig dhuit fàs sgìth. Tha e air a ghairm an t-slighe bheò, do bhrìgh 's gu'm bheil e toirt air d'anam do ghnàth a bhi beò, co fhad 'sa tha thu ag imeachd air. " Chum's gu'n d'thiginn a dh'ionnsuidh na h-ais-eirigh ;" tha'm focal gu'n tiginn a dh'ionnsuidh a' ciallachadh gu'n coinnichinn. Mar gu'n abradh e, tha fios agam gu'm bheil an Tighearn a' teachd, agus tha fios agam gu'm feum na mairbh eiridh ; uime sin tha iarrrtas agam a dhol a mach agus a choinneachadh ; Eadhon mar sin bu chòir duibh-se a ghnàth smuain-

eachadh air a so, tha'n Tighearn a' teachd a chum breith thabhairt mar-aon air bheò agus air mhairbh, air an aobhar sin feumaidh na h-uile eirigh agus taisbeanadh 'na làthair-san; bithidh cuid air an comh-eigneachadh gu eiridh ann an aghaidh an toil, eiridh muinntir eile gu h-aobhneach gu chomhlachadh anns na neulaibh, agus bithidh an dream so air an togail suas anns na neulaibh maille ris, ach bithidh a chuid eile air am fàgail air an talamh leo fein: uime sin tha mi a' miannachadh a bhi do'n aireamh sin a dh'èireas gu choinneachadh gu h-aobhneach, agus tha iarrtas agam air son dòchas na coinnidh aobhneich sin a bhi na's mó agus na's mō air a daingneachadh agus air a deanamh cinnteach do m'anam.

Tha mi faicinn, ma ta gu'm feum mi fhàgail gu àm eile, oir cha dean mi bhur sgiosachadh; uime sin tha mi aig earbsa ri beannachadh Dhe na nithe a bha air an labhairt gu ruige so, agus tha mi guidhe air Dia gu'n naomhaicheadh e bhur cuimhne, a chum's nach dichuimhnicheadh sibh gu bráth am meas urramach so bu chòir duibh a bhi agaibh air bhur Tighearn Críosd; a chum's nach bi sibh gu bráth as eugmhais am mealtuinn beannaichte sin, agus an t-aonadh sona sin maille ri bhur Tighearna; nach bi sibh gu bráth as eugmhais fhireantachd gu 'ur comhdachadh, agus fhuil gu bhur fireanachadh agus bhur naomhachadh; a chum's gu'm bi aithne agaibh air doigh's gu'n tarruing sibh gach lá beatha mach as; a chum's gu'm bi sibh air bhur comh-chumadh ris, mar-aon ann a bhàs agus ann a ais-eirigh; agus gu'm bi sinn do ghnath ni's mō agus na's mó air ar daingneachadh ann an dòchas na glòire sin. Amen.

SEARMON XLVII.

CHA'N'EIL DITEADH DO PHOBULL TAGATA DHE.

Searmoin a rinneadh ann an Ayr Seachdainn mu'n do chuireadh Mr. Uelsh ann am prìosan, air Di-mairt, an Seathadh-là-deug do mhios mu dheireadh an t-Samhraidh 'sa Bhliadhna 1605.

Romh. viii. 1, 2, 3.—Air an aobhair sin cha'n'eil a nis diteadh sam bith do'n dream sin a tha ann an Iosa Crìosd, a tha gluasad cha'n ann a reir na feola, ach a reir an Spioraid. Oir shaor lagh Spioraid na beatha, ann an Iosa Crìosd, mise o lagh a pheacaidh agus a bhais. Oir an ni nach robh an comas do'n lagh a dheanamh, do bhrìgh gu'n robh e anmhunn tre'n fheoil, aig cuir a Mhìc fein do Dhia an coslas feola peacaich, agus na iobairt air son peacaidh, dhìt e am peacadh 'san fheoil.

Do bhrìgh anns a Chaibideil so, gu'm bheil suim ghoirid do gach còmhfhurtachd agus sòlas ris am bheil feum aig a pheacach sgèth, (ann an laithibh a chuairt) gu a chumail suas, a chum's gu'n seas e daingean 'san droch latha, agus do bhrìgh's nach 'eil sinn cinnteach cia co fhada 'sa mhaireas là na'n gràs; uime sin, tha dochas agam gur ann o'n Tighearn' a tha so, dha'n aithne na h-uile nithe orduchadh, agus a threoirich mise an so, gu'm bheil a mhiann orm na sòlasan a tha air an cuir sios anns a chaibideil so fhosgladh suas duibh, a chum 's nach bi sibh as-eugmhais a bheag sam bith gu bhur giùlan a mach le gairdeachas agus sòlas, gu bhur réis a ruith a dh'ionnsuidh na rioghachd ud. Fagaidh mi e do'n Tighearn' e a dh'oibreachadh anns gach neach agaibh, le fhirinn fein, mar a thoilicheas e fein; agus, ann an simplidheachd,

mar is urrainn mi. Fosgailidh mi so dhuibh anns an tomhas solais sin a thoileachas Dia a bhuileachadh orm a chum bhur comh-fhurtachd.

'Nis, a chum's gur ann is fearr a thuigeas sibh so, labhraidh mi ni-eigin air na caibideilbh air thoiseach air a so. Dh'innis e an so ann a litir a sgrìobh e a dh'ionnsuidh na'n naoimh anns an Roimh, dh'innis e dhuinn (tha mi ag radh) tri nithe. 'Se a cheud ni, gu'm bheil gach uile fheoil, mar-aon Iudhaich is Cinnich, fuidh dhìteadh do thaobh nàduir; agus gu'm bheil an saoghal uile air an druideadh a steach fuidh mhi-creidimh; agus gu'm bheil fearg Dhé air fhoillseachadh o neamh ann an aghaidh na h-uile mi-dhiadhachd; agus nach ruig feòil sam bith a leas sealltuinn airson fireantachd, beatha, no slainte tre'm lagh.

Se so a cheud ni.

'Se'n ath ni so,—tha e ag innseadh dhoibh nach veil rathad fuidh neamh air son peacach, a ta na luidh fuidh f'hearg Dhé, agus buailteach do dhìteadh, nach 'eil rathad eile air a shon gu faotainn a mach as, ach a mhàin gu ruith a mach as fein, agus a dh'ionnsuidh fola Mhic Dhe, agus a chridhe a chuir na luidhe anns an fhuil sin, agus a chreidsinn gu'm bheil maitheanas peacanna agus beatha shiorruidh air a cheannach dha trid na fola sin. Oir tha Dia fireanachadh na h-uile peacach a ta creidsinn. Air an aobhar sin tha e ag radh, Romh. v. 9. "Agus air dhuinn a bhi air bhur fireanachadh trid fhuil-san, bithidh sinn air bhur saoradh o fhearg trid-san." Agus tha e ag innseadh an sin, rann 12, "Mar a thainig peacadh a steach do'n t-saoghal trid aon duine, agus bás tre'n pheacadh, rann 18. Agus mar trid aon chionta a thainig breitheanas air na h-uile dhaoinibh chum dìtidh, is amhuil sin mar an ceudna trid aon f'hir-eantachd, thainig an saor thiodhlac air na h-uile dhaoinibh chum fireanachadh," rann 19, "Agus mar trid eus-umhlachd aon duine a rinneadh mòran na'm peacaich, is amhuil sin trid umhlachd aon duine a nithear mòran nam fireanaibh."

'San treas àite, tha e ag innseadh, na h-uile aig am bheil creideamh ann am Mac Dhe, na h-uile fhuair maitheanas na fhuil, agus na h-uile a ta air an deanamh reidh ri Dia gu saor tre Chrìosd, gu'm bheil iad so uile. air am fireanachadh tre chreidimh, agus air an naomb-

achadh trid gràs, agus tha bàs Chrìosd eifeachdach gu peacadh a mharbhadh annta, air a leithid do dhoigh's nach rioghaich e ann an cuirp bhàsmhor-san: agus tha ais-eiridh Chrìosd air a dheanamh eifeachdach annta-san, a chum firinnteachd agus beatha nuadh oibreachadh annta, a chum agus mar a thug iad roimh sin am buill mar inn-éalaibh neo-fhireantachd a chum peacaidh, a nis gu'n toir siad iad fein do Dhia, agus am buill mar armaibh fireantachd a chum a thoileachadh 's na h-uile nithe. Ach 'sann an so a ta'n eadar-dhealachadh, tha ar fireanachadh trid gràs iomlan, eadhon anns a bheatha so, ach a ta air naomhachadh neo-iomlan.

Air an aobhar sin air a so tha dà ni a' tachairt do na h-uile Crìosduidh; 'se a h-aon diubh so, an uair a dh'ambhairceas e air Fear-saoraidh iomlan, 'an sin tha sìth aige a tha air dol thar gach uile thuigse, agus tha comas dol a steach gu saor aige d'a ionnsuidh, a chum dol a dh'ionnsuidh caithir na'n gràs an uair a's àill leis, a chum tròcair agus gràs fhaotainn ann an àm na feum, agus tha aige gàirdeachas do-labhairt anns an Tighearn Iosa. 'Se'n aon eile so, an uair a sheallas e ris fein, agus a chi e gu'm bheil e fathast fuidh dhaorsa, agus gu'm bheil e air a thoirt ann am braighdeanas mar thráill, air doigh's nach faigh e cead na nithe a b'àill leis a dheanamh, ach gu'm bheil e air a chomh-éigneachadh gus na nithe nach b'àill leis a dheanamh; agus tha so a' toirt air glaodhaich a mach, Romh. vii. 24. "O an duine truagh a ta mi ann co a shaoras mi o chorp a bhàis so?" Mar sin an uair a sheallas e air an dara h-aon, sin r'a radh, air fhireanachadh trid creidimh anns an Tighearn Iosa, an sin tha aige sòlas gu leoir; ach an uair a dh'ambhairceas e air an aon eile, agus a chi e gu'm bheil e gach là tabhairt oilbheum do'n Dia is ro-ionmhuinne, agus do'n Athair is ro-thròcairiche a bha riamh ann, an sin tha aige bròn agus doilghios 'na chridhe, agus tha fadail air air son latha a chaochlaidh agus a bhi maille ris an Tighearn.

'Nis an uair a rinn e so anns na seachd caibideilbh air thoiseach, tha e a nis ag innseadh anns a chaibideil so, staid shona an duine a ta air fhireanachadh le creidimh, agus air a naomhachadh trid gràs; agus 'se so e, "Cha'n 'eil dìteadh sam bith dhoibh-san." Agus do bhrìgh's gu'm bheil dà ni a tha bacadh dearbh leanabh taghta Dhe o a làn chomhfhurtachd fhaotainn anns an t-saoghal so; 'se

a h-aon diubh am peacadh a tha gabhail còmhnaidh ann, an truaillidheachd ghin sin maille ris an d'thainig e a dh'ionnsuidh an t-saoghail; 'se'n aon eile, na croisean agus na trioblaidean iomadh-fillte a tha 'ga leantuinn anns a bheatha so, agus a tha air an cuir air a dhruim, agus do bhrigh's gu'm bheil an dithis so 'ga chreach deth mhòr chomh-fhurtachd, oir an uair a sheallas e ris fein, tha e a' faicinn corp peacaidh an taobh a steach dha; agus an uair a sheallas e air a dhruim, tha e a' faicinn iomadh crois agus amhghar air an cuir air, nach 'eil e comasach air a ghiùlan as-eugmhais neart sònruichte, agus uime sin cha'n'eil iomadh uair aige air son a bhi deanamh gàirdeachas annta, do bhrigh an dà bhuaireadh so leis am bheil leanabh Dhe do ghnath air a chuartachadh; uime sin an Spiorad Naomh' a tha air combhairle dhiomhair Dhia, (oir tha e a' rannsachadh nithe doimhne Dhe, agus is aithne dha smuainte do chridhe, agus ciod iad mi-mhisneachaidhean leanaibh Dhe,) uime sin tha e 'an so a' tabhairt comhfhurtachd na's leoir do gach aon diubh, agus tha e a' frithealadh dhoibh sòlas na's leoir gu'n cumail suas ann an aghaidh na'm buairidhean so mar-aon. Oir ge do tha thus a'd' pheacach truagh, air do reic fodh' na pheacadh, agus air do threorachadh a'd' chiomach mar thràill, agus ge do tha iomadh crois agus trioblaid air an cuir air do dhruim, gidheadh cha'n'eil diteadh dhuit, agus tha so na chomhfhurtachd na's leoir dhuit. Mar sin do bhrigh's gu'm bheil dà ni a' cuir trioblaid air leanabh Dhe, agus a tha 'ga bhacadh ann a bhi ruith a reis le gàirdeachas, sin ri radh, uallach a chuid peacanna, agus uallach croisean agus trioblaidean; uime sin tha e ag ullachadh comhfhurtachd freagarrach ann an aghaidhsan mar-aon. Aon diubh so tha e a' deanamh o thoiseach a chaibideil gus an rann 18, an aon eile o'n rann 18, gus an 31 rann; 'an sin tha e a' comb-dhunadh na h-uile le deasboireachd shòlasach, far am bheil e a' dearbhadh, nach buadhaich a bheag sam bith ann an aghaidh leanaibh Dhe; "oir cha bhi a bheag 'sam bith comasach air an sgaradh o ghaol Dhia ann an Iosa Criòsd."

'Nis, ciod an sòlas a dh'fheudas tusa a bhi agad a tha ann an Criòsd! oir ge do tha agad corp peacaidh an taobh a stigh dhìot, fathast feudaidh tu buidheachas a thabhairt do Dhia, "ann a'd' inntinn gu'm bheil thu a' tabhairt seirbhis do lagh Dhe, ach ann ad' fheoil do lagh a pheacaidh,

agus nach 'eil diteadh dhuit." Agus ge do tha thu làn do thrioblaidean, chroisean, agus ambhgairean, gidheadh cha'n'eil uile thrioblaidean an àm so ta làthair fughail air son a bhi air an coimhneas ris a ghloir a dh'fhoillsichear dhuit air aon latha. Mar sin, a pheacaich bhochd, ciod uime a tha thu fodha mhi-mhisneach agus lag-chridheach, ann an cuid air son an uile a tha'n taobh stigh dhìot, agus ann an cuid air son na'n croisean agus na'n ambhgairean a tha air do ghuailibh ; oir ma tha Dia air do thaobh, co dha'n dàna bhi ad' aghaidh ? " Co chuireas coire sam bith as leth pobull taghta Dhia ? " Ma dh'fhireanaicheas Dia thu, co a dh'iteas tu ? Cha bhi do pheacanna gu bràth comasach air do dhiteadh. Agus air son croisibh agus trioblaidibh, " Co a sgaras tu o ghrádh Dhe a ta ann an Criosd Iosa ? An dean trioblaid no amhghar, &c." Anns na nithe so uile tha sinn tuille a's n-ar luchd-buaidh.' 'An sin tha e ag innseadh a dhearbhadh fein anns an dà ear-rann mu dheireadh ; " Oir tha dearbhadh agam, nach dean aon chuid bàs no beatha, uachdranachda' no cumhachda" &c. Mar sin 'se so suim a chaibideil so.

'Nis a chum's gu'n smuainich sibh air, tha dā ni ann a tha tabhairt mi-mhisneach dhuit-sa a tha na do lean-abh do Dhia. 'Se aon diubh, an truailidheachd ghin sin a tha'n taobh stigh dhuit, a tha air fhàgail gu do chumail ann an cleachdadh, air eagal 's gu'm fàsadh tu lunadach agus diomhan ; 'se'n aon eile, na croisean agus na trioblaidean iomadh-fillte a tha Dia cuir air do dhruim gu do chumail sìos, air eagal 's gu'm biodh do chridhe air atadh agus air a shéideadh suas le àrdan.

'Nis ann an aghaidh an dithis so araon tha Spiorad Dhe a' frithealadh comhfhurtachd na's leoir dhoibh mar-aon. Mar air son a cheud aon ; cha dean do pheacanna do dhiteadh ; mar air son an aon eile, tha glòir sgiamhach gu bhi air fhoillseachadh air aon là dhuit, na'm faic-eadh tu e, smuainicheadh tu nach 'eil uile thrioblaidean na beatha so airidh gu bhi air an coimeas ris a chudthrom shiorruidh sin do ghlòir a tha air a thaisgidh suas air do shon air neamh. Uime sin air faicinn gu'm bheil an Tighearn maille riut, agus air faicinn nach bi uile chroisean an t-saoghail comasach air do sgaradh o ghrádh Dhe a ta ann an Iosa Criosd ; uime sin tha aobhar comhfhurtachd na's leoir agad.

Ach a nis gu a theachd a chum so air doigh sònruicht'.

'sa cheud àite, tha'n sòlas fein air a chuir sios ann an so. 2. An dream d'am bun e, sin ri radh dhoibh-san a ta ann an Iosa Griosd, nach 'eil aig imeachd do reir na feola, ach do reir an Spioraid. 3. Is e so steidh a chomhfhurtachd sin gu a dheanamh dearbhta do d'anam, gu'm bheil e cinnteach agus fìor; agus tha sin air a chuir sios anns an 2, 3, agus an 4 rann. Is e an t-aobhar so, cha bhi an duine no a bhean sin gu sìorruidh air an dìteadh a tha air an saoradh o lagh a pheacaidh agus a bhàis, le Spiorad na beatha; ach thusa a tha ann an Iosa Criosd tha thu air do shaoradh o lagh a pheacaidh agus a bhàis: air an aobhar sin cha bhi thu gu sìorruidh air do dhìteadh. 'Nis b'áill leam gu'm beachdaicheadh sibh air so, oir tha togail sgiamhach gu bhi air a thogail air a bhunait so, eadhon comhfhurtachd d'anam, dòchas na beatha sìorruidh, agus lán dearbhachd na slainte. An duine no a bhean sin, a tha ann an Criosd, feudaidh iad a dhol gu h-aoibhneach gu'n leabaidh, 'seadh, feudaidh tu a' dhol gu h-aoibhneach a dh'ionnsuidh na h-uaighe, agus is aoibhneach a dh'fheudas tu am bás a ghabhail ann do ghlacaibh, agus is aoibhneach a dh'fheudas tu do spiorad a thabhairt suas, air dhuit fios a bhi agad nach d'theid do spiorad gu bráth maille ris na spioradaibh cailte, agus a chum duibhre an dorchadais: ach gu'n d'theid e a dh'ionsuidh glòir shìorruidh. Air an aobhar sin, tha mi ag radh, feumaidh an steidh a bhi cinnteach air am feum a leithid do chomhfhurtachd a bhi air a thogail. Ciod a bheireadh peacach bochd a chum eolas fhaotainn gu'n robh e air a shaoradh le leithid do dh'fhuil luachmhor, a tha comasach gu saoradh deich mìle saoghail, na'm biodh na h-uiread sin ann. Nach b'áill leat-sa gu'm bu tu an ceannaich a chum reic' na'm bheil agad uile chum an aon sólas so a cheannach, gu'm biodh fios agad gur e rùn Dhia nach d'theid thu gu bráth am mugha, agus nach 'eil dìteadh air do shon. Am b'áill leat a bhi cinnteach dheth so, 'se so am bunait ma ta a dh'fheumas tu a shuidheachadh, cha d'theid iad-san a tha air an saoradh o lagh a pheacaidh agus a bhàis gu bráth am mugha; ach thus a ta ann an Criosd, agus a tha air d'fhìreanachadh tre chreidimh, agus nach 'eil aig imeachd a reir na feola, ach a reir an Spioraid, tha thu air do shaoradh o lagh a pheacaidh agus a bhàis; air an aobhar sin cha teid thu gu sìorruidh am mugha, oir cha'n eil dìteadh sa'm bith dhuit-sa. Ach fathast

cha ghabh do choguis fois ann an so ; oir is e tomhas mòr a chuireas coguis peacach bochd air a thilgeadh sìos a teagamh, do bhrìgh's gu'm bheil e faicinn gur e fearg shiorruidh ris am bheil aig r'a dheanamh. 'Nis, ma ta, gu do dhaingneachadh ann an so, tha e ag innseadh dhuit mu'n aobhar anns an 3 rann, mar gu'n canadh e ; 'se an t-aobhar air son nach d'theid na h-uile, a ta air an saoradh o lagh a pheacaidh agus a bhais le Spiorad Iosa, gu sìorruidh am mugha, no nach 'eil dìteadh air bith dhoibh-san, 'se eadhon so e, do bhrìgh's gu'n robh Crìosd Mac Dhe, ann an cosmhail feola peacach, air a dhìteadh air son peacaidh 'san fheòil. Nis cha'n urrainn ceartas Dhè dìteadh dà uair air son aon chiont, air an aobhar sin, cha'n urrainn do chruas ceartais Dhe bualadh ortsa tha ann an Iosa Crìosd. A ris, cha'n urrainn do chruas ceartais Dhia esan a dhìteadh a choimhlion an lagh ; ach thusa tha ann an Iosa Crìosd, agus nach 'eil aig imeachd do reir na feòla, ach do reir an Spiorad, choimhlion thu an lagh. Uime sin cha'n urrainn cruas ceartais Dhe thus a dhìteadh a tha ann an Iosa Crìosd. Ach cionnas a choimhlion thu an lagh ? Freagram, an ni a rinn Crìosd anns an fheòil tha e air a mheas dhuit-sa a tha air d'fhìreanachadh trid creidimh ; ach rinn Crìosd anns an fheòil an lagh a choimhlionadh : air an aobhar sin, tha coimhlionadh an lagh le Crìosd air a mheas dhuit-sa. An uiread so air son ciall a bhuinn theagaisg.

'Nis, thig sinn air ar n-ais a ris, agus mu'n d'thig sinn a dh'ionnsuidh na'm briathran, comharraichibh an earbsadh, agus c'ia mar a ta so an crochadh air na nithe a tha air an radh roimh' anns a chaibideil roimh' na so. Thug sealladh air a thruaighe air gu'n d'éigh e mach ann an deireadh an t-seachdamh caibideil, " O, an duine truagh a ta mi ann, co a shaoras mi o chorp a pheacaidh so ! " Bha fadal air, air son neach air bith anns an t-saoghal, no ann an aite air bith eile, a dheanadh a shaoradh o a thruaighe ; gidheadh anns a chrìoch tha e a' gabhail sòlas da fein, agus ag radh, " Tha mi 'tabhairt buidheachas do' mo Dhia trid Iosa Crìosd ar Tighearna ; " an sin, " Tha mis leis an inntinn a' deanamh seirbhis do lagh Dhè, ach leis an fheòil do lagh a pheacaidh. " 'Nis, ann an so tha e a' cuir ris an steidh air am bheil a cbombhfhurtachd aig éirigh ; 'Se sin, " Cha'n 'eil dìteadh dhoibh-san a tha ann an Iosa Crìosd. Comharraichibh

so, guidheam oirbh, cha' d'thoir sealladh air do thruaighe gu brath sòlas dhuit, mur bi (maille ris an t-sealladh) aithne agad nach 'eil dìteadh air bith dhuitse, do bhrìgh's gu' bheil thu ann an Crìosd Iosa. Uime sin, ma dhùisgeas Dia bhur coguisibh, agus ma sgaoileas e bann an lagh, agus gu'n leugh e bhur dìteadh, agus gu'n leig e dhuibh bhur binn fein a chluinntinn, mur faigh sibh an sòlas so, nach 'eil dìteadh air bith dhuibhse, bheir sealladh air bhur truaighe aon-chuid oirbh a bhi ann an an-earbsa', no air dhuit thu fein fhaicinn ann an eadòchas ath-leasachaidh, ruithidh tu air d'aghaidh ann am peacadh na's fhaide na rinn thu riamh roimhe; uime sin, a mhuinntir ionmhuinn, 'nuair a dhuisgear sibh, cumaibh bhur suilean air Dia, agus air an Eadar-mheadhonair Iosa Crìosd, agus mur coisinn thu an taobh stigh do'n roinn-bhrat, agus a dh'ionnsuidh caithir na'n gràs, fathast seall air t-ais ri Getsemane, agus an sin faic an Tighearn' fuidh fhallas fola anns a gharadh, air do sgáth-sa, air doigh 's nuair a chi thu sealladh air do pheacanna, a tha ullamh gu teine dian-loisgeach a thoirt a nuas ort, agus 'nuair a chi thu gu'n d'rinn na dearbh pheacanna so féin Mac Dhé dubhach, agus anam brónach eadhon gu bás; 'an sin feudaidh tu a radh, is duine truagh mi, ach fathasd, buidheachas do Dhia, tha mi 'tòirt seirbhis do Dhia ann am inntinn; air an aobhar sin, cha'n 'eil dìteadh air bith dhomh-sa. Tha mi a' ceadachadh gu'm bheil sealladh air do pheacanna gle fheumail dhuit, agus uime sin thug Dia dhuit da shùil gu amharc orra so ar-aon, a chum's nach cumadh tu aig àm sam bith a h-aon de do shùilean dheth do thruaighe, d'eagal 's gu'n atadh do chridhe, agus gu'n camadh tu an t-sùil eile an comhnuidh air trocair Dhia, agus gu'm bitheadh tu taingeil air son an dara h-aon, ach brònach air son an aon eile.

Amhairc air do thruaighe, ach amhairc, mar an ceudna, an taobh a stigh do'n bhrat-roinn, agus faic Mac Dhé a shaor thu o do thruaighe; an sin is milis a bhios do chomhfhurtachd a dh'eireas leis an t-sealladh so. 'An sin their thu, O, Athair ionmhuinn, ciod a dh'ìocas mi dhuit, a chuir do mhac fein gu bàs fhaotainn air mo shon? O, Fhear-shaoraidh mhilis agus ionmhuinn, ciod a dh'ìocas mi dhuit-sa, air son gu'n d'thainig thu gu toileach gu básachadh air mo shon? O, a Chomhfhurtair ion-

mhuinn, ciod a dh'ìocas mi dhuit-sa a thug an sgeula aoibhneach so a'm ionnsuidh o neamh! Mar sin, ni so air tús iriosal thu, agus ni e sòlasach thu mar an ceudna.

'San ath àite, a rís, comharraich mu'n d'thig mi a dh'ionnsuidh na'm briathraibh. Tha e ag radh, "Bheiream buidheachas do m' Dhia trid Iosa Crìosd ar Tighearn; uime sin tha mise fein a' tabhairt seirbhis do Dhia ann a m'inntinn, ach ann a m'fheoil do lagh a pheacaidh." 'Siad so briathra' a chaibideil mu'dheireadh.

Comharraich ann an so, mur biodh fhios agad gu'm bheil thu air do shaoradh o thruaighe, agus nach bi thu gu bràth air do dhìteadh ann an ifrinn, ann an sealladh air do thruaighe cha tog thu gu bràth suas do chridhe gu radh, "Tha mi tabhairt buidheachas do mo Dhia, trid Iosa Crìosd mo Thighearn;" c'ar son? Do bhrìgh co fada 'sa bhitheas dorchadas na h-ifrinn a' comhdachadh do shùilean, air doigh 's nach 'eil thu a' faicinn do staid bhrònach do thaobh naduir, feudaidh e bhi gu'n dean do shòlasan aimsireil, agus d'ùraichidhean do bhiadh agus do dheoch, do chridhe a thogail suas, agus a thabhairt ort a radh, air son an àm sin, buidheachas do Dhia; agus am fear iùil a tha thu a' leantainn; ach gabh mise peacach a ta ann an slabhraidhean, agus air mo cheangal ann an cuibhrichean an t-sàtain, agus a tha ullamh gu bhi air mo thilgeadh do dh'ifrinn: mur faigh e an sòlas so air a thabhairt dà, nach 'eil dìteadh air bith dha-san, cha'n abair e gu bràth, buidheachas do Dhia, o a chridhe, air son ni sam bith anns an t-saoghal so. Ach gabh an sòlas so, agus dean a chomh-chuir riut fein 'nuair a tha thu anns a choir so, feudaidh tu a radh, "Thighearn, 'se so am peacach a's mò a ghiùlan an talamh riamh; gidheadh, Tha mi tabhairt buidheachas do Dhia tha'n sòlas so agam, ma tha fios agam gur peacach mòr mi, 'sann as mo shoilleir' a thaisbeanas tròcair Dhia ann an tròcair a dheanamh orm; agus bheir so ort a radh, abradh daoine eile na's àill leo, ach their mise, gu'n d'fhuair mi an tròcair a's mò a fhuair duine no bean riamh, agus uime sin, tha mi toirt buidheachas do Dhia trid Iosa Crìosd mo Thighearn'.

Ach a nis (feudaidh e bhi) gu'm feòraich thu, co-dhiubh a dh'fheudas mise a radh, cha'n eil dìteadh air bith dhomh-sa; oir tha fios agam nach bi mi gu brath air mo dhìteadh. Innsidh mi dhuit co-dhiubh a

dh'fheudas tu a radh no nach fheud; ach mu'n d'thig mi 'ga ionnsuidh, Comharraich so. Co iomadh dhibh 'sa fhuair riamh an comhfhurtachd so, 'saihne dhuibh-se gu'm bheil dà ni a chuir riamh bacadh oirbh ann an Dia a mholadh; 'se a h-aon diubh, an daorsainn anns am bheil sibh nach leigeadh dhuibh idir Dia a mholadh cho cridheil 'sa b'ail leibh a dheanamh, na'm biodh a ehuis leibh air a chaochala' do dhoigh; uime sin ionnsuich an leasan so, ma bhuineas an comhfhurtachd so dhuit, nach'eil dìteadh sam bith dhuit ge d' bu tu am peacach bu truaighe anns an t-saoghal uile, na deanadh gu brath sealladh air do thruaighe, do theangaidh a cheangal suas o bhi moladh Dhia, no do bhacadh o a radh, buidheachas do Dhia ann an Iosa Criosd. Agus tha fhios agam gu'm bheil mòran agaibh air am bacadh o bhi moladh Dhia, do bhrigh's nach d'fhuair sibh fathast bhur cridheacha' air am fuasgladh; agus uime sin tha thu smuaineachadh nach urrainn thu Dia a mholadh. Ach tha mise ag radh, gu'm bu leoir leat so gu'm bheil fhios agad nach'eil dìteadh air bith dhuit, agus nach tig thu gu bràth a dh'ionnsuidh duibhre an dòrchadais, ge do bhiodh agad co iomadh truaighe air do dhruim 'sa bha aig duine riamh, biodh so na 's leoir (Tha mi 'g radh) gu'm feud thu a radh, Is maith dhomhsa, tha fhios agam nach'eil dìteadh sam bith dhombh. 'Nis, gu'n robh Dia tròcaireach dhomhsa agus dhuibh-se mar-aon; oir 'nuair a fhuair sinn an t-saorsa so, a thairgse dhuinn air iomadh àm; gidheadh cheangail ar peacanna an taobh a stigh dhuinn suas ar cridheachan, air doigh's nach b'urrainn duinn a radh, buidheachas do Dhia air son so, uime sin bha sinn cronail do Dhia agus cronail do'r n-anama féin. Tha cuimhne agam gu'm bheil e air iarraidh air na beanntaibh gairdeachas a dheanamh, do bhrigh's gu'n do shaor an Tighearn a shluagh fein; cia mò mhòr ma ta bu chòir dhuinne sinn fein gairdeachas a dheanamh mu'n t-saorsa sin, a tha 'nar luchd compàirt dì? O gu'm b'aithne dhuibh eiod e sin a bhi air 'ur saoradh o ifrinn agus o dhiteadh! Oir an sin bu chòir duibh éigheachd ri uile chreutairean Dhia bhur cuideachadh ann an Dia a mholadh, air son sochair do-labhairt bhur saoraidh.

Ach a nis tha mi a' teachd a dh'ionnsuidh na'm briathran tha mi ag radh, tha e ann an so a comh-chuir

ris aobhar a chomhfhurtachd anns na briathran so, Nis, ma ta, "cha'n 'eil diteadh do'n dream a tha ann an Iosa Criosd." 'Se so aobhar a shólais: Ciod a nis? Am bheil fhios agaibh ciod is ciall do'n fhocal sin, "Cha'n 'eil diteadh sam bith dhoibh-san." "Thus' a tha ann an Criosd, seasaidh tu fa chomhar na caithreach, bithidh leabhraichean do choguis air am fosgladh, agus bheir am breitheamh breith ort; ach cha chuir e gu brath an ceill binn ad' aghaidh. Esan is e am breitheamh, diteadh e muinntir eile; ach an leithide sin 'sa tha ann féin, cha dean e an anama-san a dhìteadh ni's mo na ni se e fein a dhìteadh. Tha mi a' cuimhneachadh gu'm bheil an t-Abstol a' feòrach, Co a dhìteas? Tha e a feòrach ri duine, aingeal, agus diabhl, c'aite am bi an neach sin air fhaotainn, ann an neamh, air an talamh, no ann an ifrinn, a dhìteas tusa tha ann an Criosd? C'ait am bi am breitheamh air fhaotainn gu so a dheanamh? An dean an t-Athair e, a chuir 'o a dheagh-ghean maith fèin agus 'o a shaor-ghaol a Mhac fèin gu bàsachadh air do shon, 'nuair a bha thusa ad' namhaid dà? An dean a'm Mac e, a cheannaich thu le fhuil luachmhor féin, agus a bhàsaich air do shon? An dean an Spiorad Naomh e, a bha air a chuir o Dhia gu innseadh dhuit gu'n robh an fhuil air a dòirt-eadh air do shon? An dean na h-ainglean e, a tha air an deanamh na'n luchd frithealaidh dhuit gu comhfhurtachd a fhrithealadh dhuit? An dean na naoimh e, a tha air an sàbhaladh leis an fhuil cheudna rinn thus' a shaoradh?

An dean na diabhlann e? Cha dean, oir 's maith a dh'fheudas iad a bhi na'n luchd-casaid air na bràithrean, ach cha'n iad na breitheamhna, oir bithidh breith air a thabhairt orra fein; oir tha'n t-Abstol Peadar ag radh, 2 Pead. ii. 4, "Cheangail Dia iad ann an slabhraidhean dorchadais, gu bhi air an coimhead 'an sin a chum damnaidh." An dean na droch-dhaoine e? Cha dean, oir tha Iude ag radh, Iude 13, "Gu'm bheil duibhre an dorchadais air a thaisgidh dhoibh gu siorruidh." C'ait am bi breitheamh air fhaotainn ma 'seadh? An dean na neamhan no an talamh e? Cha dean, oir tha fhios againn, Romh. viii. 22, 23, Gu'm bheil an cruthachadh uile 'g osnaich, agus am péin gu léir, mar mhnaoi ri saothar gus an àm so: "Agus cha'n e so a mhàin, ach sinne fein mar an

ceudna, aig am bheil ceud thoradh an Spioraid, tha eadhon sinne ag osnaich annainn fein, a' feitheamh ris an uchdmhacachd, eadhon saorsa ar cuirp." An dean an lagh e? Cha dean, oir tha beul an lagh air a dhruid-eadh, do bhrìgh 's gu'n do choimhlion esan an lagh. An dean ceartas Dhia e? Cha dean, oir bhiodh sin ann an aghaidh ceartas, ceartas a dhìteadh air son an aon choire. An dean do choguis fein e ma ta? Cha dean, oir bithidh an fhuil na's labhaire no do choguis. An uiread so air son a chomhfhurtachd. 'Nis ma ta cha'n'eil dìteadh sam bith.

Ach co dha, 'se sin na h-uile bu chòir dhuinn a bhi faotainn a mach, co dha a bhuineas an comhfhurtachd so; 's ann dhoibh-san a tha ann an Crìosd Iosa. A bhi ann an Crìosd, tha sin na fhocal mòr, oir cha'n urrainn thu bhi ann-san gus am bi thu air do thabhairt a mach a seann stoc Adhaimh. Their thu ma ta, c'ionnas a bhitheas fios agad am bheil thu ann an Crìosd no nach 'eil? Freagaram, ma tha thu ann-san, tha esan annadsa,

Ach their thu, tha sin co cruaidh fathast ri aithneachadh co-dhiubh a tha esan annam no nach 'eil? Oir na'm biodh fios agam gu'n robh e annam, ann an sin gheibheadh m'anam comhfhurtachd agus fois an sin. C'ionnas a bhios fios agad am bheil thu ann an Crìosd, agus Crìosd annadsa? Oir ma bhitheas tu mach a Crìosd, cha'n 'eil a bheag sam bith ach dìteadh sìorruidh air do shon, agus thig teine corruich Dhia 'nuas ort. Is truagh do'n anam a gheibhear na aonar, agus an-aoibhinn do choguis through an duine no na mna sin nach 'eil air an suidheachadh ann an Crìosd! C'ionnas a bhitheas fios agad ma ta? Innsidh mi dhuit, bithidh fios agad air leis an rathad anns am bheil thu ag imeachd ann. Mar sin ma ta am bheil do thriall a dh'ionnsuidh na glòir' ud, a tha gu bhi air fhoillseachadh air neamh, agus a dh'ionnsuidh na fola sin, agus a dh'ionnsuidh an aite comhnuidh shìorruidh sin, agus a dh'ionnsuidh na nuadh Ierusalem sin a ta air neamh? An sin ma ta tha thus air an t-slighe gu Crìosd.

'Nis amhaire co dh'ionnsuidh a tha do chridhe a' tog-tadh, agus c'ait am bheil d'ionmhas air a thaisgidh suas? Am bheil do thriall a dh'ionnsuidh neamh? Am bheil do chridhe agus d'ionmhas an sin? Agus am b'àill leat dò chridhe a bhi air a lionadh le gairdeachas, síth, agus fireantachd ann an Crìosd? Ma tha thusa anns an t-slighe a tha treòrachadh gu beatha

'San ath aite, amhaire air an fhear iùil a tha 'ga do threòrachadh ; oir tha da fhear iùil an taobh a stigh dhuit. Tha mar-aon an fheoil agus an Spiorad an taobh a stigh dhuit ; agus treoraichidh an fheoil thu gu do bhuannachd fein, gu do thoilinntinn, agus do thaitneas fein ; ach treoraichidh an Spiorad thu gu do chuid peacanna, gu do thruaighibh, a dh'ionnsuidh na fola, agus a dh'ionnsuidh an duine Criosd Iosa air a dheanamh na fheoil, air a ghineamhuinn ann am broinn na h-oigh, air a chuir na luidhe ann am prasaich, buailteach do gach uile anmhuinneachd as-eugmhais peacaidh, a' cuir fallus fola anns a ghàradh, air a chrochadh air crann, air a thaisgidh anns an uaigh, air éiridh agus air dol a dh'ionnsuidh neamh. Treoraichidh an Spiorad thu a steach troimh na flaitheanas, agus treoraichidh se thu a dh'ionnsuidh gaol an Athair, an nì 'se tobair do shlainte, dh'ionnsuidh rùin neo-chaochlaideach do thaghaidh, agus a dh'ionnsuidh na glòir shiorruidh sin. Ach feumaidh mi so fhágail. Ach a chum ni-eigin do dh'fhois a thoirt duibh ann bhur n-inntinnibh gu dol air falbh leis, cha d'thoir mi dhuit ach an da chomharadh so a chum aithneachadh am bheil thu ann an Criosd no nach 'eil ? 'Se a h-aon diubh, ma tha thu ann an Criosd, 'an sin tha Spiorad Chrìosd annadsa, 'seadh, tha Criosd e fein annad ; agus ma tha Criosd annad, 'an sin is tusa bean an Uain ; agus uime sin cha dean e gu bràth do dhiteadh.

Ach fathast their thu, tha mi tric do dh'uairean a lean-tuinn na feola. Freagram thu, ach am bheil thu a' smuaineachadh gu'm bheil thu a mach as an t-slighe, an uair a tha thu a' dol rathad eile nach b' àill le Criosd no le Spiorad Chrìosd do threorachadh ann ? 'Seadh, nach teid na caoraich air seachrain ? Agus nach bi a pheighinn air a thasgaidh suas anns an sporan air a chall ? Nis, ma ta, am b' àill leat fios fhaotain ciod e inntinn an Tighearn a'd' thaobh fein ? Tha mise ann an so a chum teistean a thabhairt dhuit air, agus am b' àill leat fios fhaotainn nach 'eil dìteadh dhuit ? 'An sin, ma ta, freagair thusa mise, agus cuiridh mise an ceill teistean Dhé dhuit. Innis dhomh ciod an t-slighe a tha thu a' dol. Am b' àill leat creidsinn ann an Criosd ? Agus am b' àill leat a bhi beò beatha Chrìosd ? Agus am b' àill leat a bhi ann an neamh, far am bheil Criosd do cheann ? Agus am bheil fadal ort airson a bhi chomhnuidh maille ri Dia ? Agus am bheil an Spiorad Naomh a'

teachd aig amaibh gu bhì an taobh stigh dhuit, gu labhairt ri d'-anam, agus gu radh, Se so an t-slighe, imich thus' innte? Cha'n e spiorad fallsa tha'n so; cha'n e spiorad meallta tha'n so, tha ga d' threorachadh air tus gu do thròcair féin; 'san ath àite, a dh'ionnsuidh fuil Iosa: agus, 'san treas àite, a dh'ionnsuidh gaol an Athair; oir 'se so Spiorad Dhé.

Ach fathast, their thu, tha'n fheòil do ghnà a' faotainn lamh an uachdar orm, agus gu tric a' faotainn a bhuidh. Freagram, Tha ceithir eadar-dhealaichidhean eadar an dream a tha 'g imeachd a reir na feòla, agus an dream a tha 'g imeachd a reir an Spioraid.

Air tus, Esan a tha 'g imeachd a réir na feòla, tha chùrsa do ghnà an t-aon ni, agus cha'n 'eil e gu bràth air ath'rachadh; ach esan a tha 'g imeachd do reir an Spioraid, tha e a' faotainn caochladh air oibreachadh, agus tha e air a thionndaidh a mach as an t-slighe fhar-suing a dh'ionnsuidh an t-slighe chumhang, agus tha a shlighe mar is tric' a dh'ionnsuidh neamh, ciod sam bith mar a dh'fheudas e bhì gu tric air a thionndaidh dheth a chùrsa.

'San dara h-aite, Tha esan a tha 'g imeachd do réir na feòla, a' deanamh a pheacaidh le ciocras, oir tha e a' smuaineachadh nach faigh e a leòir do pheacadh; ach tha esan a tha 'g imeachd a reir an Spioraid a' saoil sinn a pheacanna na thruaighe dha, agus uime sin, tha e na uallach dha.

'San treas àite, Tha esan a tha 'g imeachd do reir na feòla, a' cuimhneachadh a chuid peacanna le gairdeacheas agus aoibhneas; ach esan a tha 'g imeachd do réir an Spioraid, tha e a' cuimhneachadh a pheacanna le cràdh agus bron cridhe.

'Sa cheithreamh aite, Esan a tha 'g imeachd do réir na feòla, tha 'm peacadh a rioghachadh ann, agus tha e ga leantainn ge b'e áite a threoraicheas se e; ach esan a tha 'g imeachd do reir an Spioraid, is gràin leis am peacadh, agus is truagh leis e féin 'nuair a tha e air a chomh-éigneachadh gu peacadh a dheanamh; agus 'nuair a pheacaicheas e tha e a' guil gu goirt, 'Nis, gu comh-dhunadh, co liutha dhìbh aig an àm so 'sa's urrainn an cridheachan 's an coguisean a thabhairt an lathair Dhé, agus ann an sin fianuis a thabhairt, ag radh, Thighearn, is fianuis thu do m'anam gu'm b'àill leam imeachd do réir

am Spioraid ; b'àill leam pilltinn ad' ionnsuidh le'm uile chridhe, anam, inntinn, agus neart ; b'àill leam am peacadh a mheas mar mo thruaighe a's mo, agus na uallach dhomh ; agus b'àill leam mo pheacanna a chuimhneachadh le cràdh agus bròn, agus le cridhe trom, agus is subhach a b'àill leam am peacadh a bhi air a mharbhadh, a chum's nach rioghaicheadh e annam. Co iomadh dhibh s' a 's urrainn so a radh, ann am firinn 'ur cridhe, ann an so tha mise a' tabhairt fianuis duibh, nach 'eil dìteadh air bith dhuibhse ; agus uime sin is aoibhneach a dh'feudas sibh a dhol dachaidh a dh'ionnsuidh bhur tighean, agus is aoibhneach a dh'fheudas sibh a dhol a mach air doras na h-eaglais so, agus feudadh sibh a radh, 'nuair a tha sibh air teachd dhachaidh an diugh, tha slainte air teachd a dh'ionnsuidh mo thigh, tha mi air mo dheanamh am leanabh do Dhia, agus am bhrathair do Iosa Crìosd ; oir tha mi annsan, agus tha esan annamsa ; agus uime sin, cha'n 'eil dìteadh sam bith dhomhsa. 'Nis, gu'n deonaicheadh an Tighearn dhuibh so, air sgath Iosa Crìosd a Mhac, dha-san maille ris an Athair agus ris an Spiorad Naomh, gu'n robh gach uile mholadh, urram, agus glòir, a nis agus gu sìorruidh. Amen.

SEARMON XLVIII.

CHA'NEIL DITEADH DO PHOBULL TAGHTA DHE.

An t-Searmon mu dheireadh a shearmonaich Mr Eoin Uelsh an Eithir, air Dì'màirt—an triamh-lā-fichead do mhios mu dheireadh an t-sambraidh 'sa bhliadhna 1605 roimh'na mheadhon lā, 'nuair a bha e gu a thuras a ghabhail a dh'ionnsuidh Dhunéidin air a cheart là sin fein; agus air ball an deigh dha teachd an sin, bha e air orduchadh le comhairle na h-Alba a chum prìosan, agus bha e air a ghiùlain leis a gheaird a dh'ionnsuidh Caisteal Bhlacneiss.

'Nis gu'n tugadh an Tighearn a bheannachd do fhocal fein agus gu'n d'fhigeadh spiorad Iosa a steach, an tì 'se ughdar na firinn so, agus gu'n seuladh e fhirinn fein ann bhur cridheachan agus ann bhur n-anama', air sgàth Chrìosd.

Romh. viii. 1, 2, 3, 4, 18, 38.—Air an aobhar sin cha'n'eil a nis diteadh sam bith do'n dream sin a tha ann an Iosa Crìosd, a tha gluasad ni h-ann a reir na feola ach a reir an Spioraid. Oir shaor lagh Spioraid na beatha, ann an Iosa Crìosd, mise o lagh a pheacaidh agus a bhais. Oir an ni nach robh an eomas do'n lagh a dheanamh, do bhrìgh gu'n robh e anmhunn tre'n fheoil, aig cuir a Mhic fein do Dhia an coslas feola peacaich, agus na iobairt air son peacaidh, dhìt e am peacadh 'san fheoil: Chum gu'm biodh fireantachd an lagh air a coimhlionadh annainn, a tha gluasad cha'n ann a reir na feola, ach a reir an Spioraid. Oir measam, nach fiu fulangais na h-aimsir a ta lathair, an coimhmeas ris a' ghloir a dh'fhoillsichear annainn. Ni h-eadh, ach anns na nithibh sin uile tha sinn a' toirt tuilleadh agus buaidh, trid-san a ghradaich sinn, &c.

CHA'NEIL ach dà ni gu sonruicht' a tha mi-mhisneachadh agus a' tabhairt air leanabh Dhe a bhi fannachadh ri àm a chuairt 'an so; Air tùs, Tha truailleidheachd nàduir an taobh a stigh dha, a tha 'ga bhacadh bho

onair a chuir air an Tighearn ann an neart a chridhe, agus le saorsainn spioraid, mar a tha e ag iarraidh a dheanamh, agus a tha tabhairt air a bhi sgith de a bheatha, agus a tha 'ga chomh-èigheachadh gu glaodhaich a mach as a thruaighe, agus a bhi iarrtuinneach air son fear-saoraidh a shaoradh e o a bheatha nàdurach, ni a tha na chorp bàis, a chum's gu'm biodh e air ath-rachadh, agus gu'n sguireadh am peacadh ann. Agus 'se so a shamhuil: Duine air a reic fuidh na pheacadh, air doigh's nach faigheadh e cead an ni a b'àill leis a dheanamh, ach gu'n robh e air a chomh-eigheachadh gus an ni sin a dheanamh nach b'àill leis; duine aig an robh lagh ann a bhuill a' cogadh ann an aghaidh lagh inntinn, agus 'ga thabhairt ann am braighdeanas, air slighe air nach b'àill leis a dhol. Agus 'se so earrann do chor na'n naoimh gu léir, agus sibhse a tha ann an Crìosd 's-aithne agus is léir dhuibh so mar-aon; ach co liutha dhibh 's nach robh riamh fathast air bhur togail suas ann an rioghachd Chrìosd, cha'n aithne dhuibhse a leithid so do nì; cir cha'n'eil sibh a' mothachadh a pheacaidh a bhi na uallach, cha'n'eil sibh a' faicinn truaighe, ni mo tha sibh a' mothachadh cogadh an taobh a stigh dhibh. Ach tha e air a chaochladh do dhoigh le sluagh Dhe; tha iad a' mothachadh cogadh an taobh a stigh dhoibh, eadar an fheoil agus an spiorad, agus tha so a' tabhairt orra bhi sgith de' am beatha, do bhrìgh 's nach faigh iad cead seirbhis a thoirt do Dhia mar a b'àill leò. no a bhi ann am firinn an cridhe a' tabhairt gloir do Dhia. 'Se so a cheud ni agus an ni sonruichte a tha mi-mhisneachadh leanabh Dhe agus is mò a tha 'ga bhacadh gu bhi ruith a rèis le gairdeachas agus subhachas.

'Se'n ath ni, trioblaidean agus croisean lionmhor na beatha so a tha leantuinn an deigh clann Dhe agus thug so air an Eaglais eigheach, Dan Sholaimh. i. 4, "Tha mi dubh agus air mo losgadh leis a ghrèin, O a nigheana Ierusalem." B'e so cor a chinn, agus 'se so cor a bhuill uile, gur ann trid iomadh àmhghairibh a dh'fheumas iad a dhol a steach do rioghachd neimh. Uime sin thoilich e an Tighearn, dà chombfhurtachd a chuir sios ann an so, mu choinneamh an dà mhi-mhisneach so. 'Se a h-aon diubh, "Cha'n'eil diteadh air bith do'n dream a tha ann an Iosa Crìosd." 'Se an aon eile dhiubh, Cha'n'eil mi meas uile thriob-

laidean na h-aimsir a tha làthair, fiù'-ail air a ghlèir sin a dh'fhoillsichear annainn. Ge do tha thu peacachadh gach là, gidheadh cha'n'eil dìteadh dhuit-sa 'tha ann an Criosd, do bhrìgh's gu'm bheil Mac Dhe a' labhairt air do shon, do bhrìgh's gu'n do bhàsaich e agus gu'n d'eirich e a ris air do shon; agus air son trioblaidean agus croisean, tha na naoimh na's mò na na'n luchd buaidh os an ceann, trid-san a ghràdhaich iad mu'n robh an saoghal ann; agus tha dearbhachd aca, nach bi nì sam bith air neamh no air an talamh comasach air an sgaradh o ghradh Dhia ann an Iosa Criosd. Agus 'se so gu h-aithghear suim a chaibideil so.

Sibhse 'bha air làthair an so air an latha roimhe, chuala sibh gu'n robh dà nì anns a chaibideil so, 1. aite, comhfhurtachd gu do chumail suas, a chum's nach fannaich thu fuidh uallach do chuid peacanna; agus anns an 2 aite, sòlas gu do chumail suas, air doigh's nach toir croisean agus trioblaidean na beatha so ort fàs sgèth ann do chuairt, no fannachadh ann do thurus a dh'ionnsuidh neamh.

Mar air son a cheud nì, tha eanns na briathran so a leugh mi, anns a cheud aite, far am bheil an comhfhurtachd fein; agus, anns an ath àite, iadsan do'm buin e. Tha feum agad-sa air comhfhurtachd a tha mothachadh uallach a pheacaidh, agus an daorsa gus am bheil do thruaillidheachd ghin 'ga do thabhairt, agus is aithne do na Spiorad so maith na's leoir; uime sin esan do'n aithne inntinn Dhe, agus a ta rannsachadh nithe doimhne Dhè, tha e e ag innseadh dhuit ciod i inntinn Dhe ad' thimchioll fein, agus 'se so do chomhfhurtachd, nach bi fuigheal na truaillidheachd an taobh a stigh dhuit comasach gu bràth air do dhiteadh. So an comhfhurtachd a tha'n Spiorad a' tabhairt o an Athair agus o na Mhac, agus tha e 'ga thabhairt a dh'ionnsuidh lagh do bhallaibh a tha cogadh ann an aghaidh lagh d'inntinn, ge do bheir e ort beatha thruagh a bhi agad, agus ge do bheir e thu ann am braighdeanas gu peacadh; gidheadh cha dean e gu bràth do dhiteadh, cha dean e gu siorruidh do bhruthadh sios do dh'ifrinn, no do thilgeadh a dh'ionnsuidh dorchadais iomallach.

'Nis, tha mi ag radh, cha'n'eil an comhfhurtachd so air son na h-uile neach; oir ciod am feum comhfhurtachd a tha aige-san nach robh riamh fuidh thrioblaid? Do

bhrigh's gu'm bheil lagh ann do bhallaibh-sa a tha 'cogadh ann an aghaidh lagh d'inntinn, agus a tha 'ga do thabhairt 'am braighdeanas gu peacadh, a' tabhairt ort eas-onair a thabhairt do Dhia ; ach tha'n sòlas so a mhàin air do shon-sa a tha 'ga do mhothachadh fein ceangailt ann an cuibhrichean, agus b'àill leat ruith ann an slighibh Dhe, ach cha'n'eil thu 'ga dheanamh. Na'm biodh tu as eugmhais peacaidh, an sin cha bhiodh feum agad air a ghuthso a bhi air a chuir an ceill dhuit o na flaitheanas ; oir 'se am peacadh a mhain a tha tabhairt eagal diteadh : ach do bhrigh's gu'm bheil peacadh 'ga do bhruthadh sios gach là, uime sin tha feum lathail agus air comhfhurtachd an Spioraid. Agus air do shon-sa a bhlais air fearg, agus aig am bheil aithne air ciod e sin a bhi creachte deth làthaireachd Dhe gu siorruidh, cha dean comhfhurtachd eile thus a thoileachadh ach sin a tha'n Spiorad a' foillseachadh anns an fhocal. Ach air do shonsa nach robh riamh fuidh uallach air son do pheacanna, no le mothachadh feirg air son peacaidh, ni naigheachdan eile thus' a thoileachadh, ge nach cluinneadh tu gu bráth focal mu neamh no mu ifrinn, mu thimchioll beatha shiorruidh, no mu dhiteadh siorruidh.

Thoir fainear ma ta : innis thusa dhómh-sa, ciod e d'aon chomhfhurtachd a mhàin anns a bheatha so ? An e naigheachd na beatha siorruidh, agus nach bi thugu bràth air do dhiteadh, is aon aobhar do d' chomhfhurtachd ? Tha so na chomharadh cinnteach gur leanabh do Dhia thusa. Ach ma bhitheas tu toilichte air son naigheachdan a chluinntinn mu thimchioll staid na cùirt agus comunn gnothaichean na dùthcha, no mu nithe a bhuineas do d' ghairm aimsireil fein, agus nach feoraich hu idir focal mu thimchioll staid na h-eaglais, no mu d'anam fein : Tha so na chomharradh nach robh thu riamh ann an Criosd, agus cha'n'eil a bheag ach diteadh air do shonsa, mur bi thu air d'atharrachadh, agus air do dheanamh ad' chreutair nuadh. Ach tha mi fàgail so.

B'e'n ath ni a chuala sibh an dream do'm buineadh an comhfhurtachd so. Dh'fheudadh so a bhi na naigheachd aoibhneach do'n t-saoghal na'm buineadh e dhoibh uile ; oir an sin dh'fheudadh iad a radh, ciod an umhail a th'ann ciod an caitheamh beatha a bhitheas agam, a' faicinn nach 'eil diteadh air bith dhomh. Ni-headh, ni-headh, tha comharan agus crìochan air an cuir sios, agus tha

comharan orra-san do'm buin an comhfhurtachd so, agus iadsan a tha as eugmhais na'n comharan so, agus a tha air taobh a mach na'n crìochain, feudaidh iad deanamh air son corruich Dhia; agus ma bhàsaicheas iad mar sin, tha iad air an diteadh a cheana; oir tha àireamh mhòir air an roimh orduchadh a chum diteadh. Agus am bheil dùil agaibh-sa ma 'seadh a dhol a dh'ionnsuidh neamh cho socrach? Ni-headh bithidh sibh air bhur mealladh; oir mar tha caoraich ann, mar sin tha gabhradh; mar a ta soithichean onair ann, mar sin tha soithichean eas-onair ann, agus mar a tha soithichean tròcair ann, mar sin tha soithichean feirge ann: mar a tha cruithneachd ann, mar sin tha moll ann; agus mar bhitheas a bheannachd air a thabhairt do chuid; mar sin bithidh a mhallachd air a thabhairt do chuid eile. 'Nis, 'siad an dream da'm buin e, iad-san a tha ann an Iosa Crìosd. Mar sin ma ta, mur 'eil thu ann an Crìosd, agus air taobh a steach cuairte na fola sin, agus a'd' bhall do na chorp sin, a bha air a mharbhadh air a chrann, agus anns a chridhe sin a bha air a lotadh le sleagh, agus anns an fheoil sin a ghiùlain mallachd an lagha air a chrann; mur 'eil thu air do thabhairt a mach a staid nàduir, agus air d'atharrachadh a mach a stoc bròite Adhaimh, agus air do shuidheachadh ann am Mac Dhe, Crìosd Iosa; air doigh's gum bheil fhuil-san gach là 'ga do ghlanadh o do chuid peacanna, agus a' beathachadh d'anam, agus a' casgadh t-iotadh, mur 'eil na nithe so agad, 'an sin cha'n'eil a bheag sam bith ach diteadh air do shon-sa; ach ma tha thu ann an Crìosd, 'an sin feumaidh a chuid eile gu leir leantuinn, agus tha lagh air a thabhairt a mach o chaithir Dhe, nach 'eil diteadh air do shon-sa. Ach cia mar a dh'aithnicheas tu ma tha thu ann an Crìosd? Dh'innis mi dhuibh gu'n aithnich sibh so leis an Spiorad a tha 'gur treorachadh. Thus a ta ann an Crìosd, tha agad-sa Spiorad Chrìosd 'ga do threorachadh: air an laimh eile, thusa nach 'eil ann an Crìosd, cha'n'eil agad-sa Spiorad Chrìosd, agus iadsan nach 'eil ann an Crìosd, cha'n'eil fear-iùil aca ach an fheoil a mhàin, agus tha iad-san a' leantuinnan fhir-iùil sin. 'Nis, ma tha thu air do threorachadh leis an fheoil, cha threoraich i gu sìorruidh a dh'ionnsuidh neamh thu, cha sheol i gu bràth thu a dh'ionnsuidh caithir cheartais Dhe, cha threoraich i gu bràth thu a dh'ionnsuidh sealladh air do pheacanna, ni mò a threoraicheas i gu bràth thu a

dh'ionnsuidh fuil Mhic Dhe, a chum do pheacanna a ghlanadh air falbh, ri mò a threoraicheas i gu bráth thu a dh'ionnsuidh Spiorad Iosa a chum do chomhfhurtachadh; oir an fheoil (mar a ta i 'an taobh a stigh dhuit) cha treoraich i gu bráth thu a mach asad fein, no a dh'ionnsuidh slighe na naombachd. Mar sin bithidh fhios agad le so, co-dhiubh a tha thu ann an Criosd no nach 'eil; eadhon so, ma tha thu ann an Criosd, tha Spiorad Chriosd agad. Agus, c'ia mar a dh'aithnicheas tu Spiorad Chriosd? Innseam dhuit c'ia mar a ta sin. Gabhaidh se thu, agus bheir e thu a dh'ionnsuidh tuigse shoilleir a'd' thimchioll fein; agus feuchaidh e dhuit, do thaobh náduir gu'm bheil thu a'd' chaora chailte, agus a'd' mhae seachranach; air doigh's gu'n abair thu, Gheibh mí bás mur d'theid mi dhachaidh a dh'ionnsuidh m' Athair, agus theid mi am mugha, mur faigh mi iocshlainte mhilis fuil Chriosd, a chum lot básmhor m'anam a leigheas. O nach comharraicheadh gach neach obair an Spioraid an uair a theid e 'steach a dh'ionnsuidh an cridheachan; oir, co a thug thu a dh'ionnsuidh sealladh ort fein? Agus co a leig ris dhuit do staid thruagh do thaobh naduir? Cha do leig a h-aon ach Spiorad Chriosd, a chuir an t-Athair a'd' ionnsuidh leis an úghdarras so, aig radh, Bris a steach, agus fosgail sùilean a pheacaich dhoill so, agus leig ris da co e, mar a ta e do rìreadh. 'Se so ceud chomharradh an Spioraid.

'San ath áite, treoraichidh se thu a mach asad fein, agus bheir e thu a dh'ionnsuidh Chriosd, agus bheir e ort luidh sios aig a chosaibh, agus glaodhaich a mach, "Dean tròcair orm, thus a Mhic an Dia bheo." Mar so, an robh thu riamh air do threorachadh leis an Spiorad le anam leòinte a dh'ionnsuidh fuil Chriosd, agus gu tobair na beatha? Co a threoraich an sin thu ach Spiorad Chriosd? Agus an robh thu riamh air do threorachadh a dh'ionnsuidh crò chaorach Chriosd? Co a threoraich an sin thu ach Spiorad Iosa? Ciod e tuille?

'San treas áite, an uair a threoraicheas e thu a dh'ionnsuidh na fola, an sin treoraichidh e mach thu troimh na flaitheanas, agus trid na fola, agus a steach troimh na h-uile a dh'ionnsuidh gaol an Athair, an ni is e an tobair, agus a dh'ionnsuidh gaol Dhia, agus ann an sin chi thu an t-Athair 'ga do ghrádhachadh, air sgáth a Mhic fein, mu'n d'rinneadh an saoghal riamh. 'An sin chi thu am Mac 'ga do ghrádhachadh gu saor, do bhrigh's gu'n d'rinn an t-Athair roghainn dhiot, agus gu'n d'thug e thairis thu

dha-san. An sin chi thu, gu'n do chuir an t-Athair a Mhac fein gu bás fhaotainn air do shon, eadhon an uair a bha thu a'd' namhaid dá, agus gu'n d'rinn se reidh ris fein thu trid bás a Mhic; agus uime sin tha thus a' comhdhunadh; "oir ma 'se air dhuinn a bhi 'n-ar naimhde, gu'n d'rinneadh reidh ri Dia sinn tre bhás a Mhic; is mòr is mò air dhuinn a bhi air ar deanamh reidh, a shaorar tre a bheatha sinn." Romh. v. 10. Agus air an aobhar sin cha'n'eil dìteadh air bith dhomh-sa. O! C'ia aoibhneach 'sa dh'fheudas tu a bhi, a fhuair so air a sheuladh do d' chridhe, nach 'eil dìteadh sam bith dhuit, do bhrigh's gu'm bheil thu ann an Criosd.

'Sa cheithreamh aite, Bithidh aithne agad air an Spiorad le toraidhean agus eifeachdan an Spioraid? 'Nis, ciod iad toraidhean an Spioraid? Tha iad air an cuir sios dhuibh anns a chuigeamh caibideil do'n litir a dh'ionnsuidh na'n Galatianach, 22, and 23 rann.

'Se a cheud aon, gràdh, Agus co a ghluais thu a chum gràdh a thabhairt do Dhia agus do chuid naomh, ach Spiorad a ghràidh e fein?

'Se 'n ath aon aoibhneas. An d'fhuair thu riamh ma ta aoibhneas do-labhairt ann ad' anam? Co a burra do threorachadh d'a ionnsuidh, ach spiorad an aoibhneis, an Comhfhurtair e fein?

'Se'n treas toradh sìth. Mar so an d'fhuair thu riamh sìth ann do choguis, an t-sìth sin a tha dol thar na h-uile tuigse? 'An sin b'e Spiorad Iosa a threoraich thu d'a h-ionnsuidh.

'Se'n ceithreamh, fad-fhulangas. Miar sin an do ghiulan thu riamh a chrois gu foighidneach? Agus an robh thu riamh toileach fulang air son ainm-san? Agus an do mheas thu riamh masladh Chriosd na shaoibhreas na's mo na ionmhas na h-Eiphit? Co a b'urrainn gràs a thabhairt dhuit gu so a dheanamh, ach esan an tì 'se Spiorad na'n uile ghràs?

'Se'n cuigeamh caomhalachd. Co a rinn mìn agus iriosal thu ann ad' inntinn, air doigh 's gu'r urrainn thu do mhuineal a chuir gu toileach fuidh chuing Chriosd? Cha d'rinn a h-aon ach esan is e Spiorad na macantachd e fein.

'Se'n seathamh maitheas. Co a ghluais thu gus a mhaith a dheanamh agus an t-olc a sheachnadh, agus a bhi ultamh, a chum gack uile dheadh obair a dhean-

amh? Cha do ghluais a h-aon ach Spiorad Iosa, an tì 'se maitheas e fein.

'Se 'n t-seachdamh creidimh. Mar sin co a thug dhuit creidsinn ann am bàs agus ann an ais-eiridh Chrìosd? Cha d'thug a h-aon ach Spiorad Chrìosd a thog suas Iosa o na mairbh.

'Se 'n t-ochdamh macantas, agus 'se 'n naodhamh stuaimeachd. Co a thug na gràsan so dhuit, ach Spiorad Iosa, an tì 'se ughdar na'n uile ghràs! Mar so aithnichidh sibh an Spiorad le toraidhean an Spioraid. 'Nis do bhrìgh's gu'n d'fhàg an ùin mi, air an aobhar sin cha dean mi ach a chuid eile fhosgladh suas dhuibh, agus mar sin comh-dhùnadh.

Tha sibh a' faicinn co iadsan do nach 'eil dètheadh; tha sibh a' faicinn gur e an comharradh a tha aca Spiorad Chrìosd; agus tha sibh a' faicinn, gur e obair an Spioraid an tùs achmhasan a thabhairt; agus anns an ath àite, do threorachadh a mach asad fèin a dh'ionnsuidh an Eadar-mheadhonair, agus a dh'ionnsuidh fhola-san.

'San treas àite, Gu do leideachadh trid na fola sin a dh'ionnsuidh gaol an Athair, agus a dh'ionnsuidh run siorruidh do thaghaidh agus do shaoraidh.

'Sa cheithreamh àite, is e obair an Spioraid a tha tabhairt a mach na'n toraidhean so annad, an leithid agus gràdh, aoibhneas, sìth, fad-fhulangas, caomhalachd, maitheas, creidimh, macantas, stuaim. Ach treoraichidh an fheoil thu a dh'ionnsuidh adhaltranas, striopachais, neo-ghloine, macnus, iodhal-aoraidh, druidheachd, connsachadh, naimhdeas, comh-fharpuis, fearg, comhstri, aimh-rèite, saobh-chreidimh, farmad, mort, misg, ruidhteireachd, agus an leithide sin: agus mar sin, leis na toraidhean, bithidh fhios agad co dhe'n dithis so a tha 'ga do threòrachadh, co-dhiùbh 'se an fheòil no an Spiorad. Ach their thus', aig cuid do dh'amaibh bha agam gràdh, agus aoibhneas, agus sìth, agus foighidin, agus caomhalachd, agus creidimh, agus a chuid eile gu léir; ach tric do dh'uairean tha mi a' faotainn, aig an fheòil an lamh a's àirde annam, agus tha mi air m'éigneachadh gu a leantainn.

Freagram thu, Cha bhiodh feum agad air a chomhfhurtachd so, na'm bitheadh tu saor o'n fheòil, ach do bhrìgh's nach bi thu saor uaith co fhad 'sa bhios tu annsan t-saoghal so, or luidhidh si do ghnàth ann ad' uchd, gu do bhac

adh o mhaith a dheanamh an uair a b'áill leat a dheanamh; uime sin, tha'n comhfhurtachd so air a chuir ad' ionnsuidh-sa tha cogadh ann an aghaidh na feòla; mar sin, mar 'eil thu a' leantainn na feòla, tha thu a' leantainn an Spiorad mar t-aon fhear-iùil. Tha so na chomharradh nach 'eil dìteadh dhuit-sa.

'Nis, do bhrìgh's gu'm bheil e co doilbh so a dhaingneachadh ann an cridhe duine, a tha co buailteach do mhi-chreidimh; agus do bhrìgh thus', a tha ad' leanabh do Dhia, ge nach biodh ach aon iarrrtas air a dheonachadh dhuit anns an t-saoghal so, tha mi an dùil, gu'm builicheadh tu air a so i, gu'm biodhagad an comhfhurtachd so air a dhaingneachadh agus air a shuidheachadh ann do chridhe; air an aobhar sin, tha'n t-Abstol, anns an 2 rann, 'ga chomh-chuir ris fein, mar an uair a tha e labhairt mu thimchioll a thròcair fein, tha e a' labhairt uime ann a' phearsa fein; mar an ceudna an uair a tha e' labhairt mu thimchioll a shaorsa, tha e a' labhairt uime ann a phearsa fein mar an ceudna. Eadhon mar sin thus', a tha a'd' leanabh do Dhia, 's urrainn thu labhairt air an dà ni so; is urrainn thu labhairt air daorsa agus trailleileachd a pheacaidh a rinn do thabhairt ann am braighdeanas d'a ionnsuidh; agus is urrainn thu labhairt mu shaorsainn an Spioraid, a thug saorsa dhuit; 's urrainn thu innseadh gu'n robh agad grabhan, is eagal, agus pian coguis, agus is urrainn thu innseadh gu'n d'fhuir thu a leithid do dh'aoibhneas agus a leithid do shìth choguis, air doigh's gu'm b'urradh dhuit a dhol a mach leis, agus do bheath a ghabhail ann do lām, agus a dhol a dh'ionnsuidh na h-uaigne, agus b'urrainn thu a radh le Simeon, "Thighearn, ms tha thu a' leigeil do d' sheirbhiseach triall ann an sìth; or chunnaic mo shùilean do shlainte." Tha sin na chomhara gur leanadh do Dhia thu.

'Nis, an Spiorad a tha leigeil fhaicinn d'a a thruaighe, tha'n Spiorad ceudna leigeil fhaicinn d'a a shaorsa; uime sin tha e ag radh, "Oir shaor lagh Spioraid na beatha, a tha ann an Iosa Criosd, mise o lagh a pheacaidh agus a bháis. Tha lagh na chumhachd a ta toirt òrdugh, air a shuidheachadh air ughdarras fear tabhairt an lagh." Mar so le lagh Spioraid na beatha, tha e a' ciallachadh buaidh agus cumhachd ar Tighearn a bha air a cheusadh, agus a tha air éiridh a rìs, a tha nis beò,

agus a' rioghachadh ann an glòir. Tha e 'ga ghairm lagh, do bhrìgh's gu'm bheil e tabhairt àithn, agus tha e faotainn umhlachd ann an cridhe clann Dhé, agus tha e ag àithneadh le ùghdarras, agus fuidh na phèim so, gu'm faigh mi bás mar tabhair mi umhlachd da.

A ris, "Lagh Spioraid na beatha," (oir tha Spiorad agus beatha anns an Tighearn ud a ta air éiridh a bhàsaich air crann, agus tha buaidh na's leòir ann gu mise a shaoradh o pheacadh agus o bhàs) a ta ann an Iosa Criosd," (Cha'n'eil beatha ann an ainglibh no ann an naoimh a's urrainn mo bheothachadh, agus cha'n'eil spiorad a's urrainn beatha thabhairt do m'anam, ach Spiorad Iosa a bha aon uair marbh, ach a' nis a tha beò, agus a' rioghachadh ann an glòir), rinn e mise a shaoradh. Bha mi am thràill do'n pheacadh agus do shàtan a roimhe; ach a nis Spiorad na beatha, a ta anns an Tighearn ud a bha air a cheusadh agus a ta air a ghloireachadh, air an d'rinn mise greim trid creidimh, rinn e mo shaoradh o'n trailleileachd so; air doigh's gu'm bheil mi nis air mo dheanamh am' shaor fhear-baile "de nuadh Ierusalem sin, o lagh a pheacaidh." Cha d'f huair lagh prionns' riamh a leithid do dh'umhlachd o iochdaran sam bith anns an tìr, 'sa fhuair am peacadh uam-sa ann an uile bhuill mo chuirp, gus an do sheall mi air an Tighearna Iosa air a cheusadh, agus ri a bhàs agus ais-eiridh; 'an sin thug e àithn dhomh, agus thug mise umhlachd dha-san; thug esan gealladh, agus chreid mise; bhagair esan, agus sguir mise. Mar sin, bha mi roimhe am' thràill air mo reic fuidh na pheacadh; ach a' nis, a pheacaidh, feudaidh tu a bhì a'd' ain-tighearn thairis orm, gu thabhairt orm umhlachd a thoirt dhuit ann an aghaidh mo thoil; ach cha'n fhaigh thu gu bráth an umhlachd thoileach sin a bha agad roimhe. Agus mu'n bhas. Tha dā bhas ann, bhraithre, a cheud agus an dara bās; labhair e uime anns a cheud rann, far am bheil e ag radh, "Cha'n'eil díteadh air bith do'n dream a tha ann an Iosa Criosd;" 'se sin, cha d'theid anama na'm muinntir thaghta gu brath do'n aite 'sam bheil anama na'n droch dhaoine a' òdol; do bhrìgh's gu'm fritheil na h-ainglean air a mhuinntir thaghta an uair a gheibh iad bàs, agus giùlainidh iad an anama a dh'ionnsuidh uchd Chrìosd, far an luidh iad fuidh an altair, gus am bi àireamh am braithrean air an coimhlionadh:

ach feithidh na droch spioradan air a mhuintir a chuir-eadh air cùl an uair a bhasaicheas iad, agus bheir iad air falbh an anama a dh'ionnsuidh na'n doimhneachdan gun chrìoch a tha'n iochdar na h-ifrinn', far am bi iad air am pianadh gu saoghal na'n saoghail.

'Nis ma ta, thus a tha ann an Crìosd cha bhlais thu gu sìorruidh air an dara bás; ach, air son a cheud bhás c'ionnas a tha thu air do shaoradh? Freagram, tha thu air do shaoradh o' na mhallachd, agus o ghath a bháis, air doigh's gu'm feud thu imeachd air cùl-thaobh a bháis, agus a dhol a dh'ionnsuidh glòir gun chrìoch: uime sin a cheud bhás so, cha bhás dhuit-sa e a tha ann an Crìosd, ach na's roghnaichte is slighe, no aisig e gu dol a steach a dh'ionnsuidh na beatha sìorruidh; cha chan mi ach so riut, na'm b'áill leat a bhi cinnteach thu bhi air do shaoradh o'n bhás, an sin feumaidh tu an tús a bhi air do shaoradh o na pheacadh, le lagh Spioraid na beatha, agus feumaidh tu aithne a bhi agad air-san a tha tabhairt an t-saorsainn so dhuit, 'se sin, an Tighearn Iosa a mhàin. 'Nis, bithidh mi ag crìochnachadh.

Ach so tha mi fágail maille ribh, eadhon mo theisteachas air an fhirinn so, a tha air a sgrìobhadh agus air a sealladh 'an so leis an Spiorad Naomh; agus ciod e sin? Tha sibh uile do dha sheórsa, agus tha sibh uile a' dol air da shlighe, agus tha da fhear-iùil agaibh, agus thig sibh uile a dh'ionnsuidh da chaochladh dh'aite.

'Ni mi so na's ro-shoilleir' dhuibh; tha cuid agaibh ann an Crìosd, agus tha sibh aig imeachd anns an t-slighe gu neamh, agus a dh'ionnsuidh Mhic Dhe a tha 'nis a' rioghachadh anns na neamhan, agus aig deas-lamh Mòrdhalachd Athair; agus tha cuid agaibh fathasd annaibh fein, agus ann an nàdur, oir cha robh sibh riamh anns a Mhac. 'Nis, sibhse a ta ann an Crìosd, agus a tha ag imeachd a chum neamh, tha Spiorad Iosa agaibhse gu bhi na fhear-iùil duibh, agus 'se an t-slighe dh'ionnsuidh an bheil e 'g'ur treorachadh, an tús, A dh'ionnsuidh sealladh air do pheacaidh agus do thruaighe. 'San dara h-àite, treoraichidh se thu a dh'ionnsuidh na fola, agus a chum an Eadar-mheadhonair, agus a dh'ionnsuidh rìgh-chaitheir na'n gràs, a chum an sin gu'm faigheadh tu gràs agus tròcair ann an àm feum. 'San treas àite. Tha e ga do thabhairt a steach trid na fola, a dh'ionnsuidh gaol an Athair, a chuir am Mac

a chum basachadh air do shon, an uair a bha thusa a'd' namhaid da : a dh'ionnsuidh gradh a Mhic, an Tí, le a bhás, a rinn thusa rèidh ri Dia, agus a shaor ó'n fhearg thu : a dh'ionnsuidh gradh an Spioraid Naoimh, a thainig o neamh a'd' ionnsuidh, a chum sgeul aoibhinn na sláinte innseadh dhuit.

'San àite mu dheireadh, Tha e a' tabhairt a mach toraidhean maith annad ; an leithid agus gràdh, aoibhneas, sìth, fad-fhulangas, &c., agus sibhse, a ta annaibh fein, cha'n'eil a bheag agaibh gu'r treorachadh ach gliocas na feola, an ni a ta na naimhdeas do Dhia. Na smuainichibh air son na feola, deir an Spiorad ; ach their an fheoil an aghaidh sin. Mar sin tha'n Spiorad 'ga do tharruing air aon slighe, agus tha'n fheoil 'ga do tharruing air slighe eile : 'nis bi'dh aig an dà shlighe so da chaochala crìoch, fada eadar-dhealaichte o cheile ; oir mar a tha eadar-dhealachadh mòr eadar thus' a tha ann an Crìosd, agus thus' a tha anns an fheoil, thus' a tha anns an t-slighe gu neamh, agus thus' a tha anns an t-slighe gu ifrinn. 'Nis, mar a tha eadar-dhealachadh mòr anna so uile, mar sin tha eadar-dhealachadh na's ro-mhò eadar iad ann an crìoch dheireanach, ann an ais-eiridh, agus ann am breitheanas ri teachd, aige a chrioch.

Thusa tha ag imeachd a réir an Spioraid, mar a ta thu beo ann an Crìosd, mar sin bàsaichidh tu ann an Crìosd. Air an aobhar sin tha mi fágail na teisteanas so maille riut, a tha agam o Dhia ann a fhocal. thusa, a ta air do threorachadh le Spiorad Iosa ann an cùrsa do bheatha, gheibh thusa bas ann an Crìosd ; agus thusa a tha annad fein, ma dh'fhanas tu mar sin, (oir na leigeadh Dia gu'n comhdhùnainn-se dìteadh sìorruidh a h-aon agaibh) feudaidh tu pìlltinn a dh'ionnsuidh Dhe, agus feudaidh an Tigh-earn gu h-athghearr, agus ann an tiota, do chridhe a chaochladh, agus is urrainn guth Mhic Dhe, le aon fhocal do thogail o na mairbh, agus a mach a uaigh a pheacaidh ; agus feudaidh tu a bhì annad fein, ann an nádur, agus anns an fheoil, 'nis air a mhaduinn so ; gidheadh co is urrainn innseadh nach feud thu a bhì ann an Crìosd mu'n tig an fheasgair. Air an aobhar sin gu ma fada gu n robh e uamsa radh mu neach sam bith agaibh gu h-ìomlan gu'm bi sibh air bhur dìteadh. Agus ge' nach do bhì sibh riamh fathas air mìlsead na fola sin, gidheadh gu ma fada gu'n robh e uamsa comh-dhùnadh no a radh, gu'n d'theid sibh a dh'ionnsuidh dìteadh.

Ach so tha mi fianuiseachadh dhuibh, agus ann an so tha mi a' fosgaladh geata' rioghachd neimh dhuit-sa tha ann an Criosd, agus nach 'eil ag imeachd a réir na feola, ach do reir an Spioraid. Ach dhuitse nach 'eil ann an Criosd, ach anns an fheoil, tha mi a' tabhairt fianuis dhuit, co fhad 'sa tha thu anns an fheoil, tha geata' na flaitheanais dàinte ort, agus tha geata' na h-ifrinn fosgailte dhuit. Air an aobhar sin (mo bhraithre) Tha mi 'g radh, gu'm bheil áireamh agaibh do nach b'aithe riamh fathasd ciod e sin Spiorad Iosa: Tha mi 'g radh, cha tabhair mise breith air a h-aon agaibh, ach b'aill leam gu'm biodh sibhse a' tabhairt breith oirbh fein, a chum's nach bi breith air a thabhairt oirbh. Ach ann an so tha mi a' tabhairt fianuis duibh, ma bhitheas sibh beo anns an fheoil, agus gu'm faigh sibh bàs anns an fheoil, cha'n fhaic sibh gu siorruidh neamh. Agus a chum's nach can sibh anns an la mhòr sin nach d'fhuair sibh rabhaidh, air an aobhar sin tha mi ann an so a' gabhail na neamhan agus an talamh mar fhianuis, tha mi gabhail na ballachan agus na puist chloich so mar fhianuis, tha mi a' gabhail a ghrian so a tha 'dealradh an sud, agus bhur coguisibh fein, gu bhi na'm fianuisibh eadar sibhse agus mise, gu'n d'innis mi dhuibh uile chomhairle Dhe, co fhad 'sa dh'fhoillsich e dhomh e; agus a 'nis gu'm bheil mi 'a labhairt na firinn ann an Criosd, agus nach 'eil mi deanamh breug; thus' a tha beo agus a blasaicheas anns an fheoil, gu'm basaich thu ann an ifrinn gu siorruidh suthain. Ann an so tha mi tabhairt dhuibh fianuis air a so, a chum's nach abair a h-aon agaibh gu'n robh mi am fhear-brathaidh do bhur n-anama', ach dh'innis mi dhuibh bhur cunnart am feadh a bha mi maille ribh: oir c'uime am bithinnse ciontach ann am fuil neach sam bith? Uime sin ge nach faigheadh sibh riamh na's mo do rabhaidh na searmonachadh an dearbh là so, tha mi a' gabhail na flaitheanas agus an talamh, agus an tigh so, mar fhianuisean, gu'm bheil mise saor de'r fuil. Oir dh'innis mi dhuibh mur bi sibh ann an Criosd mu'n d'theid sibh as an t-saoghal so, agus ma dh'fhanas sibh annaibh féin, ann an staid nàduir, agus anns an fheoil, nach faic sibh gu siorruidh beath bhith-bhuan, ach gu'n tig sibh a chum diteadh. Ann an aghaidh sin, tha mi 'g radh ruita a tha ann an Criosd, agus nach 'eil aig imeachd a reir na feola, ach do reir an Spioraid; ge d'

tha corp peacaidh an taobh a stigh dhuit, a tha ga d' thabhairt am braighdeanas air iomadh àm, agus ge do tha lagh ann do bhallaibh a' cogadh ann an aghaidh lagh d' inntinn, agus ge do bhiodh tu air do reic fuidh na pheacadh, agus air do chomh-èigneachadh gus an nì sin a dheanamh nach b' àill leat, agus gus a nì sin a b' àill leat a dheanamh, fhagail gu'n deanamh, fathasd tha mi a' tabhairt fianuis dhuit, agus gabh an comhfhurtachd so ad' ionnsuidh féin, ma tha t-iarrtuis an geall air a bhi aig imeachd do reir an Spioraid, agus ni-hann a reir na feòla, bheir eam-sa cinnte dhuit nach bi peacadh do nà-duir gu bràth comasach air do dhìteadh.

'Nis, a mheud agaibh's nach robh riamh ann an Criosd, 's nach d'imich riamh do reir Spiorad Iosa, tha mi guidhe oirbh a theachd d'a ionnsuidh, agus abraibh, A Thighearna ionmhuinn, thoir dhomh deoch dheth t-fhuil a chum tart m'anam seargte a chasgadh, agus a chum mo shaoradh o'n fhearg a ta ri teachd; agus thoir dhomh mo làn dheth d'fheòil, a chum's nach bàsaich mi gu siorruidh; cuir a nuas do Spiorad gu mo threorachadh anns an t-slighe chumhang agus ainnh-leathan sin a ta treorachadh gu beatha; pill mi, Thighearna, agus bithidh mi air mo philleadh, iompaich mi, agus bithidh mi air m' iompachadh. Thighearn, ma's àill leat, 'surrainn thu mo dheanamh glan.

Nis, an d'thig sibh g'a ionnsuidh (a mhuinntir mo chridhe) oir tha mise a' toirt cinnte dhuibh gu'm bheil e na Thighearn tròcaireach, agus thainig e a thearnadh pheacach, agus thug e maitheanas do pheacaich mhòr, agus their e riutsa, ma tha thu ad pheacach mòr, 'S àill leamsa tròcair mhòr a dheanamh ort; agus ma mhaith mi mòran dhuit, an sin gràdhaichidh tu mi gu mòr.

'Nis, air do shonsa a tha ann an Criosd a cheana, tha mi a' guidh' ort bi taingeil do Dhia, anns gu'n do thaisbean e dhuit tròcair co mòr, agus dean gairdeachas ann an saorghràs a Mhic Iosa Criosd, a cheannaich thu 'o na pheacadh, agus 'o ifrinn, agus imich àiridh air a ghairm-san leis am bheil thu air do ghairm; fan annsan, agus fanaidh esan annad-sa; agus foghlum gach latha do thaghadh a dheanamh cinnteach. Cleachd uile mheadhoinean adhraidh-san gach latha; mar iad so, éisd am focal gu subhach, smuainich air a là agus a dh'oidhche; biodh briathran a ghràis ann do bheul, dean faire agus ùrnuigh

do ghnàth, agus anns gach uile nithe bi taingeil, oir is e so toil Dhé ann an Iosa Criosd ad' thaobh. Rach tric a dh'ùrnuigh, agus ruith le gàirdeachas a dh'ionnsuidh an Athair, agus a chum an Eadar-mheadhonair, agus a dh'ionnsuidh fuil a chomhnaint nuadh, agus a dh'ionnsuidh beinn Shion, agus a dh'ionnsuidh an Uain Criosd Iosa: oir na'm b'aithne dhuit cia taitneach 'sa tha thu dhas-an, tha mi cinnteach gu'n gabhadh tu tlachd ann a bhi labhairt ris na's tric, agus na's faide na tha thu a' deanamh. Mar so feudaidh tu a theachd an uair as àill leat, agus tha fios agam nach àicheadh an t-Athair dhuit a bheag sam bith a dh'iarras tu air ann an ainm a Mhic Criosd Iosa.

Agus mu dheireadh do' na h-uile, na dì-chuimhnich Eaglais bhochd Dhia; ach thusa a tha ad' bhall de'n chorp sin, tha mi guidh ort gu'n gabh thu cùram mu na ehuid eile do bhùill a chuirp sin; dean ùrnuigh air a shon, oir cha'n 'eil mi aig agairt a bheag oirbh ach ùrnuigh, agus cha'n 'eil innealaibh eile chogaidh againn ach ùrnuigh. Agus deanaibh ùrnuigh gu'n éireadh an Tighearn suas, agus gu'n deanadh se e féin aithnichte o neamh, agus gu'n dìonadh se eaglais bhochd, agus gu'n tilgeadh se a naimhde bun os cionn. 'Nis cha chan mi guille, ach tha mi 'g'ur n-earbsadh uile ri beannachadh Dhé ann an Criosd Iosa. Dha-san, maille ris an Athair, agus ris an Spiorad Naomb, gu'n robh gach uile mholadh, urram, agus glòir, uaith so a mach agus gu sìorruidh. Amen.

SEARMON ULLACHAIDH.

A Shearmonaicheadh aig frithealadh Suipeir an Tighearna aig Maibole ann an Carric, 4-amh là do cheud mhios an Fhoghair, sa bhliadhna 1678 (ach do reir Wodrow, 'sa bliadhna 1677), 'shearmonaich Mr Earchie Riddel, an t-Searmon roimh na bùird o'n t-Sailm lxxxix. 10, "Fosgail do bheul gu farsuinn, agus lionaidh mise e;" Tha an t-Searmon sin, maille ris a chuid eile de' chomh-labhairt aig a chomh-chumuinn, ann an sgrìobhadh. Braid an luchd cobhrach Mr'n Eoin Uelsh agus Merton, Patric Uarner, Seòras Barclaidh, &c., maille ri Mr Richard Cameron, a bha aig an àm sin fo' dheuchainn.

ROIMHRADH.

Tha sinn air coinneachadh ann an so an diubh ann an ainm ar Tighearn Iosa Crìosd, Rìgh agus Ceann Eaglais fein, Tha na coinnidhean so, tha fios agaibh, air an toirmeasg le ùghdaras; ach tha a h-aon a tha na's mò na iad-san a tha ag àithneadh ann an aghaidh sin a tha iad-san ag àithneadh, agus feumar ùmhlachd a thabhairt do dh'àithn-san.—Fheara, tha gle bheag foighidinn agaibh air son fras a ghiùlan; ach tha mise a' smuaineachadh nach biodh e na dhroch bheachd-smuaineachadh dhuibh a smuaineachadh, gur ann o thròcair an Tighearn a tha e nach e teine agus pronnasc a tha aig an àm so a' teachd a nuas oirnn, mar a rinn e aon uair air Sòdom agus Gomorah. Gbairm an Tighearn sinn cuideachd air an latha so, agus, ann am measg nithe eile, tha sinne gu ar n-athchuinge a chleachdadh air son gu'n cuireadh e do'r n-ionnsuidh aimsir chothromach; ach ma bheir an Tighearn dhuinn ar mìr le dòrn, (mar a their sinn gu coitichion,) cha'n fheud sinn a dhiùltadh: Agus na'm biodh sibh do rìreadh ann an tagair ri Dia, theagamh gu'n aontaicheadh e leibh anns a chùis so.

'Nis, tha sinn air teachd an so o chaochladh do dh'àitibh, agus ghairm Dia sibh cuideachd a chum cuilm a thabhairt duibh, agus tha sibhse, co fad 'sa tha e n'ur cumhachd, gu seasamh agus cumail ri bratach an t-soisgeil; agus tha sinne, ann an àinm ar Tighearn agus ar Maighstir; 'g'ur deanaibh-se deadh-bheath aig am bheil erioch onaireach 'san aobhar so: agus cha bhi saothar bhur gràidh dha-san aon-chuid ann diomhanas no air a dhi-chuimhneachadh. Ach thugaibh an aire, a mhuinntir ionmhuinn, gu'm bi na h-uile ni air a thabhairt leibh bu choir a bhi air a thabhairt; thug sibh an so bhur cuirp, ach feudaidh e bhi, gu'n d'fhag sibh bhur cridheacha' n'ur deigh. O a mhuinntir ionmhuinn, biodh bhur sùilean air Dia, a chum 's gu'n cuir-eadh e bacadh air bhur cridheacha'; gu'n cuireadh e caithris oirbh ann an aghaidh ni sam bith a dh'fheudadh Dia eudmhor a bhrosnachadh a tha ann bhur meadhon.

A N T - S E A R M O N .

Eoin xi. 56.—Ciod bhur barail'se? an e nach d'thig e chum na fèisde?

THA agaibh anns na briathraibh so ceist agus a h-aobhar. Bha àireamh a thainig suas as an dùthaich uile timchioll Ierusalem a dh'ionnsuidh na fèisd; oir aig an fhèisd so bha tionail cuideachd a mach a Israeil uile r'a cheile; agus bha breitheanas agus truaighe air chuir an ceill 'nan aghaidh-san a dh'fhuirich air an ais, bha iad gu bhi air an gearradh as agus air an cuir a mach as a chomunn. 'Nis, anns a chomh-chruinneachadh mhor so, tha agaibh cuid a tha coinneachadh r'a chéile; agus ciod e an comh-labhairt? Ciod uime, tha'n comh-labhairt mu thimchioll na gnothuch so. Aon diubh a' fèorach ri h-aon eile, ciod a tha thu a' saolsinn mu'n àm so? Agus ciod a tha thu a' smuaineachadh mu'n aobhar 'o? Ciod an seòrsa latha bhios againn dheth? Feudaidh e bhi gu'm smuainich cuid agus gun abair iad, tha eagal orm nach tig e a chum na fèisd. A rìs, bithidh cuid, le mòr mhuinighin, mar gu'm b'eadh, ag radh, gu dearbh cha'n'eil an leithide sin do dh'eagal orm fein. Ciod a tha sibh a smuaineachadh? Cuiribh air falbh an leithide sin do smuaintean,

agus na tigeadh iad gu brath na's fhaide. "Ciod e bhur barailse, an e nach d'thig e chum na fèisde?" Ciod an suim ge nach d'thig e da h-ionnsuidh? 'Nis, tarruingidh mi na rùnaich mi a radh 'an so a dh'ionnsuidh na'n trì puingibh so, agus labhraidh mi focal gu h-athghearr ris gach aon diubh; agus mar sin comh-dhùnaidh mi an cleachdadh so, mar-aon do bhrìgh 's gu'm bheil an là fliuch agus fād air a chaitheamh, agus mar an ceudna do bhrìgh 's gu'm bheil fathasd mòran r'a dheanamh an deigh dhuinn bhi ullamh de' na chleachdadh so.—Agus gabhaidh mi steach an t-iomlan anns na trì puingibh teagaisg so.

Teag. 1. Tha'n Tighearn a' ceadachadh d'a phobull féin fèisd agus amana fèisde.

Teag. 2. Gu'm bheil e gu mòr na dhleasdanas air pobull Dè a bhi iarrtasach air son lathaireachd Dhé a bhi aca maille riu aig a leithid sin do àm.

Teag. 3. Gu'm bheil lathaireachd Dhé gle thaitneach aig a leithid sin do dh'àm. 'Nis tha a cheist a' gabhail a steach iad so uile.

1. Tha mi ag radh, tha'n Tighearn a' ceadachadh da shluagh féin cùilm agus laithean cùilm'. 'Nis tha fhios agaibh gu'm bheil cùilm na's mò na trà gnathaichte. Tha trà gnathaichte a mhàin air son sàsachadh agus ùrachadh nàdur; ach cha'n e mhàin gu'm bheil cùilm na deadh thoilintinn, ach mòran deth mar an ceudna; agus cha'n e mhàin caochlaidh do bhiadhaibh, ach iomadh caochlaidh. Tha cuid de' mhiosaibh annasach do dh'fhoillsichidhean air Dia tha e ceadachadh d'a phobull féin anns a chuilm so air an talamh. A ris tha fèisd na nì òrdail agus cosdail. Tha na h-aoidhean uile ta air an cuireadh, air an cuireadh roimh làmh, agus cha'n 'eil iad a' teachd air an doigh choitchion mar a dh'ionnsuidh an tràth aig a bhaile. Tha'n Tighearn a' ceadachadh d'a phobull féin fèisd, eadhon a chum's gu'n toir e dhoibh aobhar aig an fhéisd air son an athchuingibh a dheanamh ris, mar a thug Ahasuerus do dh'Ester. Thainig e a dh'ionnsuidh cuilm ban-righinn-Ester. Tha i a' gabhail an cothrom air a bhi saor ris an sin, agus a h-athchuinge a dheanamh ris air a son fein agus air son a sluaigh. Mar sin tha an Tighearn a' ceadachadh cuilm da phobull féin, gu fheuchainn doibh nach 'eil esan toileach

gu'm biodh iadsan air an cumhangachadh ann an in-nigh fèin. Tha e 'ceadachadh d'a shluagh fèisd agus laithean fèisde, an uair a ta aige mìr mōr sam bith obair no fulangas a chum an gairm d'a ionnsuidh. Ann an sin gu gnáthaichte tha aige-san foillseachadh mōr-eigin gu thabhairt dhoibh gu an neartachadh agus an daingneachadh. Fhuair na deiscioblan (air a chuid is lugha a' h-aon-deugdhiubh) a cheud chomhchomuinne mu'n d'thainig an deuchuinne mhòr a dh'ionnsuidh an robh iad air an òrduchadh, an ni b'e fulangais Chrìosd. Mar sin tha an Tighearn 'gar gairm-ne gu fèisd; agus tha an dá sheòrsa sluagh so' tha 'ar Tighearn Iosa Chrìosd a' gairm gu feisd maille ris air an lá màireach, agus bu chòir dhuibhse fheuchainn co-dhiubh a tha sibhse de'n àireamh sin no nach 'eil.

1. Tha e gairm a mhuinntir ocrach agus thartmhor; agus gheall e dhoibh cuilm. "Tha e a' lionadh na'n ocaich le nithe maith; ach na saoibhir (no an t-anam làn) tha e a' cuir air falbh falamh.

2. Tha e a' cuireadh na h-uile a ta ann an éiginn, a tha coslach ri bàs fhaotainn as-eugmhais lòn, a thainig g'an ionnsuidh fein a mach as an staid cu-ceillidh sin anns am bheil a chuid cile do'n t-saoghal, air dhoibh a theachd a dh'ionnsuidh Chrìosd, agus iad fèin a thilgeadh air a thròcair mi-fhiughail air iadsan a bhi air an tabhairt a steach ann am measg a chlànn-san. An leithid agus a tha ann an irioslachd ag iarraidh a bhi air an deanamh mar a h-aon de a luchd-tuarasdail. Tha e a' ceadachadh cuilm air son an leithidibh sin; tha e a' ceadachadh cuilm air son a chàirdean uile, mar a tha e againn ann an Dan Sholamh v. 1, "Ithibh, O chàirde; òlaibh, 'seadh, òlaibh gu pailt, O a luchd mo ghaoil."

'Nis, ciod i a chuilm a tha'n so, no co dheth a tha i air a coimeasgadh?

1. Tha e air a radh mu na chuilm so anns an sgrìob-tuir, Mata xxii, 4, "Dheasaich mi mo dhinneir; tha mo dhaimh, agus mo spreidh bhiadht' air am marbhadh, agus a ta na h-uile ni ullamh: Thigibh-se chum na bainnse." Cha'n 'eil cas-bhuidh ni air bith as urrainn sibh a mbiannachadh, ach tha na h-uile ni ullamh; eadhon an deise-bhainnse mu'n cuala sibh, tha i ullamh; an suidheachadh agus an nàdur bu chòir a bhi aig com-unnach, tha e ullamh. Air an aobhar sin thigibh

Sibhse a tha mothachail air bhur n-uir-easbhuidhean ; oir ann an so tha cuilm air son na'm feumnaich ; cuilm airson na'm bochdain agus na'm feumnaich ; agus na'n an-ama' so a tha air am pianadh le ocras agus tart a dh'easbhuidh Iosa Criosd.

2. Ciod i a chuilm a tha'n so ? Is e fheòil agus fhuil : “ Oir is biadh d'a rìreadh m'fheoil, agus is deoch d'a rìreadh m'fhuil.” — 'Se so a chùilm, a tha anns an T-seann-Tiomnadh air a gairm, Isa. xxv., 6., “ Cuirm do fhion aosda, do nithibh blasda, làn do smior, do fhion aosda, air a dheadh tharruing.” 'Se so a chuilm gus am bheil an Tighearn 'gar gairm gu tlachd a ghabhail ann an nithibh reamhair. B'àill leinne gu'n deanadh sibh sibh fèin cinnteach gu'm bheil sibh dhiubh-san a tha'n Tighearn a' cuireadh a dh'ionnsuidh na cùirm so' ; oir ma thig sibh as-eugmhais a bhi air bhur cuireadh, ma shuidheas sibh as-eugmhais frithealaidh aig a bhord-san. Tha e 'cuir a mach a theachdaran a thabhairt cuireadh do na doill, agus do na bacaich, agus do na h-uile aig am bheil galair sam bith. Am bheil neach sam bith ann an so aig am bheil gnè ghalair sam bith gu a chuir ann an lamhan Chrìosd air son leighis ? Tha sibhse air 'ur cuireadh a dh'ionnsuidh na cuilm : agus is cuirm mhòir i. Chuala sibh mu thimchioll muinntir inbheach, an uair a dheanadh iad cuirm mhòr do dhaoine mòra, air an robh aca mòr fhiachan, ghabhadh iad an cuid ceanglaichean agus an urras an deigh an dinneir agus thilgeadh iad 'san teine iad, agus mar sin bheireadh iad dhoibh di-searsa shaor dheth an cuid fiachaibh uile co maith ri'n dinneir. Air an doigh cheudna tha 'ar Tighearn Iosa Criosd a' deanamh, agus tha e 'gar gairm air an la 'mair-each a chum itheadh de' fheoil agus òl deth fhuil ; agus a thuille air a sin uile, tha e gu 'ur n-uile cheanglaichibh a thilgeadh anns an teine, agus gu di-searsa shaor a thoirt duibh ann bhur fiachan uile. Bithidh bhur n-uile chunntais a ta seasamh eadar Esan agus sibhse air an dubhadh a mach.

II. 'Se 'n dara ni a bheirinn fainear, Aig cuid do amaibh gu'm bheil aig sluagh an Tighearn mòr ro-chùram agus iomadh druigheadh dubhach air an spioradaibh, ann a bhi smuaineachadh nach bi Criosd air lathair. Tha se gle thrioblaideach dhoibh. Mo thruaighe ! Cha bhi Criosd ann an so : Cha bhi e co amaideach, gu labhairt

mar sin, agus a theachd an so an uair a bheir na Sgriobh-
uichean agus na Phairisich air falbh a bheatha. Ciod
uime, a deir neach eile, mur tig e? 'S beag mo ghnoth-
uch-sa 'an so. Bithidh e na naigheachd is brònaich' a
bha riamh ann mar bi Criosd ann an so.—'Siad na puing-
ean teagasgail.

Gu'm bheil eadhon aig sluagh Dhe mor eud, agus mōr
eagal, nach bi e air làthair maille riu.

Agus na'm feoraicheadh sibh riu an t-aobhair air son
so, theireadh iad, air son gach iomadh dochair agus euc-
oir a rinneadh air, tha eagal orra gu'n cum e air chuimh-
ne e. Agus aig cuid do amaibh, tha eagal orra, gu'm
feud na bòidean briste aig cuirmibh roimhe sin far an
robh e air lathair, a bhrosnachadh gu a lathaireachd a
chumail air falbh o na chuirm so : agus feudaidh e bhi,
gu'm bheil cuid agaibhse, a mhuinntir ionmhuinn, fuidh
mhòr eagal nach d'thig Criosd a dh'ionnsuidh na cuilm
so, agus a chum bhur nèartachadh. Bu chòir do'n so
bhur cuir gu dichìoll agus dian-liosdachd ann a bhi tabh-
airt cuireadh dha, agus gleachd ris, mar a rinn Maois, ag
radh, " Mur d'theid thu maille ruinn, na d'thoir suas a
so sinn."

'Nis, Bheir mi dhuibh na h-aobhairean so air son am
bheil eagal orra, nach d'thig e a dh'ionnsuidh na cuilme,
mar a ta an eagal a' foillseachadh ni-eigin do dh'eud.
Agus,

1. An droch caramh a fhuair e cheana.—Thainig mōr-
an, agus rinn iad mìodal ri Dia le'm bilean, agus gidheadh
bhuin iad gu cealgach ris ann a chūmhnant. Feudaidh
boidean fallsa a rinneadh aig bùird comunnachaidh le
cuid a tha'n so, a bhi na aobhar air son nach d'thig e'n
so a chum na cuirme.

2. Tha so mar an ceudna na aobhar, air son nach
d'thig e, agus 'se so e, ciod air bith àite gus an tig e, tha
e a' cuir sluagh do rìreadh agus gu dùrachdach a thabh-
airt cuireadh dha le'n cridhe. Feudaidh e bhi nach robh
sibhse, air an làtha so gu dùrachdach a' tabhairt cuir-
eadh dha le bhur cridheachan : air an aobhar sin tha aobhar
eagail nach tig e.

3. Tha mōran a shuidh sìos aig bòrd an Tighearn, a
rinn an deigh sin an sàil a thogail suas 'na aghaidh ; bha
mōran aig comunnachaidhean (cha chan mi o cheann ghoir-
id) a ghabh am bann dubh sin : Thug an leithid sin e

fuidh an lamh, air doigh's nach gabh iad ri teachdairean Chrìosd an deigh so, agus nach d'fhoir iad dhoibh comh-fhurtachd ùrachaidh sam bith o'n leth a mach. Tha so mar an ceudna na aobhar eagail nach d'thig e a dh'ionnsuidh na cuilm, do bhrìgh gu'm bheil co iomadh beinn anns an rathad. Cha b'iad na naimhde a rinn na beannta' dealachaidh so, a tha tabhairt air a ghruaim a bhi ruinn; ach is ann do bhrìgh na h-ìomadh tarcuis a fhuair e ann an Alba, agus ar beag cràdh air son na'n eucoiribh so a rinneadh air. Is ann do bhrìgh 's nach 'eil sinne fuidh thrioblaid air son na'n eucoiribh a rinneadh air ann a dhreuchdan, Fàidh, Sagairt, agus Rìgh; do bhrìgh's gur tearc an dream a bhios fuidh chùram air son na'n uile bhrìsidhean a rinneadh air tigh an Tighearna, agus air son a bhallaibh a bhriseadh sìos, agus air son gach uile mhasladh agus dhoirteadh fòla; cia tearc iad a tha fuidh chùram air son na'n nithe so uile.—Tha'n Tighearn 'gar faicinn gun chùram air son na nithe so, agus ar beag gràdh dha fein, agus air an aobhar sin cha'n iongantach ge nach 'eil inntinn aige gu a theachd 'nar measg. Is tearc iad aig am bheil an "Spicnard a' cuir a mach a bholadh taitneach:" Is tearc dh'inn aig am bheil cleachdadh beothail air bith; 'seadh, is tearc an dream aig am bheil eòlas sam bith air leth air am feumas fein: Is tearc an dream agaibh, tha eagal orm, is urrainn 'ur làmhan a chuir air lètaibh bhur cridheachan fein an diugh, agus a radh, O Thighearn, tha mo leoin ann an so; tha mo phlaigh ann an so. 'S e'n 3 Ceann-Teagaisg, Gu'm bheil pobull Dhē gle iarrtunach air son a làthaireachd a bhi aca an uair a tha e a' deanamh cuirra dhoibh. "Ciod e bhur barailsa, nach d'thig e a dh'ionnsuidh na cuirra? Tha iad a' smuaineachadh gu'm bheil na h-uile ghlòir agus dhealradh air falbh 'nuair nach 'eil bhur Tighearn aig ceann a bhàird fein.

'Nis, deir sibhse, bha sinn ag ionnlaid agus a' glanadh air son an dol thairis; ach ciod mur tig Chrìosd a dh'ionnsuidh na cuirra, ciod a ghnòthaich bhochd lag a bhios againn deth? 'Nis, tha a leithid so do reusonachadh a' ciallachadh,

1. Mòr iarrtais. Tha iad iarrtunach air son a làthaireachd a bhi aca aig a chomh-chomunn, agus tha aobhar air a shon, do bhrìgh gur e a làthaireachd am beatha-san

Ann a làthaireachd-san tha lànachd do dh'aoibhneas ; air an aobhar sin, a deir Daibhidh, tog oirne suas solus do ghnùis. Tha dealradh do ghnùis a' cuir na's mo do dh'aoibhneas ann mo chridhe na 'nuair is lionmhoir arbhar agus fion. Air doigh 's gu'm bheil na h-uile na'n luidh ann an dealradh gnùis Dhé, agus an uair a tha esan an sin, 'se sin an cuilm-san. Tha iad gu dùrachdach ag iarraidh a làthaireachd ; do bhrìgh gu'm bheil a làthaireachd na ni a shuidhicheas an cridhe, bithidh an Satan a' gluasad mu thimchioll a chridhe, agus a' tabhairt sàthadh dha an dràs agus a ris ; ciod a stòlas an cridhe anns na coraibh so ? Eadhon mothachaidhean air Dia a bhi air làthair.

2. Mar a ta e a' suidheachadh a chridhe, mar sin tha e a blàthachadh na'n aignidhean. Bithidh sinne marbh ann ar n-ith, marbh ann ar n-òl, marbh ann ar n-éisd-eachd, agus anns gach uile earrann de'n aoradh, as eugmhais a làthaireachd-san. Tha beatha ann a làthaireachd-san, agus tha sin a' tabhairt beatha do na h-òrduighean. Tha eadar-dhealachadh co mór eadar an comh-chomunn sin anns am bheil a làthaireachd, agus an comh-chomunn sin anns nach 'eil e, 'sa tha eadar solus agus dòrchadas. 'Nis, tha teare do nithe ann an rathad cleachdaidh a b'àill leam a radh ribh.

I. Rannsaicheadh an dream leis am b'àill làthaireachd Dhia a bhiaca ; agus ma tha sibh a' sealltuinn air son Dhia a bhi air làthair agaibh, innseam dhuibh gu'n do gheall e tarruing am fagus dhoibh-san a tharruingeas am fagus dha-san, agus bithidh se air làthair maille riu-san a dh'irioslaicheas iad féin ann a fhianuis. Ge do tha e na rìgh, agus an Tì naomh agus àrd sin a ta 'g àiteachadh na siorruidheachd, agus a thigh, an ni nach 'eil na's lugha na na neamba', gidheadh bithidh e air làthair maille ris an dream a ta iriosal agus brùite : Air an aobhar sin, na'm b'àill leibh a làthaireachd a bhi agaibh, deanaibh coguis do dh'irioslachd.

2. 'Nam b'àill leibh a làthaireachd a bhi agaibh, an sin cuiribh na h-uile ni eile a ta mì-thaitneach d'a mach air na dorsan ; oir cha'n 'eil comunn no còrdadh eadar solus agus dòrchadas ; eadar Criosd agus Belial. Cha bhi Criosd agus bhuir cuid-se peacanna cuideachd aig an ordugh so. Na'm b'àill leibh Criosd a bhi lionadh bhuir cridheachan le gràdh dha féin feumaidh sibh deal-

achadh a chuir eadar bhur cridheacha' agus bhur n-iodhalaibh. Na'm b' àill leibh làthaireachd Dhé a bhì ngaibh, tha an Tighearn 'g'ur gairm gu gràin agus fuath a thabhairt do gach nì ta ole.

'San àite mu dheireadh, Tha muinghinn air a chuir an céill anns a cheist so co maith sa ta' eagal; agus feudaidh e bhith gu'm bheil comh-stri eadar creidimh agus mi-chreidimh. Tha mi-chreidimh ag radh, tha aobhar eagal nach d'thig e a dh'ionnsuidh na féisde, agus e bhì air làthair an sin. Tha creideamh ag radh, gu'm bi e air lathair. An orduich e meadhoincan no òrduighean, agus a phobull a dhol mu'n timchioll air na h-uile cunnart, agus nach bi e air làthair? Cha'n urrainn domh sina chreidsinn. Bheiream-sa cinnte dhuibh gu'm bi Crìosd 'an so aig a chuilm, do bhrìgh's gu'm feum e a dheisciobuil fein a chomh-dhaingneachadh air son an tuille fulangais air a shon.—Feumaidh e mar an ceudna fianuis a thabhairt d'a Eaglais féin aig a chuilm. Tha e na nì gle shòlasach làthaireachd Dhé a bhì againn aig an òrdugh. O a mhuintir ionmhuinn, gheallamaid làthaireachd Dhé a bhì ann bhur measg, na'm biodh ach coguis air a dheanamh de' na dhà no trì do nithe so. Agus,

1. Ghealladh sinn dhuibh Dia a bhì air làthair am màireach, na'm biodh ach cuireadh leis a chridhe air a thabhairt da an diugh, na'm biodh greim air a dheanamh air iomall eudaich, agus gleachd air a dheanamh ris, mar a rinn Iacob ris an aingeal, ag radh, “Cha leig mi as thu mur beinnuich thu mi; agus a radh, maille ris a chèile, Feumaidh mi d' fhaotainn a dh'ionnsuidh d' orduighean fein, agus do ghnùis a dh'ionnsuidh do naomh-ionad fein; Mar sin na'm biodh cuiridhean leis a chridhe air a dheanamh, 'an sin bhiodh esan air fhaicinn. Coimeas r'a cheile an' ceithreamh 'sa'n cuigeamh Caibideil do Dhàn Sholaimh. Tha cuireadh cridheil air a thabhairt da anns a iv. Caib' 16—“Thigeadh m'annsachd d'a lios agus itheadh e a thoradh taitneach.” Agus Caib' v. 1—“Ithibh, O chàirde, òlaibh, 'seadh, òlaibh gu pailt a luchd mo ghaoil.” Agus,

2. Na'm b' àill leibh a bhì cinnteach a làthaireachd Dhe aig a chuilm, feumaidh sibh nì-eigin a thabhairt dà chum bhur gràdh a dhearbhadh dha. Feumaidh sibh iobairt a dheanamh de bhur n-uile iodhalaibh agus

pheacanna ionmhuinn. Mur bi sibh 'gan tairgse uile suas air an oidhche so, mar a rinn Abraham air aon-ghin Mic a b'ionmhuinn leis, cha'n urrainn sibh dùil a bhi agaibh ri a lathaireachd aig a' chuilm; ach ma ni sibh an iobairt so, 'Tha sinn a' gealltainn dhuibh a làthaireachd. Ann am beinn an Tighearn, bithidh e air fhaicinn gu'm bheil Dia air làthair a' tabhairt a ghnùis d'a mhinisteirean bochd fein agus d'a shluagh a ta air an dìmheas agus air an cuir suarach. Ach,

3. Innsidh mise dhuibh, na'm b'àill leibh làthaireachd Dhe a bhi agaibh maille ribh, faiceadh e, gu'm bheil cùram oirbh air son a ghlòir, agus gu'm bheil sibh a' roghnachadh Ierusalem os ceann bhur n-aobhneas is mò, 'se sin bhur n-iodhal. Faiceadh e dearbhadh air bhur gradh dha, nach e mhàin gu'm feud sibh a radh gu'm bheil gràdh agaibh dha, ach mar an ceudna gu'n d'thoir sibh dearbhadh agus fianuis air dha air an latha so, Ma tha sibh 'g 'ur tabhairt fein mar so thairis dà, 'se sin an iathad, an t-aon rathad, a chum a lathaireachd bheannaichte a shealbhachadh.

B O R D V.

Tha sinne 'n-ar creutairean bochd lag, agus tha againn nàmhaid cucoireach, agus làidir, a tha do ghnà ullamh gu car dochair a thabhairt do'r làmh: agus mar is sòleimte tha'n t-òrdugh, 'sann is dripeil a tha esan. Air an là so bha sinn 'n-ar fianuisibh air iomadh iongantais, ann a bhi faicinn Dhia a' déiligeadh co caoimbneil ruinn anns an tìr pheacach so. O tha so na ìongantas mòr, an deigh co iomadh tàir 'sa fhuair e, an deigh na claonaidhean dubhach a bh'ann o cheann ghoirid, fathasd gu' bheil a chridhe do'r taobh; agus 'siad a bhriathra' air an là an diugh, "Pilibh d'am ionnsuidh-sa deir an Tighearn."

Tha mi a 'cuimhneachadh, anns a chomh-labhairt a bha cadar Criosd agus an dithis dheisciobuil a bha dol do Emàus, Lucas xxiv., Gu'n d'innis iad dha mu'n fhrithealadh ris an do choinnich iad. Bha e na fhrithealadh gle mheasgaichte; bha mòr dhorchadas ann; agus tha mar

an ceudna ni-eigin gealltainneach : agus tha iad ag inns-eadh do Chrìosd an earrainn is dubhaich dheth an fhrithealadh sin, agus mar an ceudna an earrainn mhilis dheth, 'se sin, gu'n d'fhuair iad deagh sgeul na'n robh e fìor, gu'n d'éirich Crìosd a rìs. Ach bha iad a dh'easbhuidh cinnteachas an naigheachd mhaith so ; a deir iad, cha'n fhaca sinne Esan. Bha againn cùrsa measgaichte do fhrithealaidhean freasdail o' nuair 'sa bha 'm bòrd sin air a chuibhrigeadh ann an Gallowa, a leithid do bhòrd 'sa tha air a chuibhrigeadh an so. Ach feudaidh sinn moran a chluinntinn ag radh, ach cha'n fhaca sinn Esan. Tha sinn a' faicinn an t-òrdugh, tha sinn a' faicinn a chomh-thional, agus tha sinn a' faicinn mòran do shluagh maith, ministerean, agus luchd-aidmheil, agus tha sinn a' faicinn na h-elemeidean fa'r combair, ach cha'n fhaca sinn esan. 'Nis, O cháirdibh, tha sibh air teachd an so ; agus nach d'rinn Dia gu mòr bhur n-eagal a mhealladh ? Cha'n 'eil amharus agam nach feud cuid agaibh a bhi air bhur feuchainn : ach is e Dia a dh'fheumas 'ur tabhairt troimhe ? Ciod a bheir comunnaich troimh coiomadh diabhl-aibh cuthaich ? Ciod a ghiùlaineas troimhe iad, 'nuair a ta iad ann am measg lamhan innealaibh an diabhuil, aig am bheil a leithid do chumhachd ? Oir 'nuair a ta Sasuinn air aon lámh 'gar sàrachadh le'n cuid armachd, agus Eirean air an lámh eile, gu cinnteach cha'n urrainn a bheag ar cumail suas ach mòr-chumhachd Dhia ? Chuibhrig an Tighearn bòrd, agus thubhairt e ruinne, Rachaibhse mach a dh'ionnsuidh na fásaich. Ach cha leig Pháraoh dhuibh imeachd : ach theid sibhse, agus cumaidh sibh féisd do'n Tighearn bhur Dia : agus so an fhéisd, agus is féisd i do nithibh reamhar. Innsidh mi dhuibh tearc do bhriathraibh labhair Crìosd as a bheul fein, agus tha mise a' saoil sinn gu'm feudadh iad eadhon neach fann air bith ath-bheothachadh.

Tha aon fhocal, agus 'se sin an ni a thubhairt e ris a bhean a thainig 'ga iarraidh an deigh ais-eiridh, " Rach, innis do mo bhraithre, agus do Pheadar, gu'm bheil mi air eiridh ;" Rach, innis doibh gu'm bheil suidheachadh agam-sa maille riu. Bha eagal air Peadar nach do dhi-chuimhnich e an ni a rinn e ann 'áicheadh o' cheann ghoirid ri aghaidh a naimhde ; gidheadh bha caoimhneas araidh aige air son Pheadar ; rach, innis do Pheadar ; an duine bochd, feudaidh e bhi gur náire leis amharc

orms' anns an eudainn o'n a rinn e co maslach mise àich-eadh. Feudaidh muinntir eile gnothach a dheanamh as eugmhais Chrìosd air son tamull, ach cha'n fhead Peadar sin a dheanamh. Rach innis do mo dheiscioblaibh agus do Pheadar. Tha sibhse air teachd ann an so a chum cuilm a chumail maille ris an Dia mhòr a rinn na neamhan agus an talamh; agus tha e gu cuirm a thabhairt duibh air milseachd, le milseachd annasach. Ann an so tha cuilm do nithe reamhar. Ann an so tha'n t-aran agus am fion: ann an so tha'n fheoil, agus ann an so tha'n fhuil, air am bheil sibhse gu a bhi air chuirm an diugh; agus mur ith sibh do fheoil agus mur òl sibh do dh'fhuil, cha'n eil cuid agaibh ann, cha'n eil beatha agaibh annaibh. Rinn 'ar Tighearn Iosa Chrìosd cùmhnant ionmhuinn. Bha'n ceud cùmhnant na chùmhnant cruaidh; agus gidheadh bha mòr aontachd ann; ach tha'n dara cùmhnant uile na aontachd*; tha e uile na ghrádh; cùmhnant aig am bheil so ann, cha'n iarr mi a bheag sam bith oirbh, ach sin a bheir mi dhuibh. Cha'n eil agaibhse neart, air an aobhar sin bheir mise dhuibh mo Spiorad a chum bhur cuideachadh. Ann an so tha cùmhnant milis; agus ann an so tha seulaichean a-chùmhnant. An uair a bhásaich e dh'fhag e tiomnadh gloirmhor; agus ann an so tha seula an tiomnaidh. "Anns an oidhche 'san do bhrathadh e, ghabh e aran," mar a tha sinne a' deanamh na ainm: agus an deigh dha buidheachas a thabhairt mar a rinn sinne (agus tha sinne a' beannachadh ainm gu'n cuala sinn riamh an deadh sgeula so, agus air son buanachadh an t-Soisgeil) thubhairt e, "gabhaibhse, ithibh. 'Se so mo chorp-sa a bhriseadh air bhur sonsa; deanaibhse so ann an cuimhne ormsa." Ceart mar an uair a tha cairid a' dol slighe fhada, tha neach eile ag radh ris, tha thu a' dol air turras fada, feumaidh tu comhara'-eigin fhagail agam-sa a chum do chumail ann mo chuimhne. Mar sin tha Chrìosd ag radh, so comharadh graidh a dh'fheumas sibh a choimhid, gus an tig mi a rís. Feumaidh sibh a bhi coimhead na Sacramaint so mar a bhios cothrom agaibh, deanaibh so ann an cuimhneachan ormsa. Cuimhnichibhse ormsa, oir chuimhnich mise oirbhse ann bhur staid iosal; mar a tha e agaibh Salm cxxxvi. 23. "A chuimhnich oirnu' ann

* irioslachd.

ar staid iosal." Rinn mise mar so dhuibhse. Ma ta gabhaibhse riom-sa gu caoimhneil.

"An deigh na Suipeir, air a mhodh cheudna, ghabh e an cupan, ag radh, òlaibhse uile dheth; 'se'n cupan so an tiomnadh nuadh ann am fhuil-sa. Deanaibh-se so; oir co minig 'sa dh'itheas sibh an t-aran so, agus a dh'òlas sibh an cupan so, tha sibh a' taisbeanadh a mach bàs an Tighearn gus an d'thig e rìs.'

'Nis, a mhuinntir ionmhuinn, ann an so tha deadh sgeul an deigh na Sacramaint a chuir an Tighearn an céill ann a earail, an uair a thug e an cupan as a làmh fein. Ciod e bha'n sin. C'uime, b'e so e dha dhioscioblaibh; feumaidh sibh mo bhás a thaisbeanadh a mach gus an d'thig mi a rìs. Tha mi a nis a' dol air falbh do neamh, agus tha gnothach agam a dh'ionnsuidh na rioghachd sin air bhur sonsa, agus 'se sin a dh'ullachadh áite dhuibh. Ach tha mi toirt cinnte dhuibh, an uair a chriochnaicheas mi mo ghnothach, agus a dh'fhanas mi am Eadar-mheadh-onair, gus an gabh mi ri uile ùrnuighean na' muinntir thaghta a bhios air an tabhairt o'n Athair dhomb, an sin thig mi a rìs, agus bheir mi sibhse a dh'ionnsuidh na h-oighreachd sin a tha mise a' dol a dh'ullachadh air bhur son. Feumaidh sibh eas-bhuidh mo láthaireachd a ghiulain air son tamull; 's ann air bhur gnothach-sa, agus air bhur sgàth-sa, a tha mise a' dol air falbh. Ach nach feud sinn comanachadh air son teachd sam bith eile air Crìosd ach a dhara teachd? 'Seadh, feumaidh sinn comanachadh air son teachd Chrìosd a rìs a dh'ionnsuidh Alba ann an cumhachd an t-Soisgeil, mar a chunnaic cuid againn e roimhe so; oir e theachd a rìs nì e; cha'n fhàg e sinn air an doigh so. Buidheachas do Dhia tha ni-eigin do dh'fhuaim cuibhlibh a charbaid; tha ni-eigin do chomharan air teachd Chrìosd a rìs a dh'ionnsuidh Alba, mar a tha sibh a' faicinn ann an so. 'Nis, a chairdean, bithibh dripeil, oir cha'n 'eil fhios agaibh am bi a leithid so do thiom agaibh gu bràth tuille: oir a nis tha Crìosd a' crathadh làmh ribh, agus ag radh, biodh gach ni a chaidh seachad air dol seachad, agus biodh comh-cheartas air son an àm ri teachd.

'Nis tha Crìosd a' teachd d'ur n-ionnsuidh, ag radh, Ciod e an geall a's àill leibh fhaotainn air son firinn mo ghraidh? Ann an so thug mi dhuibh m'fheòil agus m'fhuil, agus ni-eigin gu 'ur giùlan troimhe, agus a bhi

mar bhat ann bhur làmh trid gleann agus sgàil a bhàis. Ann an so thug mi dhuibh gach ni a tha ann a m'ainm, agus na h-uile ni a cheannaich mi air bhur son. Ann an so thug mi dhuibh na h-uile a ta annam, agus fhuair sibh Crìosd air son gliocas, fireantachd, naomhachadh, ionracas, agus saorsa iomlan. O chàirdean, am bheil agaibhse ma ta gairdeinean a chum a ghabhail ann bhur glacaibh, agus cridheachan gu a ghabhail. Tha creutairean bochd cosmhail ri cloinn'le meòirean goirid, aig am bheil an athair a' cumail a mach sporan mòr òr dhoibh, agus cha'n urrainn iadsan greim a dheanamh air no 'ghabhail a steach, tha e co mòr. Mar sin tha' ar Tighearn Iosa Crìosd a' tabhairt na's mo na 'ar dùil agus ar n-iarrtais chumhang. 'Nis tha mi aig áithneadh dhuibh bhur beoil fhosgaladh gu farsuing, agus ge b'e co farsuing 'sa dh'fhosgaileas sibh iad, Tha mi a' faicinn (deir Crìosd) gu' bheil agam-sa sin nach urrainn sibh a ghabhail a steach, agus a tha thar bhur creideamh, ge b'e sam bith co mòr 'sa ta e air a dhaingneachadh; gidheadh tha mi 'gur faicinn a' gabhail greim air a sin a tha os bhur ceann. Ma 'scadh, O a chreidmhaichean, guidheam oirbh, sibhse aig am bheil beò annaibh, an t-òran goirid sin a sheinn, Salm ciii., 3, "Beannaich an Tighearn, O m'anam, agus na di-chuimhnich a thiodhlaicean uile, 'Se mhaitheas dhuit do pheacanna gu leir, a shlànaicheas t-euslaintean uile," &c. Agus tha òran eile a dh'fheumas sibh a sheinn, agus s'e sin an t-òran os áird. O àirde, feadh, leud, agus doimhne gaoid Dhia a ta ann an Iosa Crìosd. Agus deir am fàidh Micah, vii. 18, "Co a's Dia ann cosmhail riutsa, mhaitheas aingidheachd, agus a ghabhas seachad air eusaontas iarmaid 'oighreachd?" Mar so seinn, O chreidmhuich, air inneal ciuil na'n deich teud: abair ris, O cia mòr na nithe a rinn thu air mo shon! Agus faic-eadh e gu' bheil agaibh ni-èigin do dhruighidhean deth a mhaitheas. O chàirdean Chrìosd, tha sibh air teachd an so, agus bithidh sinn co truacanta mu'r timchioll as a bli'n dòchas, ge do bhiodh sibh a nis toilichte gu bhur fuil a thairgse mar iobairt air son a shoisgeil, gu'n teid sibh dhachaidh as eugmhais drop a dhoirteadh dhi; ach ghabh esan an toil air son a ghnìomh.

Tha sinn air n-ar dìon leis a chairid a's fearr, am fear-pòda a's fearr, am maighstir a's fearr, agus an leighich a's fearr, a bha riamh ann. O dlùthaicheadh

bhur n-anama ris; agus ge d' nach 'eil an Tighearn a tabhairt dhuibh a feithid do cheadachadh co farsuian a's bhi diomhan, fathast thugaibh fainear bhur n-obair. Tha'n Tighearn do ghnath a' tabhairt biadh agus obair d'a dheiscioblaibh fein; agus buidheachas do Dhia air a shon. Tha e toileach gu'n d'thugadh sibh obair dha ri dheanamh ann an cosdas a chumail ribh. Cha mheasadh sibh e na dhuine uasal a chuireadh a mach duine a chum a sheirbhis, agus a theireadh ris, a dhuine, gabh do chosd á do phócaid fein. Ni-headh, a deir Críost, bheir mise bhur cosdas dhuibh. Ma dh'fheumas sibh mō-ran, bheir mise mō-ran dhuibh. 'Seadh, bheir mi dhuibh glōir mar an ceudna; agus ciod e tuille a b'áill leibh fhaotainn? Gheall 'ar Tighearn Iosa so, agus feudaidh sibh-se a chumail ri a ghealladh.

'Nis, a chairdean, ge do tha mi 'g-innseadh so dhuibh, cha'n fheud sibhse leapaichean itean a ghealltainn dhuibh fein gu luidhe orra; ach feumaidh sibh a bhi cosmhail ri bhur maighstir, agus tha e gle chothromach gu'm biodh e mar sin.—Tha mōran do dh'anama ann nach 'eil a' cunntadh an cosd; tha iad an dūil nach bu chēir do chuing Críost a bheag sam bith trōm, no a bhiodh na uallach do'n fheoil a bhi innte. Tha sin a' factainn Críost fein a' comharrachadh a mach am mearachd so; Lucas ix., 23. Bha slugh mōr 'ga leantainn, agus tha esan a sealltain, mar gu'm b'eadh, thar a ghuailibh, agus ag radh, c'áite am bheil iad so gu leir a' dol? “Ma thig neach sa'm bith as mo dheigh-sa, áicheadhadh se e fein, agus togadh se a chrann-ceus gach lá, agus leanadh e mise.” Ach imichibh ann an sith, agus gu'n robh Dia na sìothchaint maille ribh.

B O R D V I.

THA dà rùin aig an diabhul, air doi, h's mur amais a h-aon diubh nach mearachdaich an aon eile. 'Se a h-aon diubh a bhi bacadh coimhlionadh dleasdanas: agus na'm faigheadh e a thoil ann an so, cha lùl-adh neach air bith gu bráth a ghlòin do Dhia; cha d'thigeadh neach air bith gu bráth a dh'ionnsuidh òrdugh Dhe. Ach an uair nach freagair a chrìoch so, air do choguis an

duine, a bhi air dùsgadh, agus an agairteas a bhi co làid-ir, is gu'm bi e na fhear-aidich, agus gu'n tig e dh'ionnsuidh na'n èrduighean; ann an sin 'se'n ath ionnsuidh a bheir an diabhal an oibir sin a mhilleadh, a thabhairt air a mi-naomhachadh. Thugaibh an aire, a mhuinntir ionmhuinn, a nis, oir suidhidh sibhse gu mi-chùramach, ach tionndaidh esan sibh thairis aon doigh no doigh eile. Tha na h-uile neach dh'a'n aithne gu'm bheil e mealladh, fìosrach gu'm bheil e ullamh gus a chothrom a ghabhail dibh.

'Nis, a chreutairean bochd, tha sibh air teachd an so air chrith, agus, math-dh'fhèudta, nach 'eil fhios agaibh ciod a ni sibh; cha dàna leibh fuireach air falbh, agus cha dàna leibh a theachd air aghaidh. Tha sibh a' faicinn cuiln mhòr ann an so; agus gidheadh tha sibh fuidh eagal nach 'eil agaibh an deise bhainuse, agus mar sin nach 'eil sibh uidheamaichte gu coinneachadh ris an Tighearn mhòr. Tha sibh gu beathachadh cadar an dithis so, cha d'ann sam a theachd, agus cha dàna leam fantuinn air a' bheith tha mise ag radh riut, oidhearpaich, oidhearpaich a' peacachadh; oir 'se so rathad is tearuinte. B'áill leam a' bheith a' bheith sibh, cosmhail ri Iob, a' cuir oirbh riut. Agus ciod e sin? "Ce do mharbhadh e mi, gidheadh cuirith ni mo dhòchas ann." Chuala mi mu thimchiell iomadh ni maith a rinneadh le Crìosd; agus chuala mi gu'n d'oirbich iomadh sláinte' pheacach, agus gu'n d'fhuair e iomadh beannachd uatha; uime sin thig mise da ionnsuidh mar an ceudna, agus cleachdaidh mi creideamh air mar bhat ga m' thaic a leigeil air, agus gu mo chumail suas. "Esan a thig an' ionnsuidh-sa cha tilg mi air chor sam bith a mach e," Cha ruig mi leas eagal a bhi orm. Tha na 's mò anns na briathran na shaoilear a bhi annt' aig a cheud sealladh; tha iad a' ciallachadh, ni mi e gle dheadh-bheatha, 'se sin, cho deadhbheatha 'sa dh'iarras a chridhe, ciod sam bith a chòir. Deanadh esan a tha mothachail air a chor peacach agus truagh, agus a tha 'g iarraidh a bhi mach as, a chreidsinn, ge b'e air bith, co ole, gu'n dean mise e deadhbheatha. A pheacacha bochd, am b'áill leibhse Crìosd a bhi agaibh? Ciod a b'áill leibh fhaotainn? An saoil sibh gur urrainn an Soisgeil a bhi na's mò na tha e? Am b'áill leibh beatha fein a bhi agaibh air seol na's fburas na tha e 'ga thairgse? Nach dubheirt e, "Co sam bith

leis an áill, thigeadh e agus gabhadh e do dh'uisge na beatha gu sacr." Cuiribh a dh'ionnsuidh fhocail fein e, agus thigibh air bhur n-aghaidh, sibhse a rinn cumhnant ris. Cha'n urra sin iadsan a chuireadh nach d'rinn cumhnant ris a theachd, ach air bhur cunnart, oir ce cinnteach 'sa tha sibh aig ith agus ag ól aig a bhòrd so, tha sibh ag ith agus ag ól damanadh duibh fein. Ciod e am buintinn a bha againn ribh air an la an dè, ach a bhi 'gur cuir ann an ni-eigin do choir gus a chumhnant a sheulaibh; uime sin feumaidh sinn a shaoisinn gu'm bheil sibhse dhiubh-san a dhúin a steach ann an coimhcheangal ri Crìosd. Mar air bhur sonsa nach d'rinn so,—Mar nach b'áill leinn a bhi ciontach a corp agus fuil Chrìosd, no eiridh suas fuidh phiantaibh lasraichean siorruidh, thoirmaidh sinn dhuibh blasad air an aran sin, no air a chupan sin; oir cha'n'eil còir agaibh air, cha'n'eil annaibh ach còir, agus 'se so aran na cloinne. Tha ar Tighearn na Thighearn fialaidh; agus gu a leigeil fhaicinn duibh nach e briathran falamh leis am bheil e a' beathachadh a shluagh fein, "Anns an oidhche 'san do bhrathadh e, ghlac e aran, agus bhris se e, agus thug e do dh'biosciob-uil e an deigh dha buidheachas a thabhairt," (mar a rinn sinne 'na ainm) ag radh, "gabhaibh, ithibh, ithibh-se uile dheth. 'Se so mo chorp air a bhriseadh air bhur sonsa." Eadhon sibhse nach b'urrainn gu bráth a leithid do ni a thoilltinn, ach a rinn mise a bhrosnachadh gu comh-aran m'fhabhair a tharruing air falbh uaibh, O a luchd-a-chul-sleamhnaich, a dhaoine bochd lag, a tha air bhur cuairteachadh le iomadh buairidhean. Bha an t-aran so air a bhriseadh air son bhur neartachadh agus bhur cumail suas. Mar an ceudna "An deigh na Suipeir ghabh e an cùpan, ag radh, 'se so an Tìomnadh nuadh ann am fhuisa, òlaibhse uile dheth' Deanaibh-se so ann an cuimhneachan ormsa; oir cia minic 'sa dh'itheas sibh an t-aran so, agus a dh'olas sibh an cùpan so, tha sibh a' foillseachadh bàs an Tighearna gus an d'thig e ris." 'Se so an fhuil a bha air a doirteadh air son maitheanas pheacanna mhoran, cha'n ann air son uile pheacanna na'n uile dhaoine, ach air son peacanna a mhead 'san do chumhnantaich an t-Athair air an son ann an coimhcheangal an t-saoraidh. Thug an t-Athair dha áireamh na'n uile, agus thug e gealladh dha anns a choimhcheangal, gus an d'thigeadh na h-uile a thug e dha d a ionns-

uidh.—Rinn Criosd cumhnant ris an Athair, gu'm biodh na h-uile neach a thigeadh, air an deanamh deadh-bheath'; agus gheall an t-Athair gu'n treoraicheadh esan iad; agus mur biodh iad toileach a theachd, gu'n tarraingeadh esan iad troimh ifrinn, mur deanadh an dad sam bith eile an gnothach riu. Agus,

1. B'àill leam gu'm biodh sibh air bhur cleachdadh gu ceart. Na'm biodh sibh ann an leithid do shuidh-eachadh a's bu chòir dhuibh, bhiodh briathran trioblaideach dhuibh; theireadh sibh, a mhinisteirean, cumaibh bhur tosd, agus leigibh dhuinn a shealbhachadh le'r bìlìbh an greim milis so a dh'ullaicheadh dhuinn. Ach tha fhios againn gu'm bheil againn r'a dheanamh ri sluagh aineolach agus baoghalta: air doigh 's na'n sguireadh sinn do labhairt, gu'n rachadh iad air seachran le'n suilean, agus gu'm biodh smuaintean amaideach agus faoin aca. Uime sin feumaidh sinn labhairt ribh, ge do b'àill leinn cead a thabhairt duibh a bhi na b'fhèarr air bhur cleachdadh, agus sguir deth bhi ag eisdeachd, agus a bhi comh-labhairt ri Dia. Biodh aige ni-eigin deth bhur cridheachan a labhairt ris; oir innsidh mi dhuibh, gu'm bu choir da bhi na àm dripeil am feadh 'sa tha neach na shuidhe aig bord comunachaidh, agus bu chòir da bhi gu maith air a chleachdadh. Cia mar a ni mi? deir thusa. C'uime, ransaich trid uile oisinnibh do chridhe, agus thoir a mach gach aon do d'ana-mhiannaibh agus do 'd iodholan gu ceartas Dhe; agus abair, a Thighearna, thoir buille dha na so: Thighearna, thoir do m'fhearg, m'ardan, m'imtinn fheolmhoir, agus do m'uile mhiannaibh eile, buille, Thighearn ann an so tha m'ana-mbiann, am peacadh ud, agus am peacadh ud eile: cuir as doibh, agus buadhaich orra air an là so. Oir ann an so tha mi ag aontachadh gu'm bi na h-uile ni air a cheusadh a bha oilbheumach dhuit-sa anns an àm a chaidh seachad.

2 Mìr obair, an uair a tha sibh aig bord comh-chomunn, is e sin, gu'm bu choir dhuibh a bhi dripeil ann a bhi 'g iarraidh.—Ghabh ar Tighearn Iosa so air fein, agus tha e 'ga chuir an ceill, "Iarraibh, agus bithidh e air a thabhairt duibh; sibh, agus gheibh sibh; buailibh, agus fosgailcar duibh. Ann an so tha a chuilm fhìon aig ar Rìgh: Agus mar a thubhairt Ahasuerus ri Ester, "Ciod e d'athchuinge?" Sir, iarr, agus bithidh se air a thabhairt duit, eadhon gu leth na rioghachd. Ach iarr thus

rioghachd iomlan : Iarr slait-rioghail, crùn fireantachd, agus crùn gloir : Iarr ni-eigin air son na h-eaglais agus obair Dhe. Iarr gu'n d'thugadh an Tighearn buille do naimhde neo-chiosnaichte. "Iarr, agus bithidh e air a thabhairt dhuit, eadhon gu leth na rioghachd." Cha'n'eil a h-aon agaibh ris nach can e, cha chum mi sibh aig an dorus, oir ghlac mi air làmh sibh ; agus ghabh mi seachad air bhur n-aingidheachd ; agus a nis tha sinn ann an staid cáirdeas : tha mi toilichte gu comhara' dearbhta a thabhairt dhuibh uile ; oir tha a mhiann orm nach bi sibh amhurasach mu'm tlimchioll : air an aobhar sin cuiribh chuige mi : "Iarraibh, agus bithidh e air a thabhairt duibh ; siribh, agus gheibh sibh ; buailibh, agus fosgailear dhuibh."

3. An treas focal a tha agam ri radh ribh is ann do thaobh cleachdadh gle fhreagarrach air son an leithid 'sa tha na'n suidh aig bord-comuinn ; agus 'se sin iongantas ; gabhaibh iongantas ris-san : gabhaibh iongantas ri 'ghradh-san, agus ri meud a ghraidh-san, ri fhoighidinn, agus ri saorsainn a ghaoil-san. Bithibh gu mor air bhur cleachdadh ann a bhi gabhail iongantas ris.

4. Bithibh gu mor air bhur cleachdadh ann an ùrnuigh agus ann am moladh. Ma tha 'bheag sam bith air fhàgail anns an anam, eigh a mach. "O m'anam, agus gach ni a ta 'n taobh a stigh dhìom, beannaich an Tighearn." Biodh sin na chleachdadh dhuibh. Rannsaichibh agus faicibh, cia mar a chòrdas an cleachdadh sin, a tha do ghnáth, a' dol air aghairt ann am flaitheanas ribh ; oir bithidh "gairdeachas anns an Tighearn na neart dhuibh."

Gu dearbh, mo chàirdibh ionmhuinn Criosdail, cha mhaith is urrainn sibh a dhol thar bhur ceadachadh, 's maith a dh'fheudas sibh a theachd gearr air. O ach tha ar ceadachadh-nè mor : Tha Dia a' ceadachadh nithe mora d'a phobull fein ; agus tha e a' ceadachadh dhoibh creidsinn, agus nithe mora iarraidh air.—Agus tha mi a guidhe oirbh a bhi ag ullachadh air son stoirmibh : oir gu cinnteach thug an Tighearn d'a phobull fein iomadh mor mhealladh 'nan duil. Agus tha aon ann air an là so, do bhrìgh's gu'n do cheangail e suas na neulaibh, agus sin ann an aghaidh cúrsa náduir agus na h-uile so-dheantachd, Bha mor choslas uisg' air an roidhre agus air a mhaduinn so, Cheangail e suas na neulaibh so, a

chum's gu'm biodh fios aig an t-saoghal gu'm bheil meas aig air moran a tha'n so.—O mhuintir ionmhuinn, am foillsich esan a speis fein mu'r tiomchioll air co iomadh doighibh? Agus nach foillsich sibhse bhur speis dhasan? Gu cinnteach tha iomadh ann an so, nach ol a so suas do thoradh an fhionain, gus an ol iad nuadh e ann an rioghachd an Athair air neamh. Tha moran ann an so a their, cha'n 'eil iomghain orm ciod air bith co luath 'sa bhios sin, na'm bithinn air mo chuideachadh gu tearuinte thair a bhara, agus nach deanainn long-bhristeadh anns an dol a thir. Cha'n'eil speis agam cia co luath 'sa bhitheas a chuis mar sin, oir tha mi a' faotainn am fion ann an so lan do mheasgadh: tha e air mheasgadh le uisge.—O charde, na'n robh sibh gu neamh fhaotainn air son tamull beag, ge nach biodh ann ach rè ün aon latha Sàbaid, ann an so air an talamh, am bheil sibh an dùil gu'm b'urrainn sibh a ghiulain? Ni-headh, 's beag nach cuireadh neart a ghairdeachais sin bhur n'anama a mach as bhur corpaibh. Air an aobhar sin, thomhais e 'ur n-aoibhneas mar a tha sinn comasach air an giulain. Bhàsaich cuid fuidh uallach do ghairdeachas, co maith 'sa bhàsaich cuid eile fuidh uallach do bhròn. Uime sin co luath 'sa bhitheas sibh abuich bithidh sibh air bhur tabhairt dhachaidh a dh'ionnsuidh a lùchairtsan. Air an aobhar sin bithibh do ghnath deanadach, agus gu'n robh an Tighearn maille ribh. Tha agaibh obair mhor, ach tha agaibh mar an ceudna uigheamachadh mòr air son na h-obair sin. Thug e dhuibh beatha shiorruidh, agus chuir se e ann an lamhan Chrìosd e chum's gu'm biodh i cinnteach, air doigh 's nach ruigeadh an diabhl oirre, no nach d'thugadh e air falbh i.—Uime sin rachaibh d'a ionnsuidh-san, agus iarraibh air-san a bheatha sin an uair a gheibh sibhse sibh fein a' fàs marbh. Ràchaibh d'a ionnsuidh-san a rinn an t-anam, agus a tha 'ga chumail beo. Rachaibh d'a ionnsuidh-san as urrainn bhur cumail beo; oir cha dean comuinnean an gnothach, mar bi feartan nuadh o neamh air an leagail a mach air bhur n-anama.—Uime sin tha sinn ag earalachadh oirbh a dhol g'a ionnsuidh, mar neach a ghabh sibh air lamhan. Na rachaibh d'a ionnsuidh a' crochadh sìos bhur cinn, ach rachaibh d'a ionnsuidh mar bhur n—"Athair a ta air neamh." Rachaibh d'a ionnsuidh le 'ur n-ùrnuighean. Thigibh le dànachd, agus iarraibh trocair air son na

chaidh seachad : agus iarraibh gràs air son an ùin a tha ri teachd. Thigibh air falbh d'a ionnsuidh ma ta, a chum's gu'm bi aig an t-sàtan agus aig an t-saoghal ri radh, gu dearbh, tha sinn a' smuaineachadh gu'n do ghlac Crìosd agus a mhuinntir ud lamhan a cheile ; agus gu'm bheil ath-nuadhachadh air a ghnothach. Rachaibh air falbh, agus gu'n robh an Tighearn maille ribh, agus a' dol maille ribh.

CHRIOCH.

SEARMON

A RINNEADH A SHEARMONACHADH AIG BOGGLE'S-HOLE, ANN
AN SGÌREACHD MHONCLAND, AN IAR CHLYDESDALE.

LEIS AN

URRAMACH MAIGHSTIR EOIN WELWOOD.

I. Phead. iv., 18.—Agus ma's ann air eigin a thearnar am firean. c'aite an
taisbean an duine mi-dhiadhaidh agus am peacach e fein.

THA e na chùis mhòr do dhuine a theachd a dh'ionnsuidh
Fhlaitheanas, eadhon air son duine a tha gle dhùrachdach
agus dileas. Tha e fìor gu'm bheil moran an dùil a bhi
air an tearnadh; 'seadh, tha mi a' smuaineachadh gur
teirc an dream n'ur measg aig nach 'eil dùil ri dhol do
fhlaitheanas. Ach tha eagal orm nach d'theid an deich-
eamh, 'seadh, am ficheadamh duine dhibh an sin; 'seadh,
saoidh eadhon daoine gle mhi-naomh agus aingidh gu'n
d'thig iad gu neamh. Tha so soilleir, ciod sam bith co
iongantach do neach air bith a bheir fainear mealladh
mhic na'n daoine. Labhair ri daoine gun Dia, no ri
daoine nadurach, do nach aithne a bheag sam bith do
obair cridhe, no do fhein-fhiosrachadh anns an diadh-
achd. Feoraich dhiubh am bheil iad an dùil gu'm bheil
iad ann am fàbhar Dhé, no an dùil gu'n sealbhaich iad
flaitheanas? 'Seadh, saoidh iad gu'm faigh na h-uile
neach an sin. Tha mi 'creidsinn, gu'm bheil sibh a'
smuaineachadh gu'm bi neamh, gu labhairt mar sin, na
ionad cumail do chreutairean truailidh no neo-ghlan.
Ach tha mise ag innseadh dhuibh nach 'eil a leithid sin
do ni idir ann. 'S teirc an dream a thig an sin. Leugh
Salm xv. "A Thighearn, co dh'fhanas ann ad phàil-
liun? Co a chòmhnuicheas air do shliabh naomh?" &c.
Isaiah, xxxiii., 14. "Co n'ur measg a ghabhas còmh-
nuidh maille ri teine millteach? Co n'ur measg a

ghabhais còmhuidh maille ri lasraichean bith-bhuan?" Agus co a bhithas comasach air seasamh 'na lathair 'san là sin?

Bheir sinn rabhaidh aig an àm so mu chuid do nithe an cumantas, agus bheir sinn cuid do dh'aobhairibh dhuibh c'ar son a 'sann air èigin a thearnar am firean. A leithid agus,

1. Do bhrìgh's nach 'eil a h-aon co ionraic 's nach 'eil iad as eugmhais an cron fein, am peacaidhean agus am failinnean fein. Cha'n 'eil a h-aon co ionraic 's nach 'eil aca an seachraichean fein. Tha Daibhidh ag aideachadh so, "Chaidh mi air seachrain mar chaoraich chailte, iarr t-òglach." Salm cxix., 176.

2. Do bhrìgh's gu'm bheil Dia na Dhia ro-naomh agus gun smal sam bith; agus uime sin tha e na ni gle mhèr, gu labhairt mar sin, a bhi beo maille ris. Cha'n e gu'm bheil e na Dhia mi-thrècaireach, air doigh sam bith neo-charranach; ach tha e na Dhia co-naomh ann an nàdur agus ann an iomlanachdaibh a dhiadhachd, agus iad so a bhi air an tabhairt fa' chomhair a cheile, an truaillidheachd a ta lathair anns na daoine is naomhe th' air thalamb, agus naomhachd gun choimheas Dhia, agus an fhearg neo-chrìochnaichte sin a ta aige ann an aghaidh peacaidh: Tha mi ag radh coimeas na nithe so r'a cheile, cha'n 'eil e na iongantach ge do gheibh na daoine is naomhe doilbheachd ann an teachd a dh'ionnsuidh fhlaithneas. Tha Daibhidh a' labhairt mu chnàmhan briste anns Salm li., 8. Agus mu ghlaodhaich rè an là uile, Salm xxxii, 3. Ach, a' fàgail an earrann theagaisgeil, cuiridh sinn ris teirc do dh'fheumaibh cleachdaidh.

A I Fheum. Am bheil e mar sin gu'm bheil am firean ach air èigin air a thearnadh? Ann an sin tha mi smuaineachadh gu'm feud sinn comh-dhunadh gur teirc an dream a thearnar 'sa ghinealach so, 'nuair a thig an Tighearn gu'n gairm gu cunntadh. Oir ma bheir sibh fainear ceannaircean na'n amaibh so, saoilidh sinn e na's mo na bhi ann an teagamh, a' tabhairt fainear cia fhad 'sa chaomhainn an Tighearn sinn, gu'm bheil laithean dubhach a teachd air na tìribh so, 'nuair a bheir Dia breith air na tìribh so, agus a bheir e fearg agus corruich orra. Bithidh e ann an sin cruaidh air an dream is ro dhiadhaidh agus is ro dhùrachdaich a choimhead glan

an cuid eudaichean, a bhi air an saoradh 'san là sin. Gu dearbh, chaidh Abraham, Lot, Jacob, Caleb, agus Iosuaas, an uair a dhoirt an Tighearn mach a chorruidh air ginealaichibh na'n aingidh anns an robh iad beò. Gu deimhin bha iadsan na'n daoine gle shònruichte. Ma ta thugaibh fa'near, ma rinneadh mar sin ris a chrann ùr, "Ciod a nithear ris a chrann chrion?" Lucas xxiii., 13. Ma 'se is gu'n smachdaich an Tighearn a shluagh fein, ma bhuaile e co geur iad, s' gu'n robh am fuil air a doirteadh, agus an cinn air an cuir suas ann an sealladh an t-sacgbail; ma choinnich iadsan ri trioblaidean agus luasgaidhean, 'an sin ciod a thachras ri cuideachd aindiadhaidh? Ciod a thig air luchd gamhlais agus easpuigan? Ciod a thig air ar n-Eaglais agus air an Stàite? Ciod a thig air 'ar riaghlairibh 's air ar Cléir, agus air sluagh mi-dhiadhaidh na tìr? An saoil sibhse, mo bhuin an Tighearn co geur r'a thigh agus ri' shluagh fein, gu'n téid e seachad orra-san? Ni h-eadh, Innseam dhuibh, gu'm bheil aig' an Tighearn claidheamh, air ullachadh air son ar Rìgh, ar luchd comhairle, ar luchd cùirt, is mòr-uaislean, air son luchd labhairt mu aidmheil air son euspuigan, Fo'mhinisteirean, agus uaislean meagh-blàth, &c? "Oir tha mo chladheamh air a chuir air mhìsg anns na neamhaibh; feuch tuitidh e air Idumea, agus air an t-sluagh a mhallaich mise a chum breitheanais," Isai. xxxiv. 5, Tha mi cinnteach gu'm bi e na chùis chruaidh a dhol as anns an là sin. Tha mòran an dùil gu'n lùb iadsan sìos, agus gu'n leig iad do na stòrm dol seachad os an ceann. Tha mòran an dùil gu'm bi iad beò aig fois ann an Sion, agus tha dream eile smuaineachadh gu'm bi iad-san glic agus gu'n gleidh iad craiceann slàn, agus gu'n gleidh iad an oighreachdan, am fearuinn, 'san ceairdean, &c. Agus nach taisbean iad air son an Tighearn 'nuair a ghairmeas e iad gu fianuis a thabhairt air a shon. Ceart ma ta, cuiridh an Tighearn cuid do bhuillean, nach e a mhàin a thig air an dream nach'eil air son an Tighearn, ach a thig air na h-uile seòrsa sluaigh. Gu cinnteach, tha sinne a' sàoil sinn gur uamhasach smuaineachadh air là sin an Tighearn a tha teachd. Mar air son 'ar luchd-riaghlaidh, dh'obraich iad gu làidir agus gu cumhachdach ann an aghaidh an Tighearn; agus thubhairt iad, Thréig an Tighearn an talamh. 'Seadh, ach cha d' rinn e sin. Agus tha iadsan ag radh, nach agair an Tighearn

an ni a rinn iad. Ach mar a tha Dia beò agus a rioghachadh, ath-dhiolaidh e dhoibh ri'n eudainn gach aon diubh le chèile, eadhon o'n neach is mò gus an neach is lugha dhiubh, o'n Rìgh gus an neach is lugha dhiubh. Gun a h-aon diubh a sheachnadh, ath-dhiolaidh e dhoibh gu goirt air son gach uile ole a rinn iad.—Ciod a tha annta-san? Co iomadh Rìghre is comhairlich is a luidheadh eadar sinne agus a ghrian, cha'n'eil iad ach mar dhùn feòir ann am fianuis Dhia.—Tha iad mar neo-ni, agus na's lugha na neo-ni. Cha bhi na's mò do speis aige anns a chuideachd ghràineil sin, do'n gairm sinne luchd riaghlaidh, a bhualadh sìos a dh'ionnsuidh an ifrinn is ìsle, na bhiodh agam-sa ann an enuimh a shalt-airt fò'm chosaibh. 'Seadh, a shluagh féin, aig am bheil iomadh laithean agus oidhcheachan dubhach mu thimchioll am peacanna a tha 'gan ionnluid, agus a' deanamh gach dìchioll gu iad fein a ghleidheadh o'm peacaidhean; gidheadh tha aca cnàmhan goirt, agus na's leòir r'a dheanamh. Agus am bheil sibh an dùil gu'n d'theid a leithid do phàirtidh ghràineil as, a thug oibheum do Iosa Crìosd anns an eudainn, 'seadh, feudaidh sinn a ràdh mu 'ar luchd-riaghlaidh, gu'n do thog iad suas bratach dùbhlán ann an aghaidh Dhia, agus gu'n d'thug iad dùbhlán da fa' chomhair na grèine, 's na gealaich, agus an t-saoghail gu lèir; am bheil sibh a' smuaineachadh gu'n d'theid an leithid sin as? Ni h-eadh, ach thig e mach ann an òrdugh cath 'nan aghaidh, mar is beò e. cuiridh se iad 'nan luidhe 'san duslach ann an ùin ghearr. 'Bheil sibhse an dùil, Fheara', gu'n d'theid ar mòr uaislean, ar luchd labhairt ghràineil mu aidmheil as, am bheil sibhse a' creidsinn gu'n d'theid na Fo-Shagairtean ifrinneil, agus na h-euspuigean gràineil, agus mòr uaislean fhéineil aingidh as; am bheil sibh an dùil gu'n d'theid na h-uaisle so as o làmh Dhe? Tha mi ag ràdh, cha teid iad as chor sam bith: Mar is beò an Tighearn, saltraidh e sìos iad, agus an tighean, agus ni e deircich deth 'n sliochd. Bheir e air a dhion-fhearg a theachd thairis orra, air a leithid do dhoigh's gu'n dean a ghinealach a thig tàir orra. Tha mi ag aideachadh so, gu'm bheil neach sam bith a tha tabhairt fainear cùisean mar a ta iad air an là so, a' faicinn a ghinealach so a' dol gu h-ìomlan as an ciall cheart. Tha mi ag aideachadh gu bheil e na chùis chruaidh air son duine a bhi air a thearn-

adh, eadhon 'nuair a tha e ro fhurachair agus faicilleach. Ach O! Gu smuaineachadh eiod a thig air a ghinealach so. Innsidh mi dhuibh, nach e a mhàin gu'm bi am pàirtidh aingidh a tha ri gear-leanmhuinn, agus am pàirtidh a tha ag aontachadh leò air an tilgeadh thairis, ach cha teid eadhon a shlughadh fein as, mar a ta e agaibh ann Eseciel xxi. 3, 4, 5, 10, Tha sin gu deimhin a' creidsinn so; agus esan a chreiders chi e so. Eadhon a phobull fein, eadhon iadsan aig am bheil freumh na cùis annta, tilgidh Dia thairis iad. Cuiridh se iad ann a fhearg troimh' na bhàs, agus caomhnaidh e teire do mhinisteirean, teire do mhinisteirean nach aontaich leis an Eaglais Shasunnach. Bheir e orra gu'm faigh iad "bàs anns an fhàsach." Mar sin cha bhi ach teire a thig troimhe, agus a chi glòir an Tighearn. Tha cagal orm nach'eil ann ach teire a bhitheas air am factuinn air taobh Dhe, Innsidh mi dhuibh, Tha mi am barail gur e teire do mhinisteirean a bhios air am factuinn an ni bu ch'èir doibh a bhi; agus gur e teire do shlughadh a bhitheas air am factuinn an ni bu ch'èir doibh a bhi mar air son cumail an eudaichean glan. Tha so na thiom dorchadais, na àm buairidh. An toiseach shalaich e na h-uile seorsa shluaigh! Mo thruaighe! cha muinntir gu h-uile air an truailleadh anns an toiseach le a bhi 'g eisdeachd na fo-mhinisteirean, agus ag aontachadh le easbuigeachd, agus dh'fhas mòran feithearuinte, furachair, agus innleachdach. Lùb na h-uile an teangaibh a chum brengan; ach cha robh a h-aon treubhach air son na fìrinn suas agus sìos air feadh na h-Alba. 'S teire iad a bha saor a mhàin air a shon-san, ach tha seorsa do gheilleadh domhain a' buadhachadh ann am measg na h-uile seorsa shluaigh. Innsidh mi dhuibh gu cinnteach an ni a tha mi smuaineachadh is e inntinn an Tighearn, agus 's e so e: Tha mi smuaineachadh gu'n saor an Tighearn e fein de' na ghinealach so; tha mi smuaineachadh gu'n do mhinnaich e na fhearg, agus, am faigh e an cinn fo'n talamh, nach dean e gu bràth maith air son Alba. Mhinnaich e, agus am faigh e a ghinealach so, ministerean agus luchd-aidmheil, ann an cuid eudaichean mairbh, agus na cuimheagan ga'n itheadh suas, gu'n sin e mach a lamh ann an aghaidh Alba. Tha iad na'm pàirtidh nach doibrich air son Dhia. Cha'n 'eil mi ag àicheadh nach bi fuigheal air an tearnadh. Ach tha mi saolsinn, nach ruig sinn a leas

Tighean a thubhadh leis an dream a bhitheas air an tearn-
 adh: Cha bhi iad co lionmhor 's a tha muinntir an dùil.
 'Bheiream cinnte dhuibh gu'm bi iad na'm muinntir
 shònruichte a ni Dia a thearnadh. Bithidh iad na'n teirc
 do mhinisteirean, luchd-aidmheil, agus Chrìosduidhean,
 a ni e a chaomhnadh. Ach 's àill leis an ciosaichean
 ioman as an rathad. Tha mi ag aideachadh gu'm bheil
 mi smuaineachadh gu'm bheil an tìr air dol mearachd gu
 buileach. Mar air son ar luchd-riaghlaidh, ciod a tha
 annta ach diabhlan ann am feoil? Agus mar air son mòr-
 uaislean, cha'n urra dhuinn ann an so a h-aon diubh
 ainmeachadh air son Dhia. Gu dearbh, cha'n'eil sinn
 ag àicheadh nach 'eil cuid diubh na's fearr na muinntir
 eile. Tha aig cuid ni-eigin do sheorsa diallachd aig an
 eridhe, ach cha dàna leo aideachadh. Mar air son ar
 n-uile dhaoine-uaisle as urrainn dhuinn fhaotainn ann an
 Alba, feudaidh sinn an sgrìobhadh air trì eoirlich do
 phaiper; agus air son ministeirean, tha iad teirc; deth
 Chrìosduidhean tha beagan na's mò, ach cha'n'eil iad
 iomadh,—Agus bheiream-sa cinnte dhuibh, caomhnadh
 an Tighearn an dream as àill leis, cha chaomhainn e
 luchd-aidmheil. Tha mi a' smuaineachadh, ma chaomh-
 nas e a bheag, gur e an sluagh aineolach anns an taobh
 tuath nach d'fhuaire colas air ainm. Ach air son na
 dream a fhuair colas air, agus air oibrìbh cumhachdach,
 's àill leis an slaodadh as an rathad. Tha mi a' saolsinn
 gu'm feud e a mhuinntir òga chaomhnadh a tha 'g eiridh
 suas; a mhuinntir òga dha nach aithne a bheag; ach air
 son nan seann Chrìosduidhean, nach robh air taobh an
 Tighearn, 's àill leis an tabhairt as an rathad. Cha leig
 e leo a bhi idir beo, a rinn iad fein a thruailleadh co
 mòr. Cha shaoilte gu'n d'fhigeadh Alba gu a bhi co
 aingidh, Tha mi a' smuaineachadh gu'n tionndaidh
 luchd-aidmheil ann an Alba gu a bhi na'n diabhlan ann
 am feoil; agus deth na h-uile duine mòr agus uasal ann
 an Alba, cha bhi fichead a thaisbeanas air son Dhia.
 Tha mi a' smuaineachadh gu'n do dhublaich mi iad. Co
 a chreideadh gu'm biodh Alba co aingidh. Tha Alba na
 rioghachd làn do cheilg; gun a bheag ach balla' geal-
 aichte. Ach fuirich gus an crìochnaichear an cluith,
 agus ni esan tìr ghlan dheth. Cha tig e le ràc, gu a labh-
 airt mar sin, ach le sguab, a sguabas luchd-gamhluis,
 easbuigean, daoine mòra, uaisle, &c. sguabaidh se iad

fein agus an sliochd air falbh : sguabaidh e luchd-aidmheil air falbh mar an ceudna. Bheiream-sa cinnte dhuibh, mar air son an dearbh mhuinntir dhiadhaidh bu ro shaora a bha air taobh Dhe ann an imeachd phearsanta agus shònruichte, bithidh e na's leoir air an son faotainn troimhe : bithidh e mòr orra mur bi iad air an tilgeadh thairis ann an tuil na feirge a tha teachd. Bheir mise mo gheall gu'm bheil mòran ag radh, nach "gluais-e ar iad am feasd," cosmhail ri Daibhidh, Salm xxx. 6. Tha mòran ag radh ann an cridhe maille ris na daoine aingidh so, "Cha ghluaisear mi ; gu bràth cha bhi mi ann an ambghar." Salm x. 6, Ach fuirich gus an éirich Dia suas a thagradh, agus 'an sin bheir e ambghar "orra-san a ta aig fois ann an Sion, agus a tha ag earbsa a sliabh Shamaria," Amos vi. 1. agus as urrainn giulain gu h-eireachdail ann an ambgharaibh, "theid an dream so ann am braighdeanas maille ris a cheud chuid a theid am braighdeanas : "oir tha mi a' smuaineachadh gu'm bheil iomadh 'san tìr nach 'eil a' creidsinn gu'm bheil Dia ann, no nach "dean e aon chuid maith no olc," Sepha. i. 12.

Tha mi faicsinn gu'm bheil so co suidhichte ann an inn-tinn gach uile inbhe shluaigh ann an Alba, 's 'gu'm bheil mi aig aideachadh, ma dh'fhanas an Tighearn moran bhliadhnachan air falbh, gu'n d'thig Alba gu a bhi na cuideachd do dhiabhuilbh agus do luchd-àicheadh Dhé ; agus gairmidh iad na "h-uaibhrich sona," agus their iad maille riu-san, Mala. i., 14, "Is diombain seirbhis a thoirt do'n Tighearn ;" agus saoilidh iad gur e a mhuinntir is beusaiche an dream is mò a dh'aontaicheas, agus a leanas cùrsa no caith'-beatha na'n tìoma' ta lathair. Innsidh mi dhuibh gu'm bheil mi a' saòilsinn mòran a bhi brudarach air saorsa, mar-aon ministerean agus luchd-aidmheil ; ach ma bhrudaraicheas sibh gu ceart, brudaraichidh sibh gu'n d'thig Dia le fearg agus corruich, agus gu'n d'their e air Alba criothnachadh, agus gu'n comhdaich se i "mar le tuil na h-Eiphit," Isaiah x., 24. Inneam dhuibh, na'm biodh saorsa aig Alba, cha b'ann aig innseadh dhoibh-san. Rachadh luchd-aidmheil ann an Alba fo'dh na chuthach ; tha iad na's iomchuidh air son na b-uaighe. Feumaidh e a ghinealach so a chuit-eachadh, am fuadach uaibh, agus is earrann mhòr sin do'n t-saorsa. Cha'n 'eil na nithe so ach mar bhrudaraibh le mòran a ta 'm beachd nach 'eil an leithide so do

smuainte aig Dia. Bheiream-sa cinnte dhuibh, gu'm bi iad na'm muinntir air leth a sheasas nuair a dh'fhoillsichear esan. Bithidh iad na'm muinntir nach d'rinn aon-chuid beantainn, no blasad, 's nach do laimhsich truailleidheachd na'n tioman so. Ma ghabhas sibh an fuasgladh gu ceart, gabhaidh so dheth, an uair a bheir an Tighearn fuasgladh do dh'Alba, gu'm bi laithean glòir-mhor ann. Ach bithidh e na fhuasgladh costail, agus sguabaidh e a mhor-chuid de gach seòrsa air falbh, air mhodh shònraichte na ministeirean, mu'n tig am fuasgladh; agus bithidh aige a chaochladh do sheòrsa sluaigh, na tha a ghinealach fhoirmeil, mheagh-bhlàth so a th'air làthair. Bithidh aige a chaochladh do shluagh, mar-aon ministeirean agus luchd-aidmheil, na tha aige air an là so. Bithidh aige sluaigh nach iarr an nithe fein, ach na nithe a bhuineas da-san. Oir mar faigh e eaglais do reir a thoil, cha'n 'eil speis aige innte. Cha'n 'eil speis aige ann a tilgeadh ann an doimhneachdaibh na fairge. Ciod an speis a ta aige-san ann an laghana dhaoine, no air son rìghre agus comhairle? Cha'n 'eil iad 'na lathair-san ach mar chlàbair na'n sràidean. Bithidh aige eaglais air a h-uisgeamachadh a chum e fein a ghloireachadh, air-neo cha bhi eaglais idir aige; mar ann an Amos, ix., 7. Nach 'eil sibh mar chlann na'n Etiòpianaich dhomhsa, O chlann Israeil? Tha'n Tighearn ag radh.

“Nach d'thug mise a nios Israel as an Eghit, agus na Philistich o Chaphtor, agus na h-Asirianaich 'o Chirr?” Ciod an cùram a th'agam-sa annaibh? Ciod e a tha thusa, Alba, dhomhsa na's mò na na Turcaich, na na h-Americanaich? Ciod an spèis a tha aige-san air son ministeirean agus luchd aidmheil? 'S urrainn e co maith a dheanamh de' na clachan: 's àill leis an tabhairt as an rathad. Inseam dhuibh gu'm bheil mi a' smuaineachadh nach 'eil ach teire a tha firinneach air son Dhia ann an ni sam bith is 'surra' dhomh thuigsinn. Cha'n 'eil ach teire do Chàlebibh agus do Iosua-an ann. Tha e gle iongantach, gu'm bheil mòran an duil gu'n gabh e Alba thruaillidh tharcuiseach; ni-headh, 's àill leis Alba a sguabadh: tionndaidh se i bun os-cionn, mu'n tig i gu a bhi freagarrach air son a sheirbheis. Tha iomadh a smuaineachadh gu'n gabh e Alba, agus gach uile thruaillidheachd agus pheacaidhean ta innte; agus

ciod uime nach fhead e thabhairt air ar luchd-riaghlaidh aithreachas a dheanamh, agus lionmhorachd do'n leithidibh sin do nithe? Gu deimhin 's urrainn e thabhairt orra aithreachas a ghabhail; ach gu cinnteach innseamsa dhuibh, gu'm bheil a rùn air an ioman as an rathad: ni-headh, tha inntinn aige gus a mhuinntir dhiadhaidh iomain as an rathad mar an ceudna. Cuiridh se a mhuinntir dhiadhaidh as an rathad, aig am bheil freumh na cúis annta, agus gidheadh nach robh eadhon firinneach a bhain air a thaobh. Agus am bheil sibh an dùil gu'n caomhainn e am pàirtidh gamblasach? Ni-headh, cha bhi iad air an caomhnadh: oir ma bhitheas aon earrann do dh'ifrinn na's teotha na earrann eile, gheibh iadsan an t-áite sin.

II. Feum. An ann air èiginn a thearnar am firean? B'aill leam focal a labhairt riu-san a tha'n so. Co as a ta e gu'm bheil muinighinn aig lionmhorachd agaibh-se gu'm bi sibh air bhur tearnadh, agus "gur h-ann air èiginn a thearnar am firean?" Tha mi a' smuaineachadh gu'n abair an neach is ro-dhiadhaidh gu'm bheil e gle mhòr air a shon-sa dòchas e bhi air a thearnadh fhaotainn. Tha cuimhne agam ni a thubhairt duine diadhaidh a bh'ann an Air, an uair a bha e faotainn bás, "Air son ùinn fhad, ars esan, cha deachaidh mi co fada ri crois na féille a dh'easbhuidh smuainte air Dia agus air Criosd; gidheadh tha mi nis ann an teagamh mu thimchioll mo shàbhalaidh."

Ciod a shaoileas sibh dheth'n sin a mhuinntir ionmhuinn? Tha e air iomradh mu aon a bha beo iomadh bliadhna beatha aonaranach, gu h-iomlan air a thogail ri gnothach a shàbhalaidh, agus an deigh ùin co fhad a chaitheadh ann an uaignidheas, bha e do ghnàth ann am mòr chràdh agus imcheist, mu thimchioll cor anama.—Cha'n'eil sinn a' labhairt so gu mi-mhisneach a thabhairt dhuibhse, mar gu'm biodh obair na diadhachd na h-obair chruaidh agus do-fhulangach; ach innsidh mise dhuibh dearbh fhirinn na cuis, tha'n duine a ta air a thearnadh a' dol troimhe na deuchainnibh is cruaidhe, agus is maith ma theid e as le a bhicatha, tha e na fhirinn gle mhór, an duine a ghleachdas, a ghuileas, agus a dh'eigheas, agus a luidheas a mach a' a leabaidh an uair a tha muinntir eile innte; a chumas e fein air ais o'n pheacadh, agus a bhios air irioslachadh air a shon; aig am bi uiread do dhiadhachd 's gu'n gabh a choimhearsnaich uile iongantas ris,

an uair a bha a leithid sin do dhuine iomadh laithean. oidhcheachan, seachduinean, agus bliadhnachan gu cùramach mu thimchioll obair a shàbhalaiddh, gun chùram aige mu bheag 'sam bith eile ann an coimeas ris, gach là a' tuireadh os ceann a chuid peacaidhean, a' claoidh corp peacaidh agus bàis, gidheadh, an deigh na h-uile, tha e mòr air an duine sin, a ghabh an t-saothar so gu leir ruigheachd a dh'ionnsuidh sìth Dhe. Innseam-sa dhuibh, gu'm bheil mise a' smuaineachadh diadhachd a bhi a chaochala' do ghnothach 'sa tha muinntir an dùil. B' fhearr leam gu'm biodh fhios aig mòran do'n dream sin, aig nach 'eil ach aideachadh lóm, nach giùlan iad gu flaitheanas, air cleachdadh an dream a ta fìor dhiadhaidh. Tha mi a' smuaineachadh gu'm bheil e air a dheanamh aithnichte anns a ghinealach so, gu'm bheil mòran, aig am bheil ann am briathraibh, coslas na diadhachd, gidheadh ann an gnìomh a tha ag aicheadh a cumhachd. Tha mi aig innseadh dhuibh gu'n d'thug sinn fainear, gu'n d'thigeadh a mach á caochla' do àitibh trì no ceithir do mhiltibh, agus ann am measg na'n ceithir mìle so uile, anns a mhór chuid do dh'àitibh ann an Alba, cha'n fhaigh sibh dhomh leth-cheud, a tha, ann am breitheanas na caranas, fìor ionaic. Agus a ris, gabhaibh an leth-cheud so agus saoilidh sibh e m'èr ma 'se is gu'm bheil dà-fhichead aig am bheil mothachadh air obair cridhe. Feudaidd e bhi gu'n saoil sibh so na chainnt chruaidh, fathast tha sinne ag radh, thug sinn fainear, gu'n d'thigeadh a mach a àite trí no ceithir do mhilte, as nach bitheadh leth-cheud a mheasadh duine glic, ann am breitheanas na caranas, le'n rannsachadh, a bhi diadhaidh, na'm fìor Chrìosduidhean da rìreadh. Tha aca feudaidd e a bhi a chaochala chaith-beatha 's a tha aig muinntir eile; ag ùrnuigh ann an cuid teaghlaichean agus na'n aonar, agus aig am bheil deadh chiall. Ach tha diadhachd cridhe na nì iongantach: tha e na ghnothach chùramach "rioghachd Dhe a ghlacadh le lamhachas laidir," Mata xi. 12. Tha e na ghnothach mhòr do dhuine, a shùil fhaotainn air Crìosd, truailidheachd fhaotainn air a chlaoidheadh, agus a chridhe fhaotainn air a shuidheachadh air nithe a ta shuas. Tha cuimhne agam ciod a thubhairt neach àraidh mu thimchioll muinntir a bhi a' dol mearachd mu ghràs, "Cha'n'eil a' bheag ann an gràs ach Crìosd a' buadhachadh, a' deanamh caith-

ream, agus a' gleachd anns an anam. Far am bheil gràs, tha ann an sin mór ghleachd eadar gràs agus truaillidheachd." Bheiream-sa cinnte dhuibh nach 'eil e na chùis bheag do dhuine, e a bhi air a shaoradh o bhàs; air son creutair diabhluidh a theachd gu a bhi na chreutair neamhaidh; "gu a bheatha a bhi aige folaichte maille ri Criosd ann an Dia," Colos. iii. 3. Gu cinnteach tha diadhachd na gnothach iongantach. Chuala mi mu dhiadhachd cuid do mhuintir; shaoil mi e iongantach, gur e an uile dhiadhachd oidhche mhaith a ghuidh do'n Tighearn, agus maduinn mhaith ann an ùrnuigh agus ann an eisdeachd air searmonaibh. Cha b'aithne do'n leithidibh sin riamh ciod e a bhi leantuinn an deigh slàinte da rì-eadh; cha b'aithne dhoibh riamh ciod e a bhi fuidh chùram mu thimchioll an anama, air a leithid do dhoigh 's na h-uile ni eile a dhi-chuimhneachadh ann an coimeas ri so, cha b'aithne dhoibh riamh ciod e a bhi faicinn an Tighearn Iòsa agus a làn-shásachadh, agus rathad nuadh air a dheanamh mach dhoibh nach b'aithne dhoibh roimhe; ciod e a bhi gabhail roimh na mhaduinn le'n glaothaich. Tha e na fhirinn gle mhor, gu'n dearbh a mhòr-chuid do luchd aidmheil a bhi na'n oighean amaideach aig crìoch an latha. Tha mi ag innseadh dhuibh gu'm bheil mi dearbhta as, ma tha thusa a'd' oigh ghlic, chuir thu ann an teagamh gu'n robh thu a'd' oigh amaideach, agus tha e na obair mhòr dhuit fhaotainn air a shoilleireachadh am bheil thu a'd' aon deth na h-oighean glic. Nach robh e dhuit na obair mhòr, "an t-ainm nuadh agus a chlach gheal sin fhaotainn?" Taisb. ii. 17. Tha mi ag aideachadh nach 'eil fhios agam ciod a tha sibh an dùil a dheanamh, agus cionnas a tha sibh a rùn-achadh a bhi air bhur tearnadh, agus ciod na steidhean air an do thog sibh. Air mo shonsa dheth, an uair a labhair mi ri cuid, 'se teire a fhuair mi a b'urrainn reuson an dòchais a thabhairt; ach theireadh iad air a bheag ceill, gu'n robh dòchas aca a theachd gu neamh, agus cha b'urrainn iad tuille a radh. Ach theirinn-se, 'gu'm bheil am firean air éigin air a thearnadh.'

Tha aithne agam air cuid do mhuintir dhiadhaidh a bha na'n Criosduidhean o' chian leth-cheud bliadhna, air an bheil fathast eagal mu thimchioll an sàbhalaidh. Ach tha mi a smuaineachadh gu'm bheil iomadh agaibh-se aig nach 'eil ach beag diadhachd, cho beag 'us gu'n cean-

naicheadh duine e ro dhaor aig aon tastan a dh'airgiod, ma ghiùlanas sibh leis a chainnt. Tha sibhse an dùil, co-dhiùbh, gu'm bheil sibh-fein a' dol do neamh. Nìh-eadh, ach 's teirc iad a thig an sin. Ach tha mise ag ràdh, na'm b'aithne dhuibh diadhachd an dream a tha diadhaidh da rìreadh, chuireadh e iongantas oirbh. Thubhairt nigheana Ierusalem, an uair a bha a chéile aig iarraidh a h-aon ghaoil, "Ciod e t-aon ghaoil-sa a thuille' air aon ghaoil neach eile?" Dan Sholaimh v., 9. Bheiream-sa dearbhachd dhuibh gur Crìosd eile, slainte eile, neamh eile, glòir eile, air am bheil iadsan an geall, na tha a mhòr chuid do'n t-sluagh ag iarraidh. Na'm b'aithne dhuibh diadhachd mòran, sheasamb sibh fuidh iongantas ris. An dean sibh ach a cheist so a fhreagairt? Tha fhios agaibh gu'm bheil flaitheanas agus ifrinn ann. Co dhe'n da àite so anns am bheil dùil aig gach aon agaibh a dhol a thìr aig crìoch an làtha? Co-dhiùbh a tha dùil agaibh a bhì air bhur tearnadh, no air bhur damnadh? Co-dhiùbh dheth an dà aite so anns an d'theid sibh a thìr; ann an staid sàbhalaidh no ann an staid damnaidh? Bithidh dòchas aig na h-uile: ach tha mise a'g innseadh dhuibh gu'n do cho'-rùnaich an diabhl, agus bhur cridheachan fein, gu amadanaibh a dheanamh dhibh. Tha mi smuaineachadh gu'm bheil dòchas aig cuid agaibh, ach cha dàna leibh a radh gu'm bheil sibh cinnteach, no gu'm bheil agaibh steidh chinnteach gu togail air. Ach tha mise a' guidh oirbh, ma's urrainn duibh eisdeachd ris, rannsaichibh co-dhiubh a tha bhur dòchas na dhòchas ceart no nach 'eil? Tha cuid do mhuintir ann a tha togail an dòchais air bunait neo-chinnteach, agus tha an dochas fallsa. Agus ciod e ma tha bhur cuid-sa dochais air a thogail air a leithid sin do bhunait? Tha a mhor chuid a' gabhail gnothach le mèidrean sleamhainn ri cùis a tha deth chudthrom co mòr. Na tilgibh air falbh bhur n-anama', agus na sgriosaibh iad gu siorruidh. Anns an àm cheudna cha'n eil fhios agaibh nach bi agaibh bhur crann-chur ann an teine millteach! Oir tha moran na'n codal, agus tha'n diabhl mur gu'm b'eadh a tarruing an dearbh sgornan asda. Ach tha neach 'eil ag radh, feudaidh e a bhì gu'm bheil mise ann an Crìosd. Ach ciod e ma 'se is gu'n dean sibh cluasagan de'n leithidibh sin do nithe, gus an giùlan an diabhl sibh air falbh do ifrinn? Tha mi a'g innseadh

gu'm bheil sibh 'n'ur n-ana-creidm'hich, a tha togail air an leithide sin do bhunaitean.

Feudaidh e bhi gu'm bheil sibh ann an Crìosd ; feudaidh e bhi gu'n d'theid sibh do na flaitheanas : ach feudaidh e bhi gu'm bi sibh air bhur damnadh gu sìorruidh. 'Seadh, deir neach eile, tha e na's cosmhail gu'm bheil mise ann an Crìosd no nach 'eil. 'Nis, cionnas a dhearbhas tu gu'm bheil e na's coslaich' gu'm bheil thu ann an Crìosd no nach 'eil ? Tha sin na ghnòthach iongantach ; is luibhean e nach 'eil a' iàs anns na h-uile lios. 'S fìor gu'm bheil ana-creidm'hich an dùil gu'n d'theid iad do na flaitheanas. Tha dùil aig na h-uile neach gu'n d'theid iad an sin. Ach is sona an dream aig nach 'eil an dòchas air a thogail air leithid sin do bhunait. Shaoil leis na h-òigh ean amaideach gu cinnteach gu'm faigheadh iadsan do na flaitheanas. Tha e gle dhoilbh do dhuine dearbhachd agus mothachadh a bhi aige air obair diadhachd cridhe. Chunnaic mi muinntir a bha gle chudthromach, agus gidheadh bha e dhoilbh na dhoilbheachd iongantach a bhi cinnteach am biodh iad air an tearnadh ; an uair a ta ana-creidm'hich, aig nach 'eil a bheag do dhiadhachd, an dochas gu'm bi iad air an tearnadh, agus fathast a tha na'n codal ann an craicinn slán. Inneam-sa dhuibh, nach 'eil na h-uile ni a dhealraicheas na òr. Tha moran de' fo'-mhinisteirean diadhaidh anns an tìr nach bi mar sin 'sa bhith-bhuantachd. Shaoileadh gach neach gu'm bheil a leithid sin do dhuine diadhaidh ; ach cha ghabhar ri a dhiadhachd os àirde. Ach tha mise ag radh ruit, a dhuine, mur do dhearbhu thu e ri clach dhearbhaidh na'n Sgriobtuirean. 'Nis, 'so a chlach dhearbhaidh bu chòir do mhuinntir a ghabhail na Sgriobtuirean. An urrainn thu do dhòchas a dhearbhadh leis an Sgriobtuir, Spiorad Dhè a leigeil fhaicinn dhuit leis a chlach dhearbhaidh sin gu'm bheil thu diadhaidh ? Ach 'se mo bharrail-se, gabh agus cothromaich moran dh'inn ann am meigh an ionad-naoimh, agus gu'm bi sinn air bhur factainn gle eutrom. Bu mhaith leam gu'm biodh moran agaibh a' cuir bhur creidimh no 'ur diadhachd lom ann an teagamh. 'Se sgrios a mhor-chuid de'n t-saoghal, gu'm bheil iad coslach riu-san a ghabhas airgid, agus nach seall a dh'fheuchainn am bheil e maith no ole, agus mar sin tha iad air am mealladh. Tha moran ann nach 'eil idir a' cuir na ceist na 'gan rannsachadh fein mu'n a chuis so. Ach

cuimhnichibh gur ann “air éigin a thearnar am firean.” Bheiream-sa cinnte dhuibh, gu'm bheil e na's leoir air son duine cosnadh a chum ruigsinn air slainte, eadhon an uair a ta e iongantach dùrachdach. 'S urrainn dhomh dearblachd a thabhairt dhuibh gur iomadh iad a rinn faire a latha sa dh'oidhche, agus a ghlaodh, 's a rinn aithreachas, agus gidheadh gus an là an diugh a tha gu h-ìomlan olc. Tha moran do'n leithidibh sin do mhuinntir dhiadhaidh an diugh ann an ifrinn, aig an robh na's mo do dhiadhachd na tha aig moran againn. 'Saithe dhomh duine a tha fathast beò, a tha nis na mhisgear, agus na fhear fochaid air aidmheil, a bha aon uair co dùrachdach, agus gur gann a choidleadh e, air dha a bhi co cùramach mu thimchioll a thearnaidh, agus aig an àm sin a bha beo gu diadhaidh, agus gidheadh tha sibh an dùil gu'm bheil sibh diadhaidh; agus ma bha agaibh a bheag do gheur-mhothachaidhean, cha robh annta ach mèirean gearta a bha gu h-ath-ghearr air an leigheas a rìs, coslach ri sgròb prìne. Mur biodh agam-sa ach aon fhocal ri radh, b'e so e, bithibh cinnteach gu'm bi sibh ann an Crìosd, agus nach bi an diabhl agus 'ur cridheachan cealgach fein 'g'ur mealladh. Tha mi guidh oirbh, thugaidh an aire, agus biodh òla agaibh ann bhur làchanaibh; oir tha moran do shluagh meaghabhlàth anns a ghinealach so.

Feum III. An treas focal a chum feum cleachdaidh. Tha teire do mhuinntir fhìor-dhiadhaidh ann; agus tha agaibh-se doilbheachd ann an ruigsinn a chum solus a ghnùis, a chum gràs, gu rioghachadh thar a pheacaidh. Tha sibhse tric ag radh, maille ris an eaglais, “Am bheil bròn sam bith cosmhail ri mo bhròn-sa?” Tuireadh i., 12. Ach bithibh-se toilichte; oir tha e fìor, mar a thubhairt Maighstir Rutherford, “B'aill leinn dà shamhradh a bhi againn ann an aon bhliadhna “flaitheanas ann an so, agus flaitheanas an deigh so.” Ach tha e gle chothromach, ma theid sinn do na flaitheanas ge do b'ann ann an aodach marbh fuilteach.” Bha Asaph ann an imcheist ghèur anns a chor sin, air son gu'm biodh e ann an leithide do chor amgharrach 'sa bha e, Salm lxxiii., 13, 14. “Da rìreadh gu diomhain ghlan mi mo chridhe, agus nìgh mi mo lamhan an neo-chiontas. Oir bhuaileadh mi air feadh an là, agus smachdaicheadh mi gach maduinn.” Agus air mo shon fein, 's aithne

dhomh neach a tha o chionn seachd-bliadhna-deug fuidh ghrabhan do ghnáth mu thimchioll staid 'anam. Tha mi 'm beachd nach robh aig moran ann an so fad laithean am beatha, 's a bhla aig an neach sin ann an aon uair do thiom. Mar sin tha mi ag radh, tha e gle mhaith ma bhitheas sibh air bhur tearnadh, agus nach d'theid sibh gu siorruidh do dh'ifrinn. Tha e gle mhaith ge do bhiodh duine air a luasgadh 'na anam 's 'na chorp gach aon la, ma gheibh e neamh aig a chrìoch. Ge do chailleadh e slàinte, maoinn, bean, agus clann, agus a bhi fuidh thrioblaid gach aon la, agus neamh fhaotainn fa dhèoidh, is maith sin. Tha mi ag aideachadh gu'm bheil moran anns a ghinealach so, leis am b' àill na h-uile cothrom a bhi aca fein; ach tha mise 'ga shaoilsinn gle mhaith, an uair a tha an Tighearn a' spionadh suas an ni sin a shuidhich e, agus a' tilgeadh sìos an ni sin a thog e, ma gheibh duine 'anam mar chreach. Am feadh a ta 'chuis mar so, "Am bheil thusa ag iarraidh nithe mòra dhuit fein? Na iarr iad." Jeremiah xlv., 45. Ma gheibh thu flaitheanas ge do shnàmbadh tu troimh chuan do thrioblaidean, tha e gu ro mhaith. Tha dá ni air son am bu chòir do na h-uile duine saothrachadh gus am bi e na fhear buaidh.

I. Bu chòir da saothrachadh gu a bhi os cionn a pheacaidh, agus nach bi e ann an cunnart uaith na's mò.

II. Gu a bhi os cionn na h-uile neul treigsinn, agus a chum seoladh gu cothromach roimh na ghaoth. Ach an uair a bhitheas e beò air son linn, feumaidh e bhi toilichte air son neulaidh a bhi aige, agus air son corp peacaidh agus báis a bhi aige gu gleachd ris; feumaidh e tuiteam agus éiridh; an t-àth a mharcachadh mar a gheibh 'se e, agus a ghabhail mar a thig e g'a ionnsuidh. Mar sin, mo cháirde, bibh toilichte ma gheibh sibh flaitheanas, agus ma bhios dearbhachd air bith agaibh air a sin. Feudaibh e bhi, ma's àill leis an Tighearn, gu'n cum e suas a mhuinntir fein. Ach 'se 'n fhirinn, gu'm bi agaibh turrus mara mu'n d'theid sibh a steach air geataibh neamh. Leanaidh truailleidheachd sibh, agus cha dealaich iad ribh gus am bith sibh air an taobh a steach do'n starsnaich. Gu sin, leanaidh Satan sibh. Ach an uair a tha sibh an sin, gabhaidh bhur naimhde uile an ruaig, agus cha chràdh iad sibh gu siorruidh tuille. Ach feumaidh sibh coinneachadh ri trioblaid agus imcheist, agus

tonnan a' beucaich. Ach ann so tha sòlas, cha deanar long-bhristeadh oirbh. Thig oirbh beanntaibh do thonnaibh, mar gu'n sruthadh iad tharraibh; ach cha d'hoir iad buaidh. "Gu cinnteach ann an tuil na'n uisgeacha' mòra cha d'fhig iad am fagus duibh," Salm xxxii., 6. A mhain, tha mi' a' guidhe oirbh thugaibh an nòte so leibh; oir tha mi 'smuaineachadh nach faigh mòran do mhuinntir am peacadh fo'n casaibh, agus nach urrainn iad lath-aireachd fhaireachdail gnúis Dhia a bhi aca: Gidheadh feumaidh sibh a bhi toilichte. Feudaidh sibh a radh, na'm b'urraian mise dearbhachd air flaitheanas fhaotainn, bhithinn na b'fhearr air mo thoileachadh. Ni h-eadh, mo chairde, feumaidh sibh a bhi toilichte dorchadas a bhi agaibh co maith ri dearbhachd. Feumaidh sibh a bhi toilichte leis an ni ris an coinnich sibh; oir 'se mi-chreidimh agus peacadh is aobhar dha. 'Seadh, ma gheibh muinntir do neamh, tha e gle rabaith ge do bhiodh bhur dol as le'r craicinn ann 'ur faclaibh.—Bheiream-sa cinnte dhuibh, gu'm biodh sibh aig fois. Feumaidh an dream a tha ag iarraidh an toil fein a bhi ann an socair; agus an uair a bha an t-saorsa mheallta teachd, bhrud-araich na h-uile mu fhois, agus mu chodal ann an craicinn slàn. Ach cumaibh-se bhur tosd: gheibh sibh fois na's leoir ann am flaitheanas. Ach gabhamaid rathad Dhia am fad 'sa tha sinn ann an so. Tha e na ghnòthach iongantach! Ciod e a dheanadh muinntir ris na h-uiread do dh'fhois? Na'm biodh sinn beo ann an so gu siorruidh, dh'fheudadh muinntir sealltainn air son fois. Ach cha bhi sinn fada ann an so:—uime sin, bith-eamaid dileas air son Dhia.—Gu cinnteach cha shilinnse deur ge do thilgeadh Dia thairis na tìrean so uile. Chrath an Tighearn tearc a mach as am fois, agus tha e a' teachd. 'Bheil e ma ta na àm dhuibh-se air son suidh aig fois? "An àm dhuibh-se, O sibhse, còmhnuidh a ghabhail ann bhur tighibh maiseach, agus an tigh so na fhàsach?" Hag. i. 4. Cha'n fhaigh Dia 'nis tigh gu a shoisgeil a chuir ann: ach feumaidh sibhse bhur tighcean maiseach a bhi agaibh. Cha bhiodh iongantas orm ge do loisgeadh e Duneidean agus Glascho mar-aon, agus na h-uile nach bi air son Dhia. Shaoil le mòran e iongantach a bhi faicsinn mìr greadhnach do Ghlascho ri teine; ach cha do shaoil leamsa bheag dheth. C'ar-son, do

bhrìgh 's gu'n do loisg iadsan na cumhnantan, agus gu'n do sgrios iad obair an ath-leasaichidh; chuir iad-san ar nithe taitneach-ne fàs; agus ciod e ge do bliodh na bailtean so mar-aon air an losgadh? Gnothach mhòr gu dearbh! Ma bhithcas Dia air onaireachadh, na biodh speisaigneach codhiubh bhios no nach bi sluagh agus tighean air an tilgeadh adh'ionnsuidh iochdar a chuain. Is ginealach iad aig am bheil smuainte toibheumach an taobh a steach dhoibh. Tha iad a' smuaineachadh, gu labhairt mar sin, gu'n d'rinneadh Dia air an son fein, gu'n d'rinneadh Alba a chum gu'n togadh iad-san tighean ann, agus gu'n gabhadh iad combhuidh annta.—Ach blian saoghal air a dheanamh a chum seirbhis a thabhairt do Dhia, agus mur cleachd iadsan an cumhachd air a shon-san, ciod am feum a tha air son a h-aon diubh, biodh iad na'n rìghre, na'm mòr uaislean, no na'n luchd gamhluis? Cùis mhòr, ge do chuireadh e sìos iad a dh'ionnsuidh sgrios. Cha mhòr is fhiach iad uile gu leir. Tha smuainte dhaoine buileach mi-cheart.

Feum IV. Ach air son a cheithreamh fheum cleachdaidh. 'Bheil na fireana ach gu gànn air an tearnadh? Ann an sin theirinn, gu'm bheil feum agaibh a bhi pongail, faicilleach, agus dichiollach; oir tha mise a' saòilsinn gu'm bheil sibh uile dochair nach 'eil aig an obair so. Tha fearg Dhia gu mòr ann an aghaidh a ghinealach so. Ach, their sibhse, cionnas a bhithcas sinne co furachair agus dichiollach, air a leithid do dhoigh 's gu'm bi sinn ann am fàbhar Dhia, agus nach bi connachaidhean aige ann 'ar n'aghaidh an uair a thig e? 'Bheil sibh a smuaineachadh so? Tha Dia teachd ann an aghaidh Bhreatainn, mar is beò e, ann an cath thig e mach, agus tilgidh e sìos rìghrean, uaislean, agus easbuigean, agus cuiridh e mach ifrinn agus damnadh 'nam measg; gabhadh e dioladh air an tìr so. An sin ma ta, co-dhiubh a tha no nach 'eil sibh a' foghlum a bhi gluasad gu h-ionraic? 'Nis innseam-sa dhuibh, nach dean an diadhachd sin an gnothach, a dheanadh gnothach gu duine a thabhairt troimhe ann an laithean Mhontruse, agus aig Dunbar, cha d'thoir e duine troimhe ann an amaibh na deuchainn so a tha teachd air Alba. Bheircam-sa cìnnte dhuibh, gu'm bi e na dhuine iongantach nach bi air lotadh le buille, an uair a thig Dia am mach ann an corruich ann an aghaidh na'n tìrean so.

Tha mi a' creidsinn gu'm bheil caochla do mhuinntir, aig nach 'eil an teagamh is lugha nach d'theid iadsan as on fhearg a ta teachd air na tìribh so: Ach theid iomadh as o fhearg shiorruidh nach d'theid as on fhearg so. Uime sin tha feum agaibh air a bhi pongail ann bhur n-imeachd; tha feum agaibh a bhi air bhur tùr chaithris. Tha mi cuir an ceill, nach e a mhàin gu'm bi na h-oighean amaideach, ach eadhon na h-oighean glic fein air am faotainn 'na'n codal an uair a thig Dia. Tha mi a' saòilsinn gur teire iad air nach bi criothnachadh air a' thabhairt aig a theachd; bithidh an dream is ro-ionraic ach gu gann air an tearnadh. Tha mi ag aideachadh, gu'n gearr Dia fathast sios an luchd aidmheil ann an Alba, eadhon mar a ghearras duine sios fear. Bithidh am peacach ann an Sion, agus an cealgair 'sa chridhe air an gearradh sios. Cha bhi iad ach teire aig nach bi ni-éigin aige 'nan aghaidh. Ri cuid their e, dh'èisd sibh na fo'mhinisteirean, agus cha d'rinn sibh riamh bròn air a shon. Agus ri dream eile their e, cha do shearmonaich sibh anns gach àm cunnairt, agus cha robh sibh dùrachdach ann an àm, agus ann an-àm, ach chaidh sibh a leth-taobh agus sheachainn sibh cunnartan; agus ri dream eile cha d'thug sibh rabhaidh dh'ileas; agus ri muinntir eile, cha do shaor sibh an tìm; 'siomadh searmon a chuala sibh, ach is beag am foghlum a ghabh sibh: agus ri muinntir eile bithidh e aige ri radh, rinn sibh comh-bhoinn ri mo chuid naimhde. Ri daoine uaisle bitheadh e aige r'a radh, Na nithe air an robh bhur n-inntinn-se cha robh ann ach aolach a mhàin; ach bheir mise air anam, corp, agus na h-uile gu'm mothaich iad air son na nithe so. Mar so tha mi a' saòilsinn gur teire an dream an aghaidh nach bi aige cunntas gort agus dubhach 'san là sin. Bithidh nithe iongantach aige ri radh ri muinntir, agus is teire an dream a gheibh e an ni a b'àill leis iad a bhi.

Uime sin guidheam oirbh b'bh diadhaidh da rìreadh, oir tha Dia a' teachd. Shearmonaich Nóah agus Lot do'n t-seann saoghal, ach cha robh iad a bheag na b'fhearr. Agus tha 'ghinealach so cosmhail ri bhi cinnteach gu'm bi ifrinn agus damnadh ann an deireadh na cùis, agus gidheadh tha iad air an cruadhachadh, agus air an toirt seachad do'n diabhl gu a bhi air am mealladh. Gu cinnteach, innseam-sa dhuibh, gur maith ma bhitheas a h-aon ionraic ann an sgìreachd. Air mo shonsa dheth,

cha'n 'eil mi a' faotainn ach teirc do mhinisteirean no luchd-aidmheil nach 'eil gu h-ìomlan mi-cheart. Mar air son giùlain sluaigh ann am folais agus ann an uaigheas, cha'n 'eil ach teirc do luchd iarraidh ann am firinn air Dia, a chum an aimsir a shaoradh do bhrìgh 's gu'm bheil na laithean olc. O, innseam-sa dhuibh c'ait am bheil mi smuaineachadh a tha beatha na diadhachd na luidh : tha e mu thimchioll an iomal no n-eirthir, Dail-Thebhiot, Merns, agus Angus ; agus feumaidh an luchd-aidmheil sin nach 'eil a' tairgsinn dhoibh còmhnadh a bhi air an sguabadh air falbh ; fhuair iad so a leithid do char dochar, air a leithid do dhoigh's nach urrainn iad a bhi diadhaidh ; cha'n urrainn iad an Tighearn iarraidh, tha a leithid do spiorad neo-mhothachail 'nam measg. 'Guidheam oirbh, sibhse a tha eòlach air an sgìreachd so, gu'n innis sibh dhoibh gu'n d'thoir Dia do Mhoncland an iar a leithid do dhùsgadh, agus a bheir air an cinn uile gu'm mottaich iad a bhuille. Bha aca aon uair ministear a ghabh mór shaothar mu'n tiomchioll, an uair nach robh e air lathair maille riu, fathast air son a mhor chuid diubh, tha iad air fàs neo-sheasmhach mar Reuben. Ma gheibh iad ni-eigin air son an druim agus am broinn, cha ghabh iad suim ann a bheag do na nithe so. Ach tha mise ag innseadh dhuibh, gu'n eirich na crìoch-an aingidh a mhàn agus a n-àird mur timchioll suas, agus gu'n dìt iad an sgìreachd so, eadhon na crìochan so a tha air teachd gu bhi eudmhor air son 'na firinn. Mur cuir Dia plaigh air Moncland an iar, mur d'thig iad gu fìor aithreachas, tha mise meallta. Tha iad ag radh gu'n d'fhuair iad beagan do shalachair an t-saoghail so, agus tha iad a' cumail sin teann ann an gâirdeanaibh, agus cha'n 'eil speis aca air son ni air bith eile ; ach bu roghnaich leam-sa e bhi ann an íochdar na fàirge ; b'fhèarr leam gu'm biodh e gu buileach air falbh. Ach innsidh mi dhuibh aon nì, gu'm bheil mi cinnteach, mar air son na'n daoine so, a tha roghnachadh aolach roimh Chrìosd, agus roimh dhleasdanas, sguabaidh an Tighearn araon iad fein agus sin air falbh. Tha mi cinnteach gu'm bheil moran ann a mhallachas fathast an là anns an robh iad riamh na'n Tighearnan no 'nam Morairean, an là an robh aca beartas riamh, ach gu'm b'fhèarr leo gun robh iad a' dol na'n déircich o dhoras gu doras. Se so an nì, na'm b'urra mi cainnte a chuir air, ann an cumant-

tas, cha dean cràbhadh agus dichioll an gnothach, bheir-eam-sa cinnte dhuibh. Tha feum agaibh air a chùis fhaotainn gle shoilleir, agus 'ur teisteanas a bhi agaibh na luidh ri 'ur taobh. An robh thu a' basachadh gach là? An robh thu a' fulang gach là? 'Se sin ri radh, an robh thu a' tionnsgan na nithe so ann ad' inntinn? An robh thu a' smuaineachadh air, ciod e ni mise ma dh'éireas na Pàpanaich, agus ma ghearras iad sgornanan ar-aon daoine mòr agus daoine ìosal na ginealaich so? Tha 'ar rìgh agus ar comhairle uile a' brùadarachadh; agus cha'n 'eil sin iongantach; oir is furras le daoine mòra a bhi 'n comhnuidh a' brùadarachadh. Ach tha luchd aid-mheil, agus eadhon a' mhuinntir dhiadhaidh fein, a' brùadarachadh mar an ceudna. 'S teirc iad a' tha nis na'n duisg; 's teirc a' tha air an casaibh; agus is teirc a' tha air an tùr chaithris anns an là so. Ann an aon fhocal, bithidh na's leóir ri dheanamh aig na h-uile, nuair a thig an Tighearn a mach as àite a pheanasachadh luchd aitichidh na talmhainn.

Feum V. 'Nann air éigin a thearnar am firean? Na deanaibh, tha mi guidhe oirbh, ma ta, a mhi-mhineachadh, an uair a thig breitheanasan air na tìrean so. An uair a thig e gu sin, na abair nach robh aca diadhachd anna. 'Nuair a thig Dia a pheanasachadh Alba, 'sìomadh duine aig an ròbh a chridhe ceart maille ri Dia. a theid a dh'ionnsuidh ua h-uaigh an là sin. Na togaibh am mearachd rathad Dhe an uair a bhuaileas e cuid; na smuainichibh gu'm bheil sibh fein ionraic agus iadsan aingidh. Agus gu'n do loisg e tighean mòran do mhuinntir eile, na smuainichibh so iongantach: tha e gu maith mur bi muinntir air an losgadh iad fein. Is beag ris na choinnich iad ann an coimeas ri am peacanna; cha'n'eil e a bheag sam bith. B'fhearr leam gu'n rachadh sibhse agus muinntir eile as, ge do bhiodh agaibh fichead tigh air an losgadh sìos gu talamh. B'fhearr leam gu'n rachadh sibh fein as, ge do bhiodh an tigh air a leagail sìos; oir bheiream-sa cinnte dhuibh, gur iomadh duine onoireach a bha air a mharbhadh ann a leabaidh, a chorp air a thilgeadh a dh'ionnsuidh na'n coin, agus fhuil air a doirteadh air an talamh: B'e so an rathad air an deach iad do fhlaithneas. Ach so theirinn-ribh se, na togaibh-se 'am mearachd na nithe so ris am bheil pobull Dè a' coinneachadh. Chuala sinne mu

thiomchioll cuid do mhuinntir dhiadhaidh, air doigh's gu'n cràidheadh e cridhe, agus gu'n d'thugadh e air folt neach seasamh air a cheann, a bhi faicinn no a cluinn-tinn na'n trioblaidean anns an robh iad. Mar sin na d'thugaibh-se droch mlàncachadh as an teine sin, le a bhi smuaineachadh gu'n robh iad so na'm peacaich os ceann muinntir eile, no na's ciontach na sibh fein. Nih-cadh, chaidh tighean na'n easbuigean aingidh so as, agus na h-eaglaisean ud a tha air an truailleadh, agus tha sin a' dearbhadh a chàochladh. Ach innsidh mise ciod bu chainnt da'n so, cha'n ann a mhàin dhoibhsan a bha fuidh na chunnart 'san àm, ach ris a chuid eile don bhaile agus do'n dùthaich mu'n cuairt a dh'amhaire air : Agus,

I. B'e so cainnt na slaithe ris an luchd riaghlaidh, rìgh, agus comhairle : nach leig sibh a mach na prìosanaich ? gidheadh, tha i ag radh, 'surrainn esan an leigeil a mach, agus dearbhaidh sin dhuibh-se a chum bhur calldach. Tha aon duine a ghlac iad roimh, agus a ghlac iad a rìs ann an ceart aghaidh an lagha fein, uime sin feumaidh esan dol as. Tha mi ag innseadh dhuibh gu'm bheil latha teachd, anns an cuir an Tighearn as do Breatuinn, agus gus an tig an t-àm sin cha bhi a chuid prìosanaich gu bràth air an cuir gu h-ìomlain fa' sgaoil. Ach an sin bheir se air a theine sgriosach am fuasgladh, agus bithidh na h-aingidh air an druideadh a steach ann an teine troimh na bhith-bhuantachd.—Tha mi a' cuimhneachadh briathran Jeremiah ri Sedeciah, an uair a dh'àithneadh dhoibh na h-oglaich a chuir fa' sgaoil, Jeremiah xxxiv., 17. 'Seadh, tha Jeremiah ag radh, “ Uime sin, mar so deir an Tighearn, cha d'eisd sibh rium-sa ann an saors a' glaodhaich, gach aon d'a bhrathair, agus gach aon d'a choimhearsnach : feuch d'a 'ur taobhsa tha mise glaodhaich saorsa, deir an Tighearn, do na chladheamh, do na phlàigh, agus do na ghoirt ; agus bheir mi oirbh a bhi air 'ur luasgadh air feadh uile rioghachdan an domhain. 'Seadh ma ta, cuiridh an Tighearn an céill saorsa do'n dream so ; agus leigidh e do na prìosanaich dol as ; agus a chum na criche sin feumaidh an claidheamh a dhol sìos agus suas troimh na bhaile, gus an toir an Tighearn cead do dh'ifrinn agus do sgrios an gabhail sìos, mur gabh iad aithreachas B'e mo dhùrachd gu'n deanadh iad aithreachas ; ach tha iad do ghnath a' ruith air na

aghaidh air an droch shlighe so, agus 'gan cruadhachadh fèin, tha e cosmhail, gus am fuadaich an Tighearn air falbh iad.

II. Tha i ag éigheach mar an ceudna, “Biodh eagal De oirbh, agus thugaidh glòir dha; oir thainig a bhreith-eanas,” Taisb. xiv. 7. Biodh eagal-san oirbh is urrainn tighean a losgadh. Tha leithid do dh'eagal comhairle, marc-shluaigh, agus shaighdearean oirbh: ach 'surrainn an Tighearn a dheanamh ann an ùin ghearr an ni nach urrainn iadsan a dheanamh ann an ùin fhada. Tha mi creidsinn gu'n d'rinn an Tighearna na's mo do chall air Glascho leis an teine, na rinn a chomhairle agus am marc-shluaigh anns na bliadhnanachan so a chaidh seachad.* Is esan a tha deanamh an t-samhraidh agus a gheamhraidh, gidheadh cha'n eil sinne a' nochdadh ar n-eagal dligeach dha-san mur bu choir. Ach 's laidir eagal dhaoine. Tha na tìrean so ullamh gu eagal a ghabhail roimh ni beag sam bith a dh'fhagas fosgailt iad do thrioblaid. Cha'n 'eil eagal oirbh air son laghan Dhé a a bhriseadh, ach tha eagal oirbh airson laghan dhaoine a bhriseadh. C'ar son a bhiodh na h-uiread do dh'eagal oirne uath-san? Gu ma roghnaichte leinne eagal Dé a bhi oirnn, agus seirbhis a thabhairt dhasan.

III. Labhair an losgadh sin mu'n so, “Na saothraichibh air son a bhidh sin a theirgeas, ach air son a bhidh sin a mhaireas chum na beatha siorruidh. Suidhichibh bhur n-aighe air na nithe a ta shuas, agus nih-ànn air na nithe a ta air an talamh.” Colos. iii. 2. “Taisgibh suas bhur n-ionmhas air neamh, far nach truail aon-chuid laomainn no meirg.” Bha'n glaodh so aic mar an ceudna, nach cuireadh daoine an dòchas ann an saobhreas neo-chinnteach. Bheiream-sa cinnte dhuibh, gur iomadh duine a ghabh mòr shaothair gu bhi togail suas na'n clachan so, a loisg an teine sìos, a rinn di-chuimhne air Dia ann an ùrnuigh. Bheiream-sa cinnte dhuibh, gu'n robh na bu mhò do shaothair air a

* Tha an losgadh 'an so, gun teagamh, a' ciallachadh an teine sin a bhris a mach ann an Glascho anns a bhliadhna 1677. air sgath an robh mòran phrìosanaich air an 'cuir fa' sgaol le truacantais an luchd-aitridh; ann am measg an robh Earla fiùghail Certland, an neach a tha coslach ri a bhi an duine mu am bheil e ann an so a ràdh a bha air a ghlacadh an dara h-uair. Tannal beag na dheigh sin, chaidh e null do'n Olaind, far an d'fhuair e bàs, air a cheithreamh la dèug do'n ebeud mhios de'n gheamhradh 'sa bhliadhna, 1680.

ghabhail ann an togail suas na'n clachan so, na bha air a ghabhail le iomadh mu thimchioll an slàinte shìorruidh.

4. Tha e aig éigheach, am bheil agaibh ionmhais air neamh? Am bheil sibh a' deanamh cinnteach air son ni-éigin nach bi, 'seadh, nach urrainn a bhi air a thabh-airt uaihbh? " Rinn Muire roghainn do'n chuid mhaith sin nach toirear uaipe," Lucas x. 42. Mar sin na suidh-ichibh bhur n-aighe' air nithe an t-saoghail so, Tha sibh a' faicinn tiodal Iarlachd agus Moraireachd air an reic, agus air an tionndaidh nall o làmh gu làmh, agus fathast cha bhi cuid do dhaoine ann an imeheist air son an anama a reiceadh air son mìr beag dhe'n talamh air son an sliochd; agus feudaidh e bhi, an neach a thig 'nan deigh gu'n caith e air falbh na h-uile. Tha e ag radh, iarraibh rioghachd nach urra' bhi air a crathadh, agus aite-comhnuidh nach urra' a bhi air a sgaoileadh as a cheile.

5. Tha e ag éigheach so, an àm dhuibhse a bhi plasdadh 'ur tighean. am feadh 's a tha a phobull air an tabh-airt gu seachairean is cruadhas. Tha e air a thoirt faincar, gur e am mìr is fearr do Ghlascho a tha air a losgadh. Agus tha mi 'saoilsinn, gu'm bi Glascho agus Duncidin mar-aon air an cuir fàs mu'm bi na h-uile seachad. Bithidh tighean iomadh duine uasal agus duine mòr air an cuir fàs mu'm bi na h-uile nithe thairis.

6. Agus tha glaodh eile aige, tha e ag radh gu'n robh mòran pheacaidhean air an cuir ann an gnìomh anns na tighean so. Agus bitheadh iad na'n tighean is àill leo, dh'fheadadh peacadh a bhi na aobhair air son a bhalla bhi air a bhualladh an dara h-uair. Agus,

7. Tha e ag eigheach, " Mur dean sibhse aithreachas, theid sibh am muga mar an ceudna," Lucas xiii. 3. Tha e ag radh riutsa, O a Ghlascho, mur bi sibh fuidh eagal agus mur iarr sibh an Tighearna, cuiridh e cuid do nithe dubhach a mach 'nar n-aghaidh. Oir an uair a tha e ag cuir a mach a bhreitheanais, tha gairm labhair aca do mhuintir eile rabhaidh a ghabhail. Uime sin guidheam cirbh gabhaidh rabhaidh. An dream so, aig an robh an an cuid tighean air an losgadh, bbrudraich iad air co beag do bhreitheanas air an oidheche roimhe sin agus a tha sibhse a' deanamh aig an àm so. Tha Easluigan agus luchd gàmbuis a' brudrachadh gle bheag mu bhreitheanasuibh, agus tha dian-thogradh aig

an diabhul, gu labhairt mar sin, a chum am faotainn, agus feudaidh e bhi gu'm faigh e iad tìm na's leoir. Tha móran agaibh an dùil nach 'eil breitheanasuibh a' teachd. — Ach ciod am bonn a dh'fheudas sibh a bhi agaibh air son sin? Ciod uime, a tha sibh co fein-thearuinte. Tha iad sona gu deimhin a tha tearuinte air deadh steidh. — Air an aobhar sin tha mi a' guidh oirbh, air tròcairibh Dhe, mar is ionmhuinn leibh sonas bhur n-anama neo-bhasmhor, rannsaichibh bhur n-anama fein, rannsaichibh bhur slighean, agus pillibh a dh'ionnsuidh an Tighearn. Tha iad teire a tha caitheamh ùine ann an ùrnuigh mar bu chóir dhoibh.

'Nis cha'n abair sinn tuille ach so, rannsaichibh a mach ole bhur ròidean, agus guidhibh air son grás soillsichidh. Gu'n tugadh an Tighearn oirbh na nithe so a thabhairt fainear, agus do ainm gu'n robh a ghloir gu sìorruidh. Amen.

EARAIL GHOIRID, aig coimhid Suipeir an Tighearn ann an Carluce, air an naodhamh la-fichead de na cheud mhìos don t-samhradh 'sa bhliadhna 1659 le Mr Libh ingston.

'Nis gu'm beannaich an Tighearn sibh. Beannaichibh esan, agus na dheidh sin beannaichibh sibh fein, agus beannaichibh a shluagh uile. 'Nis, ciod e a thainig sibh a dheanamh ann an so an diugh? Nach dubhairt bhur coigaisean air mhodh sònruichte ribh, ciod a bha mise mu'n do ghairm an Tighearn mi? C'ionnas a ghiùlain mi o'n àm sin? Agus ciod ma 's e so an là anns an d'thoir e bhur n-eagal oirbh? Tha sinn uile ann an so mar ann am buaile; agus feudaidh e marbhadh no cumail beo mar is àill leis. 'Seadh, feudaidh e bhith gu'm bheil na's mó a tha faotainn buille mharbhtach aig ord-uirghean na aig àm no àite air bith eile. — “ Agus an deigh a ghreime, chaidh sàtan a steach ann.” Ach cha bu mhaith leinne a bhi labhairt a leithid sin do nithe mu'r timchioll-sa.

'Nis, tha mòran iomairt aig an àm so. Tha mòran do luchd-aidmheil cosmhail ri 'ar n-uaisle lòm, a ni strì gu'n rànc a chumail suas car tamul, ach cha'n fhad is urrainn iad dheth. Agus O gu'n tigeadh an Tighearn air an là so, agus gu'n tearnadh e sinn, agus gu'n taghadh e dhuinn luchd teagaisg, agus gu'm faigheadh esan an stoc agus sinne mar an ceudna.—O an aithne dhuibh esan? Agus an aithne dhuibh cia milis 'sa ta e?

Ach, mo thruaighe! Tha cor an t-sluaigh coslach ri bhi ag radh, nach'eil e iomchuidh a bhi labhairt mòran air an doigh so; ach creidibh-se e, mur biodh an Tighearn gle ghrasmhor, bhiodh sinn uile ann an aite coinnich na truaighe agus an léir sgrios fada roimhe so. Creidibh so, gu'm bheil teine na h-ifrinn' ro theith: agus gidheadh creidibh so, ge do bhiodh meall mòr do'n teine sin gu briseadh troimh na cho-thionail so, cha deanadh e mòr fheum dhuinn: Cha deanadh, uiread a dh'fheum ri aon searmon. “Tha Maois agus na faidhean aca, éisd-eadh iad riu-san.” Agus dh'fheoraichinn-se aon cheist; agus 'si so i, Co ris na bhuineadh na b'fhearr na ruinne? Ach, mo thruaighe! Dh'fheòraichinn-se ceist eile a tha na's brònaich na cheist so, agus si so i, Co a bhui ris-san co ole agus co mi-thaingeil 'sa rinn sinne anns an tìr so? Am bheil sibh ma ta ag radh, gu'n deonaicheadh Dia nach bi an comh-chomunn so cosmhail ri comh-chomuinn-ean eile dheth'n ghnè so, far an robh an Tighearn gràs-mhor agus nach b'fhada gus na dhi-chuimhnich sinn e. Agus a ris, gu'n déonaicheadh Dia gu'm bi e eadhon cosmhail ri cuid eile. Tha sinne a' dol do Neamh. 'Nis, ma ta, co a tha ullamh cosmhail ri duine a tha dol a dh'ionnsuidh astar-cuain? Gheibh a leithid sin do dhuine a bhata ullamh, agus their e, tha mi nise co fada air mo thurus, ris-san a shuidh suas fad na h-oidhche a' feitheamb air an tìde mhara. Gu'n deònaicheadh Crìosd tìm agus bhur seol-mara a thaghadh, 'Nis, beannaich-eamaid e, agus mar sin gairmeamaid air ainm.

An deigh do na bùird uile bhi air an crìochnachadh, chaidh e air aghairt air an doigh so:—

Cha'n'eil e nis iomchuidh a bhi labhairt a bheag sam bith tuille, do bhrìgh 's gu'm feudadh na labhradh sinn aig an àm so na labhair sinn a cheana a thoirt as

an cuimhne. O na'n deanadh sibh ach leth na chuala sibh a chuimhneachadh; oir tha truas aig Criosd ri'r pearsaibh a dh'fhuirich an so co fada. Ach tha dochas agam, ge do tha sibh a nis gu'r cead a ghabhail d'inne, nach 'eil a rùn oirbh bhur cead a ghabhail dheth-san. Uime sin abraibh, "Thighearn, am bheil tuille seirbhis agad dhuinne r'adhean-amh; agus freagraidh esan sibh, 'Seadh. tha agam an t-seann àithn agus an àithn nuadh gu thabhairt duibh, gu'n gràdhaich sibh a cheile, choimheadaibh sìth, agus gabhaibh gu maith ri a cheile air mo sgàth-sa, agus tha mi'n dòchas gu'n d'rinn cuid agaibh astar mhaith air aghaidh gu neamh; agus buidheachas do Dhia, tha'n dorus fathast fosgailt; agus uime sin biodh impidh air a chuir oirbh, o sibhse a ta fathast na'r coigrich, thigibh fathast a steach; agus sibhse a chomanaich gu neo-iom-chuidh, taisichibh air ball, agus deanaibh aithreachas; oir na'm b'aithne dhuibh e, dh'iarradh sibh air, agus bheireadh e uisge beò dhuibh. Ach air dhuinn rùnachadh gun tuille a radh aige an àm, deanamaid urnuigh air tūs, agus an deigh sin moladh.

11

CUID DE CHOMHARRAIDHEAN

AIR

FEASGAIR DHUBHACH AIG EAGLAIS DHE.

LEIS AN URRAMACH

RALPH ERSCINE, A.M.,

Ministear an t-Soisgeil a bh'ann an Dunfermline

Secha. xiv. 7. Ach tarlaidh air trà feasgair gu'm bi solus ann.

MAR a ta na sgrìobtuirean uile toirt fianuis mu Chrìosd, mar sin tha'n steidh-theagaisg so a' tabhairt fianuis mu chiall a chompàrtaichidhean do thaobh 'eaglais agus a shluagh fein, mar-aon ann a fhreasdal agus ann a ghràs. —Tha dà ach anns an rann as am bheil ar steidh-theagaisg air a thabhairt; tha aon diubh a' seoladh a chum a chomais buileachaidh ghlic, an aon eile a chum crìoch aoibhneach riaghailt suidheachaidh Dhe a thaobh 'eaglais agus a shluagh fein.

Anns na briathran fein thug sinn fainear, 1. Na crois-ean agus na trioblaidean a's dubhaich' a tharlas do dh'eaglais agus do sluagh Dhe anns an t-saoghal so, air am foillseachadh fo shamhladh trà feasgair. 2. Na sòlasan agus na misneachaidhean as milse a tharlas 'nan crann-chur, air am foillseachadh fo shamhladh soluis. 3. An ùin, no an t-àm sònruichte, an uair a tha an dòchas a' tabhairt suas an spioraid. 4. Tha agaibh cinnteachas neo-mhearachdach na crìche shona so, " Tarlaidh air trà feasgair, gu'm bi solus ann."

Na nithe so dh'fhosgail sinn suas aig àm roimhe so.* 'Se tha rùn oirnn 'san àm so a bhi dearbhadh, gu'm bheil an t-àm anns am bheil sinn a nis beo na àm feasgair.

* Bha na nithe so maille ri cinn-labhairt eile, air an laimhseachadh leis an Ughdar, ann an caochaladh searmoinean urramach, anns a bhliadhna 1723.

B'àill leinn gu'n tugadh sibh gu furachair fainear comharraidhean an tìm, agus gu cinnteach ma bheir, taisbeanaidh e gu soilleir, gur àm feasgair e, àm dorch, droch àm aig eaglais Dhe. Agus, gu 'ur cuideachadh ann an so, B'àill leinn cuid de na comharraidhean fhoillseachadh dhuibh deth dh'àm feasgair anns an eaglais. Agus air dhuinn fhaicinn gu' bheil Spiorad an Tighearn a' cuir an ceill coir brònach sluaigh le àm feasgair, tha e le sin a' ceadachadh dhuinne bhì cleachdadh an doigh-labhairt ann a bhì foillseachadh an nì ceudna. B'ìdh na comharraidhean a dh'ainnicheas sinne ma 'seadh, air an tabhairt o' na cho-shamhladh sin, air doigh's gur h-ann is fearr nì e greim air bhur cuimhne, 'nuair a tha iad air an cuir an céill le leithid do nithe 'sa tha soilleir do na h-uile neach is urrainn eadar-dhealachadh a chuir eadar maduinn agus feasgair.' Nis de' na comhar'an so tha dà sheòrsa. 1. Cuid a dh'fheudas a bhì air an gairm comhar'an roimh-innsidh, a' feuchainn gu'm bheil feasgair dhorch a tarruing am fagus. 2. Cuid eile a dh'fheudas a bhì air an gairm comhar'an foillseachaidh a' nochdadh gu'm bheil an t-àm air làthair na àm feasgair.

1. Tha comhar'an roimh-innsidh ann, nach e a mhàin a tha foillseachadh gu'm bheil mòr dhorchadas anns an àm air làthair, ach gu'm bheil àm feasgair na's doirche cabhagachadh air aghairt; an leithid as iad so a leanas:—

1. Tha e na chomharradh a tha roimh-innseadh mu àm feasgair an uair a tha na sgàilean a' fàs fada. Am feadh 'sa tha a ghrian àrda, tha na sgàilean goirid; ach mar a's ìsle ta ghrian, 'sann is àirde tha na sgàilean. Mar sin. 'an so, mo chàirdean, tha e na àm feasgair a tha teachd air an eaglais, an uair a tha sgàilean falamb a fàs fada, agus dhe' na's mò a mheas na fìor dhiadhachd. An uair a tha sgàil no faileas duine dhà no trì a dh'uirean na's faide na e fein, tha e aig innseadh gu'm bheil a ghrian iosal, agus an oidheche am fagus. Nach 'eil a chùis mar sin ann an seadh spioradail, 'nuair a tha aig luchd-aidich na's mò mhòir de' shamhladh diadhachd no na th'aca de' a cumhachd; na's mò de' shamhladh diadhachd no na th'aca deth a brìgh? Cha'n 'eil aig cuid, gu dearbh, uiread ri sgàil no faileas na diadhachd, aon chuid 'n an teaghlaidhean no 'n an clòsaidean; nì a tha ag innseadh gu'm bheil e gle dhòrch aca-san, agus gu'm bheil iad a dh'casbhuidh solus eòlais Chrìosd;

oir, far nach 'eil solus, cha'n 'eil sgàil idir ann ; tha na h-uile na thiugh dhorchadas sin, no, tha aca sgàil do chràbhadh, agus gun a bheagtuille, air-neo beagan na's mò ; nì tha 'g radh gu'm bheil an solus a th'aca na sholus crìonaidh, agus gu'm bheil feasgar dhòrch a teachd air a h-aghaidh.

'Nuair a tha an eaglais ann an staid soirbheachaidh, agus a ghrian gu h-ard ann a speuraibh, tha sgàilean na'n samhlaichean falamb, deas-ghnàthaichean saobh-chràbhach, agus innleachdan dhaoine air an gearradh goirid ; 'seadh, agus air an gearradh dheth, mar a tha fios agaibh gu'n robh iad gu soleimte air an àicheadh agus air bòideachadh na'n aghaidh ann ar measg-ne ann an laithean ar cùmhnantachaidh ; ach an uair a tha na sgàilean air fàs fad a rìs, agus mòran a' seasamh suas air an son, agus teire a' taisbeanadh 'nan aghaidh, ach na's roghnaichte gun a bhi a' seasamh suas air son a bheag ann an eaglais Dhé ach air son dearbh sgàilean, air dhoibh fein ainm a bhi beò a bhi aca, ach gidheadh iad marbh ; an uair a tha so, tha mi 'g radh, gu coitchionn a' teachd air aghaidh, tha e ag innseadh gu'm bheil an fheasgair ann.

2. Tha e na chomharradh air àm feasgair, an uair a tha luchd-saothraich gu cabhaigeach a' pilltinn o'n saoth-air. Ma chi sibh iadsan a tha saothreachadh 'san achaidh ag ath-philltinn dhachaidh o'n cuid obair, comhdhùnaidh sibh gu'm bheil àm feasgair aig lánmh. Mar sin, 'nuair ann an eaglais Dhé a tha iomadh seirbhiseach firinneach ann am fion-lios Dhé, air an tabhairt le cabhaig dhachaidh do neamh, o'n saothair air thalamb, is comharradh e air gu'm bheil àm feasgair a tarruing am fagus. Mar a tha atharrachadh na muinntir dhiadhaidh 'sa choitchionn, na chomharradh a tha aig roimh-innseadh gu'm bheil feasgair do bhreitheanas a' teachd, air dhoibh-san a bhi air an tabhairt air falbh o'n olc a tha r'a theachd ; mar sin tha atharrachadh luchd-saothraich urramach ann am fion-lios Dhe gu sònraichte a' bagradh oidhche. 'Nuair a tha Lot air a thabhairt a' mach a Sodom, tha e aig roimh-innseadh gu'm bheil feasgair feirge a' teachd. Bha Metuselah air a thoirt air falbh bliadhna roimh an tuil ; bha Ambrose air atharrachadh roimh sgrios na h-Eadailt ; agus Luther roimh chogaidhean Ghermanie ; agus 'us lionmhor fear-saothraich di-

leas a rinn an Tighearn, o chian ghoirid atharrachadh anns an tìr so, agus o'n taobh dùthcha so; feudaidh sinn a chomh-dhùnadh o'na so, an uair a tha Noahan air an tabhairt a dh'ionnsuidh an cuid àirceachan, gu'm bheil e na chomharradh air tuil a bhi aig lámh, agus gu'm bheil Dia a' tionail fhoghair fein mu'n d'thig storm a gheamhraidh, agus a' gairm dhachaidh a luchd-saothraich mu'n tig an oidhche dhorch air a h-aghaidh.

3. Tha e na chomharradh a tha bagradh am feasgair, an uair a tha daoine gu coitchionn air tòiseachadh ri bhi leisg agus codalach; oir iadsan a tha codal, 'sann anns an oidhche a tha iad na'n codal, deir an t-abstol; mar sin, an uair a thoisicheas daoine ri dùsail, tha e a' nochdadh gu'm bheil an oidhche a teachd air a h-aghaidh.—Mar sin, an uair anns a choitcheantas a tha mi-chùram, agus codal spioradail, is leisg, air tòiseachadh gu gréim a dheanamh air eaglais, tha so na chomharradh air oidhche breitheanais a bhi tarruing am fagus. Tha sinne a faotainn na h-oighean uile, mar-aon glic agus amaideach, ri dùsail 'us codal mu'n d'rinneadh glaodh na meadhon oidhche. 'Nuair a tha muinntir ag radh, "Sìth, sìth; 'an sin tha leir-sgrìos obunn a' teachd." Tha iomadh comharradh air codal is mi-churam mu'r timchioll; agus cha'n 'eil sinn cosmhail ri bhi air ar dùsgadh, gus an tig glaodh meadhoin oidhche Dhe, ann an rathad breitheanais: nì mò a dhùisgeas an glaodh sin fein ginealach fein-thearuinte, mur d'thig an Tighearn gu cumhachdach maille ris.

4. Tha e na chomharradh air am feasgair a bhi teachd, 'nuair a tha'n drùchd a' tòiseachadh ri tuiteam. Tha sinn a' faotainn an Tighearn a labhairt r'a eaglais chodalach anns na briathran so, Dan. v. 2., "Fosgail dhomh, oir tha mo cheann comhdaichte le drùchd, mo chiabha le braonaibh na h-oidhche:" aig ciallachadh na nithe a dh'fhuiling e air a son, eadhon drùchd agus braonaibh oidhche fheirg agus dhioghaltais Dhè. An nì, as e 'san dòigh seachad, a h-aon deth na h-aobhairean a's mò air son am bu chòir dhuinne ar cridheachan fhosgaladh dha-san, a rùisg e fein do dh'fhearg Dhè air ar son-an. Ach a nis, tha mi a gradh, an uair a tha'n drùchd a' tòiseachadh ri tuiteam, gu'm bheil e na chomharradh air am feasgair. Mar sin, an uair a tha drùchd agus dropan breitheanais Dhé air tòis-

eachadh ri tuiteam air eaglais, tha e a ciallachadh gu'm bheil am feasgair na's dūirche a' teachd air aghaidh; gu sōnruichte mur bi aig na dropan so is lugha do bhreitheanais an toradh iomchuidh orra, a chum an dūsghadh agus am beothachadh, ach gu'm fan iad rag-mhuinealach: oir, cōsmhail ri leighiche, an uair nach obraich cūngaidh-leighis na's lugha, òrdaichidh se a h-aon na's treise; mar sin, tha breitheanais bheaga, an uair a tha iad air an cuir suarach, na'n roimh-theachdairean air breitheanais na's mò a theachd 'nan deigh: "Mur leas-aichear sibh leis na nithe so, deir an Tighearn; an sin smachdaichidh mise sibh seachd uairean fathasd air son bhur n-aingidheachdan." Cia iomadh drop de'n oidhche bha tuiteam oirnn' air cuid deth an àm a chaidh seachad, tha so soilleir do na h-uile aig am bheil an sùilean fosgailt; 'seadh do'n dream a bheir fainear 'sa choitchiontas: cha'n e mhàin bàs iomadh duine gràsmhor, ach mar an ceudna glòir Dhe a bhi gu mòr air imeachd air falbh: reubadh farsuing agus roinn na h-eaglais; a thuille air iomadh breitheanais aimsireil, lasraichean dùthchasach, ceannaircean, claidheamh, bochdainn, tràilleileachd, agus na's ro-shònraichte breitheanaisean spioradail, doilleinntinn, cruas-cridhe, amraiteas fo'n t-soisgeil, agus dropan gun àireamh do dhrùchd a thuit, nach 'eil iad so uile ag innseadh gu'm bheil an oidhche a' teachd?

5. Tha e na chomharradh air àm feasgair a bhi tar-ruing am fagus, an uair a tha'n t-àileadh (a bha blà le dearsadh na greine rè an là) air teachd gu bhi gle fhuair: an uair a tha a ghrian air falbh, agus an t-àileadh a' fàs fuar, tha e na chomharradh air an oidhche dhorch a bhi teachd air a h-aghaidh.—Eadhon mar sin, an uair a tha aingidheachd a' meudachadh tha gradh mòran a' fàs fuar. Mata xxiv. 12. Tha am fuachd so de ghràdh Criosduidh do Dhia agus do dhaoine, na chomharradh air àm feasgair na's dūirche de thruaighe a bhi teachd. Thuit eaglais Ephesus o a ceud ghràdh, agus bha'n coinneir air atharrachadh as àite, Taisb. ii. 4, 5. An uair a thainig Laodicea gu bhi meagh-bhlàth, gun bhi aon-chuid fuar no teth, 'an sin rinn Dia a sgeith a mach as a bheul; sin ri radh, a diultadh le grāin. Feudaidh e bhi nach robh àileadh na's fhuaire riamb ann, na sin anns am bheil a ghinealach so ta nis ann a' tarruing an anail; tha gràdh do Dhia agus do a shluagh, eud air son Dhe agus air son

a ghloir aig cuid do dh'amaibh a chaidh seachad a bhlàth-
aich cridheachan Chrìosduidhean, an nis air tionndaidh
gu a leithid deth dh'fhuachd feasgair a's gu'm bheil
fuachd an àilidh a' gealltainn storm a bhi aig lamh ?

6. Tha e na chomharradh air àm feasgair a bhi tar-
ruing am fagus, an uair a thòisicheas na neòil agus an
iarmailt air fàs dearg agus fuilteach, mar gu'm biodh iad
air dath sgarlaid; ciod sam bith laithean taitneach a
dh'fheudas e a chiallachadh an deigh so, gidheadh tha e
na chomharradh anns a cheud àite air feasgair, a bhi aig
laimh. Mar sin an uair a tha neoil tioram. troimh ath-
shoillse dhealraidhean na greine, a' toirt sealladh sgiamh-
ach, agus gun tuille a bhi ann: Tha mi a' ciallachadh,
an uair a tha cealgaireachd coitchionn, agus nach 'eil ann
an luchd-aidmheil ach neoil gun uisg, Iude rann 12,
deadh-mhaiseach o'n taobh muigh, ach falamh as eug-
mhais an Spioraid; agus an uair, aig an àm sin fein, a
tha daoine mòr na tìre, co-dhiubh 's ann 'san eaglais no
'san stàite, tha ag itealaich oscionn muinntir eile, cos-
mhail ris na neoil, ann an àite a bhi feumail ann a bhi
ag uisgeachadh muinntir eile tha fodha fein, ach gu'm
bheil iad air tionndaidh gu bhi gun a bheag sam bith ach
na'n neoil dhearg, na'n neo-nithean falamh dealrach, gun
bhrìgh sam bith annta, as eugmhais gràs: agus gu
dearbh, an uair a ta muinntir mhòr na tìre air an tabh-
airt thairis le Dia, agus air teachd gu bhi 'sa choitchion-
tas gun ghràs, agus as eugmhais diadhachd, tha so na
chomharradh air àm feasgair deth chorruch, 'Nuair a
tha Rìgh Saul air a dhiultadh le Dia, agus a' ruith
a dh'ionnsuidh an diabhuil, ag cuir a chomhairle ri ban-
draoidh Endor; an sin tha e fein agus Israel a' tuiteam
air beanntaibh Ghilboa. An uair a tha Sedeciah air a
thoirt thairis, maille ri chuid ard-uaislibh, gu ceannaire
a dheanamh an aghaidh rìgh Bhabiloin, agus cumhnant
a bhriseadh; an sin tha e fein agus a shluagh air an
tabhairt air falbh na'n ciomaich do Bhabilon. An uair
a bha Daibhidh air fhagail cho fada as eugmhais Spiorad
an Tighearna, air doigh a's gu'n robh a chridhe air a
thogail suas ann an ardan gus an t-sluagh aireamh; 'an
sin tha buille gheur o Dhia a' teachd an nuas air Israel.
Mo thruaighe! An uair a tha daoine mor agus uaislean
air am fagail le Dia, agus air fas feolmhor, as eugmhais
an Spioraid, ciod a tha annta ach co lion neul dearg

soillseach, o'm bheil Dia gu h-iomlan air dol air falbh : agus cho lion comharradh fuilteach air oidhche dhorch a bhi teachd ?

7. Is comharradh eile air àm feasgair, an uair a tha cnuic agus beanntan a' toiseachadh air teachd eadar sinne agus a ghrian, an uair a tha iad air toiseachadh air a bhi folach na greine uainn, an sin tha'n oidhche a' teachd air a h-aghaidh.—Eadhon mar sin, is comharradh e air àm feasgair a bhi cabhagachadh air eaglais, an uair a tha beanntan do chiont agus do pheacadh, beanntaichean mora ag eadar-dhealachadh eadar Dia agus sinne, eadar Criosd, grian na fireantachd, agus eaglais-san. Co a's urrainn staid ar la a thoirt fainear, agus lion-mhoireachd aingidheachd agus mi-naomhachd gach uile inbhe agus ranc, gun a bhi faicinn deadh aobhar ann a bhi firinneachadh an Tighearna ann a lathaireachd a tharruing air ais, agus gabhail ris a chronachadh, Isa. lix, 20. “Chuir bhur n-euceartan dealachadh eadar sibh fein agus bhur Dia : dh'fholaich bhur peacanna a ghnuis uaibh ?” Tha na beanntan air teachd eadar sinne agus a ghrian, agus tha'n oidhche a' tarruing air a h-aghaidh.

8. Tha e na chomharradh eile air àm feasgair, an uair a tha an solus lion ceum 'us ceum, a' caitheamh sa 'g imeachd air falbh.—Mar sin tha e na chomharradh air àm feasgair a bhi teachd air eaglais, an uair a tha glòir Dhè a lion ceum is ceum a' dol air falbh. Tha sinne a leughadh mu ghloir Dhè a bhi lion ceum is ceum a' falbh o'n a cherub gu starsnaich an tigh, agus an sin sheas e ; o' na sin gu meadhon a bhaile ; agus o' na sin gus a bheinn, Esec. x. 4, 18 ; xi. 23. A' feuchainn dhuinn, le sin, cia mar a tha'n Tighearn le cho liugha ceum 'us gluasad a' dol air falbh o shluagh peacach, mar nach báill leis falbh ; agus a' feitheamh a dh'fhaicinn an dean neach sam bith eadar-ghuidhe ris gu ath-philltinn. Tha glóir Dhe a bhi lion ceum is ceum a' dol air falbh, na chomharradh air àm feasgair a bhi lion ceum is ceum, a tarruing am fagus.

9. Is comharradh eile air àm feasgair a bhi teachd, an uair a tha eòin a chiùil 'nan tosd, agus a' sguir dbeth an cuid nòtaichean ciùil.—'Nis, tha fhios agaibh, gu'm bheil àm soluis na h-eaglais air a shamhlachadh ri àm seinn nan eoin. Dan. ii. 12. Mar sin tha sinne ag radh,

gu'm bheil e na chomharradh air feasgair dhorch a bhi am fagus, an uair a thòisicheas eoin a chiùil air sguir: Tha mi ciallachadh an uair a tha luchd seinn binn Israeil air call am fonn ciùil, agus a tha iad a mach á cùirt: air dhoibh a bhi cho fad a mach a cùirt 's nach 'eil iad feumail na's fhaide ann an cùirtibh Shioin. An uair a chuir Dia Eli am mach a cùirt, agus nach labhradh e ris-san ach ri Samuel òg: an sin bha oidhche feirge 'am fagus do theaghlach Eli, do Hophni agus Phinehas; 'seadh, do dh'Eaglais Dhe; oir gu h-ath-luath ghlacadh áirc Dhe, agus dh'fhagadh i ann an lamhan na'm Philisteach. An uair a bha Solamh a mach á cùirt; an sin bhris feachd do naimhdean a steach air fein agus air a shluagh-san. An uair a tha seann luchd-aidich air an cuir a mach a cùirt, eoin a chiùil air an cuir 'nan tosd, agus seirbhisich urramach, a bha feumail air an latha, air an cuir air falbh, mar nach biodh tuille feum air an son, tha so ag radh gu'm bheil àm feasgair a' teachd air aghaidh. An uair a tha Dia ag radh, ann a fhreasdal r'a sheann chairdean agus a luchd-fàbhair, nach 'eil na's mò aig ra dheanamh leo anns an t-saoghal so, air dha am an cuid seinn a bhi seachad: an uair a tha innealan feumail air teachd gu bhi na'n salann mi-bhlasda, air dhoibh am feumalachd a chall, an deadh-bhlas, agus an ceòl, tha e na chomharradh gu'm bheil an oidhche a' tarruing am fagus, an uair a tha eoin an latha a' crùbadh.

10. Tha e na chomharradh gu'm bheil am feasgair a' teachd, an uair a tha eoin an latha an dara cuid aig itealaich a dh'ionnsuidh an cuid nid, no a' crùbadh agus a' cuir an guib fo'n cuid sgiathan, mar sin tha eoin na h-oidhche 'gan taisbeanadh fein agus ag itealaich mu'n cuairt; an uair a tha eoin na maduinn a' dol as an t-sealladh, agus eoin na h-oidhche, a leithid a's an ialtag 'us a chailleach-oidhche, nach urrainn solus an la a ghiùlan, 'gam foillseachadh fein, tha sin na chomharradh air an oidhche a bhi tarruing am fagus.—Mar sin, a mhuinntir ionmhuinn, tha e na chomharradh brònach air oidhche gle dhorch a bhi teachd air eaglais, an uair nach h-e a mhàin, air an aon làmh, gu'm bheil eoin an là, a tha seinn gu binn ann an cuir an céill am fuam aoibhneach, an dara cuid ag itealaich air falbh a dh'ionnsuidh am fois neamhaidh; no ma tha h-aon sam bith dhiubh air am fágail, mar a tha dochas agam um

bheil iomadh, gidheadh tha iad gu coitchionn fo ni-eigin do neul no do sgail dorch de thosdachd, a tha milleadh am feumalachd agus an cuid ciùil; ach mar an ceudna, air an lamh eile, an uair a tha eòin na h-oidhche, an leithid is saobh-chreidmheach agus luchd teagaisg meallta, aig itealaich mu'n cuairt, agus 'gan leigeil fein ris. Na'm biodh e na la soilleir anns an eaglais, an leithid sin do dh'eoin oidhche, a tha gabhail tlachd ann an dòrchadas a mhearachd, cha togadh iad an cinn 'am mach á'n cuid tuill; ach tha iadsan a bhi 'gam foillseachadh fein, a roimh-innseadh gu'm bheil oidhche dhorch a' teachd; oir tha tuil do mhearachdan a' toirt air aghaidh tuil do dh'fhear; 2 Tes. ii. 10, 11, 12. 2 Pead. ii. 1, 2. Gu cinnteach cha'n 'eil mearachd as damnaite agus is milltiche, na bhi 'g àicheadh an Tighearn a cheannaich iad, agus a bhi tilgeadh neul air ard-dhiadhachd an Tighearn Iosa Criosd: tha neul dorch so na'n Arianaich na aon de na neòil is duibh a chomhdaich eaglais an t-soisgeil riamh; agus fathast, a thuille air a so, is iomadh neul dorch eile do mhearachd a dhorchnaich ar n-iarmailt. Gidheadh, feumaidh mearachdan agus saobh-chreidimh a bhi ann, deir Spiorad an Tighearn, a chum's gu'm bi iadsan a tha air an dearbhadh air an deanamh aithnichte, agus feumaidh iad a bhi ann mar an ceudna, a chum 's gur mò a dhealraicheas firinn dhearbhte an uair a bhriseas i mach 'o bhi fuidh neul dorch a mhearachd.

11. Tha e na chomharradh air gu'm bheil àm feasgair aig làmh, an uair a tha daoine gu coitchion air an sgìth-eachadh le'n saothar agus air an sàrachadh le obair an lá. Mar sin tha e na chomharradh air feasgair air eaglais, an uair a tha iad ag radh 'sa choitchiontas mu sheirbheis Dhé, agus obair an là, "Ciod an sgìos a tha ann?" An uair a tha muinntir sgìth do Chrìosd agus de' a chuing-san, sgìth de'n fhior dhiadhachd, &c. Tha so ag innseadh gu' bheil Dia sgìth dhiubh-san; nach 'eil Dia agus iadsan gu comunn a chumail fada cuideachd; no gu'm bheil cuing eigin ni's truime gu bhi air a cuir air am muineal, gu thabhairt orra fadaìl a bhi orra, agus gabhail ni's roghnaichte ri a chuing-san a tha furas agus eutrom.—Tha an sgìos so deth sheirbhis Dhé soilleir do thaobh coitchiontas dia-àicheadh agus mi-chreidimh ar là; daoine a bhi 'g radh ris an Uile-chumhachdach, "Imich uainn, oir

cha'n àill leinne eolas a ghabhail air do shlighean." Co e an t-Uile-chumhachdach, gu'n deanamaid seirbhis dha Job xxi. 14, 15. Tha e soilleir o' na bhacadh a tha air a chuir air ath-leasachadh, ni tha dearbhadh nach 'eil ann ach leanabh an-abuich, tha e fantainn ann an aite na breith, no na's roghnaichte a' dol air ais, 's a' tarruing air a h-ais a làmh; ni a tha 'g radh gu'm bheil leanabh na feirge gu bhi air a bhreith roimh leanabh na tròcair; tha mi ciallachadh an eachdraidh sin, Gen. xxviii. 27.—Tha e soilleir o' na so, nach 'eil neach ann gu seasamh anns a bhriseadh, air am bheil fearg aig dol a steach. Esec. xxii. 30, 31. 'Nuair a tha daoine ann an coitcheantas air fàs sgìth do dh'ùrnuigh, tha am briseadh fosgailt, agus breitheanasan ullamh gu theachd a steach. Agus aig cuid do dh'amaibh tha slàgh air fàs cho sgìth do Dhia, agus cho abaich air son buille, is ge d' bhiodh iarmad ann a bhiodh gleachd agus dripeil da'n taobh, nach deanadh iad feum dhoibh. Feudaidh peacadh a theachd gu a leithid do dh'airde is gu'm bi ionracas cothrom ceartais Dhe cho mòr ann an geall air a pheanasachadh, ann an eaglais no ann an rioghachd, air doigh 's nach urrainn eadar-ghuidhe a's ro chumhachdaiche dhaoine buadhachadh, Iere. xiv. 1. Tha àm ann anns nach dean ùrnuighean no tagraidhean buannachd do shluagh; 'seadh, an uair nach dean cungaidh-leigheis feum, Esec. xxiv. 13, 14.

12. Tha e na chomharradh air àm feasgair a bhi teachd an uair a tha'n solus air teachd gu bhi an-shocrach, agus uinneagan air teachd gu bhi neo-fheumail air son leigeil a steach an t-soluis; agus an uair a tha daoine a' dùineadh na'n uinneagan gu cumail a mach a bheag sam bith de' sholus a tha dealradh; tha fhios agaibh gu'm bheil so cleachdaichte, an uair a tha'n oidhche a' teachd.—Eadhon mar sin, a mhuinntir ionmhuinn, tha e na chomharradh air oidhche dhorch a bhi dlùth do làmh ann an eaglais Dhe, an uair a tha solus an t-soisgeil air fàs an-shocrach do dhaoine, an uair is roghnaiche leó dorchadas an aineolais, na solus an eolais, agus dorchadas na mearachd roimh sholus na firinn; dorchadas na'm barailean làghail roimh sholus diomhaireachdan an t-soisgeil, Eoin iii. 19. Tha orduighean an t-soisgeil air an coimheas ri uinneagan air son leigeil a steach an t-soluis, Dàn. ii. 9. 'Nis. an uair a tha iad so air

fás neo-fheumail a chum na criche so, agus an soisgeil air teachd gu bhì fuidh thàir choitchionn, tha e na chomharradh dubhach air oidhche a bhì teachd, 2 Eachd. xxxvi. 15, 16. Bha là mòr dheth an t-soisgeil aig Ierusalem; ach thoisich i air clachadh na'm faidhean, agus cha b'aithe dhi là a fiosrachaidh trócaireach; uime sin thainig fearg orra gus a chuid a b-ìomalaich'; agus, "Feuch, dh'fhagadh a tigh dhi na fhàsach." Tha againn ar là soisgeil; agus bha'n t-am ann anns an robh an soisgeil gu h-àrda air a mheas; ach feudaidh e bhì gu'n d'thug da-fhichead no deich bliadbna-fichead do sheilbh air an t-soisgeil do mhòran an leòir dheth, air doigh's gu'n do ghràinich iad am mana neamhaidh: tha e air teachd gu bhì na lòn eutrom agus gun bhlas do na chuid a's mò; bithidh nì sam bith eile 'san t-saoghal na's blasda leò, 'nam beul, na uisgeachan an ionaid naoimh. "Tha'n solus a' soillseachadh anns an dorchadas, agus cha do ghabh an dorchadas e;" 'Seadh, tha'n dorchadas a' druideadh a mach an t-soluis, no, aig an àm cheudna, "A' bacadh na firiu ann an neo-fhirinnteachd," Rom. i. 18.

2. Tha comharraidhean foillseachaidh ann a tha nochdadh gu'm bheil an t-àm air làthair na àm feasgair. Tha móran de' na nithe a dh'ainmich mi, cha'n e mhàin ag innseadh, gur àm feasgair e, ach tha iad mar an ceudna na'n roimh-radh air feasgar na's duirche bhì tarruing am fagus. Agus mar nach deach mi mach as mo Bhiobull a dh'fhaistneachd air cìod a tha gu teachd; nì mo a ruigeas mi leas a dhol fad as a dh'fhaotainn comharraidhean agus dearbhachdan, gu'm bheil an t-àm anns am bheil sinn beò, gu dearbh, na àm feasgair, air iomadh doigh: agus am feadh a tha mi 'tairgse na'n comharraidhean so air am feasgair, feudaidh sibh, agus bu chòir dhuibh sibh fein a rannsachadh, a dh'fhaicinn am bheil e na oidhche dhorch maille ribh fein, co maith a's maille ri eaglais Dhe anns a choitchiontas, a chum's gur mò a bhios do dhoilgheas oirbh airson dorchadas bhur staid, agus gur mò a chuireas sibh do dh'fheum air Crìosd tobair an t-soluis, a chum is air trà feasgair gu'n toir e air solus dealrachadh.

Tha comhar'an na h-oidhche aig an àm so lionmhor; ainmichidh sinne iad so a leanas fathast a' deanamh fèum dhe'n t-sàmhladh a tha Spiorad Dhé a' cleachdadh.

1. Tha e na chomharradh dubhach air àm feasgair 'san am a tha làthair, 'nuair a tha reultan a mhain a' taisbeanadh agus a ghrian a' dol as an t-sealladh; 'nuair nach'eil ach reultan a mhàin ri'm faicinn anns an iarmailt. 'Nis tha ministeirean an t-soisgeil air an samhachadh ri reultan a tha faotainn an soluis o' na ghrian; tha iad air an gairm reultan ann a lamh-dheas: ach 'se Criosd e fein grian na fireantachd. 'Nis, nach'eil e na dhearbhadh gur àm feasgair a th'ann, 'nuair nach urrainn solus na gréine, glòir Chrìosd, a bhi air fhaicinn, ach a mhàin solus na'n reultan a bhi ri'm faicinn? Agus nach'eil tuille ann ach solus cuspaireach o'n leth a' mach deth mhinistireileachd-soisgeil, as eugmhais solus eòlais glòir Dhia o'n leth a stigh, ann an gnùis Iosa Criosd?

Agus 'nuair a tha muinntir ag amharc a mhàin air na reultan; a' sealltainn a mhàin ri meadhoinnean agus air an togail leò, as-eugmhais a bhi ag amharc ri Criosda fein?

2. Tha e na chomharradh brònach air àm feasgair 'nuair a tha sin a tha air a ghairm tuiteam na'n reultan so-fhaicsinneach. Agus nach'eil e na àm feasgair leis an eaglais, 'nuair a tha na reultan air am faicinn a' tuiteam mar gu'm b'ann, o neamh gu talamh; 'nuair a tha iadsan a bha na'm ministeirean agus na'n luchd-aidich ainmeil, a tuiteam air falbh o'na chreideamh, agus 'nuair a' tha iad air am faicsinn ann a bhi deanamh long-bhristeadh air a chreidimh agus air deadh-choguis: 'nuair a tha'n dràgon a' spionadh sìos na'n reultan le earbull, agus mic na maduinn a' tuiteam a chum na talmhainn? Gu cinnteach tha àm claonaidh agus tuiteam o'n a chreideamh mar so.

3. Tha e na chomharradh air àm feasgair, 'nuair a tha teine coimheach a' dearsadh, agus teintean fallsa air an leantuinn, agus tlachd a bhi air a ghabhail annta, agus earbsadh air a dheanamh asda. Agus nach'eil e na àm feasgair dorcha, ann an seadh spioradail, 'nuair a tha solus nàdur fiadhaich, solus gliocas dhaoine agus reuson feòlmhor, aig gabhail àite solus spioradail, soisgeileach, scribeurail, agus 'nuair a tha daoine a' leantuinn luchd-iùil dhèll, soluis mheallta, a tha ullamh gu'n treòireachadh a chum na dìge; agus gu sònruichte 'nuair a tha daoine aig carbsa as an soluis fein? Cha'n'eil comharradh eile na 'smò air daoine a bhi ann an oidhche dhorch

staid nàduir, gun solus tearnaidh, na 'nuair a tha iad earbsach as an cuid eòlais fein, agus nach'eil iad a' faicinn an doille 'san dorchadas fein, Eoin iii. 39, 40, 41. 'Chum na crìche so faic I. Corint. iii. 18, viii. 2.

4. Is comharradh air gur àm feasgair a th'ann, 'nuair a tha solus inneilean eile a' faotainn barrachd; an leithid agus coinnlean, leusan, agus lòchrainean, ann an àite solus an là agus solus na grèine.—Eadhon mar sin, Tha e na àm feasgair anns an eaglais, 'nuair an aite simpli'-eachd an t-soisgeil, agus searmoineachadh soilleir air focal Dhe, gu'm bheil toiseach air a thabhairt do ghliocas bhriathran agus do dh'èolas dhaoine. 'Nuair, air an aon làimh, a tha luchd iarraidh air son dreuchd na ministreil-eachd, agus iomadh a tha air an sgeadachadh le dreuchd na mhinistreileachd, ge d' tha iad air an tumadh no air an dath le' cleachdaidhean fuasgailt, 'gan togail fein suas le doigh nuadh fasanach searmonaichidh, le cainnt dheas-bhriathrach bhòsdail, gun a bhi foghlum Crìosd a shearmonachadh, agus firinnean mòra cinnteach an t-soisgeil! Ach a roghainn air sin beachdan falamh, agus modhalachd gun bheatha: agus, air an làmh eile, 'nuair a ta saoghal do shluagh, a tha teachd fo' ainm muinntir thoinisgeach, agus sluagh de bhlas co annasach, 'snach dean searmon an toileachadh, ach na searmoinean sin a tha gu h-innleachdach air an sgeudachadh le taisbeanadh de' bh-lathaibh maiseach de' bhriathran deas-chainnteach; agus an uair a tha so air teachd anns a choitchiontas gu bhi ni's roghnaichte, na searmoineachadh comhnard, cumhachdach, agus spioradail, ann an ceart-aghaidh rathad an Abstoil Phòil, ge do bha e na dhuine a rainig air mòr fhoghlum agus chomasan I. Corint. ii. 1, 2, 4. 'Nis 'nuair a tha na soluis innleachdach so air an cuir suas agus fo mheas, mar an t-aon solus a tha air iarraidh tha so ag innseadh mu staid dhorch na h-eaglais; agus gu sònruichte an tiugh dhorchadas anns am bheil iadsan, a tha 'gan toileachadh fein le coinnlean de'n t-seòrs' sin, an aite an t-soluis fhior, Eoin. i. 9.

5. Tha e na chomharradh air àm feasgair, an uair a tha dorchadas a' bacadh an t-soluis, cuir amaladh air breithneachadh, agus ag aobharachadh iomadh mearachd. Isa. v. 20.—Mar so tha àm feasgair 'sa choitchiontas anns an eaglais, an uair a tha dorchadas tiugh an aineòlais 'gan comhdachadh, agus aghaidh a chomhdaich a'

fantainn, ann a mheud 's nach 'eil eadar-dhealachadh air a chuir eadar maith agus olc, firinn no mearachd ; agus an uair a tha iad 'sa choitchiontas a' ruith a chum mearachdan. C'ia cho furas 'sa tha daoine ri bhi air am mealladh anns an dorch, agus droch bhathar a bhi air a a chuir 'n an lamhan ? Tha iad a' labhairt nithe fallsa, ann an àite na firinn, deas-ghnathana ann an àite naomhachd ; agus ag cuir dhiubh ni sam bith do dhaoine anns an dorch ; agus tha mealltaireachd a pheacaidh a' riaghladh os-cionn dhaoine, do bhrìgh's gu'm bheil iad ann an staid dorchadais, agus as eugmhais tuigse spioradail, ann a mheud 's nach urrainn iad nithe Spiorad Dhe a ghabhail. 2 Cor. ii. 14.

6. Tha e na chomharradh air àm feasgair, an uair a tha obair an là air a chuir seachad, agus obair na h-oidhche aig laimh.—Eadhon mar sin, nach 'eil e na àm feasgair aig sluagh an uair a tha oibre na dochadais, gu coitchionn air an cuir an gnìomh ? Oibre an dorchadais so, feudaidh sibh an tionail bho Rom. xiii. 12, 13. Faic Iob. xxiv. 17 Gu cinnteach an uair a tha luchd-aidich air tionndaidh gu bhi mi-naomh, agus oibre an dorchadais gu coitchionn air an cleachdadh, an sin is àm feasgair a th'ann. Tha àm peacachaidh do ghnath na àm dorch : 'se mi-naomhachd nighean na doilleireachd. 'Se dorchadas agus aineolas air Dia ann an Crìosd is freumh do gach uile aingidheachd agus mhi-dhiadhachd.

7. Tha e na chomharradh air àm feasgair, an uair a tha daoine 'sa choitchiontas air seachran as an t-slighe ; oir tha sluagh a' dol air seachran anns an dorch.—Eadhon mar sin, nach 'eil e na àm feasgair anns an eaglais ; agus aig a mhòr-chuid, an uair nach e a mhàin gu'm bheil oibrichean an dorchadais air an cleachdadh, le daoine a bhi deanamh sin a ta olc ; ach mar an ceudna dleasdanas na diadhachd a bhi air an dearmad agus air an seachnadh, le daoine bhi dol air seachran a mach as an deadh shlighe ; agus cha'n iongantach ge d'robh daoine a' briseadh àithntean Dhe le 'n deanadais, an uair a tha iad a' dol air seachran uaith le'n dearmaid. Ach ciod is aobhar do sheachran, ach dorchadas agus casbhuidh tuigse, an ni a tha na pheacadh bàsmhor?—Gnath. xxi. 16.

8. Tha e na chomharradh air àm feasgair, an uair a tha tuisleachadh air teachd gu bhi coitchionn ; oir, mar

a tha muinntir a' dol air seachran anns an dorch, mar sin tha iad a' tuisleachadh anns an dorch. Mo thruaighe! Ciod an dearbhachd bhrònach air àm feasgair, ann an seadh spioradail, an uair a tha daoine tuisleachadh air gach clach a chomhlaicheas iad air an t-slighe, agus a' ruith thairis air cragain cunnartach gun fhios doibh, agus gu sònruichte an uair a tha Crìosd fein air teachd gu bhì na chloch-thuislidh dhoibh. Rom. ix. 32, 33. O! Tha iad ann an dorchadas uambasach a tha tuisleachadh air carraig na'n linnibh, air am bu chóir doibh a bhì togail! Ciod uime, deir sibhse, co iad a tha tuisleachadh air Crìosd, ann an aite a bhì a' togail air? Eadhon, iad-san a tha coslach ris na h-Iudhaich, aig am bheil eud a thaobh Dhe ach cha'n ann a reir eolais, air dhoibh a bhì aineolach air fireantachd Dhe, agus a' dol mu'n cuairt a dhaingneachadh am fireantachd fein, agus gun a bhì strìochdadh do dh'fhìreantachd Dhe, Rom. x. 2. 3. Far am faic sibh gur dorchadas an aineolais leis an robh iad air an cuairteachadh, a b'aobhair do an cuid tuisleachaidh. Cha robh iad aineolach air lagh Dhe; ni-h-eadb, Bha iad eudmhor air son sin: ach bha iad aineolach air fireantachd Dhe, air fhoillseachadh anns an t-soisgeil, sin ri radh, mu Chrìosd mar chrìoch an lagha chum fireantachd: agus do thaobh so thuislich iad anns an dorch. Tha iomadh aig am bheil mòr sholus ann an eolas an lagh, agus glé theth le eud air son lagh Dhe; agus fathast a tha ann an oidhche dhorch an aineolais mu Chrìosd agus mu fhìreantachd Dhe: agus mar sin tha iad a' tuisleachadh anns an dorch, agus a' tuiteam a chum leir sgrios.

9. Tha e na chomharradh dubhach air àm feasgair, an uair a tha na h-uile samhach ann an tosdachd, agus an tigh air a chumail ann an sìth-thamh; oir anns an la tha do ghnath ni-eigin do dh'fhuaim mu'n cuairt do'n tigh; ach air an oidhche cha'n 'eil a bheag sam bith, gu gnathaichte, ach sìth-thamh agus ciùineas.—Eadhon mar sin, is comharradh e air gu'm bheil e na uair dhorch agus mharbh de'n oidhche aig sluagh 'nuair a tha'n cridheachan a' foiseachadh ann an leapaichean an t-sìth agus an t-shocair fheòlmhor; tha so ag radh, gu'm bheil an diabhl 'gam fulasgadh 'nan codal ann an leabaidh na mi-chùram, "Nuair a ghleidheas duine làidir fo armaibh a thalla féin tha na bhuineas dà ann an

sìth," Luc. xi. 21. Feudaiddh cuid a bhi ullamh gu' radh, buidheachas do Dhia cha d' robh mi fein riamh air mo bhuaireadh leis an diabhl: 'seadh, a dhuine c'arson nach'eil e 'ga do thrioblaideachadh? 'Se an t-aobhar so, gu'm bheil e cinnteach na's leoir asad a cheana: ach na'm bitheadh tu a' cuir 'na aghaidh; is beag sìth a bheireadh e dhuit, chuireadh e uile chumhachdan na h-ìfrinn' air do thoir. Ach 'nuair a tha gach ni air fhul-asgadh gu sìth ìfrinneil, tha e na àm feasgar dòrch: tha mòran ag radh so, " Bithidh sìth againn ge do chuireadh sinn misg ri tart."

10. Tha e na chomharradh soilleir air àm feasgair, 'seadh, gu'm bheil e meadhon oidhche aca, 'nuair a tha'n cuid dorsan uile air an druideadh 's air an crannadh, agus 'nuair nach bi buillean sam bith air an cluinntinn no air am freagradh, a chum an dorus fhaotainn air fhosgladh: 'se so gu minig mar a tha chùis a' tachairt anns an oidhche. Agus a nis, 'nach h-'eil e na chomharradh dubhach, air gur àm feasgair a th'ann: 'seadh na àm meadhon-oidhche aig a mhor-shluagh anns an 'eaglais fhaicsinneach, 'nuair a tha dorsan an cridheachan air an druideadh gu teann 'an aghaidh Chrìosd; agus ge d' tha e na sheasamh aig an dorus agus a' bualadh, gidheadh cha'n'eil iad ag èisd-eachd, a' freagairt, no a' fosgladh dha? Taisb. iii. 20. 'Nuair a bhuaileas peacaich aig a dhorus-san, tha esan do ghnàth ullamh gu fosgladh, do reir fhocal, " Do'n tì a bhuaileas fosgailear," ach 'nuair a bhuaileas Esan aig dorus a pheacaich, feudaiddh e bualadh mìle uair, agus gun a bhi idir air a chluinntinn no air a fhreagairt. Is iomadh buille a thug e, agus a tha e fathast a' tabhairt aig dorus na ginealaich so.—Tha e bualadh le focal òrd-uigh-san, Eabh. iii. 7, 8. Ephes. v. 14. I. Eoin iii. 23. Le focal a Bhagraidhean, Eoin viii. 24. Luc. xiii. 3. Marc xvi. 16. Le focal a gheallaidh agus a chuiridhean caoimhneil, Mata. xi. 18. Eoin vi. 35. viii. 38.; le fhocal reusoin, a' reusonachadh na cùis Esec. xxx. 11.; le fhocal gearain Eoin v. 4.; agus le fhocal comhairle, Taisb. iii. 18. A ris, tha e bualadh le a Spiorad, le coguis, le trioblaidean, le trōcairean coitchionn, le breitheanasaidh, le deadh eisimpleir agus comhairlean muinntir eile, agus roimh bhlasadan de' ghradh.

11. Tha e na chomharradh air gur àm feasgair a th'ann, an uair a tha a ghealach air éiridh, agus air

éiridh gu h-àrda : oir tha fhios agaibh, mar a ta e na chomharradh air a ghrian a bhi dol fuidh, an uair a tha ghealach air éiridh ; mar sin, gu gnàthaichte, mar is àirde a tha a ghealach air éiridh, 'sann a's fhaide a tha e dheth an oidhche, agus 's ann is fhaid' as a ghrian. 'Nuair a tha a ghealach a' nàirde, tha a ghrian a bhán.—'Nis mar a tha Criosd air a shamhlachadh ris a ghrian, agus an saoghal so ris a ghealach, mar sin, an uair a tha e na sholus là aig eaglais Dhe, tha a maise air a h-aithris le iad a bhi air an eideadh leis a ghrian, agus a ghealach a bhi aca fuidh an cosaibh, Tais. xii. 1. Agus mar a ta e na là do sholus spioradail aig neach no aig sluagh, an uair a tha ghrian ac os an ceann, agus a ghealach fuidh an cosan ; mar sin tha e na oidhche de' dhorchadas spioradail, aig neach no aig sluagh, an uair a tha ac' a ghealach os an ceann, agus a ghrian fuidh an cosan ; an uair a tha aignidhean dhaoine air an suidheachadh gu h-iomlain air an t-saoghal chaoch-laideach so : an uair a tha'n saoghal gu h-árd 'n an cridheachan, tha Criosd gu h-ìosal. Nach 'eil ma 'seadh, cridheachan saoghalt, aignidhean saoghalt, sluagh a ta de' dh'inntinn shaoghalta, aig am bheil an aire 'mháin air nithe talmhaidh, nach 'eil so 'na dhearbhadh gu'm bheil iadsan na'n dorchadas ? Tha cuid, leis a ghealach ann an leabhar an Taisbeanidh, xii. 1, a' tuigsinn gealach an fhein-fhireantachd ; agust ha e gabhail so a steach mar an ceudna, ann an áite muinntir a bhi air an comhdach le grìan na fireantachd, agus gealach an fhéin-fhireantachd a bhi fuidh an cosaibh, gu'm bheil iad air an comhdach le gealach chaochlaideach am fireantachd fein ; 'an sin tha aca-san grian na fireantachd fuidh an cosan. Tha iad a' saltradh air Criosd agus air fhireantachdsan am feadh a tha iad 'gan árdachadh fein agus am fireantachd fein, a' moladh lagh na'n oibre, agus gun fhios ac' gu'm bheil iad le' so a' glaothaich a mach sìos le Criosd, crìoch an lagh a chum fireantachd anns am bheil againn fireantachd agus neart.

12. Tha e na chomharradh air gur àm feasgair a th'ann an uair nach 'eil sgàthanan air son feum sam bith ; agus an uair, do thaobh dorchadas, nach urrainn daoine feum a dheanamh aon chuid do sgàthan, a chum iad fein fhaicinn, no do ghloin-sheallaidh, a chum nithe eile fhaicinn.—Mar sin, is comharradh e air oidhche gle dhorch, àm

feasgair de thiugh dhorchadas, an uair nach 'eil dā ghloin Dhe air son feum sam bith; tha mi a' ciallachadh, an lagh agus an soisgeil; an uair nach urrainn do mhuinntir iad fein fhaicinn aon chuid ann an gloin an lagh, mar a rinn Pol, Rom. vii. 9.; agus mar an ceudna an uair nach urrainn iad Criosd fhaicinn, agus gloir Dhe annsan, ann an gloin an t-soisgeil, mar a rinn Pol agus muinntir eile, 2 Cor. iii. 18. Ach tha e na àm dorchadais aig an eaglais, agus aig anama sónruchte, agus na dhearbhadh dhubhach, na chomharradh cinnteach air iad a bhi gu h-iomlan as eugmhais solus tearnaidh, an uair a tha an lagh gun fheum dhoibh ann a bhi a' foillseachadh dhoibh an nadur peacach, an cridheachan, agus an caith'beatha, agus an soisgeil a bhi neo-fheumail dhoibh, air son a bhi foillseachadh glóir Dhe ann an rathad na slainte troimh Iosa Criosd; an uair nach eil aon chuid am peacadh no'n truaighe air a dhearbhadh orra leis an Spiorad a bhi fosgladh na h-àithne, agus a' co'-chuir bagraidhean an lagh, no air an dearbhadh mu fhireantachd agus mu bhreitheanas, leis an Spiorad a bhi teachd mar spiorad gliocais agus foillseachaidh ann an eolas Chrìosd, mar an Tighearn ar fireantachd.

'Nis, innsibh dhomh, an deigh dhuibh na comharraidhean so mu àm feasgair a chluinntinn, mur 'eil mòr aobhar air son bròn is tuireadh os-cionn an àm air lathair? Nach 'eil a mhor-chuid anns an eaglais fhaicsinneach, 'seadh, tha a mhor chuid a th'ann an so, fo' thiugh dhorchadas, nach 'eil e na fheasgair dorch agad a dhuine; agad-sa bhean? Na'n dearbhadh Dia thu leis na comharraidhean so mu thimchioll, chitheadh tu gu'm bheil thu fein air do chomhdach 's air do chuirteachadh le neulaibh agus le tiugh dhorchadas na h-ifrinn; agus chitheadh tu t-fheum air eigheach a mach, A Thighearn, soillsich; Thighearn, cuir a mach do sholus agus t-fhirinn, &c.

A CHRIOCH.

MEARACHDAN A CHLODH-BHUALAIDH.

Faob. Sreath.

| | | | |
|-----|----|---------------------------|-----------------------|
| 4 | 19 | Airson a dh'aoradh, leugh | aoradh-san. |
| 6 | 31 | — ag, | — aig. |
| 8 | 43 | — spioraid, | — Spioraid. |
| 56 | 32 | — giulain, | — giùlan. |
| 63 | 5 | — , sin tha, | — uime sin tha. |
| ~ | 30 | — t-saogail, | — t-saoghail. |
| 65 | 7 | — nis, | — ni's. |
| 75 | 13 | — -an tì a, | — -an an tì a. |
| ~ | 23 | — nì ni, | — ni nì. |
| 76 | 32 | — iad an, | — iad air an. |
| 90 | 5 | — an-fhanachd, | — an-fhannachd. |
| 93 | 4 | — agus ni mò, | — ni mò. |
| 95 | 15 | — nach'eil co, | — nach'eil e co. |
| 115 | 2 | — Cunuil, | — Cunnuil. |
| ~ | 43 | — thu fhaotainn | — thu aithnefhaotainn |
| 116 | 11 | — saaoraidh, | — saoraidh. |

INVERNESS :
DUNCAN DAVIDSON, PRINTER,
CASTLE STREET.





